



Campbell, 1.2.3+











See Page 96. Fungi divided according  
to the Cystidium.

1887

Gill Macdougall  
Edin. 15<sup>th</sup>. March  
1852.


November. 1861. Collected

J. F. Campbell

Supposed to be

a presentation copy  
as the former owner's  
father was an

Islay schoolmaster.



DÀNA

OISEIN MHIC FHINN,

AIR AN CUR AMACH

AIRSON MAITH COITCHEANNTA

MUINNTIR NA

GAELTACHD.

---

DUN-EIDIN;

CLO-BHAILTE LE TEARLACH STIUBHART.

---

M.DCCC.XVIII.



## ROIMH RADH.

---

FHAD'sa chaidh seanchas a' chinnidh dhaonna a rannsachadh, fhuras gu'n robh ceud fhiosrachadh gach sluaigh air fhoillseachadh ann an duanaibh Bhàrd. Tha an Leabhar Noamh 'na dhearbhadh sìorruidh gu'n robh moladh an Uile-chumhachdaich, agus dhaoine deadh-thoillteannach 'ga thaisbeineadh ann an rannaibh o thùs an domhain. 'Sann à h-òran-aibh nam Filidh a choimh-dhealbh gach cinn-each san airde 'near an earrann bu mhò 's bu shine d'an cuid eachdraidh. Cha 'n'eil fine a chraobh-sgaoil air feadh na h-Eorpa, nach do ghléidh an cleachdadhbh ceudna. A réir an teisteannais a's fearr a ta againn a thaobh

ghnàthanna agus mhodhanna ceud luchd-àiteachaidh eileana Bhreatainn agus na h-Eirinn, 's ann an ranntachd a bha'n t-iomlan d'an cui'd fòghluim air a dhealbh. Anns gach ionad 'san d'rinn iad bailteachas 'na dhéigh sin, dhlùth-lean iad ris a Bhardachd. Taisbainidh sin an t-aobhar mu'n robh duain cho phailt am measg ar sinnseara ; agus nochdaidh e ciod an seòl air an d'fhàs a' Ghailig cho foirfe 'sgach buaidh a bhuineas do chànan dhiongmhalta. Bha'n fhilidheachd, a là agus a dh'oidhche, am beul nan òg agus nan sean.

Ge b'e ni ris an cuireadh e a làmh, no ris an leagadh e a chridhe, gheibheadh an Gàidheal toilinntin sa' bhardachd, agus bhiodh an t-òran dùthchais a' cur sunnt air 'aigne. B'e gnìomh nam bard, a bhi 'seinn cliù ghaisgeach, agus a' mosgladh an t-sluaigh gu treuntas ; agus 'si tàmait cho mhòr 'sa b'urrainn an Gàidheal foghainteach fhlang, “ gun iomradh bhi air 'ainm san dàn.” Dream mata mar na Baird, a bha cho feumail am measg sluaigh 'gan robh cridheachan fosgailteach, fiolaidh, fiughanta,

maille ris gach ard bheachd a bhuiineadh do Chinneach mileanta nach do sthriochd riamh do chuing choigrich, is coltach gu'm faigh-eadh iad gach urram; agus gu'n d'thugadh iad gach oidhrip air a thaisbeineadh gu'n robh iad toillteannach air a' mheas so o uaislibh agus o islibh an dùthcha. Mar so bha ard chliu agus deadh bheusan a' beothachadh agus a' brosnachadh a chéile cho mòr, 's nach iongnadh idir ge do bha na Gàidheil cho déigheil air solus an dàin a chumail suas o linn gu linn.

Am measg nam Bàrd a bha ainmeil o shean ann an Gàeltachd Alba, b'e *Oisian* gu mòr a b'airde cliu. Bha na duain a rinn e coimh-lionta anns gach buaidh, leis an urrainn teangaireachd an t-anam a mhosgladh gu h-ard smaointean agus gu mòr ghniomharan. Chlò-bhualadh uime sin na duain a rinn e air chlà-raibh cridheachan nan Gàidheal. Bha iad 'gan sìor-aiseag o' Athair gu mac, anns gach ionad anns an do labhradh Gailig, rè iomadh linn. B'i ranntachd *Oisein* toiliinn-

tinn gach cuirme agus gach còmhddhalach. Anns na h-oidhchean fada geamhraidh, mu chagait a' ghealbhain shuilbhearra, agus mu sholus an lòchrain daraich no ghiubhais, bhiodh sgeul nan euchd a rinn Fionn, Oscar, Cuchulluinn, Caoilte, Goll agus Diarmad, a' fadadh tein' aoibhinn an uchdaibh na h-òigridh, agus a' toirt nam bliadhna chan a dh'fhalbh, le'n uile dhearrsadh, gu cuimhne nan aosmhor.

Dlùth air ceud bliadhna roimhe so, thàinig muthadh mòr air cleachadh agus modhann-aibh nan Gàidheal. Bu ghann teaghlaich Cinn-cinnidh, aig an robh ni's fhaide bàrd, no clàrsair, no seanachaidh, mar a b' àbhaist doibh roimhe sin. Leigeadh gu mòr air diochuimhn na seann dàin bu taitneach le'n sinnsearraibh.

Air eagal, an ùine ghearr, gu'n cailleadh iad gu tur, air iarrtus agus cosgais dhaoin' uaisle foghlumta ann an Dùn-éidin, agus sa' choimhearsnachd, thug Seumas Macmhuirich, a Baid-eanach, mu chùig bliadhna deug an déigh latha Chuil-fhodair, dà chuairt air feadh na Gàelt-

achd, chum gu'n cruinnicheadh e na dh-fheudadh e do dhànaibh *Oisein*. Na fhuair e dhiubh thionndaidh e, air ball, gu beurla. Bu ghann neach nach do leugh, agus nach do mhol, a' Shaothair.—Sgaoil i air feadh na Roinn-Eorpa gu léir. Chaidh a tionndadh 'sgach càinain; air doigh 's gu'n d'fhuair *Oisian* ann an tìribh imchéin, agus an caintibh choigreach, am moladh agus an t-ardachadh sin nach d'fhuair e roimhe riagh, ach ann an càinain, agus an dùthaich nam beann. Air impidh cuid d'a luchd-eòlais chuir Seumas Macmhuirich roimhe na dàin ghaelach a chruinnich e a chlò-bhualadh mar an ceudna; ach a chionn nach d'thàinig a bheag air an aghaidh a bha miannach air a' ghniomh a chuideachadh, b'éigin da san àm, a rùn a leigeadh air cùl.

Chaidh fios so gu h-Innsibh na h-airde 'near, far an robh *an Ridir Jan Macgregair* agus moran eile a dh'uaislibh na h-Alba.—Chruinnich e fein, agus a chairdean, ar ball, airgiod gu leor, a chuireadh a dhionnsuidh *Mhic Mhuirich*, gus

an gnothach a chur air aghaidh, ach fhuair esan bàs gun an obair a chuir amach, agus chaidh Iomadh dhe na dainibh air chall.

Bhulicheadh ochd mile deug marg do n air-giod so, ann an clòdh-bhualadh na Gaelic ann an Lunnuin, sa bhliadhna 1807, maille ri tionndah firinneach, focal air fhocal, gu Laidinn, le *Roibeart MacPharlain*.—Tha n'tsaothair so air a h-ath fhoillseachadh, as eugmhais na Laidinn, gu leas coitchionn nan Gaidheal. Tha a Ghaelic air a glanadh, leis an duin uasal foghluimta, *Eobhan Mac Lachlann*, o mhear-achdaibh a rinneadh roimhe, le cabhaig, no le dearmad. Leanadh an so am modh scriobhaidh a chleachd an oll' urramach, *Jain Stuibrart, ministir Luis*, annsa Phiobull Ghaelach, a thaobh, le breth aonsgeulaich luchd foghluim, gur e so seol scriobhaidh a's fearr a fhreagras do chomh-dheilbh na cánain.—Shamhlúich an Ridir, le laimh fein, an obair so, a lion sreith agus sreith, ris a' chlodh-bhualadh Lunuinn-neach.

## A CHLANNA NAN GAEL !

'Sdearbhta nach eil an duigh Cinneach as airde cliu na sibh fein ag aiteachadh an domhain. Thoill sibh, marri bhur sinnsir, an luaidh òirdheirc so am builsgein gach cruadail. Chuir na n Laoich o na ghineadh sibh, le taic nam Beann, le misneachd an Dain, 's le faobhar a claidhe, na *Roimhich* o shean, air ais do'n tìr chein, ge do cheannsaich iad earran mhor dhen Domhain. 'S anns na blaraibh cian-iomraideach a thugadh anuadh, air feadh na h-Eorpa, nuair a bhagair Aintighearna na Frainge, gu ladarna, aon tighdaorsainn a dheanamh do'n t-saoghal gu leir, sheas sibhse, mar bu dual, ri gualai bhur Righ dhumhahasaich, gu calma, curannta, cunbhalach, bhur namunnabh bràs san chath, le meamnadhbh Ghaisgeach na Feinne, agus fhuair sibh, mar iadsan, moladh an dànbh gach Dumhchadh, nach leigear air diochuimhn gus an sguir na soluis neamhaidh a thomhas bhliadhna chan agus linntin.

Chum gu'n deanta, le h-uirigleadh tait-neach bhur Baird fein, a mòr aigne so altrum, abachadh, agus a shior-mhosgladh, feadh na linntean a tha ri teachd, gus an eirich e gu barr mhullach na mòralachd, tha na dàin a dhealbh *Ossian Mac Fhinn* air an tairgseadh dhuibh anns an Leabhar so, a nasgaidh, le deadh dhurachd dhaoin uaisle araid a bhuineas dhuibh fein.

Gu m bu fada mhealas sibh an cliu sin a tha cho dligheadh dhár munntir, anns gach deadh bheus agus deadh ghniomh. Lionmhor bitheadh 'ur sliochd mar Reulta nèimhe, cruadalach mar an Darach nach ciosnich siàn a gheamhraidh ; sgun robh saorise, agus sonas, gu brath, ag ait-eachadh tìr na m Beann, 's na 'n Gleann, 's na 'm Breacan !!!

# CATH LODUINN.

---

## DUAN I.

SGEUL ri aithris air àm o aois.

A chaoin aiteil, gun t'fhaicinn a chaoidh,  
Lùbadh cluaran mu Lora nan sian ;  
Thu air astar an caol-ghleann na gaoith,  
C'uime thréig thu mo chluasa co dian ?      5  
Cha chluinnear gairm nan liath shruth ard ;  
No guth clarsaich o charn nan gas.  
Mhalmhina nan teud, thig gu d' bhard,  
Till anam do bhaird air ais ;  
Till m'anam, a làmh-gheal, dhomh féin.      10

Mi coimhead air Lochlin nan sonn,  
Ciar uisce Uthorno nan tonn ;  
O'n iar-chuan a' tearnadadh mo righ ;  
'S muir bheucach fo ghaoith a' strì ;  
'S neo-lionor glan òigridh nam beann      15  
Tìr choigrich a' togail fo'n ceann.  
Ghairm Starno o Loduinn fear faoin,  
'Chuireadh Fhionnghail gu cuirm nam fleagh :

Chuimhnich an righ an òigh chaoin ;  
Gluais ardan a làmh ri a shleagh.

20

“ Ni ’m faicear leam Gorm-mheall no Starno :  
Tha bàs a’ snàmh, mar fhaileas ciar,  
Air inntinn an triath a tha borb ;  
Cha tréig m’anam an dearsa o’n ear,  
Ainnir làmh-gheal a’s àirde cliu.

25

O m’ fhianuis, mhic Loduinn, gu grad.  
Dhomh féin a ta fhocal mar ghaoith,  
A thogas ’s a thréigeas an dos  
An dubh-ghleann fo dhubbh-nial ciuin.”

“ Dhubh-mhic Roinne nam bàs-arm geur ;  
Chromaghlais, fhir cruaidh nan sgiath ;  
Shruthmhoir, a thuineadh riamh  
An truscan ciar a’ chòmhraig ;  
Chormair, leis an dionaiche long  
A’ gearradh a h-astair feadh thonn  
Gun chùram, mar theine nan speur  
Ro’ bhearna beur nan neul ;  
Eiribh grad, a chlann nan sonn,  
An tìr choigrich mu’n iadh an tonn.

35

Sealladh gach duin’ air a sgéith,  
Mar Threunmhòr, fear riaghladh a’ chòmhraig.

40

Thusa chòmhnas am measg nan clàrsach,  
A sgiath bhallach, druid-sa gu m’ làimh ;  
Till an sruth mòr so om’ thaobh,  
No ri m’ thaobh biodh do thuineadh fo làr.”

45

Mu ’n righ ghrad dh’éisich triatha borb ;  
Ghlac iad uile an sleagh le colg ;  
Las an sùil gun fhocal ’nam beul,  
'N anam 'g éirigh ard do na tréin.  
Air sgéith chualas screadan nan lann ;

50

- Ghabh iad uil' am monadh fo 'n ceann ;  
 Sheas na fir an duibhre liath  
 Air ardaibh ciar na h-oidhche  
 Bristeadh durdain nan duan ciuin  
 Air osaig ùir nan sliabh. 55
- Làn is mall bha'n ré air tuinn ;  
 Am màile liath thig triath nan sonn,  
 Dubh mhac Roinne o chrom nan dos,  
 Sàr shealgair nan torc ciar.
- B'e miann an fhìr an t-eathar donn 60  
 Ag éirigh suas air cuan nan long,  
 'Nuair dhùisgeadh Cromthormod a choill'  
 An talamh foill agus naimhde.  
 Cha robh eagal an anam an Dùir.
- " Mhic Chumhail, an sgaoil mi mo cheum, 65  
 Measg oidhche ? o sgiath nam beum  
 An seall mi mu'r naimhdibh gu léir  
 An sàmhchair fo fhaileas nan speur,  
 Mu righ Lochlin gun iochd, gun bhàigh,  
 Sàr Shuaran, namhaid borb nan dàimh, 70  
 Taomadh thall nan rann air chòmhla  
 Do chlach Loduinn nam fuar thaibhs' ?  
 Cha 'n ann gun fheum tha 'm focail mall  
 Ri Loduinn nan Gall treun.
- Mur till mac Roinne, a thriath, 75  
 Bhean bhanail tha triall 'na h-aonar,  
 An àite tachairt do gharbh shruth nan sliabh,  
 O Chruailinn tha sìos a' taomadh.  
 Air gach taobh tha cruach agus carn,  
 Gorm-choille, beur ard, is beuc' cuain ; 80  
 Tha sùil mo mhic air eoin nan tonn  
 Faoin sheachran nan tom an òige.

Thoir ceann an tuirc do cheann nan daoine ;  
 Innsear dha nach b'fhaoin mo shòlas,  
 'Nuair thàinig neart riabhach nan cnoc        85  
 Air gorm-shleagh nan torc an Uthorno.  
 Innsear dha mo ghniomh sa' chòmhrag ;  
 Innsear air chorr dha mar thuit mi."

" An dì-chuimhn' air m'aithrichibh treun  
 Cha d'thàinig mi féin thar caoil :        90  
 Am a' chunnairt b'e àm am beum ;  
 Cha robh iad gun fheum an aois.  
 Cha 'n'eil an dùbhra dona donn  
 A' dùnad trom mu chiabhan m' òige :  
 A thriath Chramo chruailinn an aonaich,        95  
 Is leams' an oidhche, 's leams' an cunnart."

Shìn an righ gun dàil a cheum  
 Thar Turthoir nam beuc-shruth fuar,  
 Chuir sìos a thoirm garbh le beud,  
 Raon Ghorm-mheall 'na cheò féin gun tuar. 100  
 Bha ghealach air eudan nan carn,  
 'S 'nam meadhon cruth àillidh na snuadh ;  
 Cruth àillidh nan ciar-chiabh ard,  
 Oigh Lochlin an uchd bhàin o stuadh.  
 Bu liònor, 's bu ghearr a ceum,  
 Duan briste gun bheud sa' ghaoith.  
 Dh'éirich a ruighe geal gun fheum ;  
 Am bròn 'na h-anam 's i baoth.

" A Thorcuil-torno nan ciabh glas,  
 Am bheil astar do chas mu Lula,        110  
 Do ghath teine mar eibhle dol as  
 Aig sruth a tha cas fo dhùbhra ?  
 C' àit' an do ghabh thu tuiinneas thall,  
 Athair òigh bhàin nan ciar chiabh ?

- Chi mi triath Lula nam beuc 115  
 Cur nan cleas mu chiar chruth Loduinn,  
 'Nuair a dhùineas an oidhche mu speur.  
 Thu ceileadh na ré fo sgéith mòrchuis :  
 Chunnaic mis' i dorcha as donn ;  
 Bha teine nan tonn ann do chiabh, 120  
 'S tu snàmh uam mar shiubhal nan long.  
 C' uim' nach cuimhne do'n t-shonn air m' fhiamh ?  
 A righ nan torc riabhach gun ghìomh,  
 Seall-sa sìos o thalla Loduinn  
 Air ainnir fo bhròn 'na h-aonar." 125
- " Co thusa, 's caoine guth fo dhùbhra ?"  
 Thionndaidh i cùl ris an t-shoñn.  
 " Co thusa, san oidhche fo chùram ?"  
 Dh'aom i dlù ri còs nan tonn.  
 Dh'fhuasgail an righ an iall o làimh ; 130  
 Dh' fheoraich e le bàigh m'a sinn'sre.
- " Bha Torcul-torno," labhair an òigh,  
 " Aig Lula nan sruth mòr a' tàmh ;  
 Bha thuinneas aig Lula nan seòd—  
 Tha 'n t-shlige chorr an diugh 'na làimh 135  
 An talla Loðuinn nan gruaidh ciar.  
 Thachair e 's Starno nan long  
 Am meadhon nan tom aù còmhrag ;  
 B'fhada spairn nan ciar-shuileach donn :  
 Thuit m'athair, an sonn, fo dhòruinn, 140  
 Torcul-torno nan gorm sgiath.
- Air taobh na craig aig Lula féin  
 Thuit ruadh-bhoc nan leum fo m' iuthaidh.  
 Mar thionail mo lamh, 's mi leth-aobhach,  
 Mo chiabhan air faondra sa' ghaoith, 145  
 Chualas toirm : mo shùile plaosg' ;

M urla caoin ag éirigh ard ;  
 Bha mo cheum gu Lula nach faoin  
 Gu Torcul nan cuan 's nan carn.

Co a t'ann ach Starno, an righ,  
 A dhearg shùil ag iadhadh gràidh ?  
 Bu dorcha garbh a mhala dhubbh,  
 'S è gàire gun chruth le sòlas.

C'àite bheil m'athair bu mhòr,  
 Triath nan tòrr, bu chòrr an còmhrag ?  
 Thréigeadh measg naimhde an òigh,  
 Nighean Thorcuil nan seòl còmhnhard !

Ghlac e mo làmh, is thog e 'n seòl ;  
 Chuireadh mis' an còs duibhre.

Air uairibh thig esa, mar cheò,  
 Togail am chòir sgiath m'athar.  
 Gath òige dol seachad air uair  
 Mu dhall dhorus thruagh nan còs ;  
 Mac Starno, fear-siubhail nan cruach ;  
 Tha m'anam fo luaidh do'n òg .”

“ A nighean Lula nan geal làmh ,”  
 Thuirt Fionnghal, “ ainnir a' bhròin ,  
 “ Tha nial am measg teine a' snàmh  
 Air t'anam, a ghràdh nan seòd.

Na seall air ré fo éididh dhonn ,  
 No air teine nan tonn o speur ;  
 M'an cuairt a ta stàilinn nan sonn ,  
 Eagal trom do d' naimhdibh, a bheus.  
 Cha 'n e stàilinn nan lag a t'ann ,  
 No anam cam nam faoin fhear .”

Cha chaoin òigh an talla nan lann  
 A ruighe bànn a' sgaoileadh 'na h-aonar.  
 Tha i àillidh measg a trom chiabh

150

155

160

165

170

175

Tribualadh clàrsaich nan triath an Selma ;  
 Cha 'n 'eil a guth a' caoineadh air sliabh,  
 Sinn a' tiomachadh riamh air fonn." 180

\*       \*       \*       \*

\*       \*       \*       \*

Shìn an righ a cheum gun stad  
 Ro' dhuibhre nan ciar thom ; 185  
 Fhuair e craobh Loduinn gu grad,  
 'S i lùbadh fo osna gu trom ;  
 Tri clacha le còinnich ghlaic,  
 Struthan cas a' ruith ri'n taobh ;  
 Os an cionn bha 'n teine dol as,  
 Cruth Loduinn an ceò 's an gaoith.  
 Bha tanas a' coimhead gu h-ard  
 Leth-dheante do dheathach 's do cheò.  
 Chluinnteadh guth briste le spairn,  
 'S toirm uild a' taoma o'n ord. 195

Ri taobh daraig gun duille san fhraoch  
 Chluinnt' a chòmhra ri laoich gun bhàigh,  
 Ri Suaran is Starno neo-chaoin,  
 Droch naimhde maraon do'n dàimh.  
 Dh'aom iad air sgiathaibh dubh-dhonn 200  
 Le sleaghaibh nan dorn gu teann ;  
 Fuaim gaoithe mu Starno nan long,  
 'S a dhubbh fhalt a' taomadh m'a cheann.

Bhuail farum a cheum an cluas ;  
 Dh'éirich iad suas 'nan aim. 205  
 " Leag fear seachran na h-oidhche, Shuarain,"  
 Labhair Starno 'na ardan mhòr ;  
 " Glac-sa sgiath t'athar a'd' làimh ;  
 Tha cruaidh mar charraig nan còs."  
 Thilg Suaran a shleagh gu grad ; 210

Stad is chrith i an sean chraoibh Loduinn.

Tharruing na suinn ri chéile

Le'n lannaibh a' beumadh còmhraig ;

Bha cruidh a' spealtadh air cruidh,

Lùiriche fuaim agus màile ;

215

Ghearr mac Luinn na h-iallan uallach ;

Thuit an sgiath bhallaich san làraich ;

Chaisg an righ a làmh gu h-ard,

Le faicinn sàr Shuarain gun aim ;

Thionndaidh a shùil fhiadhaich 'na cheann, 220

Agus thilg e a lann air làr ;

Tharruing e cheum mall o'n t-sliabh,

Fonn òrain a' tùchadh 'na chliabh.

Gun fhios do aثhair ni 'n robh Suaran ;

Thionndaidh Starno cheann o'n tom ;

225

A mhala dhuhb a' cromadh trom

Air aghaidh uaibhrich an ardaid.

Bhuail craobh Loduinn leis an t-sleagh ;

Shìn e cheum, is ghabh e chathar.

Thill gu Lochlin nan gorm lann

230

Gach fear gu mall, 'na astar féin,

Mar shiùbhladh an cobhar dà àld

O dhà ghleann, is sian 'sa bheinn.

Gu Turthor thill an righ ;

Glan dh'éirich dearsa o 'n ear.

235

'Na làimh an iomall na h-oidhche

Shoillsich aim Lochlin nam mòr thonn.

Glan araon o charraig nan còs

Ghluais nighean Thorcuil nan caoin bheus,

Tional a ciabh throm o'n ghaoith,

240

'S a' togail guth le binneas theud,

Guth Lulain nan slige fial,

- Talla cònuidh nan triath ard. -  
 Chunnaic airm Starno 'na làimh ;  
 Las sòlas an anam na h-òigh : 245  
 Chunnaic sgiath Shuarain r'a thaobh,  
 Is thionndaidh o cheannard an t-slòigh.  
 " An do thuit thu aig do cheud sruth  
 A rùin ainnir nan ceud bròn ?"  
 Uthorno a dh'èireas o uisge, 250  
 Air do thaobh tha dealain na h-oidhche.  
 Chi mi ghealach dubhach donn,  
 Am measg nan tonn, air chùl do choill' ;  
 Rid' mhullach tha Loduinn sna neoil,  
 Tigh mòr nan seòd a dh'aom o shean. 255  
 An ceann an talla chithear thall  
 Cruth Loduinn nan gorm lann ;  
 Chithear, mar fhaileas an ceò,  
 'Dheas làmh an scleò air ni mar sgéith ;  
 'Lamh chli air slige nach faoin, 260  
 Slige sòlais nam mòr thriath.  
 An talla taibhs', bu ghlaise snuadh,  
 Chìt' aisre dealain nan stuadh.  
 Chruinnich siol Loduinn r'a chùlaobh,  
 Seoid as ùr, is suinn o shean. 265  
 Shin esan an t-slige chùbhraidh  
 Dhoibhs' a shiubhladh gu còmhrag glan ;  
 Eadar e 's geilteara dh'éirich  
 An sgiath bhallach, bhearnach, dhonn,  
 Mar ghealach a' dubhadh sna speuraibh, 270  
 No tein-athair a' luidh air an tom.  
 Mar bhogha braoin air aghaidh stuadh  
 Thàinig òigh bu ghloine snuadh.

# CATH LODUINN.

## DUAN II.

“ C’ AITE ’m bheil gaisgeach nan triath ? ”

Thuirt Dubh mhac Roinne nan sgiath donn.

“ Co ’n neul a cheil anns an t-sliabh

Og dhearsa o Shelma nan tonn ?

An e an righ a chithear thall

5

Tighinn o charn fo sgéith na h-oidhche ?

Tha mhaduinn air Thoirne nan stuadh,

’S a’ ghrian air a’ chruaich an ceò.

Togaibh am fhianuis an sgiath,

Mhòir ghaisgich an triath a dh’fhalbh :

10

Cha tuit e mar thein air an t-sliabh,

Dorcha chìt’ a thrian air làr.

Sud féin e mar iolair nan speur,

A’tearnadh o bheinn sa’ ghaoith ;

Tha faoibh a nàmhaid na làimh.

15

Bha m’anam, a righ, fo bhròn.”

“ Tha na naimhde teannadh r’ar làimh,

Mar stuaidh tigh’n anall fo cheò,

’Nuair a chithear fo chobhar an ceann

Thar smùid, nach ’eil gann, is scleò.

20

Crithidh fear-siubhail 'na thriall,  
Gun fhios dha cia rian is còir."

" Cha chrith, mar fhir-siubhail, sinn féin ;  
Tairnibhs', a threuna bhur cruidh.

An éirich mo lanns' air a' bheinn, 25  
No 'm fàg mi dhuibh féin a' bhuaidh ?"

" Na gnìomha dh'fhalbh," thuirt an Dubh,

" Tha tighinn an diugh fom' shùil ;

Tha Treunmor bu leathan sgiath,

Ri fhaicinn measg thriath a bh'ann. 30

Cha bu lag anam an righ,

'S cha robh a smaointe riamh fo ghiomh.

O 'n ceud sruth mòr san fhraoch

Thachair slòigh an caol-ghleann Chòna ;

Bha 'n triath r'an taobh san t-sliabh.

Cò dh'imicheas sìos gu còmhrag ? 35

Tharruing iad gu'n leth an lainn ;

Bha dearg-shùil 's gach ceann fo ardan ;

Gach fear leis féin san doire thall,

'S e mùchadh nan dàn fo ùrla. 40

C'ar son a ghéilleadh iad d'a chéile ?

Bu choimeas feum an sinns're.

Bha Treunmor le shleagh chòrr san t-sliabh ;

Bu ghasda fo chiabh an t-òig-fhear ;

Chunnaic e 'n nàmhaid a' triall, 45

'S bha 'anam gu ciar am bròn.

Dh'iarr e air gach gaisgeach treun

Ma seach bhi riaghladh a' chòmhraig.

Chaidh, ach thill iad fo bheud

O'n nàmhaid is beinn na comhstri. 50

O charraig féin, fo chòinnich ghais,

Theiring Treunmor nan gorm sgiath ;

Tharruing gu leathan sa' chomhrag,  
 'S ghéill anns a' charraig na dàimh.  
 M'an cuairt do'n triath an sliabh a' bhlàir, 55  
 Thionail na sàir le aoibhneas mòr.  
 Mar aiteal, is taitneach sna raoiù,  
 Bha guth cumhachd gu caoin o Shelma.  
 Bhuail na triatha leo féin an còmhrag,  
 Gus an d'éirich sa' chomhstri cunnart ; 60  
 An sin a bha àm do 'n righ  
 Chur ceann air an strì le chruaidh."

" Cha 'n ann gun eòlas dhuinn féin,"  
 Thuirt Cromghlas nan geur lann,  
 " Chaidh sinns're nam beann fo ùir. 65  
 Cò e bheir còmhrag san t-sliabh,  
 'S righ nam beann ard air chìl ?  
 Tha ceathach thall air iomadh tom ;  
 Buaileadh sonn 's gach cruaich a sgiath ;  
 Thig tanas an duibhre gu lom, 70  
 A sheòlas gu comhstri an triath."

Dh'fhalbh, is ghabh gach triath a thom ;  
 Chuir baird nam fonn am beachd air triatha.  
 Bu labhra na caismeachd nan sonn  
 Toirm an Duibh o chopan ciar, 75  
 'S e togail a sgéithe sa' chòmhrag.

Mar thoirm mhòr o uisge thall  
 Thàinig siol Thoirne anall ;  
 Bha Starno an eudan còmhraig,  
 'S Suaran o innis nan stoirm. 80  
 Sheall gach laoch o dhonn sgiath,  
 Mar shamhla ciar aig cloich Loduinn,  
 'Nuair sheallas e o chìl na gealaich,

'S i dubhadh fo eallaich san speur,

'S dealan tanais sgaoilte san oidhch.'

85

Thachair aig Turthor na suinn,

Mar bhruailleinn thonn air druim a' chuain.

Bha beuma beucach dlù ri chéile ;

Am bàs a' leum thar tréin san t-sliabh,

Mar nial do chlacha-meallain garbh,

90

'S gaoth mhòr na cirb ag éirigh ;

Na sianta mar thorrunn a' falbh,

'S muir dhorchha le spairn a' beucail.

A strì Thoirne, 's duibhe gruaim,

C' uim' an cuirinn an duan do chreuchda ?

95

Tha thu san àm a chaidh suas,

A tha gun tuar do m' léirsinn.

Thàinig Starn' anall le còmhrag,

Is Suaran mòr le chirb do 'n strì.

Cha robh do lann gun bhrigh sa' chomhstri,

100

A Dhuibh mhic Roinne o 'n Tuath thìr.

Theich Lochlin thar an uisge thall ;

Bha triath' nan lann air call an smaointe,

Thionndaidh iad am mòr rosg mall

Air teicheadh o'n charn do'n t-sluagh.

105

Chualas stoc Fhionnghail o 'n chruaich ;

Thill sìol Alba o ruraig sa' ghleann.

Bu lionor mu Thurthor nan stuadh

A thuit gaisgich gun tuar fo lainn.

" A thriath Chrathmo," thuirt an righ,

110

" Mhic Roinne, shealgair nan torc ciar ;

Gun bheud cha do thill thu o 'n strì,

A gharbh iolair a' tearnadh o 'n t-sliabh.

Bithidh Lanshùil an urla bhàin

Fo aoibhneas aig a h-uisge féin,

115

Le Ceann-daoine, òg mhac do ghràidh,  
 'S e 'g iadhadh mu Chrathmo fo 'n bheinn."

" 'S e Cùlghorm," fhreagair an sonn,  
 " An ceud fhear chaidh null do dh'Alba ;

Cùlghorm, ciar mharcaich nan tonn 120  
 Thar gleannaibh crom an t-sàil.

Thuit a bhràthair le làimh an laoich,  
 'S dh'fhàg e faoin a thalla thall ;  
 Ghabh tuinidh an Cruailinn an fhraoch  
 Am measg sàmhchair nam baoth charn. 125

Thàinig a shìol a mach 'nan àm  
 Gu comhstri nach gann sa' bhlàr ;

Thuit iad an comhstri nan lann ;  
 'S leamsa lot shinns're bu shàr,  
 A righ innis a's fuaimeara carn." 130

Tharruing e 'n iuthaidh o thaobh ;  
 Gun tuar thuit an laoch gu làr ;

Shiubhail anam gu shinns're nach caoin,  
 Gu innis mhaol nan stoirm ard

A' leantuinn tanais tuirc do cheò 135  
 Air sgiathaibh nan gaoth mòr sa' charn.

Sheas laoich gu sàmhach m'an cuairt,  
 Mar chloich Loduinn nam fuath air sliabh,  
 'Nuair a chi fear-siubhail iad shuas  
 O astar an fheasclair ro' chiar, 140

'S e 'm barail gur tanais nan aosda,  
 Tha suidheachadh faoibh nam blàr.

Thuit an oidhche air Toirne donn ;  
 Sheas iadsa m'an t-sonn fo bhròn.  
 Bha osag mu seach anns gach ciabh 145  
 An co-thional nan triath mòr.  
 An sin bhris o 'n righ gu mall

- Na smaointeán a bha thall 'na chliabh ;  
 Ghairm Ullin'nan clàrsach 's nan dàn,  
 'S dh'iarr moladh éirigh mu 'n triath. 150  
 Cha tein' e chaidh sìos gun leus,  
 A chithear, 's a leumas o'n t-sùil ;  
 Cha dhealan, a chaillear san speur ;  
 Chaidh esa, bha treun air chùl.  
 Bu chos'ail ri gréim an laoch, 155  
 A sheasas fad air faobhar bheann.  
 Gairm air ais a shinn're nach b'fhaoin  
 O 'n tuinidh san àm a bh'ann.  
 " Innis Thoirne," thuirt am bard,  
 " A dh'éireas gu h-ard sna stuagh,  
 Chi mi fo ghruaim do cheann thall  
 Measg cheathaich a' snàmh air chuan ;  
 O do ghleannaibh thàinig na triatha  
 Mar fhior iolair nan sgiath treun ;  
 Siol Chulguirm na màile ciar, 165  
 Tha 'n Loduinn, tigh liath nan speur."  
 An ard Thoirne, innis nan gaoth,  
 Dh'éireas Lurthan nan sruth-charn ;  
 A liath-cheann gun choill', 's e maol,  
 'S a chathar faoin 'na chaol ghleann. 170  
 Aig fuaran Churtho 's fuaimear braon,  
 Thuinidh Rurmar, sealgair nan torc.  
 Bha nighean mar dhearsa caoin,  
 Strìnandaoine an uchd bhàin.  
 'S lìonmhòr righ, a b'airde triath,  
 'S lìonmhòr triath fo sgiathraigheibh donn ; 175  
 'S iomadh òg, bu truime ciabh,  
 Ghabh talla Rurmhair nan ciar long ;  
 Thàinig air ionnsuidh na h-òigh

- Gu slios Thoirne fhiadhaich fhaoin. 180  
 'S ainnir ghasd, do'n géill na slòigh.  
 Sheall i sìos o 'ceumaibh caoin,  
 Strìnandaoine nan cioch ard.  
 Ma 's ann air siubhal an fhraoich,  
 Bu ghile na 'n canach a cruth ; 185  
 Ma 's ann air tràigh nan stuadh faoin,  
 Na 'n cobhar air aomadh nan sruth.  
 Bha 'sùilean soluis mar dhà reul ;  
 Mar bhogha nan speur am braon  
 A gnùis àluinn fo 'ciabh féin, 190  
 'S duibhe na nial fo ghaoith ;  
 Bu tuinidh dhuit anam nan laoch,  
 A Strìnandaoine, bu chaoine làmh.  
 Thàinig Cùlghorm 'na loingeas féin,  
 'S Corcul-Suran, an treun fial, 195  
 Na bràithre o Thoirne nam beum,  
 A dh' ionnsuidh dearsa nan ceud triath.  
 Chunnaic i na laoich 'nan cruaidh ;  
 Bha h-anam a' luaidh air Cùlgorm.  
 Sheall caoin-reul Lochlin o stuaidh 200  
 Air ainnir àluinn bu ghloine urla,  
 'Nuair a thog i làmh gheal chaoin,  
 Strìnandaoine, bu ghuirme sùil.  
 Bha gruaim air na bràithribh fo ardan ;  
 Thachair an sùilean an sàmhchair ; 205  
 Thionndaidh o chéile na garbh thréin ;  
 Bhuail iad an sgiatha san làraich ;  
 Chrith gach làmh an ceann gach lainne ;  
 Chaidh iad an carraig nan laoch  
 Mu Strìnandaoine b'fhaide ciabh. 210

Thuit Corcul-Suran 'na fhuil  
 An innis nan tuil 's nan carn.  
 Chuir 'athair òg Chulgorm gu muir  
 O Thoirne nam muc, a tha thall,  
 Air seachran mar chaochla na gaoithe.      215  
 An raon fada Chruailinn an fhraoich  
 Ghabh saoi nach robh faoin a thàmh.  
 'Na aonar cha do thuinidh an laoch ;  
 Bha dearsa bu chaoine r'a làimh,  
 Nighean Thoirne, a b' airde fuaim,  
 Strìnandaoine nan gruaidh tlà.      220

# CATH LODUINN.

---

## DUAN III.

CIA as tha srutha na bh' ann ?  
C' uin' a thaomas an t-àm tha falbh ?  
C' àit' an ceil aimsir a dà cheann ?  
An ceathach tha mall 's nach gann,  
A thaobh ballach le gniomh nan seòd. 5  
Tha mo shealladh air linnte dh' aom ;  
Cha 'n fhaicear ach caol na bh' ann,  
Mar dhearsa na gealaich tha faoin,  
Air linne tha claon sa' gheann :  
An so dh' éireas dealan a' chòmhraig ; 10  
An sin thuineas gun sòlas neo-thréin ;  
Cha chuir iad an gniomha air chòmhla  
Air aimsir, tha mothar 'nan déigh.  
Thus', a thuineas am measg nan sgiath,  
Thogas anam nan triath o bhròn, 15  
A chlàrsach o Chòna nan sian,  
Thig sios o 'n bhalla am chòir ;  
Le d' thri ghuthaibh thig gun stad,  
Soillseachadh gu grad na dh'fhalbh ;

Tog samhla nan laoch, nach robh lag, 20  
 Air chiar àm, a chaidh fada null.

A Thoirne nan stoirm 's nan cruach,  
 Chi mi shuas mo dhream ri d' thaobh ;  
 Fionnghal ag aomadh fo ghruaim,  
 Thar uaigh mhic Roinne nach b' fhaoin. 25

Ri làimh tha ceuma nan triath,  
 Sàr shealgaire nan ciar thorc mòr,  
 Aig Turthoir a' luidhe san fhraoch  
 Righ Lochlin 's a laoich an ceò ;  
 An dà righ feargach air dà charn 30

A' coimhead a'nall thar an sgiathaibh ;  
 Bha 'n sealladh air reulta na h-oidhche,  
 Tha seachran le soillse gu h-iar,  
 Cruth Loduinn ag aomadh gu h-ard,  
 Mar theine leth-chailte 'an nial, 35  
 'S am Fuath a' cur a mach nan gaoth  
 Le dealain ri 'n taobh ro' bhàs.

Chunnaic Starno, le eòlas, nach b' fhaoin,  
 Nach géilleadh an saoi sa' bhlàr.

Tri uaire bhual e chraobh le feirg ; 40

Bha shiubhal gun mheirg gu mhac,  
 'Se mùchadh nam fonn dha féin,  
 'S a' clàistinn gaoith thréin 'na chiabh.

Thionndaidh na saoi o chléile,  
 Mar dhà dharaig threun sa' charn,  
 Gach aon diubh do ghacith a' géilleadh, 45  
 'S ag aomadh o bheinn thar àld ;  
 Crithidh am mór gheugan thall  
 Fo osaig, a bheucas o 'n ghleann.

" Bha Annir," thuirt righ nan loch ciar,  
 " Mar theine chaidh sìos o shean ; 50

Thaom e o shùilean am bàs  
 An còmhrag nam blàr 's nan sgiath ;  
 Bha shòlas am bàs nan laoch ;  
 Fuil cho caoín ri sruth an t-samhraidh, 55  
 'Nuair a bheir e o'n ard chraig fhaoin  
 Aoibhneas nach baoth gu gleann cathair.  
 Thàinig e mach o Luthcormo  
 An coinneamh Chormain, an sonn treun,  
 Esan o Uirlor nan sruth, 60  
 A thuine fo sgéith a' chòmhraig.''

Thàinig Corman 'na loingeas donn  
 Gu Gorm-mheall, mu 'n iadh an tonn.  
 Chunnaic nighean Annir nam beum,  
 Fiona gun bheud nan làmh-geal : 65  
 Chunnaic e, 's cha b' fhaoin a sùil  
 Air maraich, bu dhubh-ghorm triall.  
 Dh'halbh i gu luing anns an oidhche,  
 Mar ghealach a' boillsgeadh ro' ghleann.  
 Ghabh Annir an cuan mòr fo cheann ; 70  
 Ghairm e gaoth neartor gu chrann.  
 Cha 'n ann leis féin a bha 'n laoch ;  
 Bha Starno, a mhac, ri thaobh.  
 Mar iolair Thorno fo òg sgiath  
 Thionndaidh mo shùil air an triath, 75  
 Thàinig sinn gu Uirlor bheucach.  
 Le shluagh ghluais Corman, an treun fhear..  
 Bhuaill sinn, is thug an nàmhaid buaidh.  
 'Na fheirg sheas m' athair fo chrùaidh ;  
 Ghearr e na badain le lainn, 80  
 'G an sgathadh fo ardan nach gann.  
 B' fhiadhaich is bu dhearg a shùil.  
 Chunnaic mi anam gu chùl,

Is ghabh mi dùbhra na h-oidhche ;  
 Thog mi cruaidh chlogaid o 'n raon, 85  
 Sgiath bhearnach o bheum nach b'fhaoin,  
 Agus dh' iarr mi 'n nàmhaid thall  
 Le sleagh gun cheann am làimh.

Air carragh shuidh Corman an treun,  
 Darag a' lasadh roimhe féin ; 90  
 Fo chraoibh, nach robh fada thall,  
 Bha Fiona ghasda nan rosg mall.  
 Thilg mi 'n sgiath bhriste 'na còir,  
 Is labhair le foill mu shìth.

" Air taobh a mhara beucaiche féin  
 Tha Annir 'na luidhe an treun ;  
 Thuit an righ sa' chòmhrag gun bhuaidh ;  
 Tha Starno togail na h-uaigh' ;  
 Chuir mise o Loduinn a nall  
 Gu làmh-gheal ghasda nan rosg mall 100  
 A dh' iarruidh d'a h-athair a ciabh,  
 Theid marris an triath san ùir.  
 Thusa, righ Urloir nan gleann,  
 Caisg còmhrag, is taisg do lann,  
 Gus am faigh e 'n t-slige fhial 105  
 O chiar làimh dhearg Chruth Loduinn."

Dh' éirich an òigh fo dheoir san t-sliabh,  
 Tharruing i o leadan a' chiabh,  
 Bha seachran air a broilleach bànn  
 Fo osaig, bha snàmh gu mall. 110  
 Chuir Corman an t-slige am làimh ;  
 Dh' iarr e an aoibhneas mo thàmh.  
 Luidh mi teann air anns an t-sliabh,  
 M' aghaidh fo chlogaid bu chiar.  
 Thuit cadal air an nàmhaid thall ; 115

- Dh' éirich mi mar thanas mall,  
 Bhuail mi Cormaìn mòr san taobh ;  
 " Fhiona, bha d' fhaobh air mo lainn ;  
 Bha do bhroilleach fo fhuil san fhraoch.  
 C' ar son, a nighean nan laoch a bh' ann, 120  
 Mhosgail thu ardan do bhràthar ?"  
 Dh' éirich madainn ; dh' fhalbh an nàmhaid,  
 Mar cheò tha snàmh air a' bheinn ;  
 Bhuail Annir copan nan sgiath,  
 Agus ghairm air a chiar mhac. 125  
 Thàinig mi am fuil a nall ;  
 Tri chuairt dh' éirich guth an laoich,  
 Mar osag ghaoith a bhriseas thall  
 O nial air carn san oidhche.  
 Tri làithe chaidh aoibhneas m'an cuairt ; 130  
 Cha do chuir sinn san uaigh na mairbh ;  
 Ghairm sinn seabhaig nan speur,  
 Is thàinig o 'n uile ghaoith  
 Gu cuirm air faoibh nan nàmhaid.  
 " A Shuarain, tha Fionnghall air tom 135  
 'Na aonar fo chrom na h-oidhche ;  
 Buail an t-sleagh 'na thaobh sa' bheinn,  
 'S biodh Starno fo aoibhneas mar Annir."  
 " Mhic Annir," thuirt Suaran fial,  
 " Cha mharbhar fo nial leam féin ; 140  
 Le soillse bithidh m'astar san t-sliabh,  
 'S na seabhaig air sgiathaibh am dhéigh ;  
 Am foill c'uime ghluaiseadh fear treun ?  
 Tha mo phiuthar a' bacadh mo thriall."  
 Las fearg air an righ gun dàil, 145  
 Is thog e gu h-ard a shleagh ;  
 Tri uaire chlisg i 'na làimh ;

- Ach chlisg e o bhàs a mhic.  
 Bhuail e ro' oidhche gu luath  
 Gu sruth Thurthoir tha shuas sa' chòs, 150  
 'S na chuir e nighean Thorcuil o thuath,  
 'S anns an d'fhàg e chruaidh bu chòrr.  
 Ghairm e òigh Lula nan triath ;  
 Bha ise an nial le Loduinn.
- Dh'at ardan an anam an laoich, 155  
 'S dh'aom e ro' 'n raon gu Fionnghal.  
 Luidh an righ air sgiath san fhraoch,  
 'Na aonar, gun smaoin air iargail.  
 A bhorb shealgair nan torc ciar,  
 Cha 'n i làmh-gheal nan ciabh tha d' chòir ; 160  
 Cha ghiullan air raineach san t-sliabh,  
 Aig sruth Thurthoir nan toirm mòr :  
 An so féin tha cònuidh nan treun,  
 A dh'éireas gu beum a' bhàis.  
 A shealgair nan ciar thorc sa' bheinn, 165  
 Na mosgail fuathas—fan thall.
- Thàinig Starnø le fuaim a nall ;  
 Dh' éirich Fionnghal nan lann sa' mhagh.  
 “ Cò thusa, mhic oidhche sa' ghleann ? ”  
 Thilg esan san àm an t-shleagh. 170  
 Bhuail iad-anns an strì mar aon ;  
 Thuit san raon an sgiath fo lainn ;  
 Sgiath sgoilte bh'aig Starnø ri thaobh,  
 As cheangladh e ri daraig thall.  
 'Nuair chunnaic Fionnghal righ nan long, 175  
 Thionndaidh e gu trom a shùil ;  
 Bha smaointean air na laithibh a bh' ann,  
 Mar cheòl uasal nan caoin dhàn,

- Bha òigh an uchd bhàin a' gluasad.  
Dh' fhuasgail e na h-ialla o làimh. 180  
 " Mhic Annir nan lann, bi falbh.  
 Gabh Gorm-mheal nan slige mu d' cheann ;  
 Tha dearsa na bh'ann ag éirigh ;  
 'S cuimhne leam òigh an uchd bhàin ;  
 A righ 's fuiliche lann, bi falbh. 185  
 Gabh gu d' thalla am bruailleinn thall ;  
 A dhroch ànmhaid mo ghràidh, as m' fhianuis !  
 Na tigeadh an coigreach a' d' dhàil,  
 Fhir a ghabhas do thàmh an gruaim !"  
 Sgeul air àm o shean. 190

## CAOMH-MHALA,

## DÀN DEALBHCHLUICH.

---

### NA PEARSA.

FIONNGHALL,      HIDEALAN,  
CAOMH-MHALA,    MILSH'UIL-CHAOMHA, }  
DEARSA-GRE'INE,   BAIRD.                            } *Nigheana Mhorni.*

---

### DEARSA-GREINE.

DH'FHALBH an t-sealg, gun fhuaim an Ardbheinn,  
Ach sruith a tha gàirich o charn.  
A nighean Mhorni, a's gile làmh,  
Thigsa nall o bhruachaibh Chròna ;  
Thigeadh an oidhche le dàin ;                         5  
Biodh sòlas air ard na Mòrbheinn.

### MILSHÙIL-CHAOMHA.

'S i 'n oidhch' i, òigh a's guirme sùil,  
A chiar oidhch' o chùl nan carn.  
Chunnacas leamsa fiadh sa' bheinn

Aig sruth Chròna mòthar mall ;  
 Mar bhruaich bha e anns an duibhre ;  
 'S grad a leum e sìos ro' 'n ghleann :  
 Mu chabar bha dealan na h-oidhche,  
 Chithear soills' air taobh nan sliabh ;  
 Bha samhla na bha, a' boillsgeadh  
 Leth-fhaicte o Chròna nan nial. 10  
15

## DEARSA-GRÉINE.

'S e fuathas a' bhàis a bh' ann ;  
 Thuit righ nan lann 's nan sgiath 'sa chòmhrag.  
 Eirich, a Chaomh-mhal' air a' charn ;  
 Fhuair Caracul buaidh sa' chòmhstri ; 20  
 Eirich, a nighean Sharno fo dheoir ;  
 Thuit òg do ghràidh, am fear treun ;  
 Chithear tannas an t-sàir sa' bheinn. 25

## MILSHÙIL-CHAOMHA.

Shuidh Caomh-mhal' an sud na h-aonar,  
 Dà chaol chù, a's léithe colg,  
 A' glacadh an aiteil san aonach,  
 'S a' crathadh an cluas gu tric,  
 Tha gruaidh air a làimh a's àillidh,  
 Agus gaoth nan carn 'na ciabh,  
 A gorm-shùil a' sealladh gu farasd 30  
 Gu raon, 'san rokh gealladh a triath.  
 C' àite bheil Fionnghal, mo rùn,  
 'S au oidhche dubhra' dlù mu 'n cuairt ?

## CAOMH-MHALA.

A Charuinn, a Charuinn nan sruth,  
 C' uim' a chitheam am ful do bhùrn ? 35

Cha chluinneam fuaim còmhraig no guth  
 Ag iadhadh do thuil is do chùirn.  
 'Na chaidil righ Mhòrbheinn an treun?  
 Eirich, a nighean na h-oidhche;  
 Amhairc anuas o neoil nan speur : 40  
 Eirich grad, gu 'm faiceam an soillse  
 Caol dhearsa o mhàile 's o chruaidh  
 Air raon 'san robh a ghealladh o'n ruaig.  
 No thusa, dhealain uaine bhàis,  
 Bu sholus do'r sinns're nach beò 45  
 Fo dhuibhre 's scleò na-h-oidhche,  
 Thigs' ann do chaoir o 'n Ardbheinn,  
 'S feuch dhomh mo threun an soillse  
 'Na luidhe, 's mi deurach, sa' bhlàr.  
 Co sheasas eadar mi 's bròn ? 50  
 Co eadar mi 's rùn mo nàmhaid ?  
 'S fada sheallas Caomh-mhala fo dheoir,  
 Mu 'm faicear leath' a mòr thriath  
 A' tilleadh am measg a shluaigh  
 Soillear mar mhaduinn o nial, 55  
 Is am braon a' triall o stuaidh.

## HIDEALAN.

Luidheadh ceò is gruaim air Cròna ;  
 Luidheadh iad air siubhal an righ ;  
 Ceilibh anis o m' shùil a cheuma  
 Gun chuimhn' air treun-fhear a chaoidh. 60  
 Tha triath' nan sgiath gun cheann air rèidh.  
 Cha chluinnear an ceuma mu chruaidh.  
 A Charuinn, a Charuinn nan sruth,  
 Iadhsa ann am ful do bhùrn ;  
 Tha ceannard an t-sluaign fo scleò. 65

## CAOMH-MHALA.

Cò thuit aig Carunn nam bruach,  
 A mhic duibhre na fuar oidhche ?  
 An robh e geal mar shneachd nan cruach ?  
 Mar bhogha braoin air stuadh a' soillse' ?  
 An robh a chiabh mar an ceò sa' bheinn      70  
 Ag iadhadh caoin fo ghréin air tòrr ?  
 An robh e ~~mar~~ thorrunn nan speur ?  
 Cho luath ri féidh nam fàs ghleann mòr ?

## HIDEALAN.

C'ar son nach fhaiceam a rùn féin  
 'S i 'g aomadh o 'n bheinn le h-àille,      75  
 A dearg-shùil fo dheoir mu 'n treun,  
 A ciabh gun bheud mu gruaidh fharasd ?  
 Eirich, éirich, a chaoin ghaoth,  
 Togsa gu caomh a leadan trom ;  
 Faiceam a làmh gheal a's caoine,      80  
 'S a gruaidh, a tha gaolach am bròn.

## CAOMH-MHALA.

'Na thuit mac Chumhail féin san t-sliabh ?  
 'Na thuit, a thriath, a's duibhe sgeul ?  
 A thorrunn a' siubhal nan aonach ciar,  
 A dhealan air sgiath theine nan speur,      85  
 Cha 'n eagal do Chaomh-mhal' ur triall,  
 O 'na thuit an triath fo scleò.  
 Innis, fhir a's dubhaiche sgeul,  
 Am bheil gaisgeach nan sgiath gun deò ?

## HIDEALAN.

Tha shluagh nise sgaoilt' air a' bheinn ; 90  
 Cha chluinn iad guth an tréin ni 's mò !

## CAOMH-MHALA.

Bruaillean air an raon a'd' dhéigh,  
 Cunnart dhuit féin, a righ mhòir ;  
 Do 'n uaigh na biodh lionor do cheum, 95  
 Biodh aon òigh a'd' dhéigh fo bhròn ;  
 Biodh i mar Chaomh-mhala fo cheò,  
 Làn do dheoir an laithibh a h-òige.  
 C' ar son a dh'innis thu dhomh féin,  
 Gu 'n thuit mo ghaisgeach treun sa' bhlàr ?  
 Bhiodh mo dhùil r'a thilleadh o 'n bheinn ; 100  
 Chithinn e féin air craig no còmharnard ;  
 Shaoilinn gu'm b'i chraobh mo laoch,  
 A' tighinn le faoibh o 'n bhlàr ;  
 Chluinninn a stoc anns a' ghaoith,  
 Bhiodh siubhal baoth air taobh nam beann. 105  
 Tha mise deurach gun bhi thall  
 Air bruaich Charuinn nan sruth mall ;  
 An sin bhiodh mo dheoir gu tlà  
 Air gruaidh an t-sàir a tha gun tuar.

## HIDEALAN.

Air bruaich cha 'n'eil an laoch : 110  
 Air ard an fhraoch nise togar 'uaigh.  
 Seall, a ghealach, o neul caoin ;  
 Biodh do sholus caol air cruaich,  
 Gu 'm faic an Làmh-gheal a gaol  
 Am boillsge faoin a' mhàile chruaidh. 115

## CAOMH-MHALA.

Na cuiribhse, a shiol na h-uaigh ;  
 Na cuiribhse mo luaidh air chùl.  
 Dh'fhàg e mi san t-seilg air cruaich ;  
 Gun fhios chaidh e suas gun chliù.  
 “ Tilleam ri oidhch’,” thuirt an triath ;      120  
 ’S thill righ Mhòrbheinn fior ri oidhch’.  
 C’ ar son nach d’innis thu, fhir léith,  
 Tha ’n cromadh nan sliabh gun soills’,  
 Gu ’n tuiteadh ceannard nan sgiath marbh ?  
 Chunnaic thu ’na fhuil an t-òig-fhear ;      125  
 ’S cha d’ innis thu ’m bròn do Chaomh-mhala.

## MILSHÙIL-CHAOMHA.

Ciod an fhuaim tha shuas sa’ bheinn ?  
 Ciod a tha boillsgeadh sa’ ghleann ?  
 Cò tha tighinn mar shruth treun,  
 ’Nuair chritheas fo ’n ré nach gann      130  
 Mòr-nisge taomadh o charn ?

## CAOMH-MHALA.

Cò ach an nàmhaid aig Caomh-mhal’ ;  
 Mac righ an domhain ’s a shluagh.  
 A thannais Fhinn air neoil a’ sgaoileadh,  
 Greas iùthaidh Caomh-mhal’ sìos gu luath ;      135  
 Tuiteadh e mar fhiadh san aonach.—  
 ’S e Fionn a th’ann, measg tannas a shluaign !  
 C’ uime thigeadh tu, mo luaidh,  
 A chur sòlais is fuath orm féin ?

## FIONNNGHAL.

Togaibhs' a bheula nan dàn ; 140  
 Togaibh gu h-ard am blàr aig Carunn :  
 Theich Caracul, 's a shluagh o m' lainn ;  
 Theich e thall thar raoin an ardain.  
 A ghaisgich mar dhealain air sliabh,  
 Tha sgeadachadh tannais na h-oidhche, 145  
 'S e 'g aomadh ro' ghaoith o'n iar,  
 'S a' choille chiar mu 'n cuairt a' boillsge'.  
 Chualam guth nau aiteal thall  
 O thaobh nan carn 's am fiar-ghlinn féin.  
 Ban-shealgair Ardbheinn, an i th' ann, 150°  
 Nighean làmh-gheal Sharno thréin ?  
 Amhairc o d' charraig, mo rùn ;  
 Cluinneam do ghuth ciuin, a Chaomh-mhal'.

## CAOMH-MHALA.

Tog mise gu còs do shuaine,  
 Og ghaisgich, a fhuair mo ghràdh. 155

## FIONNNGHAL.

Thigsa féin gu còs mo shuaine ;  
 Sgaoil na stoirm, tha grian air an raon.  
 Thigsa, òigh, gu còs mo shuaine,  
 Bhan-shealgair nam fuar-bheann faoin.

## CAOMH-MHALA.

Thill e féin, is thill a chliu ! 160  
 'S e làmh mo rùin 's mo thréin a th' ann !  
 Luidheamsa sìos air a chùl,  
 Gus an till m' anam a nall  
 O eagal tha snàmh mu 'n cuairt.

Buailibh clàrsach, togaibh dàn,  
Oighe nan rosg mall aig Morni.

165

## DEARSA-GRÉINE.

Le Caomh-mhala thuit tri féidh san fhraoch ;  
Fo ghaoith tha teine 'g éirigh ard.  
Gabh gu fleagh na h-òigh a's caoine,  
A righ Mhòrbheinn nach maol carn.

170

## FIONNNGHAL.

Togaibh guth, a shiòl nam fonn,  
Mu chomhstri nan sonn air Carunn ;  
Biodh aoibhneas air làmh-gheal nan tom,  
Nuair a chi mis' a fleagh air Ardbheinn.

## NA BÀIRD.

Taom, a Charuinn, taom do shruth ;  
An aoibhneas an diugh, siubhail sìos ;  
Theich coigrich, a b' àirde guth.  
Cha 'n fhaicear an steud-each san t-sliabh ;  
Tha sgaoileadh an sgiath an tìr thall.

175

Eiridh grian an sìth o nial,

180

'S tearnaidh an oidhch' an aoibhneas ;  
Cluinnear guth na seilg air carn ;  
Ri balla thall bithidh sgiath nam fuaim ;  
Bithidh ar comhstri ri dàimh thig anall  
O thalamh nan Gall o thuath,

185

'S ar làmha gu dearg am ful Lochlin.

Taom, a Charuinn, taom do shruth ;  
An aoibhneas an diugh, siubhail sìos ;  
Theich coigrich, a b' àirde guth.

## MILSHÙIL.CHAOMHA.

- Teirinn, a cheò, o 'n tir aird ; 190  
 A ghatha gealaich, togaibh suas  
 Ciuin anam na h-òigh, a b' àillidh,  
 Tha ri carraig 'na luidhe gun tuar !  
 Caomh-mhala, 's i fuar gun deò.

## FIONNNGHAL.

- Am bheil nighean Sharno gun deò, 195  
 Làmh-gheal dha 'm bu mhòr mo rùn ?  
 Tachair rium, a Chaomh-mhal', fo scleò  
 Air fraoch, fo cheò, 's mi air chùl,  
 Nuair shuidheam air sruth nam beann  
 'S mi m' aonar an àm na h-oidhche. 200

## HIDEALAN.

- An d'fhalbh guth na seilg o Ardbheinn ?  
 C' uime chuir mi 'm bruaillean air òigh ?  
 C' uine chi mi fo aoibhneas an làmh-gheal,  
 Am faoghaid fàsaich, mu 'n iadh slòigh ?

## FIONNNGHAL.

- Oig, a's duibhe gnè is tuar, 205  
 Cha 'n fhaic o so suas am fleagh ;  
 Cha chuir leam an t-sleagh fo ruaig ;  
 Cha togar leat buaidh air magh.  
 As m' fhianuis, òig a's duirche snuadh.  
 Feuchar dhomh 'na suain an òigh ; 210  
 Faiceam ise b' àillidh tuar.  
 'S glas mo luaidh air taobh nan scòrr !  
 Tha gaoth na h-oidhche fuar 'na ciabh ;  
 Tha taifeid san osaig a' fuaim ;

Bhris a saighead ri tuiteam air sliabh.  
Tog moladh na h-ainnir gun ghruaim,  
Nighinn Sharño nan stuadh àrd ;  
Togar a h-ainm air gaoith nan speur.

215

NA BAIRD.

Faic dealain a' lasadh mu 'n òigh!

### Gatha na gealaich a' togail suasa

Caoineadh anama ainnirean slògh.

O na neoil tha dlù mu 'n cuairt!

Chithear tannais nan sonn a dh'fhalbh :

An sin tha Sàirn na mala donn.

Is dearg-shùil Ehidealain an laoch

220

C' uine dh' éireas an làmh cheal o' n tom?

C' uine air t'neas air fathadh-gheal ó n'fheadair  
C' uine abhuinnear a guth san fhraoch?

This eisigh da b*íarráidh* san t-sliabh.

Ting vigne da li-farraldin san t-snaon.

Chá'n fhaigh iad ciabh, a's aillidh shuadh.  
Ghlacann thíos in aidiúnas a' lathair.

Chithear thu 'n aisling gu d' thrian,  
Gheannadh iad agus fachairt i

-230

Chur sith air an anam fo ghruaim.  
Bithill le lachair, bithill le lachair.

Bithidh do ghuth 'nan cluais gu mall ;  
Bithidh an t-ainm a' bheil aon uisdean.

Bithidh an smaointeán aoibhneach sa  
Bhíodh an smaointeán agus an t-áit

Dh' aisigeas an luaidh gu 'm beachd  
Teachadh iad ailleann Nic

Faich dealain a' lasadh mu 'n òigh;

935

Gathá na gealaich a' togail suas

# Caoin anama ainnir nan slògh!

## CARRAIG-THURA.

---

AN d'fhàg thu gorm-astar nan speur,  
A mhic gun bheud, a's òr-bhui ciabh ?  
Tha dorsa na h-oidhche dhuit rèidh,  
Agus pàilliun do chlos san iar.  
Thig na stuaidh mu'n cuairt gu mall, 5  
A choimhead fir a's gloine gruaidh ;  
A' togail fo eagal an ceann :  
Ri d' fhaicinn cho àillidh 'na d' shuain,  
Theich iadsa gun tuar o d' thaobh.  
Gabhsa cadal ann do chòs, 10  
A ghrian! is till o d' chlos le h-aoibhneas.  
Togar mìle solus suas,  
Ri fuaim tha sèimh o chlàrsaich ghrìnn ;  
Duìsg sòlas an talla nan stuadh ;  
Thill righ nam buadh le 'shluagh gu 'thìr. 15  
Tha còmhstri Charuinn fada uainn,  
Mar fhuaim nach cluinnear ni 's mò :  
Togadh bàird a' chiuil an duain ;  
Thill gaisgeach nam buadh le chliu.  
Mar sin bha focail Ullin chaoin, 20  
Nuair thill an righ o raon nan triath,  
Le 'leadan throm, a b' àillidh ciabh.

Bha mhàile ghorm mu cheann an t-suinn,  
 Mar nial nach trom air aghaidh gréin,  
 Nuair ghluaiseas e 'na éideadh donn,  
 A' feuchainn leth a shoills' san speur.

25

Bha ghaisgich threun an déigh an righ ;  
 Bha fleagh na slige fial an àird.  
 Thionndaidh Fionn ri luchd bu bhinn,  
 Is dh'iarr am fonn o shonn nam bàrd.

30

“ A ghutha Chòna, ’s àirde fuaim,  
 A bhàrda, tha luaidh mu h-aois,  
 Dha ’n éirich, air ar n-anam suas,  
 Feachda mòr nan gorm-chruaidh laoch.

35

’S taitneach leam aoibhneas a’ bhròin,  
 Mar dhrùchd mòthar earraich chaoin,  
 Fo ’n lùb geug dharaig nan tòrr,  
 ’S an duilleach òg ag éirigh maoth.

Togaibhse, mo bhàird, am fonn ;

40

Am màireach bithidh long fo sheòl ;  
 Bithidh m’ astar an gorm-ghleann nan tonn,  
 Gu carraig nan sonn ’s nan seòd ;

Baile uaine Sharno fhial,

A Chaomh-mhala nan ciabh do chònuidh,

45

Far an sgaoileadh Cathul, an triath,

A chuirm air an t-sliabh le mòr-chuis ;

’S lìonor ’na choille tuirc chiar :

Cluinnidh doire nan sìan an t-sealg.”

“ A Chronain, a mhic nan caoin fhonn,

50

A Mhìnhonn nach trom air clàrsaich,

Togaibh sgeul air Silric donn,

Do righ nam mòr-thom ’s nam fàsach.

Thigeadh a’ Bhinnbheul, a’s àillidh,

Mar bhogha braoin, a nall sa’ ghleann,

Nuair dh'fheuchas e cheann san àirde, 55  
 'S a' ghrian a' dol air chùl nam beann.  
 Sud an òigh, a righ nan lann,  
 Le guth fann, is i fo bhròn."

## BINNBHEUL.

Tha mo rùn do shinns're nan sliabh ;  
 'S e sàr shealgair nan ciar ard ; 60  
 Tha 'mhiol-choin a' plosgadh r'a thaobh,  
 A thaifeid chaol sa' ghaoith a' fuaim.  
 'Na shuidh thu aig fuaran nan carn,  
 No aig mòr-shruth ard an aonaich ?  
 Tha 'n luachair ag aomadh fo osaig,  
 An ceathach a' mosgladh san t-sliabh. 65  
 Tairneam air mo rùn fo scleò,  
 Is chitheam an seòd o 'n chruaich.  
 Nuair chunnam na h-òig-fhir shuas  
 Aig daraig Bhrano, 's fuaimear sruth,  
 Thill thu 'n sin gu mòr o 'n bheinn ; 70  
 'S mòr a b' àille thu féin na d' shluagh !

## SILRIC.

C' e 'n guth so tha caoin am chluais,  
 An guth caoin mar fhuaim an t-samhraidh ?  
 Cha suidh mi aig luachair nan cruach, 75  
 No aig tobar fuar nan carn.  
 Fada, Bhinnbhéil, fada thall,  
 Tha m' astar gu blàr le Fionnghal.  
 Cha 'n 'eil mo choin féin ri m' thaobh,  
 No mo chéum air fràoch nan gleann.  
 Cha 'n fhaic mi o ard nan sliabh 80  
 Sàr ainnir nàn ciabh air an raon,

Aig aomadh nan sruth leatha féin,  
 Mar bhogha lùbadh san speur,  
 No gealach air tuinn san iar.

85

## BINNBHEUL.

Dh'fhalbh thu, Shilric, dh'fhalbh thu féin,  
 'S tha mise sa' bheinn am aonar !  
 Chithear am fiadh air a' chruaich  
 Gun duine 'ga ruaig o 'n fheur ;  
 Cha 'n 'eil 'eagal ni 's mò anns a' ghaoith,  
 'S cha 'n 'eil fuaim nan craobh r'a chluais.  
 O' n doire tha sealgair nach faoin ;  
 Tha esan 'an raon nan uaigh.  
 A choigrich, a shiòl nan tonn,  
 Caomhnaibhs' an sonn sa' bhlàr !

90

95

## SILRIC.

Ma thuiteas mi sa' mhagh, a Bhinnbhéil,  
 Togsa dileas gu h-ard m' uaigh,  
 Clacha glas, is meall do'n ùir,  
 'N an comhara do d' rùn, a Bhinnbhéil.  
 Nuair shuidheas an sealgair ri m' thaobh,  
 Is cuirm, 's e faoin, 'na làimh,  
 " Tha gaisgeach," their e, " san fhraoch,  
 " Fear cliu, nach robh baoth sa' bhlàr."  
 Cuimhnich, a Bhinnbhéil, do laoch,  
 Is e 'n tigh caol a' bhàis !

100

105

## BINNBHEUL.

'S ceart gu 'n cuimhnichear thu féin :  
 Tuitidh Silric, mo threun, sa' bhlàr.  
 C' àit am faighear mi, rùin, sa' bheinn,

- 'S nach till thu o bheum a' bhàis ? 110  
 Bithidh m' astar an gleanna nan cruach,  
 Nuair dh'islicheas shuas a' ghrian ;  
 Bithidh mo cheum o aisrigh an t-sluaigh  
 Gu diomhair 's gun tuar san t-sliabh ;  
 Chithear leam àite do shuain 115  
 An àm tionndaidh o ruraig na seilg.  
 'S ceart gu'n tuit Silric sa' bhlàr ;  
 Ach cuimhnichear an sàr leam féin.
- " 'S cuimhne leamsa féin an triath,"  
 Thuirt righ nan coill' ard 's nan sliabh : 120  
 " Chaitheadh leis còmhrag 'na fheirg ;  
 Cha 'n 'eil e san t-seilg fo m' shùil.  
 Chunnacas e aon uair sa' bhlàr ;  
 Bha gruaidh an tréin fo smal gun tuar,  
 A mhala dorch', is spairn a chléibh 125  
 Gu luath, 's a cheum gu h-aird nan cruach.  
 Cha 'n fhaicear e am measg nan triath,  
 Nuair dh'éireas air an sgiath am fuaim.  
 'Na luidh e 'n tigh caol tha ciar,  
 Sàr cheannard shliabh a's duibhie gruaim ?" 130
- " A Chronain," thuirt Ullin aosda,  
 " Togsa dàn nach faoin air Silric,  
 Nuair thill e le buaidh o 'n raon,  
 An déigh Binnbheul, a ghaol, bhi ìosal.  
 Dh'aom e ri cloich ghais a ruin ; 135  
 Bha Binnbheul 'na smaointean beò.  
 Chunnaic e 'n ainnir gu 'cùl,  
 Sa' ghleannan chiuin, 's b' àluinn a scleò ;  
 Ach shiubhail, mar cheò, an sàmhla.  
 Dh'fhalbh dearsa na gréine o 'n raon, 140  
 Cha 'n fhaicear a cruth faoin ni 's mò."

“ Tha mi ’m shuidh aig fuaran fuar  
 Air mullach na cruaiche fo ghaoith,  
 Aona chraobh san osaig a’ fuaim,  
 Tuinn dhorch ’nan ruaig san fhraoch.

145

Tha bruaillean air an linne thall,  
 Féidh a’ tighinn o charn gu raon,  
 Cha’n fhaicear ceum sealgair, ’s e mall ;  
 Tha sàmhchair sa’ ghleann, ’s e faoin,  
 ’S trom an osna, ’s truime smaoin,  
 Nam faicinn mo ghaol san t-sliabh  
 Air seachran an astar an fhraoich ;  
 A’ snàmh air a’ ghaoith a ciabh ;  
 A broilleach bàن ag éirigh ard,  
 A sùil ghorm mu ’cairde làn,  
 A cheileadh le ceò nan carn :  
 Ghabhainn thu, a rùn, am chòir,  
 ’S bheirinn thu gu còmhnuidh t’athar.

150

155

An i féin a chi mi fada thall,  
 Mar dhearsa air carn an fhraoich ?  
 Mar ghealaich an fhoghair ’s i làn,  
 Mar ghréin an stoirm an t-sàmhraidh, caoin ?  
 An tig thu, òigh a’s àillidh ciabh,  
 Thar carraig is sliabh am dhàil ?  
 ’S fann do ghuth, ainnir nan triath,  
 Mar chuiseig ’s a’ ghaoth m’ a ceann.”

160

165

“ Na thill mo ghaisgeach o ’n bhlàr ?  
 C’ aít’ an d’fhàg do chaird’, a rùin ?  
 Chualam mu d’ bhàs air a’ charn ;  
 Chuala, ’s bha m’anam fo mhùig.”

170

“ Thill mi, ainnir nan rosg mall ;  
 Thill mise do thréith am aon ;  
 Cha ’n fhaicear o so iad san t-sliabh ;

- Thogadh leam an uaigh sa' bhlàr.  
C' ar son tha thu t-aonar shuas ; 175  
Air iomall nan cruach leat féin ?”
- “ Am aonar tha mis', a Shilric ;  
Am aonar iosal an tigh geamhruidh ;  
Le bròn thuit mi mu mo luaidh  
Gun tuar anns an uaigh, a Shilric !” 180
- Dh'fhalbh i mar fhaileus fo ghaoith,  
Mar cheò air an fhraoch an gruaim.  
“ Nach fan thu, Bhinnbheil, 's tu faoin ?  
Fan, is faic mo dheoir, 's mi truagh.  
Is àluinn do chruth an ceò, 185  
B' àluinn thu ri d' blièò, a Bhinnbhéil.
- Suidhidh mi aig fuaran fuar  
Air mullach na cruaiche an gaoith ;  
Am meadhon là, is e gun fhuaim,  
Labhairsa, mo luaidh, san fhraoch. 190  
Thigsa, Bhinnbheil, air an osaig,  
Air aiteal an dosan nan carn ;  
Cluinneam do ghuth, is tu 'm fhochair,  
Air meadhon là an sàmhchair thall.”
- Measg aoibhneis an talla nam fear,  
Mar so thog Cronan am fonn ;  
Dh'éirich maduinn a' soills' o 'n ear ;  
Bu ghorm air an lear an tonn.  
Ghairm an righ a shiuil gu crann ;  
Thàinig gaoth a nall o 'n chruaich ; 200  
Dh'éirich Innis-thorc gu mall,  
Is Carraig-Thùra iul nan stuadh.  
Bha comhara beud gu h-ard,  
Teine dall 's a thaobh san smùid !  
Bhuail an righ a chliabh air ball ; 205

Gun dàil bha 'gharbh shleagh o chùl ;  
 Chunnaic e gun chlith a' ghaoth ;  
 Bha 'leadan air a chùl a' strì ;  
 Cha robh sàmhchair an righ faoin.

Thuit oidhch' air Rotha nan stuadh ; 210

Ghabh cala nan cruach an long ;  
 Bha carraig mu iomall a' chuain ;  
 Dh'aom coille thar fuaim nan tonn.

Air mullach bha crom Chruth-Loduinn,

Is clacha mòr nan iomadh buadh ; 215

Air ìosal bha raon gun mhòrchùis,

Agus feur is craobh ri cuan ;

Craobh a bhuan a' ghaoth, 's i ard,

O iomall nan carn gu raon ;

Bha gorm-shiubhal nan srutha thall, 220

Is osag mhall o chuan bha faoin.

Dh'éirich gath o dharaig léith ;

Bha fleagh nan triath air an fhraoch ;

Bha bròn air anam righ nan sgiath

Mu cheannard charraig chiar nan laoch. 225

Dh'éirich ré gu mall is fann ;

Thuit suain nach gann mu cheann nan triath ;

Bha 'n clogaide a' boillsgeadh thall ;

Bha 'n teine call a neart san t-sliabh.

Cha robh cadal mu shùil an righ ; 230

Dh'éirich e am farum a chruaidh,

A shealladh air carraig nan stuadh.

Dh'ìslich teine fada thall,

A' ghealach dearg is mall san ear.

Thàinig osna nuas o 'n charn ; 235

Air a sgiathaibh bha sàmhla fir,

Cruth-Loduinn san lear gun tuar.

Thàinig e gu chòmhnuidh féin,  
 A dhubb-shleagh gun fheum 'na làimh,  
 A dhearg-shùil mar theine nan speur,      240  
 Mar thorrunn an t-sléibh a ghuth  
 An dùbhra dubh fada thall.

Thog Fionnghal san oidhch' a shleagh ;  
 Chualas anns a' mhagh a ghairm.

“ A mhic na h-oidhche, o mo thaobh ;      245  
 Gabh a' ghaoth, agus bi falbh.  
 C' uim' thigeadh tu m' fhianuis, fhir fhaoin ;  
 Do shàmhla cho baoth ri t'airm ?  
 An eagal dhomhsa do chruth donn,  
 Fhuathais nan crom th' aig Loduinn ?      250  
 'S lag do sgiath 's do nial nach trom,  
 Do chlaidheamh lom mar thein air mòr-thonn.  
 Cuiridh osag iads' as a chéile,  
 Agus sgaoilear thu féin gun dàil.

As m' fhianuis, a dhubb-mhic nan speur ;      255  
 Gairm t'osag dhuit féin, 's bi falbh !”

“ An cuireadh tu mi féin om' chrom ?”  
 Thuirt an guth trom a's fàsa fuaim.  
 “ Dhomhsa dh'aomas feachd nan sonn ;  
 Seallam o m' thom air an t-sluagh,      260  
 Is tuitidh iad mar luath am fhianuis ;  
 O m' anail thig osag a' bhàis.

Thig mi mach gu h-ard air gaoith ;  
 Tha na stoirm a' taomadh shuas  
 Mu m' mhala fhuair fo ghruaim gun tuar.      265  
 'S ciuin mo chòmhnuidh anns na neoil,  
 Is taitneach raoin mhòr mo shuain.”

“ Gabhsa còmhnuidh na do raoin,”  
 Thuirt righ nach b' fhaoin, 's a làmh air beirt :

“ Na cuimhnich mac Chumhail air raon ; 270

’S lag do thannais—’s mòr mo neart.

’Na għluais mi mo cheum o ’n bheinn

Gu d’ thalla féin, air raon a’s ciuin ?

’Na thachair mo shleagh, am bheil feum,

An truscan nan speur ri guth 275

Fuathais dhuibh aig crom Chruth-Loduinn ?

C’ uim’ thog thu do mhala le gruaim ?

C’ uim’ chrathadh tu shuas do shleagh ?

’S bęag m’ eagal ri d’ chòmhra, fhir fhaoin.

Cha do theich mi o shluagh sa’ mhagh ; 280

C’ uim’ theicheadh o shiòl nan gaoth

Sàr ghaisgeach nach faoin, righ Mhòrbheinn ?

Cha teich ! Tha fhios, gun bhi dall,

Air laigse do làimhe an cath.”

“ Teich gu d’ thìr,” fhreagair an Cruth ; 285

“ Teich air a’ ghaoith dhuibh ; bi falbh !

Tha ’n osag an crodhan mo làimhe ;

’S leam astar is spairn nan stoirm ;

’S e righ na Soruch’ mo mhac féin ;

Tha ’aomadh sa’ bheinn dha m’ thuar ; 290

Tha a charraig aig carraig nan ceud,

Is coisnidh gun bheud a’ bhuaidh.

Teich gu d’ thìr féin, a mhic Chumhail,

No fairich gu dubhach m’ fhearg.”

Thog e gu h-ard a shleagh dhorch’ ;

Dh’ aom e gu borb a cheann ard ;

Għabb Fionnghal ’na aghaidh le colg,

A chlaidheamh glan gorm ’na làimh,

Mac an Luinn, bu chiar-ħubh gruaidh.

Għluais solus na cruaidhe ro’ ’n taibhs’,

Fuathas dona bhàis fo għruaim.

295

300

Thuit esa gun chruth, 's e thall,  
 Air gaoith nan dubh charn ; mar smùid  
 Bhriseas òg, 's bioran 'na làimh,  
 Mu theallach na spairn 's na mùig. 305

Scread fuathas Chruth Loduinn sa' bheinn,  
 Ga thional ann féin sa' ghaoith.  
 Chual' Innis nan torc an fhuaim ;  
 Chaisg astar nan stuadh le fiambh ;  
 Dh'éirich gaisgich mhic Chumhail nam buadh ;  
 Bha sleagh 's gach làimh shuas san t-sliabh. 311  
 "C' àite bheil e?" 'S am fearg fo ghruaim,  
 Gach màile ri fuaim m' a thriath.

Thàinig ré a mach san ear ;  
 Thill ceannard nam fear 'na airm ; 315  
 Bha aoibhneas air òigridh san lear ;  
 Shìolaidh an anam mar mhuir o stoirm.  
 Thog Ullin gu subhach an dàn ;  
 Chual' innis nan carn an ceòl ;  
 Bha lasair o 'n daraig làn ; 320  
 Chualas sgeul air clann nan seòd.

Shuidh Frothal na Sorucha fo fheirg,  
 Aig craoibh, a bh' air leirg nam frith ;  
 A mhòr-fheachd mu charraig an deirg,  
 'S a shealladh m' an cuairt gun chlith ; 325  
 A bhorb-inntinn air Cathul 's air 'fhuil,  
 Thug dheth cìs air chur nan laoch.  
 Do Annir air Soruch 'na thriath,  
 Athair Fhrothail nan ciar stuadh ;  
 Air muir dh'éirich gailleann nan sian. 330  
 Bhuail Frothal ard innis a' chuain.  
 Tri làithe bha cuirm nach gann  
 An talla Sharn' nan lann gun mhùig ;

Chunnacas leis geug nan rosg mall,  
Sàr Chao'mhal, a b' àillidh cùl.

335

Bha 'ghaol di mar ghaol na h-òige ;  
Mar theine dha 'còir a bha 'thriall.

Eadar Frothal is làmh-gheal nan seòd  
Dh' éirich Cathul, 's bu mhòr an triath :

Las comhstri am meadhon an t-sluaigh ;  
Chuireadh Frothal, bu chòrr, fo iall,

340

Tri làithe bha esa 'na aon,  
An ceangal neo-mhaoth, fo nial ;  
An ceathramh, chuir Sarno nan long  
Ard cheannard nan sonn gu 'thìr.

345

Dhorchaich eud anam an laoich ;  
Ri Cathul las fraoch na feirg.

'Nuair dh' éirich clach Annir le cliu,  
Thàinig Frothal fo mhùig 'na neart ;  
Bha 'n còmhrag mu charraig na smùid,  
Balla Sharno do'n lùb am feachd.

350

Dh' éirich maduinn air innis nan stuadh ;  
Bhuail Frothal le cruidh a sgiath ;  
Ghluais gaisgich fo bhriseadh na fuaim ;  
Bha 'n sealladh gu luath air triall  
Gu muir liath nan iomadh stuadh ;  
Chunnaic iad Fionnghal 'na neart ;  
Thuirt Tubar nam feachd an triath.

355

" Co sud mar ruadhaig an fhirich,  
Le 'uile ghreigh bhiorach 'na dhéigh ?  
A Fhrothail, 's e nàmhaid gun għioraig,  
A shleagh roimhe air iomall an t-sléibh.

360

'S e an gaisgeach, righ Mhòrbheinn, a th' ann,  
Mac Chumhail nan lann 's nam fear.  
An Lochlin tha 'ghniomha nach gann ;

365

- An talla ard a' chuain o 'n ear  
 Thaom e fuil mhear nan laoch.  
 An iarr mi sith o cheann nan treun ?  
 Tha 'chlaindheamh mar dhealan nan speur.”
- “ A mhic gun mheas, a's laige làmh,” 370  
 Thuirt Frothal nan lann, le feirg,  
 “ An gluais m' òige fo nial nach gann ?  
 An géill mi roi' m' àm san leirg ?  
 An géill mi mun d' fhuaireadh leam cìs,  
 Fhaoin cheannaird gun bhrigh o Thòra ? 375  
 C' uim' a theireadh 'an Soruch' an sluagh,  
 Ghluais Frothal mar thuar nan speur ;  
 Thuit smal air a theine gu luath ;  
 Cha chluinnear air duan 'na dhéigh ?  
 A Thubair, cha ghéill mi, ri m' bheò ; 380  
 Bithidh cliu mar sholus mòr mu 'm chuairt ;  
 Cha ghéill gu m' thuitem fo scleòd,  
 A thriath Thòra nan sruth fuar.”
- Ghluais an triath le neart a shluaign ;  
 Ach thachair iad shuas ri carraig ; 385  
 Gu daingeann sheas Fionnghal nam buadh ;  
 Theich iadsa brist' o chruaidh an laoich ;  
 Cha do theich iad gun bheud o 'làimh,  
 'S a shleagh na deann anns an ruraig.  
 Bha 'n raon fo thuitem nan triath ; 390  
 Ghabh cruach nan sìan na mhair.
- Chunnaic Frothal sàmhach an ruraig ;  
 Dh'at anam fo bhuaireadh feirg ;  
 Dh'aom e 'shùil reachdor an gruaim ;  
 Ghairm thuige Tubar nach maирg. 395  
 “ Thubair, theich mo shluagh san strì ;  
 Tha mise gun chli, 's gun chliu ;

Buaileam sa' charraid an righ ;  
 \* Las m' anam le brigh gun mhùig.  
 Cuirsa bàrd g'a ghairm gu còmhrag : 400  
 Na labhair an aghaidh mo mhiann.

A Thubair, air ainnir gun mhòr-chùis,  
 Geug òg, tha m' anam gun ghìomh ;  
 Tha 'còmhnuidh aig Taine nan sruth,  
 Nighean, 's gile cruth, aig Herminn, 405  
 Utha àluin nan rosg mall.  
 Bha h-eagal mu Chao'mhal, tha fuar ;  
 A h-osna gu diòmhair is truagh,  
 Nuair a thog mi suas mo shiuil.  
 Aithris do Utha na cruit ghrinn,  
 Gu 'n robh m' anam do 'n mhìn-gheal làn." 410

Mar sin bha focail an tréith,  
 'S e càramh a sgéithe r'a thaobh.  
 Bha osna chaoин-Utha san t-sliabh ;  
 Lean ise o chian an laoch, 415  
 Fo mhàile 's fo àrmaibh òig-fhir,  
 Bha sùil gu diòmhair air an t-sonn,  
 'S i coimhead gu trom o 'cruaidh.  
 Chunnaic ise am bàrd a' triall ;  
 Thuit san t-sliabh a sleagh o 'làimh ; 420  
 Bha 'leadan air gaoith nan sìan ;  
 Air osna dh'éirich a h-uchd bàн ;  
 A' sealladh suas air righ nan long ;  
 Thòisich is thosd i tri chuairt.

Chuala Fionnghal guth a' bhàird ;  
 Ghrad-thàinig e nall 'na chruaidh ;  
 Bha 'shleagh, an cunnart nach mall,  
 Is dealan a lann mu 'n cuairt.  
 O Fionnghal thuit beum neo-fhaoin ; 425

Chaill Frothal an laoch, a sgiath : 430

'Nuair nochdadadh gun mhàil' a thaobbh,  
Dh'aom bàs thar smaoinean an triath.

Chuairtich dorchadas air ball

Anam Utha non rosg mall ;

Shil na deoir air a gruaidh chaoin ; 435

Ghrad-ghluais i do'n laoch le 'sgiath.'

Ghabh darag a ceum 's i triall ;

Thuit i sìos air a ruigh bhàn.

Leum a clogad air an t-sliabh ;

A broilleach geal ag éirigh thall ; 440

A ciabh nach gann air lär 's i truagh !

Ghluais tiomachd air anam an righ,

Mu òigh mhìn bu ghile làmh ;

Chaisg e 'chlaidheamh anns an strì ;

Thuit deoir neo-chli o righ nan lann : 445

" A thriath na Sorucha 's fuaimear sruth,"

'S e togail a ghuth le spairn,

" Cha 'n eagal duit mo chruaidh an diugh ;

Cha robh riamh fuil air mo lainn,

'Nuair ghéilleadh an dàimh sa' chòmhrag ; 450

Biodh aoibhneas air anam do shlòigh,

Aig sruthaibh mòr do thalmhain fèin ;

Biodh aoibhneas ortsa, ainnir chòrr ;

C' uim' thuiteadh an t-òg sa' bheinn,

A righ na Sorucha nan tuil làn ?"

Chuala Frothal guth an laoch ;

Chunnaic òigh bu chaoin ag éirigh.

Sheas iad 'nan sgèimh san fhraoch,

An sàmhchair, nach b' fhaoin, le chéile,

Mar dhà chraoibh òg araon fo bhlàth,

An iomall fàsaich tlàth, 's iad gorm,

460

Drùchd earraich a' sileadh o 'm barr,  
'S a' ghaoth 'na luidhe thall san ord.

- “ Nighean Hermain o thìr nan stuadh,”  
Thuirt Frothal nam buadh gun dàil, 465  
“ C' uim' thàinig 'na d' àille thar cuan,  
Gu m' fhaicinn gun chruaidh fa'n làr ?  
Ach tha mi gun chruaidh aig treun,  
Oigh gun bheud nan réidh rosg mall ;  
Cha laigse a bhudadhaich, a gheug, 470  
Thar mac Annir, bu treun làmh.  
'S garbh 's is mòr thu féin, a righ,  
An carraig 's an stri nan sleagh ;  
Ach 's caoin thu, ghaisgich, an sìth,  
Mar a' ghrian air drùchd mìn sa' mhagh ; 475  
Togaidh dìthein ùr a cheann ;  
Crathaidh osag mhall a sgiath.  
O b'fhearr gu 'm biodh tusa féin  
An Sorucha nan teud 's nam fleagh,  
Gu faiceadh tréith Shoruch' am dhéigh 480  
D'airm 'nuair bhiodh aoibhneas sa' mhagh ;  
Bhiodh aoibhneas mu chliu an sinns're,  
A chunnaic san stri righ Mhòrbheinn !”
- “ Mhic Annir,” fhreagair an' righ,  
“ Cluinnidh aimsir sìos ar cliu ; 485  
'Nuair sheasas na gaisgich san stri,  
Eiridh neart nan dàn gun mhùig ;  
Ma shineas iad air laigs' an cruaidh,  
Is fuli nan truagh m' an cuairt do 'n lainn,  
Cha togar le baird an duan, 490  
Cha 'n fhaicear an uaigh no 'n carn.  
Thig coigrich a thogail tùir,  
Is cuiridh iad an ùir thar làimh ;

- Chithear claidheamh meirg san smùir,  
Fear ag aomadh o chùl ag ràdh, 495  
' Bhuin na h-airm do sheoid, tha fuar ;  
Cha chualas an luaidh 'sna dàin.'  
Thigsa, Fhrothail, thar an t-sliabh,  
Gu fleagh nan triath an innis nan stuadh ;  
Thigsa, ainnir an fhuilt chéir, 500  
Ghaoil gaisgich nan sgiath o thuath ;  
Thigibhse gu cuirm nan laoch,  
'S bithidh aoibhneas a' glanadh ar gnùis.'"
- A shleagh 'na làimh, 's a cheum treun,  
Ghabh Fionnghal dha féin an sliabh. 505  
Dh'fhosgail dorsa Charraig nan ceud ;  
Fhuaradh cuirm nan slige fial ;  
Dh'éirich suas fuaim mhaoth nam fonn ;  
Bha sòlas an talla nan sonn.  
Chualas guth Ullin nan duan, 510  
Is cruit Shelma, mu 'n cromadh an cuan.  
Bha Utha fo aoibhneas 'na chòir ;  
Dh'iarr i duan tuirseach a' bhròin ;  
Deoir ag iadhadh mu 'rosig mall,  
'Nuair labhair Cridh-mòr nan caomh-dhàn, 515  
Nighean Rinmhail nan geur lann,  
Ghabh tunaidh aig sruth na Lòtha.  
Ge b' fhada, bu chaoin an duan ;  
'S bha gheug ghasd o thuath fo aoibhneas.

## CRIDH-MÒR.

- Co thig cho sàmhach o 'n aonach,  
Mar nial o 'n iar, 's a thaobh sa' ghréin ? 520  
Co dha 'm bheil an guth cho caoin,  
Cho labhara ri gaoith sa' bheinn,

'S e taitneach mar chaol-chruit Charuill ?

'S e mo sheòd, 'na shoills', a th'ann, 525

Sàr ghaisgeach nan lann fo bhròn.

'S dorcha tuar do mhàla thall ;

Am bheil Fionnghal an triath gun deò ?

C' uime tha do ghruaim 's do bhròn, a Chonaill ?

### CONALL.

'S beò an triath o iul na seilg ; 530

Thill laoch na feirg mar sholus còrr ;

Tha grian air sgiath nan cop gun mheirg,

E féin san leirg mar sholus mòr.

'S labhara guth 'oigridh thall !

Tha carraid nan lann a' triall. 535

Am màireach thig an Dearg a nall

Chur còmhraig air clann nan triath,

Clann an righ, a's gloine cruidh,

Sìol stoirméil nan creuchd 's nam buadh.

### CRIDH-MÒR.

Chnnnaic mi, Chonaill, a shiuil 540

Leathan mar liath-mhùig nan tonn ;

Bu mhall gu tràigh a bha 'n iul ;

'S lionor laoch aig Dearg nan long.

### CONALL.

Càirich sgiath t' athar ri m' thaobh,

An sgiath chruaidh chopach bh' aig Rinmhal ;

An sgiath mar ré làn nach faoin 546

A' siubhal ro' speur fo iorguil,

'S i dubh agus ciar 'na tuar.

## CRIDH-MHÒR.

Càireamsa gu luath an sgiath,  
 O nach do thearuinn triáth nam buadh. 550  
 Thuit e le Cormar san t-sliabh ;  
 'S maith gu 'n tuit thu féin, a Chonaill.

## CONALL.

'S maith gu 'n tuit ; ach togsa m' uaigh,  
 Chridh-mhòir nam buadh. Biodh liath-charn  
 Is meall dhe 'n ùir air taobh nan stuadh, 555  
 A chur m' ainm 's mo chliu ro' àm.  
 Aomsa do rosg dearg fo dheoir,  
 O iomall nan tòrr thar m' ùir ;  
 Buailsa d' uchd àluinn am bròn,  
 Is ann am dhéigh cum beò mo chliu. 560  
 Ge h-àillidh thu na 'n solus féin,  
 Mar aiteal an t-sléibh do ghuth ciuin,  
 Cha 'n fhan mi ri d' thaobh sa' bheinn ;  
 Tog thusa am dhéigh mo chliu.

## CRIDH-MÒR.

Cuirear airm sholuis am làimh,  
 Lann gorm geur, agus sleagh chruaidh ;  
 Tach'ram ris an Dearg gun dàil,  
 Na m' chobhair sa' bhlàr dha 'm luaidh.  
 Slàn leibh, a chruach nam beann ard,  
 A dheirg nam barr is sruth nan carn, 570  
 Cha till sinn air ais o 'n bhlàr ;  
 Eiridh ar n-uaigh fada thall !



\* \* \* \* \*

Tri làithe mhair cuirm dha na laoich ; 575  
 An ceathramh sgaoil araon an siuil.  
 O Thuath shéid neartor a' ghaoth ;  
 Bhuail Fionnghal gu tìr gun mhùig,  
 Coille Mhòrbheinn nan tùr ard.  
 Shuidh air nial fuath dubh Chruth Loduinn, 580  
 'N déigh Fhrothal air àros nan stuadh,  
 'S e 'g aomadh air osaig nam mòr-thuinn,  
 Siuil bhàin air aghaidh a' chuain :  
 Air a lot bha smaoin an tàibhs',  
 Agus eagal o làimh an righ. 590

727. Feb 1862.

The story is current in  
in the Dennis MSS. 1530  
but this version will not be at

## CARTHONN. a.e. It is

Original title  
and manuscript  
written on

---

SGEUL ri aithris air àm o aois ;  
Gniomha làithe nam bliadhna dh'aom.

Do thoirnesa, a Lòra nan sruth,  
Thog cuimhne an diugh air na thréig,  
Fuaim coille Gharmallair nan craobh !

5

Sèimh a guth do m' chluasaibh féin.

Am faic thu, Mhalmhìna nan seòd,  
Carraig mhòr, is a ceann am fraoch ;  
Tri giubhais ag aomadh o 'n tòrr,

Caoin ghlasra tha còrr r' a taobh ?

10

An sin tha dìthein thlà nan gleann,  
A's gloine ceann, a' crith fo ghaoith ;  
An cluaran glas air chrom nan carn,  
Call gu mall a chalg le h-aois ;

Dà chloich gu an leth anns an ùir,

15

An còineach fo smùr air an raon.

Theich fiadh o iomall a' chuirc  
Ann do chuireadh air chùl an laoch.

Tha tannas caol, is faoin, is fuar,  
Mall ag aomadh mu uaigh an t-seòid :  
Na tréin, a Mhalmhìna nam buadh,  
Aig iomall nan stuadh fo 'n tòrr !

20

Sgeul ri aithris air àm o aois ;  
Gníomha làithe nam bliadhna dh'aom.

Co sud, tha o thìr nan dàimh,  
Le mìlte mu làimh fo chruaidh ? 25  
Tha dearsa na gréine m'a cheann,  
A chiabh fo strì ri gaoith nan stuad.  
Tha ghnùis a' sioladh sìos gu sìth,  
Cho ciuin, a righ, ri feasgar thall, 30  
'Nuair thearnas gath o iar nam frith,  
Air caol-ghleann Chòna nan sruth mall.  
Co th' ann, ach mac Chumhail nan treun,  
Ard righ nam beum, nam beusa mòr ;  
Faicinn a gharbh mhonaídhe fèin ; 35  
A mhilte gun bheud bu chòrr.  
" Togar guth," thuirt bàrd bha liath ;  
" Dh'aom nàimhde fo fhìamh air leirg,  
Clann na tire fad o iar,  
Righ talla nan sgiath fo mheirg, 40  
A dhearg-shùil a' siubhal am mòr-chuis,  
E tarruing lann mhòr nan triath.  
Theich air raon nan crualach gníomh,  
Clann na tire fad o 'n iar."  
Mar so mhosgail guth nam bard, 45  
'Nuair-thàinig gu talla Shelma nan stuad,  
Mile solus a' losgadh mu 'n aird,  
A diòl dhealan am meadhon an t-shluagh ;  
A chuirm an ard thalla nam buadh :  
Dh'aom oidhche gu luath le sòlas. 50

" C'àite bheil triath nan cleasa mòra ?"  
Thuirt Fionnghal, a's aillidh cùl ;  
" C'àite, measg sòlas nan seòd  
Garbh bhrathair na còrr òighe Muirn ?

- Dorcha, mall tha 'laithe triall 55  
 An toirm ghleann nan sìan mu Lòra.  
 Faic ! is esa tha tearnadh o shliabh,  
 Mar steud-each gun srian am mòr-chuis,  
 'Nuair chithear an t-eachradh m' an raon,  
 Agus foghar na gaoith na shròin. 60  
 ' Ceud fàilt air Cleasamor nach faoin !  
 C' uim' cho fada o Shelma nan corn ?  
 " 'Na thill an righ,'" 's e fhreagair an triath,  
 " Gu monadh nam fiadh le chliu ?  
 Do mholadh mar Chumhal nan srian, 65  
 An còmhrag nan sgiath gu chùl ?  
 Bu tric thar Carunn bha sinn a' triall  
 Gu talamh is céire dàimh :  
 Cha do thill sinn gun fhuil air ar sgéith ;  
 Cha robh sòlas air tréith nan lann. 70  
 C' uim' tha cuimhne air àm nam blàr,  
 Is mo chiabha gu 'm barr cho liath ?  
 Chan aithne do 'n bhogha mo làmh ;  
 An diugh is eatrom mo shleagh 's mo sgiath.  
 Nan tilleadh sòlas dhomhsa féin, 75  
 Mar chunnacas air cheud an òigh,  
 Urla shneachda nan dàimh treun,  
 Maona ghlan do'n géille slòigh,  
 Ainnir àillidh nan rosg ciar !"  
 " Aithris," thuirt an righ le fòill, 80  
 " An sgeul m' an òigh, a thriath.  
 Mar nial air gath gréine tha do bhròn ;  
 Tha t'anam fo cheò nach cròn ;  
 'S dubh-dhorcha do smaointe, ard laoich,  
 A' t'aonar mu Lòra nam fuaim. 85

Cluinnear mu t'òg-bhròn nach faoin,  
Air a' cheò a chuir t'aois fo ghruaim."

" Iadsa làithe na sìth a bh'ann ; "

Thuirt Cleasamor nan lann, an triath,

" Bhuail mi gu Bailechluthai nan tùr ard, 90  
Nam balla cam, an eathar ciar.

Chuir gaoth mo shiuil bhàn fo ruaig  
Gu cal' air Claidh nan sruth sèimh.

Tri làithe thogadh fleagh agus cuirm  
An talla Rurmhair nan corn fial ; 95

Chunnacas urla soluis na mûirn,

Maona ghasda nan tùr 's nan triath.

Chuireadh sòlas na slige m' an cuairt ;

Thug Rurmar nam buadh an òigh,

A broilleach mar chobhar nan stuadh, 100

A sùil reul sholuis an t-slòigh ;

Dubh mar am fitheach a ciabh ;

B' àillidh na 'ciabh a gnè.

Mòr m' annsadhbh air ainnir nan triath,

Maona ghasda air sliabh nan réidh. 105

Chunnacas mac coigrich nan sgiath,

Og a dh'imich a thriall do Mhaona ;

Chualas fhocail an talla nan triath ;

Leth-thairngeadh leis sgian nach caol.

' C' àite bheil ard Chumhal nan lann, 110

Fear astaïr nan gleann gun raon ?

Bheil Cumhal is gaisgich san àm,

Thusa ladorna, dàñ, is faoin ?

" Tha m' anam, thuirt mise, a thriath,

A' lasadh gu thrian leis féin ;

Gun eagal tha Cleasamor fo 'sgiat,

Measg mhìlte, ge ciar na tréin. 115

'S mòr t'fhocal, mhic coigrich nan lann,  
 Agus mise san àm am aonar ;  
 Tha mo chlaidheamh crith-mhosgladh gu cheann ;  
 Grad a b' àill leis mo làmh ag aomadh  
 Gun fhocal eile air Cumhal nan ceud,  
 Mhic Chlutha o na thréig an sruth."

Dh'éirich neart agus ardan na h-òige ;  
 Bhuail, is thuit an triath mòr fo chruaidh. 125  
 Chuala Clutha air bruachaibh na seoid ;  
 Las mile sleagh còrr m' an cuairt.

Chuir mi cath : thug coigrich buaidh :  
 Leum mise grad an Cluaith nan sruth ;  
 Sgaoil mo shiuil bhàn air cuan,

A' beumadh ro' stuadha dubh.  
 Thàinig Maona truagh fo dheoir,  
 Ag aomadh nan rosg bròin o speur :  
 Chualas a guth, 's e dubh is beur.

Tric a thill mi féin an long ;  
 Bhuadhaich tonn is gaoth o 'n ear ;  
 Ni 'm facas Clutha chaoin o 'n uair,  
 No Maona nam buadh, nan ciabh ciar :

Thuit ise mu Chluthai gun tuar ;  
 Chunnacas tannas bha fuar air sliabh. 140

Dh'aithnich measg na h-oidhche a triall,  
 Ise an iomall nan sìan an Lòra ;  
 A caol ghath mar ghealach as-ùr,  
 Sealladh sìos o mhùig nan speur,  
 'Nuair thuiteas an sneachda gu dlùth,  
 An domhan fo smùr gu léir.' 145

" Togaibh, bhàrda caoin, am fonn,"  
 Thuirt Fionghal, ard shonn nan sgiath ;  
 " Togaibh moladh mìn Mhaona nan tonn,

- Is i codal am fonn nan sliabh ; 150  
 Gairmear a h-anam gu mall fo dhuan  
 Gu 'talamh' nan stuadh mòr.  
 A caoin astar mu iomall nan cruach,  
 Air Mòrbheinn, nach truagh òigh ;  
 Gathaibh gréine nan laithe dh'aom, 155  
 Sòlas banail nan daoine bh' ann.  
 Chunucas balla Bhaile Chluthai nan lann,  
 Air nach éirich ach gann guth slòigh ;  
 Anns an talla bha teine nach mall ;  
 An diugh gun chaidre measg tréith is òigh : 160  
 Dh'aom Clutha ; sruth eatrom air raon  
 O ard bhallaibh, thuit claon fo smùr.  
 An sin cluaran a' gluasad fo ghaoith,  
 Agus còineach a' caoineadh fo thùr ;  
 An sionnach ruadh 'na uinneig féin, 165  
 Mall lùbadh an fhéir m'a chùl.  
 Is fàsach còmhnuidh Mhaona nan teud,  
 Doilleir talla nan ceud san tùr.  
 Togaibh, bharda, bròn nam fonn  
 Mu thalla nan tonn, a bh' ann ; 170  
 Thuit na treuna fada fo thom ;  
 Thig làithe nan sonn a nall.  
 C' uim' a thogadh leat talla nan corn,  
 Mhic aimsir, a's liomhoire sgiath ?  
 Thu coimhead an diugh o 'n tùr mhòr, 175  
 An t-ath là fo scòrr nan sliabh.  
 Cha mhall na bliadhna 's cumhachd triall,  
 Le osaig nan ciar mhonadh fàs  
 A' gairm an talla nan triath,  
 A thuiteadh gu trian air làr. 180  
 Thigsa, chiar osag, o mhonadh fàs ;

Bithidh sinne sàr 'nar làithe féin ; ,  
 Bithidh comhara mo lann am blàr ;  
 Bithidh m' anam aig bàrd an tréin.

Togaibhse fonn, cuiribh slige m' an cuairt ; 185  
 Biodh sòlas r'a luaidh aím chòir.

'Nuair dh'aomas tusa, chi mi shuas,  
 Ma dh'aomas tusa, a sholuis mhòir ;  
 Ma ta air àm, air àm gun tuar,  
 Mar Fhionnghal a's luaithe ceum ; 190  
 'S ceart co fada mo chliu 's do dhearsa."

Mar sin a thog an righ am fonn,  
 Air làithibh nan sonn a b'àirde gnìomhlì ;  
 Làn mhìle fear focail shuas,  
 Ag aomadh gu luaidh an righ. 195

Bu chosmhuil sin ri fuaim nan teud,  
 'Nuair dh'éireas a' ghaoth mall o 'n ear.  
 B'àillidh do smuainte féin, a thréin ;  
 C' uim tha Oisian a' d' dheigh gun neart ?  
 Ach seasaidh tu, athair, leat féin ; 200  
 Co e coimeas righ Shelma nam feart ?

Chaidh an oidhche thairis am fonn ;  
 Dh'éirich maduinn le sòlas còrr ;  
 Chunucas monadh thar liath cheann nan tonn ;  
 An gorm chuan fo aoibhneas mòr ; 205  
 Na stuaidh fo chobhar, ag aomadh thall,  
 Mu charraig mhaol bha fada uainn ;  
 Għluais ceò o linne gu carn.

Sàmhla dall is aosd' o chuan ;  
 Cha robh shiubhal mar shiubhal nam fear, 210  
 Nan garbh chruth o lear le ceum ;  
 Caol thannas ag aomadh o 'n ear,  
 'Ga għiùlan air leth nan speur.

Gu Selma mhòr għluais an cruth,  
Tuiteam dubh mar fhuil air raon.

215

Chunnaic an righ an sealla trom,  
Bàs nan daoine tighinn a nall.

Thàinig do thalla nan sonn ;  
Għlac e sgiath Chumhail 'na làimh ;  
Chluinntे scread na màile cruaidhe.

220

M' an cuairt għrad-éirich na laoich ;  
An sàmhchair sheas treun-fhir an t-sluaigh,  
Gach sùil air righ fuar-ghleann an fhraoich,  
An còmhrag a' snàmh air a għnūis,  
Bàs an t-slòigh ag iadhadha ma shleagh.

225

Dh'ēirich mīlie sgiath an aird ;  
Làn mhile claidheamh dubh-ghorm geur  
A' dealradh glan an talla Shelma,  
Screadadh truagh air cruaidh nan arm,  
Donnal balbh nan luath-chon còrr :  
Gun fhocal, gun ghuth o cheann ;  
Gach sùil air lainn is tuar an righ,  
Esa tarruing a shleagh o 'chùl.

230

“ A shiòl Mhòrbheinn, a's lìonmhor treun,  
Cha 'n àm so do theud no fial :

235

Tha còmhrag a' dùbhradh romham féin,  
Bàs a' dorchadh mu chruaich nan sliabh ;  
Tannas faoin, do 'n annsadħi cliu,  
Feuchainn dhuinn na dàimh olear :

O 'n uisge thàinig suas a' mhùig,  
Comħara garbh chunnart nam fear.  
Gach làmh air sleagh, a's gloine crann ;  
Gach slios fo lainn tha guineach geur ;  
Dubh-chlogaid ag éirigh mu gach ceann ;  
Gach màile thall mar theine speur.

260

265

Mar stoirm tha 'n còmhrag tional shuas ;  
Cluinnear luath guth fuar a' bhàis.

Dh'imich an righ, is lean an sluagh,  
Mar nial stuaidh làn tein is toirm,  
'Nuair thig an caol dhealan o thuath 250  
Do mharuiche truagh le stoirm.

Air Còna sheas na fir am fraoch ;  
Chunnaic òigh' nan uchd glana na tréin,  
Mar bhadain nan geug na laoich.  
Chunnaic bàs measg òig-fhear nam beum, 255  
Na rosga'mall air cuan le fìamh,  
Air cobhar bha triall mar sheoil ;  
Deoir a' siubhal lic bhanail gun ghìomh,  
Spairn anama mu ghnìomh nan seòd.

Gluais an solus suas air cuan ; 260  
Mòr chàbhlach air stuadh mar cheò ;  
Air tràigh thaom na treuna gu luath.  
Measg tional a shluaign bha seòd,  
Mar cheannard ruadh-eilid nan cruach,  
A sgiath bhallach, uallach, uasal, òir ; 265  
Bu duineal, còrr, righ mòr nan sleagh,  
A thriall gu sàr Shelma nan tòrr ;  
A mhilte 'na chòir air magh.

" Gluais le focal caoin na sìth,  
Gluais, Ullin, gu righ nan lann ; 280  
Innis da sa' chòmhrag ar brìgh,  
Ar naimhde measg fuaith nam fann ;  
Gur mòr an cliùs' a thog ar fleagh,  
An talla farsuing, a's fial bàigh.  
Feuchai iadsa do 'n sinns're gach sleagh 285  
O thìr fad'uainn nan treun dàimh ;  
Ionadh sud do chlann coigrich gun ghìomh,

'Cur fàilt air cairde do thriath Mhòrbheinn.  
Chualas thall mu ghnìomh nam buadh ;  
Chrith righre measg ardan an sluaigh,        290  
Is an domhan a' luaidh oirnne."

Għluais Ullin le focal caoin ;  
Sheas righ nach robh faoin r'a shleagh ;  
Chunnaic e nàmhaid san raon.  
" Ceud fàilt air mac coigrich nam fleagh !        295  
Mall is mòr do cheum o lear :"

Thuirt Fionnghal nam fear 's nam faobh ;  
' Do lann mar ghath teine o 'n ear  
Dol seachad gu mear ri do thaobh ;  
Cha mhò gealach mhòr nan speur        300  
Na do sgiathsa féin, a laoich !

Dearg do ghruaidh, is òg do shnuagh,  
Caoin leadan nam buadh mu d' cheann !  
Ach dh'fhaoidte gun tuit an crannsa gu luath,  
Gun chluinntinn m'a luaidh sa' ghleann.        305  
Bithidh dòruinn chiar air òigh nan tonn,  
I' coimhead air dronn an t-sàil.

Their leanabh ceart fhaicinn na luinge,  
' Righ baile nan sonn a t'ann !'

Na deoir tigh'n o dhearg shùil do mhàthar        310  
Mu do chadal an cathair nam mòr-bheann."

Sud focala fein an righ :  
Thàinig Ullin na brigh do 'n triath ;  
Thilg e sleagh fada air frith,  
Roi' Charthonn le sìth fhial,        315  
Is e togail an fhuinn gu mall.

" Thig gu cuirm Fhionnghail nam beann,  
Gharbh Charthuinn o ghleann a' chuain ;  
Thig gu cuirm an righ a nall,

Neo tarruing an lann gun bhuaidh. 320

Is liomhor taibhs' ar naimhde, a threin ;  
Ach clùthar sinn féin 's ar càirde.

Faiceadh Carthonn an raon gu léir,  
'S iomadh gorm thom ag éirigh arda  
Le clachaibh glas is feur fo fhuaim ; 325  
Naimhde Fhionnghail fo uaigh a' t' ann,  
Na dàimh, a dh' aisig ràmh thar cuan.'

" Am bheil do ghuth ri taibhs' nan àrm ?  
Thuirt Carthonn, " a bhàird bhrais o Mhòrbheinn ?  
'Na chaochail mo thuarsa gu glas, 330  
Mhic fhonn, nach 'eil cas gu còmhrag,"  
An dùil leat m' anam adhlac' an scleò  
Le sgeulaibh nam beò a dh'fhalbh ?

Chosgair an làmhs' an carraig na seoid ;  
Air mo chliu clia 'n 'eil còmhra balbh. 335

Gu laigse nan làmh le fonn ;  
Géilleadh iadsa do'n t-sonn Fionnghal !  
Nach fhacas Bailclutha nan long,  
Is an suidhe air tom gun iorguil ?  
Innis so do mhac Chumhail, a bhàird, 340  
Cumhal, a thilg a theine suas,  
An talla Chluthai nam bruach ard,  
Aite còmhnuidh mo shinns're ri stuadh."



## OIGH-NAM-MÒR-SHÙL.

---

MAR ghluaiseas solus speur fo scleò  
Air Larmon mòr a's uaine tom ;  
Mar sin thig sgeul nan triath nach bed  
Air m' anam is an oidhche trom.  
'Nuair thréigeas filidh caoin a mhuirn,  
A chlàrsach chiuil san talla ard ;  
Thig guth gu cluais Oisein o chùl,  
Mosgladh anma an tòr nam bard.  
'S e guth nam bliadhna thuit a ta ann,  
Tional uile a nall le 'n gnìomh.  
Glacam-sa na sgeula nach fann,  
Cuiream siòs iad am fonn gun ghìomh.  
Cha shruth tha dorcha fonn an righ,  
'Nuair dh' éireas e measg strì nan teud ;  
O làimh-ghil an Lutha nam frìth  
Malmhìna, cruth clith gun bheud !  
A lutha nan teud a's gloine fuaim !  
Gun sàmhchair air do chruachan ard,  
'Nuair shiùbhlas, geal-làmh na stuaim  
Air clàrsaich fo dhuan nam bard.  
Sholuis nan smuainte dorcha truagh,  
Tha tarruing suas air m' anam dall ;

5

10

15

20

A nighean Thoscair nan ceann-bheart cruaidh,  
Thoir cluas do chaoin fhuaim tha mall !

Gairmsa air ais gu luath 25

Na bliadhna gun tuar, a bh' ann.

An làithibh an righ, bu cholgach snuagh,  
Mo chiabha, 'nan dual mar chuach nan òigh,  
Sheall mi air Cathlinne nan stuadh,  
O dhruim a' chuain, fo ghruaim gun cheò. 30

M' astar gu innis Fuarfead thall,  
Mòr choille nan crann san t-sàil.

Chuir righ nan sonn air tonn mo lann,  
Le beum nach fann, gu nàimhdibh righ  
Mhalorchoil nam fuar fead chrann,  
Fear cuirte nach robh gann an sìth.  
Ghluais còmhrag o chuan m'an triath.

An cala Choileid thrus mi mo sheòl,  
Chuir mi 'n lann gu fear mòr nam fleagh ;  
Dh' aithnich es' ard-shuaiseantas nan seòd, 40  
Agus dh' éirich le mòrchuis a shleagh.

Dh'imich triath o 'thalla ard,  
Ghlac ésa mo làmh le fìamh :

" C' uime thàinig siol Mhorbheinn nam bard  
Gu duine gun chàil, gun ghnìomh ? 45  
Tonthormod nan lann geur 's nan sleagh,  
Fear cuirm agus fleagh an Sardronlo,  
Dh' iadh a shùil mu m' nighinn chaoin,  
Oigh-nam-mòr-shùl a's gloine ùrla.

Dh' iarr esa, 's dhiùlt mi 'n òigh ;  
Le mòrchuis bha ar sinns're fo naimhdeas.  
Thàinig e le còmhrag bu chòrr,  
Gu Fuarfead nan seòl le gàmhlas ;  
Thaom e mo shluagh air mo shluagh.

C' uime thàinig gu tuath an triath,  
Gu duine, 's e tuiteam gun ghnìomh ?”

“ Cha d'thàinig mar bhalachan neo-threun  
A choimhead gun fheum air strì ;  
Tha cuimhne do 'n mhòr righ ort féin,  
'S air do chuirimbh gun bheud an sìth.  
Thàinig an righ o ard thonn sìos,  
Air innis nam frìth 's nan crann ;  
Cha bu nial thu am meadhon nan sìan,  
Bha fleagh, bha fial, bha dàn.

'S e furan, a thriath, thog mo lann ;  
'S math gu 'm fairich do naimhde a càil.  
Ni 'n di-chuimhn ar cairde an àm,  
Ge fada sinn thall air sàil.”

“ Shàr mhic Thréinmhoir nan colg sheòl,  
Tha do ghuth mar Chruth-Loduinn beur,  
'Nuair a labhras o bhrise an neoil,  
Fear tuinidh ro mhòr nan speur.  
'S iomadh sonn a chrom air fleagh,  
Nach tog an diugh sleagh air mo dhòruinn :  
Mo shùil air gaoith a' chuain, 's i caochladh,  
Cha 'n fhaicear air chaol na seoil chòmhlnard.  
Tha stailinn san talla le saoibhneas,  
Gun slige bhreac chaoin le sòlas.  
Thig-sa, shìol nan triath, a nall ;  
Tha 'n oidhche mu charn, 's i ciar ;  
Cluinn-sa guth, a's gloine fonn,  
O òigh nan tonn a's fuaire feed.”

Air clàrsaich ghrinn nan iomadh teud  
Dh'éirich làmh-gheal, rùn nan ceud,  
Oigh-nam-mòr-shùl, b' àillidh snuagh.  
An sàmhchair sheas mi fada thall ;

55

60

65

70

75

80

85

- Mar sholus ainnir nan ciabh mall,  
 Ainnir àillidh innis nan stuadh.  
 'Dà shùil a' dearsa mar dhà reul  
 Sealltuinn ro' dhubh-bhraon nan speur, 90  
 Fear seachran a' chuain a' coimhead suas,  
 Air gathaibh glan air stuadh na h-oidhche.  
 Għluais mi le madainn gu còmhrag,  
 Gu Tormul nam mòr shruth o charn.  
 Thàinig an nàmhaid air chòmhla ; 95  
 Sgiath Thòrmoid nan cop 's nam ball.  
 O thaobh gu taobh sgaoil an strì ;  
 Thachair Tormod is mi sa' chruadal ;  
 Bhriseadh leam staileann gun bhrigh :  
 Fo cheangal chair righ nam fuar-thonn. 100  
 Thug mis' a làmh fo neart nan iall  
 Do shlige na fial Malorchsel ;  
 Dh' éirich sòlas na cuirm' air an triath ;  
 Thuit naimhde o thrian na droch-bheirt.  
 Thionndaidh Tormod fada thall 105  
 O nighinn àillidh nan rosg mall.  
 " Mhic Fhionnghail," so thòisich an righ,  
 " Cha 'n ann gun bhrigh a théid thu uam ;  
 Cuiream solus san luing 'an sìth,  
 Ainnir àillidh rosg mall gun ghruaim ; 110  
 Loisgidh an teine so an sòlas  
 Air anam na mòrchuis an gnìomh ;  
 Gun fhaicinn cha siubhail i gu mòthar  
 An Selma nam mòrbheinn 's nan righ."  
 Anns an talla, doilleir trom, 115  
 Chrom mo rosg án cadal sèimh ;  
 Air mo chluais thuit torman nam fonn,  
 Mar osaig nan tom, a' chaomh'neas réidh,

- Osag, a dh'fhuadaicheas m'an cuairt  
 Feusag liath a' chluarain an aois, 120  
 Dorch' shiubhal air cruachan an fheoir.  
 Co e an guth? Oigh ghlan nam Fuar-fead,  
 Togail mall a fonn san oidhche :  
 B' eol' do 'n ainnir m' anam caoin  
 Mar shruth nach fáoin air taobh nam fonn. 125
- " Co as an triath," is e thuirt an òigh,  
 " Tha coimhead air gorm-cheò a' chuain?  
 Co th' ann ach triath a' chùil mhóir  
 Dubh mar sgéith fhithich nan cruach ;  
 Chi mi measg osag a chiabh, 130  
 'S is àillidh a thriall am bròn.  
 Tha sùil an fir fo dheoir gun fheum,  
A chliabh duineil ag éirigh mall  
 Air 'anam, tha briste o chéile.  
 Fàg an traigh, 's mi fada thall,  
 An seachran nan carn leam féin ; 135  
 Tha clann nan righ gu cli is caoin ;  
 Tha m' anamsa baoth, a thréin.  
 C' uime bha ar n-aithriche féin  
 An naimhdeas treun, a rùin nan òigh ? 140
- " A ghuth chaoin o ard innis nan sruth,  
 C' uime chaoineas an dubh nan speur ?  
 Sàr-shìol Thréinmhoir a's colgaiche cruth,  
 Cha mhùgach an anam, 's cha bheur.  
 Cha sheachrainn thu an carn leat fèin, 145  
 Oigh-nam-mòr-shùl nan rosg tlàth.  
 Fo 'n urla so tha guth gun fhuaim ;  
 Cha druid e gu cluais nan dàimh,  
 Tha 'g iarraidh dhiom clàistinn do thruaigh,  
 'Nuair għluaiseas iochd m' anam gu bàigh. 150

Tréig an talla, thusa 's caoine fonn ;  
 Cha bhi Tormod nan tonn fo bhròn."

Thuit ialla le madainn o 'n righ ;  
 Shìn mi dha làmh mhin na h-òigh.  
 Chuala Malorchul mis' an sìth,

155

Am meadhon talla, is airde fuaim,

" A righ Fhuarfheid, is uallach crann,

C' ar son a bhiodh Tonthormod fo bhrón ?

A shinns're luchd tarruing nan lann,

Dealan speur e féin sa' chòmhrag.

160

Bu naimhdean aithriche nan triath ;

Tha sólas am fjal a bhàis ;

Tha 'n làmhan ris na sligibh liath,

Tha 'g iadhadh mu chiar Chruth Loduinn.

Air chùl, le chéile ar fraoch,

165

An dubh nial a dh' aom o shean."

Sud mo ghnìomha féin 'nuair dh' iadh

Mo chiabh mu 'm mhuineal gun aois ;

Nuair bha solus mar éididh mu 'n cuairt

Nighean uasal innis nan crann.

170

Ghairm sinne air ais gu luath

Na bliadhna gun tuar, a bh' ann,

## GAOL-NAN-DAOINE.

---

CHAOL-AMHAINN nan sruth ciar o charn,  
Dorcha dall do shiubhal shuas ; .

Tha mo shùil measg iomairt do chrann,  
Talla Charuill nan lann 's nam fuaim !

An sin a bha tuineadh na h-àille, 5  
Gaol-nan-daoine, sàr fhuil an righ :  
A sùile mar sholus nan reul,  
A ruighe gasda gun bheud ; bha 'làmh  
Geal mar chobhar air uisge nan leum ;  
Dh' éireadh ciocha nam beus gu mall 10  
Mar thonna bar-gheal a' chuain mhòir ;  
A h-anam 'na shruth do sholus  
Fo urla corrach, a b' àillidh snuagh.  
Co ise measg òighe 'n ard bhrollaich,  
Bu choimeas ri glan rùn an t-sluaigh ? 15

Fo ghuth caismeachd righ nam buadh,  
Gu Cròna nan sruth ruadh, tha thall,  
Ghluais Toscar o Lutha gun ghruaim,  
Is Oisean, fear luaidh nan dàn,  
Tri baird air ar taobh le fonn, 20  
Tri sgéith nach robh lom, 'n ar còir,  
Dol a thogail nan clach air an tom,

Chuireadh cuimhne nan sonn fo ghlòir.

Aig fiar shruth chòinnich Chròna féin

Sgap Fionnghal, an t-ard threun, na dàimh; 25

Theich coigrich roimh 'chlaindheamh gu léir,

Mar gharbh mhuir a' beumadh air tràigh.

Thàinig sinne gu raon a chliu;

Theiring an oidhche o chùl nan carn;

Reub mi darag o leathad nan smùr;

30

Thogadh lasair measg mùig nan ard.

"Seallaibh sìos, mo shinn's're treun;

Seallaibh sìos o 'r tallaibh féin,

'Nuair mhosglas cliu as-ùr ar clann,

Soillsidh suinn nan lann air gaoith." 35

O chladach Chròna thagh mi clach,

Measg fonna le neart nam bard;

Fuil naimhde Fhionnghail fo smachd

An còinneach dhubb-ghlas nan àld.

Fo sud shuidhich mi o chéile

40

Tri copana o sgéith nan dàimh,

'Nuair luidheadh mu seach 's a dh'éireadh

Fonn oidhche o Ullin an àigh.

Chuir Toscar a sgian fo 'n ùir,

Is murla dubh-ghorm stailinn chruaidh;

45

Thogadh mu chloich aird an smùr,

A ghairm gu cliu bliadhna nan luadh.

A nighean chòinnich sruth nan carn

Thu 'g éirigh an aird ann am chòir;

A chlach o chladach a ta thall,

50

'Nuair chaillear sìol Shelma nan tòrr;

Labhair-sa ri laigse nan daoine.

Air aghaidh, san oidhche fo sprochd

Luidhidh dubhailteach bochd, tha triall,

- Do chòinneach a' caoineadh gun lochd, 55  
 A' tilleadh mu rosg nam bliadhna.  
 Eiridh còmhraig threun fa chòir,  
 Righre gorm sgiathach a' tearnadh gu cath,  
 Làn ghealach a' dubhadh fo 'n scòrr  
 Air raona nan seòd 's nam flath, 60  
 Brisidh e o 'aisling chiar ;  
 Druididh madainn air triall na h-oidhche ;  
 Chithear uaighe nan treun air sliabh,  
 Treuna gasda nan gnìomh an soillse.  
 Labhraidh e mu chloich an raoin, 65  
 Agus freagraidh an aois r'a iarraidh :  
 " So an liath-chlach thog Oisean nach faoin,  
 Sàr cheannard, mu 'n d'aom na bliadhna."  
 Ghluais mall o Chaolamhain am bard  
 O Charull, do 'n annsadhbh dàimh, 70  
 G' ar cuireadh gu cuirme nan ard,  
 Aite tuinidh geal-làimhe na bàigh,  
 Gaol-nan-daoine nan sàr thriath.  
 Shoillsich Carull measg aois a chiabh,  
 'Nuair chunnaic e siol a chairde, 75  
 Mar dhà gheug òg air an t-sliabh,  
 Air chrannaibh do 'm miann na h-arda.  
 " A chlann nan treun mòr," thuirt Carull,  
 " Thug sibh làithe chaidh thairis a nuas,  
 'Nuair a thearnadh leam sìos o thonn mara 80  
 Air Selma nan darag ri stuaidh.  
 Bha Dubh-mhac Chéir-ghlais fo mo ruaig,  
 Fear còmhnuidh gaoith luath air chuan ;  
 Ar n-aithriche 'nan naimhde cruaidh,  
 Thachair sinne aig Cluai nam bruach ; 85  
 Theich esa 'o m' lainn air fairge,

- Mo shùilsa leantuinn 'na dhéigh.  
 Mheall an oidhche mi gun fhàire ;  
 Thàinig mi gu talla an righ,  
Gu Selma nan làn-bhroilleach òigh. 90  
 Thàinig Fionnghal, bu chòrr, le 'bhlaird ;  
 Thàinig Conlaoch, làmh bàis nan ceud.  
 Tri làithe bha cuirm anns an ard ;  
 Chunnas gorm-shùil làn na h-Eirinn,  
 Nighean nan triath mòr, Roscranna, 95  
 Solus àille shìl Chormaic nam beum.  
 An di-chuimhn' cha do thréig mo cheuma ;  
 Thug righ nam beum dhomh a sgiath ;  
 Sud ard i an talla nan teud,  
 A' cur cuimhne air àm nan triath. 100  
 A chlann nan treuna mòr o fhairge,  
 Thug sibh làithe chaidh thairis a nuas.  
 Thog Carull lasair għlan na cuirme.  
 Dà chopan nan toirm 'o 'r sgèith.  
 Chuir sìos fo chlachaibh le muirn, 105  
 Gu labhairt ri ùr-chloinn an tréith.  
 " Nuair bheucas còmhrag," thuirt an righ,  
 " Nuair thachras an strì nan lann  
 Ar maca—so ! caismeachd na sìth.  
 Air a chloich so bithidh brigh nach fann. 110  
 'Nuair ghleusas iad na sleagha gu feum—  
 Nach robh ar n-aithriche fo chliu  
 Aig cuirm ? Cuir air chùl an sgiath."  
 Thuit oidhche le ciabhaibh donn ;  
 Għluais ainnir nan sonn dàna ; 115  
 Measg chlàrsach chualas a fonn,  
 Gaol-nan-daoin' nan ruighe bàna.  
 Dhorchaich Toscar 'na àite féin

- Roimh rùn nan ceud. Air 'anam thall  
 Thainig i mair dhearrsá nan speur                            120  
 Air dubh-dhruim nan leum air sàil,  
 'Nuair bhriseas an solus o nial,  
 Air cobhár liath nan tonn.
- Le madainn mhosgail sinn' an sliabh ;  
 Ar ceuma air triall nan ruadh.                            125  
 Thuit iad mu shruth a b' annsadh riamh,  
 Thill sinne ro' Chròna nam buadh.  
 O 'n choille thàinig oirnn fear òg,  
 Sgiath nach mòr, is sleagh gun bheud.  
 "Co as tha 'n dearrsa o 'n tòrr?"                    130  
 Thuirt Toscar o Lotha nan ceud.  
 "Bheil sìth an Caolamhainn nan teud  
 Mu sholus nam beus air clàrsaich?"
- "An Caolamhainn nan sruth," thuirt an t-òg,  
 "Thuinidh soillse nan seòd air clàrsaich ;            135  
 A nis tha a siubhal san tòrr  
 Le mac an righ mhòir a's sàire,  
 Es' a ghlac le rùn a h-anam  
 A' seachran car tamuill san talla."
- "Og-choigrich na sgéile truaighe,                    140  
 Am faca tus' a thuar 's a thriall ?  
 Tuitidh e fo chadal tha buan.  
 Thoir dhomhsa gu luath do sgiath."  
 Le feirg reub an sgiath dha féin ;  
 Dh' éirich brollach nam beus o cùl,                    145  
 Mar uchd eala ag iadhadh gun bheud  
 Air tonna o threunas a' chuain.  
 'S i Gaol-nan-daoine féin a bh' ann,  
 Nighean Charuill, fuil shàr an righ.  
 Għluais 'gorm-shùil mu Thoscar nan lann ;        150  
 Chaidh a h-anam air chall san strì.

Campagne. Manuscript. Murdoch.  
Gilles - 29. 210. Gilles  
MacPherson. English 1767.  
Glenca. 1870. Gilles 1867. - 15

## C R O M A.

57. lines

'S e guth ciuin mo rùin a t' ann !  
O ! 'sainmic gu m'aisling féin thu.  
Fosglaibh sibhs' bhur talla thall,  
Shinns're Thoscair nan ard speur ;  
Fosglaibh sibhse dorsa nan neul.  
Tha Malmhìna gu dian fo dheur.

5

Chualam guth measg m' aisling féin ;  
Tha farum mo chléibh gu h-ard.  
C' uim' a thàinig an osag 'na dhéigh,  
O dhubh-shiubhal na linne thall ?  
Do sgiath fhuaimear an gallan an aonaich  
Thréig aisling Malmhìna air sliabh.

10

Chunnaic is' a rùn ag aomadh,  
Ceò-earradh a' taomadh mu 'n triath,

Dearrsa na gréine mar thaobh ris

15

'S e boilsgeadh mar òr nan dàimh.

'S e guth ciuin mo rùin a t' ann ;  
O ! 'sainmic gu m'aisling féin thu.

'S e do chòmhnuidhsa m' anam féin,  
A shiòl Oisein, a's tréine làmh ;  
Eiridh m' osna am maduinn gun fheum,  
Mo dheoir mar shileadh speura ard

20

A' tuiteam mall o ghruaidh na h-oidhche.

Bu chrann àillidh mi, thréin nan seòd,  
Oscair chòrr, le geugaibh cùbhraidh,  
'Nuair thàinig bàs, mar ghaoth nan tòrr ;  
Fo 'sgéith thuit mo cheann fo smùr.

Thàinig earrach caoin fo bhraon ;  
Cha d' éirich duilleag fhaoin dhomh féin.  
Chunnaic òigh mi fo shàmhchair thall ;  
Bhuail clàrsaiche mall nan teud.

Chunnaic òigh mi, 's mi cumhadh fo ghràdh.  
C' uime cho truagh tha làmh-gheal nam beus ?  
Cheud ainnir o Lotha nan sìan,  
An robh Oscar gu trian do luaidh  
Anns a' mhaduinn mar dhearrafa o ghréin,  
Làn àille do mhiann fo chruaidh ?

Caoin am fonn na mo chluais féin,  
A nighean Lotha nan sruth fiar.  
An cual' thu guth nach 'eil beò sa' bheinn, 40  
An aisling, ann do chadal ciar,  
'Nuair thuit clos air do shùilibh mall  
Air bruachan Mòrshruth nan toirm beura ?  
'Nuair thearnadh leat o sheilg nan carn,  
An latha ciuin ard ghrian sna speura ? 45  
Chuala tu barda nam fonn.  
'S taitneach, ach trom do ghuth,  
'S taitneach, a Mhalmhìna nan sonn ;  
Leaghaidh bròn am bochd anam, tha dubh.  
Tha aoibhneas ann am bròn le sìth,  
'Nuair shuidhicheas ard strì a' bhròin ; 50  
Caithidh cumha na tursaich gun bhrigh ;  
Gann an lài an tìr nan seòd,  
A nighean Thoscair, a's àillidh' snuagh.

25

30

35

40

45

50

- Tuitidh iad mar dhìthein sìos 55  
 Air 'an coimhid grian neartor na soillse,  
 'Nuair luidheas an dealt air a' chiabh,  
 'S a throm cheann fo shìan na h-oidhche.  
 Eisd-sa ri mo shean sgeul, òigh ;  
 Tha mo chuimhne air òige nam buadh. 60
- Fo ghuth an righ ghrad thog mi siuil.  
 Bhuail mi Croma nan tòrr o chuan,  
 Croma, an Innis-fàile nan sluagh,  
 Ard thalla nan seòd 's nam buadh,  
 Tùir għlas mu iomall na tràigh, 65  
 Baile Chrothair, am mòr thriath,  
 Laoch a bhuadhaich, 'na òige, thar dàimhl ;  
 Thog an aois a làmh m' an liath.
- Shìn Rothmar a lann thar sonn ;  
 Las fearg, a bha tròm, air Fionnghal. 70  
 "Gluais, Oisein, gu còmhrag a null ;  
 Tha mo charaid am òige fo iorghuil."
- Chuir mi suas am bard le fonn ;  
 Thàinig e gu talla nan sonn.  
 Shuidh Crothar measg armaibh nan triath ; 75  
 Ghéill a shùil ; bu għlas a chiabh.  
 An gaisgeach liath air maide thall,  
 A leadan m'a cheann ag aomadh mall ;  
 Mhùch e fonn air àm a dh'fhalbh ;  
 Bhuail farum ar n-arm a chluas ; 80  
 Għluais Crothar, shìn e mach a làmh ;  
 "Ceud fàilte do shàr mhac nam buadh,  
 Oisein!" thuirt an laoch, a' còmhradh ;  
 "Thréig spionnadħi làmh Chrothair am blàr.  
 Nan togainn féin an lann gu dóruinn, 85  
 Mar an là thug Fionnghal a nall

- Buaidh ri Srutha nan gleann fiar !  
 B' esa ceann nan daoine féin ;  
 Bha Crothar gun bheud fo chliu.  
 Dhomhsa thug e moladh nan treun. 90  
 Chuir e copan na sgéithe air chùl,  
 Sgéith Chalthair, a dh'aom an còmhrag  
 Fo 'n righ, 's e 'n comhstri nan lann.  
 Faic ard i ri balla na mòrchuis ;  
 Ghéill mo shùil ; tha Crothar dall. 95  
 Bheil do neart mar neart nan triath ?  
 Sìn, Oisein, do ruighe do 'n liath."
- Thug mi mo ruighe do 'n righ féin ;  
 Ghlac an treun aosda mo làmh ;  
 Bhris an osan o spàирн a chléibhe ; 100  
 Thuit deura le 'ghruaidh gun tàmh.  
 " Is làidir thu, a mhic an tréin ;  
 Ao-coltach do ghleus ri triath Mhòirbheinn.  
 Co esa tha coltach ris féin  
 Measg ghaisgeach nan ceud an còmhrag ? 105  
 Sgaoilear mo chuirn anns an talla ;  
 Togadh gach bard caoin am fonn ;  
 'S mòr esa tha 'n iadhadh mo bhalla,  
 Shiòl Chroma 'ni freagar ri tonn !"  
 A' chuirn sgaoilte, chualas an ceòl, 110  
 Ard shòlas an talla nan triath ;  
 Ach sòlas mu 'n osan fo scleò,  
 Am bròn còmhnuidh dorcha sa' chliabh,  
 Mar sholus fann o ré, 's i faoin,  
 Tha sgaoileadh mu mhala nan speur. 115  
 Thraogh an ceòl, is labhair le fòill  
 Righ Chròma, dha 'm b' aosda cruth ;

Gun deoir labhair ceannard nan seòd,  
Dh'at am bròn aìn meadhon a ghuth.

“ Shìol Fhionnghail, nach fhaic thu, thréin, 120

An dùbhra dubh measg aoibhneas Chrothair ?

Cha robh mulad an cuirm orm féin,

’Nuair bu bheò seoid a bheumadh còmhrag.

Am fianuis dàimh bu mhòr mo shòlas,

’Nuair a shoillsich mo chòrr mhac a' chuirm : 125

Ach gath sin a thréig mi fo dhòruinn,

Gun fhàgail deò soluis air chùl.

Thuit è, shìol Fhionnghail nan treun,

An còmhrag nam beum am chòir.

Chuala Rothmar an Tromlo fo fheur 130

Gu 'n dhùinear o leus mo shùile ;

Chual' e mu m' armaibh gun fheum,

Air balla nan teud fo smùire

Chual' e sud : an ardan mhòr

Thàinig e do Chròma le stoirm ; 135

Thuit mo shluagh leis an còmhrag còrr,

Las fearg mi 'na chòmhail fo m' airm.

Ciod a dheanadh Crothar fo leus ?

Mo cheumà gun bheud fo mhùig.

Mo bhròn ! mi gun treoir, is gun bheum ! 140

Truagh ! nach tilleadh na lài chaidh null !

Na lài treun san d'thug mi còmhrag,

’Nuair choisinn mi mòr chliù na strì.

Thill mo mhac o fhuaim na seilg,

Faobhar-gorm nan leadan ciar ; 145

Cha do thogadh leis riamh claidheamh le feirg,

Og ruighe gun mheirg lag fo sgéith ;

Mòr anam an òig a' leumadh.

Las solus nach géilleadh o 'shùilibh ;

- Chunnaic e fo bhròn mo cheuma, 150  
 Mhosgail osna nam beus o 'urla.  
 ‘ A righ Chroma,’ so labhair an treun,  
 ‘ N ann air son nach dhuit féin a tha mac,  
 ‘ N ann air son gu ’m bheil mise gun fheum,  
 Ghluais osna do chléibhe fo smachd? 155  
 Faireaghadh m’ athair féin mo neart ;  
 Tharruing mi cruidh-bheart nan lann ;  
 ‘ Na m’ òige ’s annsa leam feart ;  
 Lùb mi bogha nañ teud gu mall ;  
 Tachraigdh mi ri Rothmar an còmhrag, 160  
 Le sìol Chròma nam mòr ghnìomh  
 Tachraigdh mi ri Rothmar air còmhnhard.’  
 Las m’ anam gu còrr gun ghìomh.  
 ‘ Tachair ris an triath fo lann,  
 Mhic Chrothair, tha mall gun fheum, 165  
 Ach biodh gaisgich eile air cheann,  
 Gus an cluinn am fear dall do cheum.  
 Cha ’n fhaic mo shùil thu ann do chruidh,  
 Fhaobhair-ghuirm nan ruadh chiabh.’  
 Ghluais, thachair, is thuit, an t-òg. 170  
 Tha Rothmar ri Cròma nam fleagh,  
 Esa reub mo mhac, bu chòrr,  
 Le roinn gorm a mhòir shleagh.”  
 Cha ’n àm gu lìonadh nan corn,  
 ‘ S mi glacadh na m’ dhorn an t-sleagh. 175  
 Chunnaic càirde mi lasadh gu còrr ;  
 Ghrad-ghluais iad o mhòir fhleagh.  
 Shiubhail sinn ro’ oidhche am fraoch :  
 Ghlas maduinn gu caoin o’n ear ;  
 Dh’ éirich romham gleann uaine caol, 180  
 Fiar shruthan a’ taomadh gu lear.

- Bha Rothmar ann le fearta ciar  
 Fo 'n armaibh, bha liath ri soillse.  
 Bhuail air caol fada nan gleann ;  
 Theich naimhde, thuit Rothmar fom' lainn 185  
 Mu 'n do cheilear an là fo iar,  
 Ghlac Crothar aim Rothmhair nan sgiath ;  
 Dh' fhairich 'na aois iad le 'làimh,  
 Mìn shòlas a' snàmh m'a smaointe.
- Thionail sluagh gu talla nan triath ; 190  
 Chualas farum nan slige fial ;  
 Mhosgail clàrsach nan teud mall ;  
 Cuig barda ma seach le rann  
 Togail cliu mu mhac nan treun,  
 Is mu Oisian, fear ùr nan ceud ; 195  
 Anam a' lasadh suas fo 'urla,  
 Fonn a' freagradh fo thùr nan teud.  
 Ro mhòr mhosgail sòlas air sluagh ;  
 Gu Cròma thill buaidh fo shìth.
- Thàinig oidhche ciuin is balbh ; 200  
 Chaidh maduinn air falbh fo shòlas ;  
 Cha d' thàinig naimhde an dùbhra dùint',  
 A' tarruing o' n cùl nam mòr shleagh ;  
 Bu mhòr an sòlas thog an sluagh,  
 Is Rothmar gun tuar air leirg. 205
- Thog mi fonn air òg am bàs,  
 'Nuair chuir iad fo lär an triath ;  
 Crothar aosda, 's e 'g aomadh trom,  
 Gun osna o 'n t-sonn mu 'mhac.  
 Dh'iarr is fhuair e lot 'na bhroilleach ; 210  
 Dealradh soluis am measg a bhròin.  
 'Nam chomhair thàinig an treun dall ;  
 Ghlac e mo làmh, is e labhairt.

- “ A righ nan sleagh, a’s gèire ceann,  
 Thuit mo mhac fo lainn le cliu ; 215  
 Cha do theich mo ghaisgeach ro’ ghleann ;  
 Thachair esa ri bàs gun smùir,  
 Is e dlùthadh ri neart nan naimhde.  
 Sona na h-òig treun’, a thriath’,  
 Mu ’n cluinnear cliu fo chiar a’ bhàis ! 220  
 Cha ’n fhaic iad an talla nan sgiath  
 Fiamh gàire mu chrònach an làmh ;  
 Cuimhn’ orra-sa measg fonn na móirchuis,  
 Deoir ghlana bhan òg mu ’n ùir.  
 Ceart gu’n seac an aois o chòmhrag, 225  
 Chuir treunas an òige fo chliu ;  
 Iadsa fo dhìochuimhn nam beò ;  
 An diòmhaireas tuiteas iad thall,  
 Gun osna mhall o ’m macaibh féin ;  
 An sòlas togar suas an carn, 230  
 Gun deoir air làr mu chloich nan treun.  
 Sona na h-òig treun, a thriath,  
 Mu ’n cluinnear cliu fo chiar a’ bhàis !

## CALTHONN IS CAOLMHAL.

---

---

GLAN guth na fonna do thréin,  
Fhir tha tuineadh leat féin an còs,  
E tearnadh mar shruth o bheinn  
An caol ghleann na gréine dhomhs'.  
Fhir a thàinig o mhagh nan Gall,  
Mosglaidh m' anam an talla nam fleagh ; 5  
. Mar na lài am bliadhnaibh thall,  
Tha mi 'sineadh mo làmh gu sleagh ;  
Tha mi 'sineadhl mo làmh tha lag,  
Is an osun fo smachd mo chléibh'. 10  
An cluinn thu, shìol na còs an craig,  
Fonn o Qisian mu 'òg ghniomh féin ?  
Tha m' anamsa mu 'n aimsir mhòir ;  
Thill solus is sòlas do thriath.  
Mar so féin a chithear a' ghrian 15  
Is i siubhal san iar an soillse,  
An déigh do 'ceuma gluasad fo nial,  
Tulaich uaine nan sìan a' boillsgþe  
Na srutha gorm an sòlas sa' ghleann ;  
An sean laoch air lorg, is e triall, 20  
A liath chiabha lasadh m'a cheann.  
Am faic fear tuinidh nan còs ciar

Sgiath mhòr Oisein an aird an talla  
 Fo chomhara scara nan còmhrag ?  
 Thréig an soillse glan a balla, 25  
 Tha meirg air a ballaibh, mo dhòruinn !  
 An sgiath sin féin air taobh an tréin,  
 Fir riaghlaidh nan ceud air Tuaide ;  
 Air thaobh Dhunthalmo nam mòr bheum,  
 Seal mu 'n thuit e fo gheur na cruidhse. 30  
 Cluinn-sa, fhir tuinidh nan còs ciar,  
 Mòr sgeul air na bliadhnaibh tha thall.  
 Mòr Rathmor nan triath ri Cluai.  
 Thuinidh lagaich na truaghe fo 'thlàth ;  
 Cha do dhùnadadh riamh dorsa nam buadh, 35  
 Cuirm is fleagh a' dol suas a ghnàth.  
 Thàinig siol coigrich nan Gall  
 Le fàilte gu sàr na féile ;  
 Thog barda na duana 's na dàin ;  
 Bhuaileadh clàrsache mall fo theudaibh ; 40  
 Las sòlas an eudan a' bhròin.  
 Dunthalmo còrr, an ardain mhòir,  
 Ghluais e grad an còmhrag Rathmhoir :  
 Bhuain triath na Cluai a bhuaidh bu chòrr ;  
 Dunthalmo fo fheirg, is e lasadh. 45  
 Thàinig fo oidhche le 'shluagh ;  
 Thuit Rathmor fo chruaidh nan lann ;  
 Thuit e an talla nan luaidh,  
 Anns 'na sgaoileadh fleagh luath nach gann,  
 'Nuair bhiodh Seigrich nan Gall m'an cuairt. 50  
 Bha Colmar is Calthonn an òige,  
 Dà mhac còrr triath mhòir nan carbad ;  
 Thàinig iad le sòlas is mòrchuis  
 Gu talla mòr an athar féin ;

- Sheall iad air-sa 'na fhuil, 55  
 Is theiring an tuil o 'n gruaidh.  
 Leagh anam Dhunthalmo gu 'bhun,  
 'Nuair chunnaic e siol gun luaidh.  
 Gu Alteutha, tùr nan sìana,  
 Mhosgail iad tigh thriath a' chòmhraig ; 60  
 Lùb iad na boghan 'na fhianuis,  
 Is thearnadh iad sìos gu chomhstri.  
 Chunnas balladh an athar air làr,  
 An droighionn uaine fàs san talla :  
 Thuit deura mu ghruaidh nan sàr,  
 'S an eudan air àm fo smala. 65  
 Cha do sheachuinn Dunthalmo am bròn ;  
 Bha 'anam fo mhòrchuis mu 'm bàs ;  
 Chuir esa iad sìos an dà chòs  
 Aig Teutha nan ro-thoirm tha fàs. 70  
 Cha d' thàinig grian le 'dearrsa féin,  
 Cha d' thàinig ré nan speur san oidhche :  
 An duibhre bha còmhnuidh nan treun,  
 An duibhre gun leus, gun soills',  
 Iadsa coimhead gu diomhair ri bàs. 75  
 Deoir shàmhach air nighinn an triath,  
 Air Caolmhal nan ciabh 's nan rosg mall ;  
 Bha 'sùile air Calthonn fo fhiamh ;  
 A ta 'àille 'na cliabh air àm.  
 Chrith anam na h-òigh m'a treun ; 80  
 Beag do chomas-sa féin a dheanamh :  
 Cha 'n éirich do ruighe féin air beum ;  
 Cha robh lann riamh gu feum mu d' iadhadh.  
 Cha mhosgail d'urla bànn fo mhàile ;  
 Cha ghiorag do shàraibh do shùil : 85  
 A Chaolmhal an uchd chorraich àillidh,

Beag do chomas-sa féin mu d' rùn !  
 Is liomhor is gearr bha 'ceuma,  
 Leadan àillidh a'leum m'a ceann,  
 Sùile alluidh losgadh ro' 'deuraibh, 90  
 Ainnir ghasda nam beus air chall.  
 Thàinig i san oidhche gu talla ;  
 Chuir i cruth gun smala fo chruaidh,  
 Cruaidh laoich an òige a chailleadh,  
 Thuit an còmhrag ri caladh nan stuadh. 95  
 Thàinig i gu còs a rùin féin,  
 Is dh' fhuasgail i o 'n treun an iall.

“ Eirich, a shìol Rathmhoir nam beum ;  
 Eirich, tha 'n oidhche gun ré fo ghruaim ;  
 Teicheadamáid gu Selma nan teud, 100  
 Shàir cheannaird nan treun o Chluthai.  
 Is mise mac Lamhgheal nan tòrr,  
 Dha 'm bu thuineadh mòr thùra t' athar ;  
 Chuala mi do dhorchadh an còs,  
 Ghluais m'anam le bròn a' caitheadh. 105  
 Eirich, a shìol Rathmhoir nam beum ;  
 Eirich, tha oidhche gun ré fo ghruaim.”

“ A ghuth speura,” fhreagair an triath,  
 A thàinig o nial gu Calthonn,  
 Tha samhla mo shinnse a' triall, 110  
 Is gu tric a' dol sìos an aisling,  
 O'n là thréig a' ghrian mo shùil,  
 'S an dorcha so dlùthadh m' an cuairt.  
 No 'n tusa mac Làmhgheal nam beum,  
 An triath chunna' mi féin aig Cluai ? 115  
 'N teich mise gu Selma nan teud,  
 Is Colmar gun fheum fo chruaidh ?  
 'N teich mise gu Mòrbheinn nan sian,

Is Colmar gun trian do shoillse ?  
 Cha teich—Thoir dhomh fén do shleagh,      120  
 Shiol Làimhgheal nam fleagh fo dhàna ;  
 Bithidh Calthonn m' an cuairt do 'bhràthair."

" Làn mhile triath " thuirt sgèimh na h-òigh',  
 Le'n sleaghaibh mòr mu chòir nan carbad :  
 Ciad a ni òg Chalthonn nan tòrr,      125  
 Am measg coimhthional slòigh an armaibh ?  
 Teicheamaid gu righ na mòir bheinn ;  
 Thig esa a' nall le còmhrag ;  
 Tha 'ruighe a sgaoileadh air gach àm  
 Gu na truaigh tha 'n call an dòruinn ;      130  
 Mar dhealan mu lagaich tha 'lann.  
 Eirich, a shiòl Rathmhoir nam beum ;  
 Siolaidhidh oidhche gun fheum o thriath ;  
 Eirich ; chi an là do cheum ;  
 Tuitidh an òige mòr threun nan sgiath."      135

Ghrad għluais fo osna an triath,  
 A dheoir a' dol sios mu Cholmar.  
 Thàinig e gu Selma nan sìan  
 Gun fhios da air sgèimh na h-òige.  
 Bha ceann-bheart air an eudan chaoin ;      140  
 Mhosgail brollach gu baoth fo chruaidh.  
 Theiring o ard sheilg an treun ;  
 Chunnas coigrich gun bheud 'na chòir,  
 Mar dhà dhearsa o shoillse speur,  
 An talla nan ceud slige còrr.      145  
 Chual' an righ sgeul bròin o Chluai ;  
 Chuir e 'shùile m'an cuairt le feirg.  
 Għluais mīle mu chòmhrag na Tuaide  
 Leth-mhosgladh an cruaidh gun mheirg.  
 Thàinig mi le sleagh o shliabh,      150

Ard shòlas a' lasadh mo chléibhe ;  
 Labhair am mòr righ ri Oisian,  
 Air thoiseach am meadhon nan triath.

“ A ghath mo threunais,” thuirt an righ,  
 “ Shìol Fhionnghail, gu strì tog mo shleagh ; 155  
 Gabh gu Tuaid’ nan sruth corrach o fhrìth ;  
 Tearuinn Colmar nan carbad is fleagh ;  
 Thigeadh do chliù-sa am fhianuis,  
 Mar aiteal dol sìos anns a’ ghleann,  
 Gus an éirich mo smuainte an ìosal 160  
 Mu mo shìol, mu ùr-chliu nam beann.  
 Bi-sa, Oisein, mar ghaillinn an còmhrag,  
 Gu ciuin is gun mhòrchuis do naimhde ;  
 Mar so féin ghlan an cliu dhomhsa ;  
 Bi-sa, Oisein, mar mhòr-thriath Shelma ; 165  
 ’Nuair thig dàna nam focala treuna  
 Gu talla nan teud, chrom mo shùile,  
 Tha mo ruighe a’ sìneadh gu beuma,  
 ’Nuair thig lagaich fo bheud am’ ionnsuidh,  
 Mo chlaidheamh an còmhnuidh ’g an dìon.” 170

Għluais sòlas o fhocail an righ ;  
 Chaidh mise gun strì fo armaibh ;  
 Ri mo thaobh ġħluais Diaran nam frìth,  
 Is Deargo, ard righ nan gorm shleagh ;  
 Tri cheuda o òigridh nan gleann 175  
 An déigh mo cheuma air a’ mhagh,  
 Na coigrich a’ triall ri m’ thaobh.  
 Chuala Dunthalmo am fuaim  
 O astar na cruaidh’ gu ’thìr ;  
 Choimhthionail e neart na gann Tuaid : 180  
 Air tulaich sheas sluaigh gu strì,  
 Mar charraige briste le torrunn,

Ag iadhadh fo fhorum nan crann  
 Gun duille, 's iad dàithte fo dhonadh ;  
 Gun srutha a' tuiteam gu gann                          185  
 Air ciaradh is fiaradh an còs.

Bha Tuaid le fuaim a' gluasad mòr  
 Roimh naimhde garbh nan còrr.  
 Grad imicheadh barda 'nan còir ;  
 Tairgeadh còmhrag do sheòd Dhùnthal.                  190  
 Fiamh gàire fo dhorcha a mhòirchuis,  
 'S a ghaisgeacha dòmhail air sliabh,  
 Mar niala air tòrra nan scor-bheinn,  
 'Nuair bhriseas a' mhòr-ghaoth an taobh,  
 Sgaoileadh an ciabha dubh m' an cuairt.                  195

Thug iad Colmar òg gu Tuaid,  
 Iomadh iall gu cruaidh mu 'n triath.  
 Bha 'n gaisgeach an ceuma fo ghruaim,  
 A shùile dol suas gu thrian,  
 Ag iadhadh mu 'chairde gu léir.                          200  
 Sheas sinne fo threun nan arm,  
 Uisge Thuaid a' bruailleinn le beuc.  
 Thàinig Dunthalmo le 'ghorm shleagh ;  
 Bhuail e 'n gaisgeach glan san taobh ;  
 Thuit e air bruachan a' mhagh                          205  
 Am fuil, is chual' sinne gu 'n cùl,  
 Na h-osna gu dlùth o 'chliabh.

Leum mi air mo shleagh gun dàil ;  
 Ghabh Calthonn an snàmh le leum ;  
 Thuit Tuaid is a h-òigrìdh fo 'r làimh ;  
 Thuit duibhre na h-oidhch' air na tréin.                  210  
 Shuidh Dunthalmo air arda scòrr  
 Measg coille neo-òg, fo fhuaim ;  
 Las fearg ann a urla gu mòr,

- Ri Calthonn còrr nan carbad luath. 215  
 Sheas Calthonn féin fo bhròn,  
 Fo bhròn mu Cholmar, a thuit sìos,  
 Colmar glan, a thuit 's e òg,  
 Seal mu 'n d' éirich a chliu fo sgéith.
- Cuir suas fonn ciar a' bhròin, 220  
 A bhaird tha còrr ; tha triath fo luaidh.  
 Sheas esa fo dharaig mhòir,  
 Tric a' tilgeadh air lòn a chruaidh.  
 Bha rosga caoin Chaoilmhal fo dheoir,
- Gu dìomhair, ach mòr m'a gruaidh : 225  
 Chunnaic i bàs a h-athar féin,  
 No tuiteam an tréin o Chluai.
- Theich oidhche gu bloigh o na speur' ;  
 Thuit sàmhchair is dùbhra mu mhagh ;  
 Bha 'anam ag aomadh dha féin, 230  
 Iadhadh cadail mu threun nan sleagh :  
 Leth-fhosgladh sùile do'n triath,  
 Toirm Thuaide a' fiaradh m'a chluais :  
 Gun tuar, 's a' luaidh a lota mòr,  
 Thàinig fuath (fuathas) Cholmair gu 'leus ; 235  
 Bha 'aomadh thar triath nan tùr còrr,  
 Is mhosgail gann is fann a ghuth.
- “ An cadal so do mhac nan sgiath,  
 Oidhche fo liath, a bhràthair shìos ?  
 Nach d'éirich gu seilge nan sliabh, 240  
 'Nuair a lean sinn na ciara mu chruaich ?  
 Cha do dhi-chuimhn' thu Colmar, a thriath',  
 Ach aig iadhadh a' bhàis m' a 'òige ;  
 Tha mi gun tuar fo chruaich an lòin ;  
 Eireadh Calthonn ; là òg ag éirigh ; 245  
 Thig Dunthalmo le gnìomh neo-chòir.”

- Shiubhail e luath am fuaim na gaoith ;  
 Chunnaic Calthonn a cheuma 's e falbh ;  
 Ghluais esa fo bhuaireadh a chruaidh :  
 Ghrad mhosgail caoin Chaolmhal gu balbh, 250  
 'Ceuma seachran ro' oidhche, 's i truagh,  
 Sleagh fhada gun bhuaidh 'na déigh.  
 'Nuair thàinig e gu carraig an lòin,  
 'Nuair chunnaic a bhràthair gun tuar,  
 Lás giorag is fearg m'a chliabh mòr. 255  
 Bha osna a' bhàis m'an cuairt :  
 Dhùin iad, a' dlùthadh mu 'n triath,  
 Is chuir iad fo ialla caol e ;  
 Chuir iad suas e fo shùile ciar ;  
 Bha sòlas mu shliabh a' plaosgadh, 260  
 'S an oidhch' ag aomadh o chruaich.  
 Mhosgail mise féin fo 'n fhuaim ;  
 Ghrad ghluais mi fo chruaidh mo shinns're ;  
 Bha Diaran ri m' thaobh aig Tuaid,  
 Is Deargo, an t-òg ruadh le 'neart. 265  
 Triath Chluthai bha againn air falbh ;  
 Ghluais m' anam gu balbh fo bhròn,  
 Is mi fo eagal mu m' gharbh chliu ;  
 Bha mòrchuis na treunas 'mo chliabh.  
 " Shìol Mhòirbheinn," thuirt mi, " a thriath, 270  
 Mar so cha robh sinne riamh an còmhrag ;  
 Cha robh ar sinns're an còmhnuidlh air sliabh,  
 Is coigrich gu'n trian air chòmhnnard.  
 Bha 'n neartsa mar iolair nan speur,  
 Tha 'n cliu mar bheus nam bard ; 275  
 Tha sinne a' tuiteam gu léir ;  
 Tha ar cliu do réir mar shamhla.  
 Ciod their righ Mhòirbheinn nam beum,

Ma thréig Oisian e féin o Thuaid ?

Eireadh bhur cruidh, a ghaisgeacha treun ; 280

Leanaibh Oisian fo bheum le fuaim :

Cha till esa gun fhorum is cliu.

Gu Selma nan tùr 's nam buaidh.

Air gorm thonn Thuaide għluais o 'n ear

Maduinn għlan ; sheas Caolħal fo dħeoir ; 285

Labhair i mu Chlutha nam fear ;

Tri chuairt thuit an t-sleagh o 'meoir.

Las fearg dhomh ri coigreach 's mi triall ;

Bha m' anam gun chial mu 'n òig-fhear.

" A mhic làimh' tha tais gu trian, 290

An cuirear còmħrag an Tuaid le deoir ?

Cha 'n éirich buaidh do thruaigh le bròn ;

Cha chòmhnuidh do 'n osna an treun.

Gabh gu Carmun dona nan ruadh,

Gu gluasad mu Thuaid an fheoir ; 295

Ach fàg-sa na h-airme gu grad,

Mhic taise, 's tu lag gun chliu ;

Togaidh duin' eil' iad an còmħrag."

Reub mi sios a mhàil' o 'gualainn,

Urla shneachd na luaidh ag éirigh ; 300

Thuit a sealladh air talamh fo għruaim.

An sàmhchair sheall mis' air na tréunaibh ;

Thuit mo shleagh o mo làimh is i fann ;

Għluais osna an airde mo chléibhe ;

'Nuair chuala mi 'n òigh a bh' ann, 305

Thuit na deoir gu dlùth o threun.

Ceud fàilte air gath glan na h-òige !

Chuir mise an còmħrag fo ghlnasad.

A mhic nan còs tha ard an cruaich,

C' uim their Oisian mu Thuaid nam marbh ? 310

Cha 'n 'eil cuimhn orr' an talamh nan stuadh,  
 'S cha 'n fhaicear an uaigh air blàr.  
 Thàinig bliadhna dorch 'nan sian,  
 Thuit na tomanna sìos gu làr ;  
 Cha 'n fhaicear Dunthalmo no uaigh,                    315  
 No 'n t' àit 'na thuit e fo chruaidh mo làimh.  
 Airisidh gaisgeach liath na h-aosa,  
 A shealladh gu caol san oidhche,  
 Aig' daraig fo shoills' an talla,  
 R'a chloinn tha teannadh ris, mo ghnìomh.        320  
 Is gu 'n thuiteadh le triath na Túaide.  
 R'a ghuth tha aomadh claon na h-òige,  
 Tha iongantas is sòlas 'nan sùilibh.  
 Fhuair mi Calthonn còrr ri daraig,  
 Is ghearr mi am bar-iall o 'laimh ;                    325  
 Thug mi dha a bheus bu ghloine,  
 Ard urla cruth geal, a bha làn :  
 Tha 'n tuineadh thall an talla Thuaid.

The stanzas in red ink  
 delicate passages condemned  
 by MacLean as bad Gaelic.  
 It will be found that in this  
**FIONNNGHAL.** book  
 the red ink stanzas are few  
 and unimportant.

DUAN I.

---



---

SHUIDH Cuchullin aig balla Thùra,  
 Fo dhùbhra craoibh dhuille na fuaim ; X  
 Dh'aom a shleagh ri carraig nan còs,  
 A sgiath mhòr r'a thaobh air an fheur.  
 Bha smaointean an fhir air Cairbre,  
 Laoch a thuit leis an garbh-chòmhrag,  
 'Nuair thàinig fear coimhead a' chuain,  
 Luath mhac Fhithil nan ceum ard.

“ Eirich, a Chuchullin, éirich,  
 Chi mi loingeas threun o thuath ! 10  
 Grad għluais, a chinn-uidhe na féile :  
 'S mòr Suaran, is lìonmhor a shluagh !”

“ A Mhorain,” thuirt an gorm-shùileach treun,  
 “ Bu lag thu féin, is chrith thu riamh ;  
 ’Na t’-eagal is lìonmhor nàmhaid ; 15  
 Mhic Fhithil, ’s e Fionnghal a th’ ann,  
 Ard churaidh nan ciar bheann.”

“ Chunnaic mi ’n ceannard,” thuirt Moran ;  
 “ Coimeas do ’n charraig an triath, .  
 A shleagh mar ghiubhas air scor-bheinn, 20  
 Mar ghealaich ag éirigh a sgiath :  
 Shuidh e air carraig san tràigh

\* here MacLean went wrong. The line is all right.  
 under shade of the tree or the leaf of the sound.

Mar an ceò tha thall air a' bheinn.

‘ ’S lionmhor, a chinn uidhe nan dàimh,  
Làmh chòmhraig, a dh’ eireas leat féin,

25

Garbh-laoich, a’s cruadalaich beum,

’S géire lann an cleasachd nan saoi :

Ach ’s lionmhoire gaisgich is treun,

Tha ’g iadhadh mu Thùra na gaoith.’

Fhreagair an sonn mar thonn air carraig,

30

Cò san talamh-sa ’s cosmhul rium féin ?

Cha seasadh do ghaisgich a’m’ fhianuis ;

Ach thuiteadh gu h-iosal fo m’ làimh.

Cò es’ a thachradh ri m’ lann,

Ach Fionnghal, righ Shealma nan sian ?

35

Là, ghabh sinn an glacaibh a chéile

Air Meallmor, ’s bu threun ar spàирн,

Thuit coille fo chòmhrag nach géilleadh ;

Thionndaidh sruith, ’s chriothnaich an càrn :

Tri làith’ dh’ùraich an stri,

40

Chrith laoich, bu treun, air cùl lann :

An ceathramh, thuirt Fionnghal an righ,

‘ Thuit ceannard a’ chuain sa’ ghleann.’

‘ Cha do thuit,’ se fhreagair mi féin.

Géilleadh Cuchullin do ’n triath

45

Is tréine na gailleann nan sliabh.”

“ ’Ne mis !” thuirt an gorm shùileach treun,

\*

“ Cha ghéill mi do dhuine tha beò.

Cuchullin cho gailbheach ris féin,

Mòr an còmhrag, no ’m bàs gun scleò.

50

Mhic Fhithil, glac-sa mo shleagh,

Buail sgiath Shealma fo smal is gruaim ;

Chi thu ard i air balla nan sleagh ;

Cha b’e sanas na sìth a fuaim.

The question is can gaeil be so compounded?   
neither has quenched with the word yet & it does not offend my ear or sense of gaeil

Buail sgiath Sheuma, mhic Fhithil, gu grad ; 55  
 Gairm gaisgich o bhad 's o choill'."

Bhuail e 'n sgiath bhallach gu grad ;  
 Fhreagair gach bad agus coill',  
 Shiubhail caismeachd ro' 'n doire gun stad ;  
 Chlisg féidh is earba san fhraoch : 60

Leum Curtha o charraig na fuaim ;  
 Ghluaís Conal, bu chruadalach sleagh ;  
 Dh'fhàg Faobhui an eilid 's an ruraig ;  
 Thill Crùthgheal gu Tùra nam fleagh ;  
 A Ronain, cluinn sgiath nam blàr, 65  
 Caismeachd àrd Chuchullin, a Chlùthair ;  
 A Chalmair, o 'n chuan thig a nall ;  
 Le d' chruaidh thig a nall, a Luthair.

Mhic Foinne, 'gharbh-churaidh, éirich ;  
 A Chairbre, o chromleac a' ghuth ; 70  
 Lùb do ghlùn, Fhiochi na féile,  
 A Chormaig, o Léna nan sruth.

Sìn do shlios àluinn, a Chaoilte,  
 Air astar o Mhòra gu dian,  
 A's gile na 'n cobhar, tha sgaoilte 75  
 Air muir o ghaillinn nan sian.

Chìeadh gaisgich nan àrd ghnìomh  
 Tearnadh sìos o 'm fiar-ghlinn féin, x  
 Gach anam a' losgadh ri cuimhne  
 Gach còmhraig a' dh'aom o shean ; x 80  
 An sùile lasadh, 'g iadhadh borb  
 Mu ànmhaid dorcha Innis-fàil, \*

Gach làmh, bu tréin, an ceann gach lainn,  
 Caoir' dhealan a' dearsadh o 'n cruaidh.

Mar shruth a' taomadh o gharbh ghleann 85  
 Dh'aom na suinn o chruaich nam beann,

\* here an assurance is wanting in  
 consequence of the name..

This is  
not good

Gach triath 'n àirm 'athar nam buadh,  
 A ghaisgich dhubb-ghruamaçh 'na dhéighi,  
 Mar chomh-thional uisge nan stuadh  
 Mu'n cuairt do dhealain nan speur.

90

Chluinnte fuaim nan arm 's gach ceum,  
 Meaghla mhìolchon cleasadh ard,  
 Duain 'gam mùchadh anns gach beul,  
 Gach curaidh treun ag iarraidh blàir.

Chrith Cromleac air aghaidh nam beann, 95 ~~x~~  
 'Nuair ghabh iad am fraoch fo 'n ceann;

Sheas iad air aomadh nan sliabh,  
 Mar cheò an fhoghair, 's e liath,  
 Dhùineas mu 'n aonach gu léir,  
 'S a cheanglas a cheann ris an speur.

100

"Ceud fàilte," thuirt ceannard nan triath,  
 "Air siol àluinn nan caol-ghleann,  
 Ceud fàilte air sealgair nam fiadh.

Tha cleas eile ag éirigh fo 'r ceann;

Tha nàmhaid mu chromadh a' chuain  
 Ag iadhadh gu luath mu'n tràigh.  
 'M buail sinn siol Lochlin nan stuadh,  
 No 'm fàg sinn Eirinn do'n dàimh?

105

Chonail, a chinn-iuil nam fear,  
 Mhòr ghaisgich an àm bhristeadh sgiath,  
 'S lionmhor còmhrag ri daoine o 'n ear,  
 An tog thu sgiath t'athar, a thriath?"

110

"Chuchullin," thuirt esa' gu ciuin,  
 "Tha sleagh Chonail an comhstri geur;  
 Bu shòlas leam, 's b'e mo chliù

115

Bhi leagadh gu dlùth nan ceud.

Gediarradh mo làmh am blàr,  
 Tha mo chridh' gu sàmhchair Eirinn.

\* This word offends G 2 MacLean but it does not strike me as wrong. It is unusual but it occurs in a story - W. H. Tales Vol. I. 40.

- Thriath a's tréine th' aig Cormac bu shàr,  
 Faic loingeas nàmhaid ag éirigh, 120  
 'G éirigh suas air iomall tràigh,  
 Mar choill' air Léga nan saoi ;  
 Mar choill' tha loingeas nan dàimh,  
 A' géilleadh ma seach dha na ghaoith.  
 Chuchullin, tha Conal gu sìth ; 125  
 Thoir cìs do Shuaran nan long ;  
 Sheachnad Fionnghal féin an strì,  
 Ard cheannard shìl Alba nan sonn,  
 Fionnghal, a sgapadh na seoid,  
 Mar charraig nan sian ri feur, 130  
 'Nuair bheucas sruth Chòna nan tòrr,  
 'Sa' Mhòr-bheinn an truscan nan speur.'  
 Thuirt Calmar, " As m' fhianuis an t-sìth ;  
 Siùbhladh Conal gu mhùig mhonadh féin ;  
 Biodh a shleagh ris an eilid a' strì, 135  
 'N àite tachairt an carraíd nan ceud ;  
 Lean-sa 'n os bhallaich air Cromla,  
 Siùbhladh d'fhiúi ro' earba Léna.  
 Thusa, mhic Sheuma an àigh,  
 Chinn-fheadhna nam fear 's nan dàimh, 140  
 Sgap is ruaig siol Lochlin nan long ;  
 Bris comh-thional coigrich nan tonn,  
 Gus nach éirich eathar air sàil  
 Le seòl no comas nan ràmh.  
 Mu mhuir ghàirich Innis-thorc 145  
 Eireadh gaoth Eirinn gu h-ard,  
 Cromadh an dubh-osag shuas—  
 Tuiteam le tannais gu bàs,  
 Nan leanuinn am fiadh cho luath  
 Ri teas-chòmhrag chruaidh nan lot." 150

“ Og mhic Mhathais, nior dhiùlt riamh  
 Còmhrag nan sgiath ; ’s bha mi dlùth  
 Ri m’ chairdean an carraid nan sleagh,  
 Ge do bha, cha d’iarr mi cliù.

Thugadh buaidh a’m’ fhianuis sa’ bhlàr, 155

Thog gaisgich an ruaig is lean.

Thusa, mhic Sheuma bu shàr,

Cuimhnich Cormac is ’àit’ o shean ;

Thoir cìs do Shuaran is tìr, ————— See. *The Muilear-teach*

Gu’n gluaiseadh Fionnghal a nall. 160

Ma’s sòlas le t’anam an stri,

Sud i thogas an t-sleagh ’s an lann.” [triath,

“ Leam-sa ’s taitneach,” thuirt ceannard nan

“ Cruaidh-fharum nan sgiath ’s nan lann,

Cho taitneach ri torrunn nan sliabh, 165.

’Nuair a’ thuiteas uisg Earraich gu mall.

Eireadh siol Eirinn nam buadh ;

Siùbhladh soilleir mu ’n cuairt gach dream ;

Gluaiseadh thairis san fhraoch gu luath,

Mar ghath gréin’ air cruaich nam beann, 170

’Nuair dh’éireas gaoth an iar o thonn,

A tional gu trom nan nial,

Cluinnear fuaim air Morbheinn nan tom,

’S air daraig, ’s i lom san t-sliabh.

C’ àite bheil mo chairde cruaidh, 175

Neart mo làimh an cunnart riamh ?

C’ àite Cathbaid, bu ghloine snuagh,

Dubhchomar nam buadh, an triath ?

’N d’fhàg thu mi, Fhearghuis bu chorr,

’S an sruth mòr-sa tional rim’ thaobh, 180

A laoich an sòlas nam fleagh ’s bu inhòr

’N àm cruidail ? A mhic Rosa nam faobh,

[An d'thig thu mar earba o Ghalmair,  
Mar eilid o aomadh nan sliabh ?

Ceud fàilt air mac Rosa mheanmnaich,  
Ciod am bròn a th'air t'anam, a thriath ?”

185

“ A Chuchullin, tha ceithir clachan  
Air Cathbaid taisgte san uaigh ;  
Chuir mo làmhsa sios fo ùir

Dubhchomar, bu ghruamach snuagh.

190

Bha thusa, Chathbaid, mhic Armin,  
Mar ghréin a'dearsadh sa' bheinn.

Is thusa, Dhubhchomair nan garbh-bheum,  
Mar chomh-thional uisge nan speur.

A Mhùirne, bu ghloine measg òighe,  
Sèimh do chadal an còs nan carn ;

195

Thuit an dùbhra rùn an t-sluaigh,

Mar reul dealradh san oidhche an gleann ;  
Bidh fear-uidhe 'na aonar am bròn,

'Nuair thuiteas an solus gann.”

200

“ Aithris,” thuirt an gorm-shuileach treun,  
“ Mar thuit gaisgich nam beum am bàs.

'Na thuit iad le Lochlin sa' bheinn,

'N cruidh chòmhrag ri ceud sa' blhlàr ?

Ciod eile chumadh na laoich

205

Anns an talla chaol gun leus ?”

“ Thuit Cathbaid fo lann Dhubhchomair  
Aig daraig, a's fuaimniche sruth.

Thàinig gu doire nan còs,

'S labhair e ri òigh, bu shèimh.

210

‘ A Mhùirne, a's gloine measg nam mnà,  
Nighean àluinn Chormaic an àigh,

C'ar son an crom nan cloch leat fèin,

An còs creige a t'aonar sa' bheinn ?

- [ Tha sruthan a' toirm ri d' thaobh, 215  
 Seana chraobh a' fuaim ri gaoith,  
 Bruaillean na linne ud thall,  
 Neoil chiar mu mhullach nan carn.
- [ Thu féin mar shneachd air an t-sliabh ;  
 Mar cheò Chromla lùbadh do chiabh 220  
 A' casadh suas ris a' bheinn  
 Ri dearsa gréine o 'n iar.
- [ Mar charraig ghil tha d' uchd tlà  
 Air taobh Bhranq nan sruth bànn.' 225      *The termination in  
o is not found elsewhere*
- [ " 'N sin thuirt òigh a b' àille ciabh,  
 ' Co as, fhir a's gruamaiche dhaoine ?  
 Bu dorcha do mhala riamh ;  
 Dearg do shùil a nis, 's cha 'n fhaoin i.  
 Am fac thu Suaran air cuan ?      *\* There takes to be  
Ciòd a chuala tu mu 'n làmhaid ?*      *\* interpretation* 230
- [ Tha mise, Mhùirne, o 'n bheinn,  
 O dhoire earb nan leum ard ;  
 Nior chual' air làmhaid leam féin.  
 Thuit tri féidh fo mo làimh,  
 A nighean Chormaic, is àille snuagh, 235  
 Mar m' anam mo rùn do 'n òigh ;  
 Thuit fiadh dhuit, a làmh-gheal, fo m' chruaidh,  
 Ainnir àluinn, dha 'n géill na sloigh.'
- [ ' A Dhubhchomair,' thuirt òigh bu shèimh,  
 ' Cha 'n'eil mion dheth m' rùn dhuit féin ; 240  
 Dorch do mhala, 's duirche do ghnè ;  
 Do chridhe mar charraig sa' bheinn.
- [ Ach ort-sa, mhic Armin, mo rùn,  
 Shàr Chathbaid, tha Mùirne 'n déigh.  
 Mar dhearrsa na gréin' tha do chùl,  
 'Nuair thogas a' mhùig o shléibh, 245

- [ Am facadh leat Cathbaid, an triath,  
 Og ghallan an astar nan sliabh ? ]
- [ Tha nighean Chormaic, sonn nach mairg,  
 Feitheamh tilleadh a rùin o 'n t-seilg.] 250
- [ ' Is fada dh'fheitheas tu, Mhùirn,'  
 Thuirt Dubhchomar gu ciar borb,  
 ' Is fada dh'fheitheas tu, Mhùirn,  
 Ri mac Armin nam fiar cholg.]
- [ Seall air lann a's gloine beum, 255  
 Fuil Chathbaid a' leum gu 'chùl ;  
 Thuit leam do ghaisgeach bu treun,  
 'S fhada dh'fheitheas tu féin, a Mhùirn.]
- [ Togam-sa cloch air do rùn,  
 'Nighean Chormaic nan gorm sgiath.] 260
- [ Crom air Dubhchomar do shùil,  
 Tha 'làmh mar thorrunn nan sliabh.]
- [ ' 'Na thuit mac Armin gu bàs,'  
 Bhris, le guth a gràidh, an òigh.  
 ' 'Na thuit air an tulaich ard 265  
 Laoch a b' àille measg an t-slòigh ?  
 Ceann-feadhna nan seòd san t-seilg,  
 Nàmhaid beumnach cuain nan dàimh ?  
 'S dorcha Dubhchomar 'na fheirg,  
 Is fuileach dhomh féin a làmh.] 270
- [ 'S nàmhaid dhomhsa ; ach sìn dhomh 'n lann,  
 'S annsa dhomh Cathbaid is fhuil.]
- [ " Thug e a' ghorm-lann dha 'deoir :  
 Ruith i chruaidh, bu gheur, ro' thaobh. x  
 Thuit e aig a shruthaibh mòr : 275  
 Shìn e lamh, is chluinnte ghlaodh.]
- \* [ ' Nighean Chormaic nan gorm-bhall sgiath,  
 Ghearr thu tùs mo thriall o chliù ;

\* I don't agree with this criticism. The mode of compounding words occurs in stories.

- Is fuar an lann, a reul nan triath,  
Is fuar nam' chliabh e, Mhùirn. 280
- Thoir mise do Mhoina an òigh ;  
'S mi a h-aisling an scleò na h-oidhche ;
- Thogail mo chuirn measg an t-slòigh ;  
Chi sealgair mo chliù an soillse ;
- Ach tarruing an lann o m' thaobh,  
'S fuar leam am faobhar, a Mhùirn.' 285
- " Thàinig i gu deurach mall,  
O 'thaobh tharruing i'n lann.
- Reubadh leis a brollach bàن.  
Thuit i, is sgaoil a ciabh air làr ; 290
- Thaom sìos gu fuaimear an fhuil ;  
Bu dhearg a cruth air a làimh ghil."
- " Na cluinneam ni 's mó mu 'n òigh,"  
Thuirt ceannard a' chòmhraig an Eirinn,
- " Sìth do dh'anam nan garbh sheòd,  
Nach b'fhaoin gleus an iomairt lann. 295
- Siùbhladh iad mu m' charbad mòr,  
Faiceam an scleò air neoil nan gleann ;
- Bidh m' anam an comhstri treun,  
Mar thorrunn nan speur mo làmh. 300
- Bi-sa mar ghath gealaich, a Mhùirn,  
'Nàm sealladh mo shùil bhi gearr,
- 'Nuair shuidhicheas m'anam as ùr,  
'S a dh'ìslicheas farum a' bhlàir.
- Gluaiseadh gach dream ; gluaiseadh còmhrag, 305  
Freasdaibh mòr charbad nan triath,  
Cuir dà shleagh ri m' thaobh air chòmhla ;
- Tog romham air chòir an sgiath.
- Leanaibh na steud-eich air chòmhnard,  
Tha 'n siubhal gu mòthar 's gu luath. 310

Biodh m'anam an spionnad le sòlas,  
 'Nuair dh'éireas a' chomhstri mu 'n cuairt.'"

Mar thaomas sruth cobharach liath

O chruaich iarnaith Chromlaich àird,

An torruinn a' siubhal san t-sliabh,

'S a' chiar oidhche air leth nan carn,

Is tanas fhuar nan snuadh glas

Ag coimhead o iomall nam fras,

Cho garg, cho mòr, cho borb, cho luath,

Dh'imich cruadal sìol na h-Eirinn,

An ceannard mar mhòr-thorc a' chuain,

A' tarruing nam fuar-thonn 'na dhéigh,

A' taomadh a threunais mar stuaidh :

Fo shiubhal chritheadh an tràigh.

Chuala sìol Lochlin am fuaim

Mar shruth gàireach fuar a' gheamhraidih.

Bhuail Suaran a sgiath gu luath,

Thuirt ri mac Airn, bha teann air,

" Cluinneam toirm air thaobh nam beann,

Már chuileig fheasgair nan cleas mall ;

Sìol Eirinn nan colg a t' ann,

No doirionn nan sian sa' choill,

'S cosmhul ri Gorm-mheall am fuaim,

Mu 'n éirich gailleann a' chuain ard.

Gabh an t-aonach, mhic Airne, gu grad,

Gabh fradharc air bad agus sliabh."

Dh'fhalbh is thill e gealtach dlù,

Chìte claoen a shùil 'na cheann ;

A chridh a' clisgeadh ri thaobh,

A' labhairt baoth, briste, mall.

" Eirich-sa, shionaidh nan tonn,

A shàr cheannaird nan donn sgiath,

315

320

325

330

335

340

This is  
better for  
them than  
English.

\* See page 97. if we may say "Shark."  
we may also say "was broken" but this is unusual.

Chi mi sruth chiar-bheann nan tom,  
Chi mi sìol Eirinn 's an triath.

Carbad! carbad, garbh a' chòmhraig,  
Gluasad thar chòmhnhard le bàs;  
Carbad cuimir luath Chuchullin,  
Sàr-mhac Sheuma nan cruaidh chàs.

Tha 'earr a' lùbadh sìos mar thonn,  
No ceò mu thom nan carragh geur, X  
Solus chlocha-buadh mu 'n cuairt  
Mar chuan mu eathar san oidhche. X

Dh'iuthar faileusach an crann.  
Suidhear ann air chnaimhibh caoin,  
'S e tuineas nan sleagh a t' ann,  
Nan sgiath, nan lann, 's nan laoch.

Ri taobh deas a' mhòr-charbaid  
Chithear an t-each meanmnach séidear,  
Mac ard-mhuingeach, cliabh-fharsaing dorcha,  
Ard-leumach talmhaidh na beinne ;  
'S farumach fuaimear a chos ;  
Tha sgaoileadh a dhosain shuas  
Mar cheathach air àros nan os ;  
Bu shoilleir a dhreach, 's bu luath  
'Shiubhal ; Sithfada b'e ainm.

Ri taobh eile charbaid thall  
Tha each fiasach nan srann,  
Caol-mhuingeach, aiginneach, brògach  
Luath-chosach srònach nam beann.

Dubh-srònghéal a b'ainm air an steud-each, 370  
Làn mhile dh'ialla tana  
Ceangal a' charbaid gu h-ard,  
Cruaidh chabstar shoilleir nan srian  
'Nan gialaibh fo chobhar bàn ;

\* Something like this passage exists in Irish.  
It is more like the measured prose of the tales and  
I believe it to be genuine.

Tha clocha boilsge le buaidh 375

Cromadh suas mu mhuing nan each,

Nan each tha mar cheò air sliabh

A' giùlan an triath gu chliù.

'S fiadhaiche na fiadh an colg,

Co làidir ri iolair an neart ; 380

Tha 'm fuaim mar an geamhradh borb

Air Gormmheall mùchta fo shneachd.

Sa' charbad chithear an triath

Sàr mhac treun nan geur lann,

Cuchullin nan gorm-bhallach sgiath, 385

Mac Sheuma, mu 'n éireadh dàn.

A ghruaidh mar an t-iuthar caoin,

A shùil nach b' fhaoin a' sgaoileadh ard

Fo-mhala chruim dhorchá, chaoil ;

A chiabh bhuidhe 'na caoir m'a chéann, 390

Taomadh mu ghnùis àluinn an fir,

'S e tarruing a shleagh o chùl.

Teich-sa, shàr cheannaird nan long,

Teich o 'n t-sonn, 's e tigh'n a nall

Mar ghaillinn o ghleann nan sruth !” 395

“ C'uin a theich mi ? ” thuirt righ nan long,

“ C'uin a theich Suaran nan donn sgiath ?

C'uin a sheachnad leam cunnart trom,

Mhic Airne, bu dona riamh ?

Dh'fhuiling mi gailleann nan speur 400

Air cuan beucach nan geur fhras ;

Dh'fhuiling mi còmhrag bu treun.

C'uum an teichinn féin o'n chath,

Mhic Airne, bu taise làmh ?

Eiribh mo mhilte air an t-sliabh,

Taomaibh mar ghàirich a' chuain,

\* See ante page 97.

+ This word is to find throughout this Ossian but no where else.

## CUCHULLIN IN HIS CHARIOT.

The luxuriance of the imagery which Macpherson cultivated in his version of the Ossianic poems, has somewhat obscured the meaning of the Celtic bard, and left the English reader with little more than a garland of poetic flowers, with scarcely a thread of narrative to connect them. The original, however, is a clear, deep, continuous stream, unbroken and unobscured by the abundant growth of poetic foliage which adorns its banks. For those who have been reading "The Hardships of the Horse," we have made the following literal translation, in order to bring out the "points" of the celebrated chargers which carried "Cuchullin to his fame." Having seen Cuchullin approach, Suaran's scout addresses his master thus:—

Arise, thou, lord of the ocean,  
Commander of brown shields ;  
I see the dark-wooded mountain torrent,  
I see the sons of Erin and their chief.  
A chariot ! a chariot for the fierce conflict  
Moves o'er the plain with death—  
The rapid, shapely chariot of Cuchullin,  
Tried Shema's matchless son.  
Down, like a wave, it curves below,  
Or, like a mist on the wooded shelving rock ;  
The light of gems surround it,  
~~As~~ the sea, a skiff by night ;  
Of polished yew the shaft,  
The seat of finest bone :  
'Tis the gathering place of lances,  
Of shields, of spears, and champions !  
To the right of this great chariot,  
Is seen the spirited, compacted horse  
Of high-maned race, with ample chest, and dark,  
A high-bounding, solid steed to tread the mountain—  
And merrily resounds his tramp ;  
The spread of his forelock on high  
Is like a mist on the home of the deer ;  
Glossy is his hue, and swift his speed,  
He's well named *Long Spring*.  
Over, to the other side of the chariot,  
Is a curveting, snorting horse,  
Thin-maned, self-willed, hard-hoofed ;  
A fleet-footed, snuffing mountain steed,  
Whose name is *White-nosed-Black*.  
A thousand slender thongs  
Attach them to the car ;  
A bright, hard, bridle bit  
In each one's jaws in foam,  
And gems, which flash with worth,  
Festoon each horse's mane—  
Horses that, like mist upon the mountain,  
Carry the hero to his fame.  
Wilder than deer is their fury,  
Intense as the eagle's their strength ;  
Their sound like the fierceness of winter  
On Gormal whilst smothered in snow.  
In the chariot I see the champion,  
To keen-edged weapons born ;  
Cuchullin, with his blue-bossed shield,  
The son of Shema, whose deeds resound in song ;  
His cheek is like the seasoned yew,  
His noble eye high looks all round,  
Beneath a slender, dark-arched brow ;  
His golden locks glowing upon his head,  
And streaming o'er a countenance of noblest manly  
grace—  
As he draws his spear from behind !  
To your ships, then, great commander,  
Flee from the hero, for here he comes,  
As comes a tempest from a flooded glen !

By  
John Murdoch  
Sent by  
Carmichael.  
April 2/62

Marked by Jack Keane in Vassar College

See.

Grant on the Gael. P 418.

Edinburgh. 1814. —

West Highland Tales N. 409. &c

'Nuair chromas an osag o'n nial.  
 Eireadh Lochlin nan lann mu m' chruaidh.  
 Bithibh mar charragh an cois sàil'  
 An talamh nan ràmh agam féin,  
 A thogas an giubhas gu h-ard  
 An coimhstri ri gaillinn nan speur.''

Mar thoirm fhoghair o dhà bheinn,

Gu. chéile tharruing na suinn ;

Mar shruth làidir o dhà chraig

'G aomadh, taomadh, air an réidh,

Fuaimear, dorcha, garbh sa' bhlàr

Thachair Innisfàil is Lochlin.

Ceannard a' spealt-chleas ri ceannard,

Is duine 'n aghaidh gach duine :

Bha cruidh a' screadan air cruidh,

Bha clogaide shuas 'gan sgoltadh,

Fuil a' dòrtadh dlùth mu 'n cuairt,

Taifeid a' fuaim air mìn iuthar,

Gathan a' siubhal ro' 'n speur.

Sleagha bualadh a'tuiteam thall.

Mar dhealanoidhche sa' bheinn,

Mar onfha beucach a' chuain,

'Nuair għluaiseas an tonn gu h-ard,

Mar thorrunn air cùl nan cruach,

Bha gruaim is farum a' bhlàir.

Ged-bhiodh ceud bard Chormaic ann,

'S an dàn a' togail a' bhlàir,

Cha b' urrainn aithris ach gann

Gach coluinn gun cheann, is bàs.-

Bu lìonor bàs fhear is thriath,

Am fuil a' sgaoileadh air an t-sliabh.

Bi'bh brònach, a shiòl nan dàn,

410

415

420

425

430

435

This is the measured prose of the tale.

Musical by MacLean  
and Peacock  
Gallic.

Mu Shithàluinn nan garbh-thriath.

Tog-sa, Eibhir, t'uchd bàن

440

Mu shàr Ardan nan colg fiar ;

Mar dhà eilid thuit o 'n bheinn

Fo làimh Shuarain nan donn sgiath ;

'Nuair għluais ro' mhilte gu treun,

Mar thanas an speur nan nial,

445

Tanas, a shuidheas an scleò,

Leth-dhèanta do cheò o thuath,

'Nuair dh'aomas maraiche, nach beò,

Sealladh bròin air bhàr nan stuadh.

Nior chaidil do làmh ri d' thaobh,

450

Thriath Innis nan caoin shian ;

Do lann air astar nam faobh

Mar dhealan a' lasadh gu dian,

'Nuair thuiteas an sluagh sa' ghleann,

Is aghaidh nam beann 'nan caoir.

455

very Shrann an Dubh-srònghéal thar seoid,

Nigh Sithfad' a bhròg am fuil.

Luidh gaisgich 'na dhéigh gu leòr,

Mar choill' air Chromla nan tuil,

'Nuair għluaiseas osag ro' 'n fhraoch

460

Le tanas fhaoin na h-oidhche.

Bi deurach air carragh nam fuaim,

Nighean uasal Innis nan long ;

Lùb do għnūis àluinn thar chuan,

Thus', a's gloine na taibhs' air thom,

465

A dh'éireas suas gu mòthar mall,

Mar ghath-gréin air sàmhchair nam beann ;

Thuit, 's għrad thuit e 'sa bħlär,

Tha òig-fhear do għrāidh gun tuar

Fo lainn Chuchullin bu shàr—

470

*much of this is very bad. and suggests an English original. brog is a man's shoe. there is a word perhaps.*

Ciod dh'fhàg thu cho bànn's cho fuar?  
 Cha għluais e gu cruadal gu bràth,  
 Cha bhuaill e fuil ard nan saoi :  
 Thuit Treunfheár, òg-Threunfhear, gu bàs ;  
 Oigh, cha 'n fhaic thu do għraddi a chaoidh. 475  
 Tha 'mhiolchoin a' caoineadhi gu trom  
 Aig baile, 's chi iad a thaibhse.  
 Tha 'bhogha gun taifeid, 's e lom ;  
 Air tom tha farum a' bhàis.

Mar dh'aomas mile tonn gu tràigh, 480

A għluais fo Shuaran na dàimh :  
 Mar thachras tràigh ri mile tonn,

Thachair Eirinn ri Suaran nan long.  
 Sin far an robh guthan a' bhàis,

Toirm gàire-cath is cruidh, 485  
 Sgiatha 's màile brist' air làr,

Lanġn 's gach làimh, 'na dhealan shuas,  
 Fuaim a' bħlġair-o thaobh gu taobh,  
 Còmhrag beucach, creuchdach, teth,  
 Mar cheud ord a' bualadh baoth

Caoir o' n teallach dearg ma seach.  
 Cò sud air Léna nan sliabl ?

Cò 's duirche 's as fiadhaiche gruaim ?  
 Cò 's cosmluil ri nial bu chiar,

Lann gach triath mar thein air stuaidh ? 495  
 Tha bruaillean air aghaidh nan tom,

Chrith carraġħ nan tonn air tràigh. × .  
 Cò th' ann ach Suaran nan long,

'S triath Eirinn mu'n éireadh dàin ?  
 Tha sùil nan slògh ag ainharc claoñ

Air suinn nach b'fhaoin ag aomadh suas. 500  
 Thuit oidhche air còmhrag nan laoch ;

*Measurul  
Innove genuine  
Tunis*

490

- Cheil comhstri nan saoi gun bhuaidh.  
Air a' bheinn air fad an fhraoich  
Charnadh le Daorghlas an t-sealg, 505  
A leagadh le iomart nan laoch,  
Mu 'n d' fhàg iad aonach nan dearg.  
Bha ceud fear a' tional an fhraoich,  
Deich a' lasadh chaor-theine suas,  
Tri cheud taghadh chlocha caoin, 510  
Ceud a' cosgairet na sithinn gu luath ;  
Chìte ceò mu 'n cuairt is fleagh.  
'N sin thuirt ceann-uidhe na féile,  
Triath Eirinn an anam mhòir,  
E 'g aomadh air sleagh ag éirigh, 515  
Ri mac Phena, 'm bard bu chorr,  
" A Charuill o 'n àm o shean  
C'uim a sgaoil a' chuirm dhomh fén,  
Is righ Lochlin nan colg sean  
Air tràigh Eirinn gun fhleagh sa' bheinn ? 520  
'S fada fiadh Lochlin o 'n laoch,  
A thalla faoin a's fada thall.  
Thoir m' fhocal do'n t-saoi gun fhraoch ;  
Gairm ceannard nan long a nall ;  
Thigeadh o iomairt nan tonn 525  
Gu cuirm Eirinn nam fleagh fial ;  
Cluinneadh e fuaim nan tom  
Sa' choill' 's an oidhche fo nial ;  
'S farumach, fuaimear a' ghaoth  
A tha taomadh o 'chuan fén. 530  
Moladh e clàrsaiche caoin  
Is fonn o na laoich sa' bheinn."  
Ghluais Carul, bu shèimh glòr ;  
Ghairm ceannard nan donn sgiath.

- “ Eirich o bhian nan torc mòr, 535  
 Eireadh Suaran, righ nan sliabh,  
 Tha sòlas slige na féile  
 Mu thriath Eirinn, ’s guirme sùil.”  
 Fhreagair mar thoirm mhùchta, mhali  
 Air Cromla, ’nuair mhosglas gaoth. 540
- “ Ge d’ thigeadh òighe Innis-fàil  
 Le ’n làmhaibh bàn mar shneachda caoin,  
 Am brollaich geal ag éirigh ard,  
 Sùile tlàth ag iadhah gaol,  
 ’An so a dheanadh Suaran tàmh 545  
 Mar mhìle creag an Lochlin àigh ;  
 ’An so, gu ’n tig dearsa o ’n ear  
 A shoillse Cuchullin gu bàs.  
 Is taitneach gaoth Lochlin leam fhéin ;  
 A thog beucail a’ chuain mhòir, 550  
 Labhairt measg nam bearta treun  
 Le cuimhne mo choille bu chorr,  
 Coille Ghorm-mheall, a b’ uaine snuagh,  
 A lùbas ma seach fo ’n ghaoith,  
 Fuil chraobhach air sleagh nam buadh, 555  
 Fuil thorc ciar nan confhadh baoth,  
 Thoireadh Cuchullin domh cìs,  
 Cathair Chormaic nan gòrm sgiath ;  
 Mur toir, ’nuair dh’ùraicheas strì,  
 Bidh leam Fàl air uisg is sliabh.” 560
- “ ’S brònach an guth,” thuirt am bard,  
 “ A thug Suaran nan donn sgiath.”  
 “ Is brònach dha féin a mhàin,”  
 Fhreagair mac Sheuma an triath.  
 “ Charuill, tog do ghuth gu h-ard 565  
 Air gach linn a bh’ann nach beò ;

Caithearr oidhche ann am mìn-dhàn ;  
 Faighearr gairdeachas sa' bhròn.

'S iomadh saoi is òigh bu chaoin  
 Ghluaís o thùs an Innis-fàil.

Is taitneach dàin air na laoich  
 O thaobh Alba nam fuaim ard,  
 'Nuair dh'aomas farum na séilg  
 Fo ghuth Oisein nan caomh-rann,  
 'S a fhreagras aonach an deirg  
 Sruth Chòna nan toirm mall.'

Thuirt Carull, " san àm o shean  
 Thàinig a nall neart a' chuain,  
 Mìle long air tuinn o 'n ear  
 Gu Ullin guirm-ghlais nan stuadh.

Dh'éirich sinns'readh Innis-fàil  
 An coinneamh nam fear o thuath.  
 Bha Cairbre, an garbh churaidh, ann,  
 Is Cridh'-mor, a b'àille do 'n t-sluagh.  
 Dh'ùraich iad mu 'n tarbh bu bhàin,  
 A chìte 'm beinn Ghuilbuinnsa shuas,  
 Leig gach fear a chòir a b'fhearr,  
 Ghluaís am bàs o lanna cruidh.

Chaidh iad taobh ri thaobh air ghleus,  
 Is ghéill dàimh a' chuain sa' blàr.

Co b' annsa na fir bu treun,  
 Cridh'-mor 's Cairbre bu shàr.

B' fhearr nach cualas air tarbh riamh  
 Air Gulbuinn riabhaich an fhraoich.  
 Chunnaic iad e anns an t-sliabh,  
 'S dh'ùraich trom-dhorran nan laoch.

Bhuail iad aig Lùbar a chéile,  
 Thuit Cridh'-mor air feur 'na fhuil.

570

575

580

585

590

595

- Thàinig Cairbre gu talla na féile  
 Gu Bràigh-soluis, bu chaoin 'guth,600  
 Piuthar ghasd a' ghaisgich fén.  
 Air Cridh'-mor bha fonn na h-òigh,  
 Fear òg dha 'n robh diomhair a gràdh,  
 I deurach, 's e 'n còmhrag an t-slòigh,  
 A' feitheamh a phillidh o 'n bhlàr ;605  
 Chìte o 'truscan uasal  
 A h-uchd uaibhreach mar ghealach oidhch',  
 'Nuair bhios a h-iomall a' gluasad  
 O duibhre a tuair gu soillse.  
 Cho caoin ri clàrsach a beul,610  
 'N àm togail nam fonn le bròn.  
 Bu leath-sa an t-sùil mar reul.  
 ' C' uin a thig thu na t-airm, a sheoid ?'  
 ' Gabhsa, Bhràigh-soluis,' thuirt Cairbre,  
 ' Gabh sgiath bhallach a' gharbh-chòmhraig,615  
 Tog suas san talla nach meirg i ;  
 Dheth na h-airm bu àmhaid dhomhs' i.'  
 Bhuail cridhe bu tlà ri taobh.  
 Dh'fhalbh a snuagh, is bhris i ro' 'n fhraoch,  
 Fhuair i e marbh ; is dh'eug i san t-sliabh,620  
 'N so fén, a Chuchullin, tha 'n ùir,  
 'S caoin iuthar tha fàs o 'n uaigh.  
 Bu ghlan thu, Bhràigh-soluis, o 'n mhuir,  
 B' àille Cridh-mor o chul nan cruach.  
 Cumaidh baird ar cuimhne araon,625  
 Fhad 's a thaomas an caol o chuan."  
 " 'S binn do ghuth, a Charuill, dhomh fén,'" 630  
 Thuirt triath Eirinn bu ghorm sùil ;  
 " 'S binn d'fhocail, a bhaird, sa' bheinn,  
 Ag éirigh o àm nan cliù ;

Iad cosmhuil ri braon nan sian,  
 'Nuair sheallas a' ghrian air raon,  
 Caol fhaileus a' siubhal air sliabh,  
 'S an osag gu mall 's gu caqin.

Buail clàrsach, mhic Fhena, buail ;

635

Mol, a Charuill, mo luaidh, tha thall,  
 Deò-ghréine Dhùn-scàthach nan stuadh,  
 Ainnir bhràigh gheal, nan rosg mall,  
 Ise dh'fhàg mi 'n Innis an t-slòigh,

Og-bhean bhanail chorru mhic Sheuma.

640

An tog thu aghaidh nan snuagh caoin

O 'n charraig a' coimhead mo sheoil ?

Cha n fhaic thu ach a' mhuir fhaoin,

Cha 'n e cobhar nan tonn do sheoid ;

Fàg a' charraig, is oidhche mu 'n cuirt ;

645

Tha osag nan cruach mu d' cheann.

Cha tìll mi o achadh gun bhuaidh,

Am feadh 'sa mhaireas an ruaig sa' ghleann.

A Chonaill, le eachraidh air còmhrag

Cuir Ainnir nan triath air cùl ;

650

Aille 's glaine fo chiabh òr-bhuidh

Nighean Shorghlain 's àirde cliù."

Fhreagair Conall nan glòr mall :

" Cuir faire air coigrich a' chuain,

Cuir gaisgich san doire ud thall,

655

Ag amharc air Suaran nan stuadh.

Chuchàllin, tha m' anam gu sìth,

Gu tighinn o Alba nam beann

Laoich ghasda le Fionnghal an righ,

Ceann ghaisgeach an strì nan gleann."

660

Bhuail e, le caismeachd, an sgiath,

Dh'imich faire air taobh nan sliabh,

Luidh slòigh air aomadh fhraoich  
 Fo reula 's gaoth na h-oidhche ;  
 Tanas churaidh thuit sa' blàr,  
 Neoil ghruamach mu 'n cuairt a' snàmh,  
 Is fada thall air sàmhchair Léna  
 Chluinntear éibh a' bhàis.

665

December 1861.

If the rhythm and

Musical Cadences of this work is  
 considered without reference to the  
 Meaning it is easily divided into  
 Standards of versions ~~selected~~ as  
 above.

There remain a number of passages  
 which will not Scare & Clink  
 of these some are like the measured  
 prose of the tales, & have a Cadence  
 Some are like Half Stanzas or  
 single lines.

Some are mere Prose -

These are not numbered and it will  
 be found <sup>that</sup> the joints on which the  
 story hangs & the cement which joins the  
 detached passages, are ~~not~~ <sup>the</sup> joined in  
 These, when The meaning alone is considered.

Many of MacLean's (red ink) marks will  
 be found in these broken passages.  
 So that rhythm, meaning and grammar, all  
 point the same way. This is a mosaic  
 with evident joints

# FIONN HAL.

## DUAN II.

---

LUIDH Conall aig sruth nam fuaim  
Fo 'n daraig gun duill' air crann ;  
Ri cloich mu 'n robh còinneach uaine  
Dh'aom ceannard nan triath a cheann.  
Measg an fhraoich, an truscan dubh,  
Chualas leis guth na h-oidhche.

'O laioch luidh e fada thall,  
Gun eagal air mac nan lann.  
Chunnaic an gaisgeach \*na shuain

Sruth caoirtheach o chruaich nam beann ; 10  
Shuidh Cruthgheal air dearsa gu chùl,  
Saoi a thuit le cliu sa' ghleann ;  
Thuit e fo Shuaran nan long  
A' còmhrag an carraig nan sonn.

Bha aghaidh mar ghath na gealaich ; 15  
Bha 'earradh do nial nan tom ;  
Dhà shùil mar éibhle sa' bhealach.

'Na bhroilleach bha lot mar tholl.  
" Chruthghil ! " thuirt Conall bu shàr,  
" Mhic Gheugail o aird' nan sliabh,  
Com' tha thu cho glas o' n bhlàr,

5

10

15

20

- Cho brònach, fhir bhrisidh nan sgiath ?  
 Le eagal 'cha d' chaochail do shnuagh.  
 Ciod thionndaidh do thuar, a Chruthghil ?” 25  
 Leth-fhaicte, briseadh gu deoir  
 Shìn e 'làmh mhòr thar an laoch,  
 Thog e le spairn a ghuth-beoil,  
 Mar Leug-ghaoith an cuiseig no 'm fraoch.  
 “ Tha m' anam, a Chonaill, air tom,  
 Mo cholunn aig tonn na h-Eirinn. 30  
 Chaoidh cha labhair, a cheannaird nan sonn ;  
 Cha 'n fhaicear air lom mo cheuma ;  
 Mar aiteal air Cromla nan liabhs,  
 Mar fhaileus tigh'nn sios o cheò.  
 Chonaill 'mhic Cholgair a thriath, 35  
 Chi mi nial dhaoine nach beò ;  
 Nial a' bhàis air machair Léna,  
 Siol Eirinn a' tuiteam thall.  
 Grad-fhàg, a chinn-uidhe na féile,  
 Raon nan tanas ; na bi mall.” 40  
 Mar ghealaich a dubhadh san speur  
 Ghabh e dha féin a' ghaoth.  
 “ Fuirich,” thuirt Conall bu chòrr,  
 “ Mo charaid dileas dubh-dhearg féin,  
 Leig uat an gath teine, fhir mhòir. 45  
 Cia an talamh dha d' chònuidh sa' bheinn ?  
 Fuirich, mhic Chromla na gaoith.  
 Cia 'n t-aonach a's uaine tom,  
 Cia 'n còs bheil tunaidh an t-saoi ?  
 C'èite 'n aom thu an codal a's trom ? 50  
 Nach cluinnear thu 'm farum nan sian,  
 Measg toirm a' taomadh o 'n bhlàr ?  
 C'uin a chithear do chleasa dian ?

'S lag tanas air aghaidh nan carn."

Dh' éirich Conall bu mhìn glòr ; 55  
 Shiubhail e mòr 'na àirm ;  
 Bhuail sgiath Chuchullin bu chòrr,  
 Chlisg ceannard a chòmhraig o toirm.

" Carson," thuirt gaisgeach a' charbaid,  
 " Thig Conall nan garbh-bheum o 'n fhraoch ? 60  
 Nan éireadh mo shleagh gu d' mharbhadh,  
 Bhi dorran air m'anam, a laoich.  
 Labhair, mhic Cholgaир bu treun,  
 Tha d'fhocal mar ghréin a' soillse."

" Mhic Sheuma, ro' 'n oidhche dhuibh 65  
 Thàinig Cruthgheal o chòs nan càrn ;  
 Chìte na reulta ro' 'chruth,  
 'Nuair a dh' éirich a ghuth le spairn,  
 'S e teachdair a' bhàis a th' ann.  
 Bha 'labhairt gu mall mu 'n uaigh,  
 Iarr sìth, a thriath Eirinn nan lann,  
 No teich thar Léna o 'n chuan," 70

" Chualadh le Conall a ghuth !"  
 Thuirt triath Eirinn, bu mhòr brìgh ;  
 " Bha reulta dealradh ro' 'chruth ! 75  
 Mhic Cholgaир, a dh'iarras sìth ;  
 Is gaoth bh'air do chluais, a ghaisgich,  
 Agus toirm nan allt mu d' cheann.  
 No ma bha Cruthghil ri fhaicinn,  
 C'uim nach tug e m'fhanuis fo d'lainn ? 80  
 An d'fhiosraich o 'n taibhs' mu 'chòs,  
 Mu thalla fir astair na gaoith ?  
 Gheibhte fo lann a ghuth-beoil,  
 Gach eòlas a bha aige 'n t-saoi.  
 'S beag eòlas an t-saoi, a Chonaill : 85

'N diugh féin a bha e san t-sliabh,  
Cha b'fhad a shiubhal ; 's bu don e.  
Co dh'innseadh air bàs nan triath ?'

"Tha astar nan taibhs' air neoil,"  
 Thuit Conall bu mhòr ciall ;  
 Air gaoith chithear suinn nach beò ;  
 Tha 'n tunaidh an còs nan sliabh ;  
 'Nam fois bidh an sanas ri chéile,  
 'S an labhairt mu bhàs nam fear."

"Biodh an labhairt mu bhàs nam fear, 95  
H-uile fear ach ceannard Eirinn.

Cha teich mi o Shuaran o 'n lear,  
Mu 's fheudar tuiteam, éiridh m' uaigh,  
Aig iomairt nan stuadh, fo dhàna.

Taomaidh sealgair deoir o 'ghruaidh ; 100  
Bidh bròn a toinneadh mu Bhrài-gheal,  
Ainnir àillidh, b' àirde cliabh.

Cha 'n eagal bàs ach ruaig ;  
Chunnaic Fionnghal mo bhuaidh sa' blàr.

Thanais fhaoin nan carraigh geur, 105  
Feuch dhomh thu féin gun dàil ;  
Thig thus' air dealan nan speur,  
Is faiceam mo bheud a' d' làimh ;  
Cha teich mi o Shuaran, a thaibhs',  
Fhaileis eatruim na fàs ghaoith. 110

Eirich, mhic Cholgair, is buail  
Sgiath bhallach nam fuaim ard ;  
Eadar dà shleagh chithear shuas.

Eireadh laoch nam buadh gun dàil,  
Measg comhstrij' is blàir na h-Eirinn. 115

Ge fada 'na thighinn a nall  
Fionnghal o Innis nan gaoth,

Buaileam, a Chonaill, am blàr,  
Is tuiteam fo lann nan saoi.”

Sgaoil air an leathad am fuaim ; 120  
Dh'éirich laoich nam buadh fo arm,  
Mar bhristeas cùl dubh-ghorm nan stuadh  
San taif fo bhruaillein nan stoirm,  
Sheas iad gu mòr air an fhraoch  
Mar dharaig 's am faobh mu 'n ceann, 125  
'Nuair chluinnear fo reotha a' ghaoth,  
Duille thioram a' taomadh ro' 'n ghleann.  
Ghlas faobhar nan nial air Cromla ;  
Chrith an là air aomadh a' chuain,  
An gorm-cheathach a' snàmh air aonach, 130  
Ceileadh Innisfail 's a sluaigh.

“ Eiribh fo m' chaismeachd gu luath,”  
Thuirt ceannard nan donn-sgiath,  
“ Eiribh, shìol Lochlin nan stuadh ;  
Dh'fhàg Eirinn fo ruaig an sliabh. 135  
Leanaibh ro' Léna nan gleann,  
Gabh, a Mhòirlaimh, tigh Chormaic fo d' cheann,  
Géilleadh do Shuaran nam buadh,  
Mu 'n tuit iad san uaigh fo lann,  
'S faoin sanas a' bhàis an Eirinn.” 140

Dh'éirich iad mar scaoth o 'n chuan,  
'Nuair bhuaileas an stuadh an tràigh.  
Mar mhìle sruth bha toirm an t-shuaigh,  
'N àm tachairt an Cona an àigh, 145  
An garbh-eas, a' briseadh' o 'n oidhche,  
Fo dearsa soillse na gréine.  
Mar thaomas faileus dùbhra dùinte  
Air aomadh mùgach foghair thall,  
Cho gruamach, dorcha, dlùth, gun chuntas, 150

- Shiubhail Lochlin mòthar, mall.  
 Mar thorc ciar air chrwaich nam beann,  
 Ghluais 'na airm ard-righ nan lann ;  
 Air taobh a' gaisgich chìte sgiath  
 Mar thein an oidhch' air leac nan sliabh,      155  
 An saoghal dorcha, sàmhach, faoin,  
 Fear-siubhail critheach coimhead claoine  
 Air tanas baoth san dearsa.  
 Chithear thall an carn fo scleò,  
 'S na daraig mhòr a dh'fhàs air.      160  
 Chuir osag o bhruaillein a' chuain.  
 Fo ruraig an ceathach o 'n charn.  
 Chunn'cas siol Eirinn nam buadh;  
 Mar charragh ri stuaidh nan ràmh  
 'N àm seach'ran do mharaich o 'eòlas,      165  
 'S e brònach mu chaochladh nan speur.  
 " Siubhail, a Mhòrlaimh, gu luath,"  
 Thuit righ Lochlin nan stuadh ard ;  
 " Tairg sìth do dhaoine fo ruraig ;  
 Sud shuas iad mu chrwaich nan carn,      170  
 Tairg sìth a bheiream do righre,  
 'Nuair chromas an cinn fo lann,  
 'N déigh an gaisgich a thuiteam san stri,  
 'S òigh mhìn gu deurach sa' ghleann."  
 Thàinig Mòrlamh mòr mac Shathair ;      175  
 Bu mhòr, 's bu mhòthar a cheum,  
 Gu labhairt ri triath Eirinn bu shàr  
 Measg coimhthionail ard an treun.  
 " Gabh sìth o Shuaran, 's thoir cìs,"  
 Thuit gaisgeach nach mìn glòr ;      180  
 " Gabh sìth a bheirear do righre,  
 'Nuair thuiteas an stri na slòigh.

- Fàg Eirinn nan sruth 's nan raon :  
 Do bhean, is cù caol an fhéidh,  
 Brài'gheal uchd-àluinn is caoin, 185  
 Luath, a dh'fhàgas a' ghaoth 'na dhéigh,  
 Tairg sin ; oir is lag do làmh,  
 Gabh smachd ; na bi dàn 's bi beò."'
- " Innis do Shuaran nan sgiath,  
 Cha do ghéill mi riamh, 's cha ghéill. 190  
 Bheiream an cuan dha 'n triath,  
 No uaigh dha 'shlòigh an Eirinn.  
 An là sin cha d'thig gu bràth  
 Bheir dearsa mo ghràidh gu tuath,  
 'S cha teich, an Lochlin nan carn, 195  
 Ard-chabhrach na seilg o Luath ?"
- " Fhaoin cheannaird a' mhor charbaid,"  
 Thuirt Mòrlamh, " bheil t'àirm ro? 'n righ,  
 An righ le luingeas o gharbh-choill,  
 Thogadh 'n innis mu 'n dhùisg an strì ? 200  
 'S cho beag Eirinn nan tom uaine  
 Do cheannard a' chuain fo stoirm."
- " Am focail géilleam do Mhòrlamh,  
 Mo lann do neach beò cha ghéill.  
 Bidh Eirinn fo chumhachd Chormaic. 205  
 Fhad 's a bhitheas deò annam féin.  
 Chonaill, chinn-fheadhna nam fear,  
 Chual thu Mòrlamh nam faoin-ghlòr ?  
 Bheil sìth dhuit ri daoine o'n lear,  
 Fhir bhrisidh nàn sgiath mòr ?" 210  
 Thanais Chruthgheal na faoin ghleus,  
 C' uim a thog thu dhomh féin am bàs ?  
 Tuiteam an tigh caol gun leus  
 Measg sòlais nan treun-dhàn,

Togaibh, a shìol Eirinn nam buadh,  
Gach garbh-shleagh is iuthaidh geur.  
Buailibh dàimh Lochlin o thuath,  
Mar thanais a nuas o 'n speur.”

Dorcha, beucach, colgach, dùinte  
Thaom iad dlùth o dhùbhra a' bhlaire,  
Mar cheò an gleann is doimhne mùig,  
'Nuair thig na stoirm o chùl nan carn  
Air sàmhchair chiuin na gréine.  
'Na airm għluais Cuchullin féin,  
Mar thanas speur an iomall neoil,  
Earradh dearg do dhealan geur,  
'S gach gaoth bu treun 'na làimh ro-mhòir.  
Bha Carull anns an doire shuas,  
Stoc nam buadh a' fuaim 'na làimh,  
Thogail anama mòr an t-sluaigh  
Le cruaidh bhrosnachadh nan dàn.

“ C’āite,” thuirt am beul bu bhinn,  
“ C’āite shìn thu féin, a Chruthgheal ?  
'N ad luidhe air an fhonn gun bhrigh,  
'S do thigh grinn gun slige chùbhraigdh ?  
'S dubhach bean Chruthgheal fo dheoir  
'Na coigreach an talla a' bhròin.  
C' i sud mar dearsa air sliabh,  
Air aghaidh chiar nan nàmhaid ?  
C' i, ach Deò-ghréine nan ciabh,  
Bean Chruthgheal is àillidh bràghad ?  
Tha 'falt air a' ghaoith 'na déigh ;  
'S dearg a sùil, 's is caol a guth.  
'S glas Cruthgheal an astar an fhéidh ;  
An còs na creige tha 'chruth.  
Thig e gu m' chluais am fhois ;

'S lag a ghuth san oidhche,  
Mar sheillein ag iadhadh mu chloich,  
Mar chuileig an iomall soillse.

Ach thuit Deò-ghréine mar nial                          250  
Am madainn chiar san ard-bheinn.  
Tha lann Lochlin 'na caoin-chliabh.  
Thuit rùn nan triath, a Chairbre ;  
Thuit i, Chairbre, do chliu,  
Sàr ghallan ùr na h-òige.”                          255

Chuala Cairbre fuaim a bhròin,  
Shiubhail mar mhòr-thorc a' chuain ;  
Chunnaic e 'nighean gun deò,  
Dh'aom e ro' mhìltean an t-sluaigh.  
Thachair ri Lochlin a lann ; 260  
O cheann gu ceann las an còmhrag,  
Mar cheud gaoth an coille mhòir  
An Lochlin nan tòrr 's nan tonn  
Mar cheud teine 'n giuthsach chòrr  
Air cheud beinn an tìr nan long ; 265  
Cho beucach, creuchdach, lionor, mòr,  
Thuit aghaidh an t-slòigh fo 'airm.  
Mar chluarain ghearr Cuchullin daoine,  
Bha Eirinn ag aomadh fo Shuaran.  
Thuit Curthach fo làimh nach caomhnadh, 270  
Is curaidh nach b' fhaoin an Cairbre.

Tha Mòrlann a chaoidh fo phràmh,  
Chrith thu fo 'n bhàs, a Chaoilte,  
Bha d' fhuil air do bhràighe bàن,  
Do chiabh bhuidh air làr 's i sgaoilte. 275  
'San àit anns 'na thuit an sonn,  
'S tric a chuir e air lom cuirm,  
'S tric o 'n chlàrsaich bluail e fonn,

- 'S a mhiolchoin san tom a' gairm,  
 'Nuair bha òig-fhear nan caol-ghleann . . . . . 280  
 Cur taifeid air crann na seilg.  
 Dh'imich Suaran, righ nam buadh,  
 Mar mhòr-shruth fuar nam fàs-bhleann,  
 'Nuair thuiteas a' bhruach le 'luas  
 'S na cuirn a' gluasad sa' ghleann. 285  
 Sheas Cuchullin treun 'na chomhair,  
 Mar chruaich mhòir mu 'n sgaoil an nial :  
 Bhi cleasachd na gaoithe mu 'scòrr,  
 'S a' ghiuthsach chòrr air taobh nan sliabh  
 'S a chlochinheallan a' breabadh air craig ; 290  
 Seasaidh craig na 'neart gu h-ard  
 'Cur fasgadh air tlàth-ghleann Chòna.  
 Mar sin bha Cuchullin nam buadh  
 'Cur fasgadh air sluagh na h-Eirinn.  
 Mar fhuanan caoin a thaomas sruth, 295  
 Dhòirt an t-huil mu 'n cuairt do 'n laoch.  
 Thuit Eirinn air àros nan cruth,  
 Mar shneachda fo ghréin san fhraoch.  
 " Shìol Eirinn," thuirt Cruthmal gun tuar,  
 " Tha Lochlin san ruaig 'nar déigh. 300  
 C' uim shesas mar chuisseig ri stuaidh ?  
 Grad theichibh gu cruaich an fhéidh."  
 Theich esa' mar fhiadh san fhireach,  
 A shleagh mar bhioran ri thaobh.  
 Cha lionor ghabh astar gioraig 305  
 Le Cruthmhàl bu dona faobh,  
 Thuit iad an carraig nan laoch  
 Mu charraig an fhraoich air Léna.  
 Air charbad mòr nan clacha-buadh  
 Chìte shuas ard thriath na h-Eirinn ; 310

Mharbhadh leis gaisgich o thuath,  
'S labhair ri Conall na féile.

“ A Chonaill, ard-cheann nam fear,  
A dh'altrum gu gleus bàis mo làmh,  
Ge d' theich siol Eirinn o 'n lear,  
Cumaidh sinne còmhrag ri dàimh.  
A Charuill o 'n àm a dh'fhalbh,  
Gabh le m' chairde do 'n tom ud shuas,  
A Chonaill ! seas sa ri m' lainn  
Gu cumail o' chall na ruaige.”

315

320

Leum Conall air carbad nam buadh ;  
Chìte shuas sgiath mhòr nan treun,  
Mar ghealaich a' dubhadh fo ghruaim,  
Piuthar uaibhreach reul nan speur,  
'S i 'g imeachd gu donn o 'n ear,  
'S droch caochladh air inntinn nam fear.  
Bha Sithfada spairn ri cruaich,  
'S an Dùbh-srònghéal bu luath ceum ;  
Mar thuinn mu mhòr-thorc a' chuain,  
Bha tarruing an t-sluaigh nan déigh.

325

330

Air taobh Chromla nan cruach ard  
Sheasadhbh brònach thall siol Eirinn,  
Mar mhòr-choille loisgte gu crann  
Fo ghaoith-oidhche air carn ag éirigh,  
O chéile fada tioram donn  
Gun duill' air lom a' fuaim.  
Cuchullin fo dharaig thall,  
Sàmhach, gaisgeach nan rosg mall,  
A ghaoth 'na fhalt craobhach shuas,  
'Nuair thàinig fear-coimhead a' chuain,  
Moran mac Fhithill, am bard.  
“ An luingeas, an luingeas, a th'ann

335

340

O ard-innis nan ciar-bheann !  
 Fionnghal, ceann nan slògh, an triath,  
 Fear-bhristeadh nan donn-sgiath ; 345

An cobhar bàن mu thaobh nan long,  
 Na croinn le siuil mar choill' nan tom  
 Measg tional trom nan nial."

Thuirt Cuchullin, " Séid, a ghaoth,  
 O innis chaomh cheathaich a' chuain ; 350  
 Gu bàs nam mìlte thig, a shaoi,  
 Ard-righ Shelma is mòr luaidh.

Tha do shiuil, mo charaid, dhomh féin,  
 Mar dearsa na maidne o neul,  
 Do luingeas mar sholus nan speur, 355  
 Thu féin mar theine bu chòrr.

A dhealras gu mòr san oidhche  
 A Chonaill, chinn-uidhe nan triath,  
 'S taitneach ar cairde am bròn.

Tha 'n oidhche tional mu 'n t-sliabh, 360  
 C' àite bheil Fionnghal nan long ?  
 Suidheamaid fo 'n dùbhra dhùint  
 Feithamh gealaich ùir is reul."

Theirinn air a' choill' a' ghaoth,  
 Toirm nan eas air cuirn nan sliabh,  
 Uisg mu Chromleac an fhraoich,  
 Dearg-reulta plaosgadh ro' 'n nial.  
 Ro-bhrònach air taobh nan sruth  
 Shuidh ceannard Eirinn nan triath ; 370  
 Conall mac Cholgair r' a làimh,  
 Is Carull o 'n àm a dh'fhalbh.

" 'S dona do làmh, a Chuchullin,"  
 Thuirt mac Sheuma bu mhòr feum,  
 " 'S dona do làmh, a Chuchullin, 375

O thuit leat do charaid féin ;  
 Fheairde mhic Amuin an àigh,  
 Bu mhòr dhuit mo ghràdh sa'bheinn.”

“ C’ uime, Chuchullin, mhic Sheuma,  
 Thuit fear-bhristeadh nan gorm-sgiath ?      380  
 ’S cuimhne,” thuirt Conall nam beum,  
 “ Sàr-mhac Amuin nam mòr-thriath ;  
 Bu mhòr e, ’s b’ àluinn a shnuagh,  
 Mar bhogha nan stuadh san speur.”

“ Thàinig Feard o Alb’ a nall,  
 Sàr cheannard nan ceud ghleann ;  
 An talla Mhùire thog e ’lann ;  
 Fhuair e cairdeas nach bu ghann.  
 Bha m’ astar san t-seilg leis an laoch,  
 B’ àros faraon dhuinn am fraoch.      390

Deudgheal, bean Chairbre, bha còrr,  
 Triath mhòir raon Ullin is Ardbheinn,  
 B’ e solus na sgéimh a còir,  
 B’ e cridh’ an talla dha ’n ardan ;  
 Bha ’gaol do dearsa na h-òige,  
 Mac Amuin, a b’ uailse gnè.      395

‘ A Chairbre,’ thuirt làmh bu chàoin,  
 ‘ Thoir feudail gu leth dhomh féin ;  
 Fàgam do thalla, fhir fhaoin ;  
 Chairbre, thoir dhomh leth sa’ bheinn.’      400

Thuirt Cairbre, ‘ Thugadh mac Sheuma  
 Gu leth dhuit an fheudail san fhraoch.  
 Bhean ghasda, is àillidh ceuma,  
 Na faiceam thu féin a chaoideh.  
 ’S-e anamsa còmhnuidh na còrach,  
 Gheug-sholuis na mòr-chuis, bi slàn.’      405

Dh'fhalbh is roinn an fheudail dhoibh ;  
Bha 'n tarbh mar shneachd air sliabh.

Thug mi do Chairbre an tarbh.

Dh'éirich ardan mu rùn nan triath.

410

‘ Mhic Amuin,’ thuirt bean bu tlàth,

‘ Chuir Cuchullin m' anam fo cheò.

Cluinneam, a thriath, air a bhàs,

No bitheam air Lùbar gun deò,

Bidh mo thanas mu phlaosgadh do shùl, 415

Is m' ardan, a rùin, a' d' dhéigh.

Gearr-sa Cuchullin gu 'chùl,

No fàg mi gun chliu sa' bheinn.’

‘ Lamhgheal,’ thuirt an t òg bu treun,

‘ C' uim' an cuirinn mac Sheuma gu bàs ? 420

‘ S e caraid mo smaointean e féin ;

C' uim' thogainn, a gheug, an lann ?’

Tri lài thuit i air deoir,

An ceathramh thog an t-òg a sgiath.

‘ Buaileam mo charaid bu chòrr ;

425

Ach tuiteam an tùs san t-sliabh.

Am b' urrainn domh fhaicin san aonach,

‘ S mi m' aonar, Cuchullin is 'uaigh.’

Rinn còmhrag air raon na Mùire,

Is sheachainn ar lanna lot ;

430

Bha screadail air clogaid le 'n cùlaobh,

‘ S air sgiatha bu dhùbh-ghorm cop.

Bha Deudgheal ri gàire aig làimh,

Thubhairt ri Feairde gun dàil ;

‘ Is lag na d' ghlaacaibh an crann ;

435

‘ S lag do lann, is lag thu t-òige,

Cha choimeas do t-aois a' chruaidh,

- Fàg a' bhuaidh aig sàr mhac Sheuma,  
Mar chraig air thaobh Meallmoir an laoch.  
An sùil a' ghaisgich chìte deoir. 440  
Labhair e gu fòil sa' bheinn,  
' Chuchullin, tog do sgiath chòrr,  
Thoir aire, fhir mhòir, ort fhéin ;  
Tha m'anam fo eallach am bròn  
Mu d' fhuil a dhòrtadh, fhir thréin.' 445
- Ghluais m' osna, mar ghaoith o chòs,  
Dh'éirich àrd 's bu gheur a' chruaidh.  
Thuit dearsa a' chòmhraig ; fo 'n tòrr  
Tha Feairde gun deò san uaigh.
- 'S dona do làmh a Chuchullin, 450  
O thuit an t-òg duineil fo d'lann.'
- " 'S brònach an sgeul, a thriath a' charbaid,'  
Thuirt Carull nam marbh-rann ;  
" Chuir m'anam air ais le farmad  
Gu aimsir a dh'fhalbh 's a bh'ann. 455
- Na laithean a dh'aom o shean,  
'S tric a chual air Comal sgeul,  
A reub an caraid dha 'n robh 'ghràdh,  
Bha buaidh air a chruaidh am feum,  
Am còmhrag nan treun sa' bhlàr. 460
- Bha Comal o Alba féin ;  
Thar ceud beinn bu thraighe an triath,  
O mhile sruth dh'òladh 'fhéidh ;  
Chluinnt' a choin air mìle sliabh ;  
Bha 'aghaidh cho sèimh ri òighe, 465
- Bu bhàs a làmh mhòr do laoich.  
Bha 'rùn do ainnir, 's bu chòrr i,  
Nighinn Chomhlúich nan corn 's nam faobh.  
B' is' an gath-gréine measg mhùnài ;

- Bu duibhe na fitheach a ciabh ; 470  
 Bu luath a coin sheilg air tràigh ;  
 Chluinnt' a bogh' air ghaoith nan sliabh.  
 Bha h-anam air Comal a'tàmh ;  
 'S tric thachair an gràdh an sùil,  
 Sa' mhonadh bha iomairt an làmh, 475  
 Bu taitneach an sanas air chùl.  
 Bu rùn do Ghruamal an òigh ;  
 Triath Ardbheinn nam mòr nial.  
 Bha 'aire mu h-astar o shlòigh,  
 Nàmhaid Chomail nan gorm-sgiath. 480  
 Aon là o 'n t seilg, is iad sgìth,  
 Ceo a cleith na frìth o 'n t-slùagh,  
 Thachair Comal is ainnir gun chlìth  
 'N còs Ronain aig srìth nan stuadh,  
 Aite-còmhnuidh do Chomal o 'n t-seilg, 485  
 Dha féin is do airm nam buadh.  
 Bha ceud sgiath ard gun mheirg,  
 Cend clogad treun do chruaidh.  
 ' Gabh tunaidh,' 'se thubhairt an t-òg,  
 ' A Ghealmhìn a's àillidh snuagh ; 490  
 Ghath-soluis a's ainneamh an còs ;  
 Chi mi cabrach mòr mu' n chruaich ;  
 Falbhaidh, ach tilleam gun tàmh.'  
 ' Tha m' eagal mu nàmhaid,' thuirt òigh,  
 Mu Ghruamal nach éirich an dàn, 495  
 Dha 's annsa Ronan 's a chòs.  
 Ach fuirigheam am measg nan arm  
 Gu d' thilleadh o thoirm na seilg.'  
 Dh'fhalbh e gu Mora an fhéidh.  
 Chum feuchainn nach d'thréig a ghràdh, 500  
 Chuir ise na h-airm oirre féin,

Is luathaich i' ceum gu tràigh.  
 Shaoil e gur nàmhaid a bh' ann ;  
 Bhuail a chridh' gu h-ard a chliabh ;  
 Thionndaidh a dhearg-chruth gu bàn, 505  
 Mu'shùile bha dorchadas ciar ;  
 Tharruing e'm bogha gu chùl ;  
 Leum o'thaifeid iuthaidh réidh ;  
 Thuit Gealmhìn 'na' fuil, a rùn.  
 Thàinig 's b'fhiadhaich a ghnùis 's a cheum, 510  
 Ghairm air nighinn Chomluich nan long  
 Gun fhreagradh o thom no sliabh,  
 'C' àite bheil thu, rùn nan sonn,  
 Ainnir ghasda nan trom-chiabh ?"  
 Bha cridhe-sa clisgeadh thall 515  
 Mu'n iuthaidh a dh' fhàg a làmh,  
 'An tus' a nighinn Chomluich a t' ann ?'  
 'S e tuiteam gun dàil mu'bràigh.  
 Fhuair sealgair an dithis a b' ùr  
 An àros an fhéidh ri stuaidh. 520  
 Bu dorch a laithe mu'rùn,  
 Bu lìonor a cheum mu'h-uaigh :  
 Thàinig luingeas naimhd' o thuath,  
 Bhuail is chuir fo ruaig an dàimh.  
 Ag iarraidh á'bhàis ro' n t-sluagh, 525  
 Co a bhriseadh a chruaidh air tràigh ?  
 Thilg e'airm dhùbh-ghorm air réidh ;  
 Fhuair iuthaidh a chré gun bhàigh.  
 Tha chadal, a Ghealmhìn, ri d' thaobh  
 Mu iomairt na gaoith air chuan. 530  
 Chi maruich' an uaigh maraon  
 'S e'g éirigh air druim nan stuadh.'"

## FIONNGHALL.

### DUAN III.

---

“ ’S TAITNEACH leam focail nam fonn,”  
Thuirt Cuchullin, an sonn deas,  
“ S-taitneach sgeul air àm a dh’fhalbh,  
Caoin mar bhalbh-dhrùchd madainn shèimh  
Air dosan is tuim nan ruadhag, 5  
'Nuair a dh’ éireas a’ ghrian gu mall  
Air slios sàmhach nan liath-bheann,  
Loch gun bhruaillein fada thall  
Caoin is gorm air urlar ghleann.  
A Charuill, tog a rìs do ghuth, 10  
Dh’éirich le aoibhneas san talla,  
'Nuair bha Fionnghal nam ball-sgiath  
Lasadh mu ghniòmh a shìnns’re.”

“ Fhionnghail, fhir còmhnuidh sa’ chòmhrag,”  
Thuirt Carull, bu bhinne fonn, 15  
“ ’S lìonor do chleas agus dubh-bhuill;  
Fo t-fheirg thuit Lochlin nan long,  
'Nuair bha t-aghaidh cho lom ri òigh'.  
Chunnaic iad aghaidh na h-òige,

- Bha 'n gàire 'n tùs mu 'n laoch. 20  
 Bha 'm bàs 'na làimh anns a' chomhstri.  
 A neart mar thuil Lòra an fhraoich ;  
 Mar mhile sruth bha ghaisgich chiar,  
 An carraig nan sgiath, mu 'n t-sonn,  
 'Nuair ghlac iad righ Lochlin nan sliabh, 25  
 Is thugadh e sìos da luing.  
 Dh' at ardan 'na chridhe borb,  
 'N robh bàs dorcha dha 'n òig-fhear  
 'N anam triath bu choirbte colg.  
 Cha d'fhuair duine buaidh sa' chromhstri 30  
 Air Starno ach Fionnghall féin.  
 Shuidh an triath 'na thalla thall,  
 An tìr nan Gall is airde coill'.  
 Ghabh e Sniobhan liath 'na dhàil,  
 Is labhair e gu mall le foill ; 35  
 Sniobhan, a thogadh am fonn  
 Aig leac Lòduinn crom san t-sliabh ;  
 'Nuair chluinneadh an fhuath-chlach an sonn,  
 Thilleadh còmhrag ruaig nan triath.  
 A Shniobhain, a's glaise ciabh," 40  
 Thubhaint Starno nan sgiath donn,  
 " Siubhail gu Ardbheinn nan sliabh,  
 Gu Selma, mu 'n iadh an tonn ;  
 Innis do Fionnghal an righ,  
 A's gloine measg mìle triath, 45  
 Dha bheiream nighean a ghuth bhinn ;  
 Oigh a's àillidh thog mìn-uchd riabh,  
 Cho geal a ruighe a tha cruinn,  
 'S an cobhar air druim a' chuain.  
 Caoin anam géig a' chùil duinn. 50  
 Grad thigeadh an righ air stuaidh ;

Thigeadh an gaisgeach nach striochd  
Gu nighinn a's diomhaire ceum."

Thàinig Sniobhan bu għlas ciabh.

Chaidh Fionnghal air triall le 'shluagh,        55  
Leum anam, a' lasadh, roi' 'n triath,  
Gu ainnir nan ciabh o thuath.

" Ceud fāilte," thuirt Starno bu chiar,

" A righ mhòir nan sliabh, ceud fāilt.

Bhur heath-sa, ghaisgich mu 'n triath,        60  
A shiol innis nan cruach ard.

Tri lai, san talla so féin

Gabhaibh cuirm is gleus fo 'r ceann;

Tri lài measg ciar-thuire is féidh,

Am faoghadh an réidh 's a' ghleann.        65

Cluinnidh òigh a's àillidh bhur cliu,

'S i tunaidh air chùl an t-sluaigh."

Bha bàs nam fear 'na anam borb;

Thug e slig is cuirm nam fleagh.

Bha amharas an righ mu 'cholg;        70

Chum 'éideadh, is għlac a shleagh,

Thuit eagal air sinnsire bhàis;

Theich iad thall o rosg an righ.

Dh' éirich guth aoibhneis mu 'n cuairt;

Bha aighear 'ga luaidh air teud,        75

Sheinn bàird air comhstri nam buadh,

'S air ard-uchd fo luaidh an tréin.

Thog Ullin, fear-focail an righ,

Guth binn o Chòna nam fuaim,

Mhol e nighean Lochlin nam frith        80

'S triath Mhòrbheinn a's airde gruaim,

Chuala nighean Lochlin an ceòl;

Dh'fhàg i 'talla diomhair thall;

Thàinig 'na h-àille dha 'n còir,  
Mar ghealach òg o neoil air sàil. 85  
Bha sgèimh mar sholus 'ga h-éideadh ;  
Bha 'ceuma mar cheòl nan dàn.  
Chunnaic i 'n righ 'n òigh bu bheusach ;  
Dh' éirich osna a cléibh gu mall ;  
Bha gorm-shùil ag iadhadh os iosal 90  
Mu thriath Mhòirbheinn nan liath charn.”

An treas là le dearsa gu iar  
A' boillsgeadh air sliabh nam torc,  
Gluais Starno nam mala ciar,  
Is Fionnghal nan sgiath 's nan lot. 95  
Leth soillse chaith iad san t-seilg ;  
Bha sleagh Shelma night' am ful.

Thàinig nighean Starno nach maирg,  
A gorm-shùil fo dheoir an tuil.  
Thàinig òigh' le guth bu tlàth, 100  
Gu laoch, bu shàr, righ Mhòirbheinn.

“ Fhionnghail o shinnsear nan triath,  
Na cuir earbsa 'n ardan Starno.  
Tha 'ghaisgħich ceilte san t-sliabh,  
Sa' choille chiar fo àrmaibh ; 105  
Seachainn coill' a bhàis, a righ,  
A threun-fhir o innis nan ràmh.

Thoir cuimhne air Làmh-gheal nan sonn ;  
Cum a h-athair o òigh an uchd bhàin,  
Righ Mhòirbheinn mu 'n iadh an tonn.” 110

Gun bhruaillein gluais an t-òig-fhear suas,  
A ghaisgħich 'nan cruidh ri thaobh.  
Thuit luchd a' bhàis fo 'laimh gu luath,  
Ghair Gorm-mheall mu 'n cùairt le 'fraoch.

- Fa chomhair an talla'n robh fleagh, 115  
 Chruinnich o'n t-seilg an sluagh ;  
 Thàinig borb-Starn' le 'shleagh,  
 Dhuhb-mhala mar nial air stuadh,  
 'S a shùil mar ruadh-thein oidhche.
- " Thig-sa," thuirt Starno na strì, 120  
 " Aghaidh shneachda a's mìne glòr.  
 Cha robh do chòmhradh faoin do 'n righ ;  
 Air a làimh tha fior-fhuil an t-sluaigh."
- Thàinig le 'dearg-shùil fo dheoir,  
 A ciabh bu chòrr a sgaoileadh ard, 125  
 A brollach bàn fo osnaidh mhoir.  
 Co gheal ri cobhar sruth nan carn.  
 Bhuail Starno a chruaidh 'na taobh ;  
 Dh'aom i mar chuitheamh air an t-sliabh  
 'N àm tuiteam o Liath-lic an fhraoich, 130  
 'S fuaim a' gluasad o 'n aonach chiar,  
 'Nuair is sàmhach a' choill' 's an t-ard,  
 Is mac-talla snàmh sa' ghleann.  
 Thug Fionnghal sùil air a shluagh,  
 Is dh'éirich a shluagh fo àirm. 135  
 Bha 'n còmhrag mar charraig nan stuadh.  
 Chaidh Lochlin fo ruaig san stoirm.  
 Thog e òigh bu ghlaaise snuagh,  
 Ainnir fharast, bu mhìn gnè.  
 Chuir a luingeas ri iomairt a' chuain ; 140  
 Fo Ardbheinn tha 'h-uaigh san réidh ;  
 Tha stuadh mu 'tigh caol gun leus.  
 " Ceud fàilt air t-anam, a gheug,"  
 Thuirt Cuchullin bu treun làinbh.  
 " Ceud fàilt air bàrd, a's binne beul, 145  
 'S air gaisgeach mu 'n d'éirich dàn.

Bu làidir 'na òige 'n righ,  
Is neartmhòr 'na aois a lann.  
Tuitidh Lochlin fo 'chruadal a rìs,  
Ard cheannard nam frìth 's nan gleann. 150  
Feuch do ghnùis o neoil ag éirigh,  
A ghealach, a shoillseadh a shiuil.  
Ma tha taibhs' is neartmhòr sna spéuraibh  
'Na shuidh air ceathach gu 'chùl,  
Tionndaidh a luingeas o charragh, 155  
Fhir a tha marcachd nan sìan."  
So thuirt Cuchullin nam buadh  
Aig fuaim sruth uaibhreach nam beann.  
Thàinig Calmar a lotadh san ruaig,  
Mac Mhathais gun tuar o' n ghleann. 160  
Thàinig e 'na fhuil o' n bhlàr ;  
Dh'aom gaisgeach bu shàr air crann.  
Bu lag o' n chòmhrag a làmh,  
Bha spionnadh 'na anam san àm.  
 " Do bheath,' a mhic Mhathais," thuirt Conall,  
" Do bheatha dha d' chairdibh, a thriath, 166  
C' uim' a bhris an osna o d' bhrollach,  
Fhir anns nach robh eagal riamh."  
 " Cha robh, a Chonaill, 's cha bhì,  
Thriath chòmhraig a's géire cruaidh, 170  
Tha sòlas air m' anam san strì,  
'S binn leam fuaim comhstri an t-sluaigh.  
Tha mise do shliochd nam beum ;  
Cha robh eagal nan ceud air mo shinns're.  
B' e Cormar an ceud-fhear dhe m' thréibh ; 175  
Bha 'aoibhneas an stòirm nan stuadh ;  
Bha 'dhubh-eathar luathmhòr, seang,  
Air sgéith gaoithe, 'n astar a' chuain.

- Chuir tannas bruaillein san oidhch' ;  
 Dh'at muir gun soills', bha carradh fuaim ; 180  
 Bha ghaoth 'cur nial agus bhoillsg'  
 Tein-oidhche air aghaidh nan stuadh.  
 Ghabh eagal is thill e gu tràigh.  
 Bu näir leis gun ghabh e fiamh :  
 Bhuail e gu aigein gun tàmh 185  
 Dh'iarruidh fuath-thanas nan nial,  
 Tri òig-fhir riagh'l' eathar air tonn,  
 Bha 'chlaidheamh, 's e lom, 'na làimh.  
 'N dubh-cheathach air àros nan long,  
 Dh'iarr ceannard nan sonn le 'lann : 190  
 Le 'lainn a dh'iarr an dùbhra,  
 'S e dlùthadh ri 'n tannas gu cheann.  
 Dh'fhàg sàmhla a' ghaoth 's an speur ;  
 Dh'éirich reulta 's gealach chaoin,  
 " Cho dàna ri m' shinns're mi féin ; 195  
 Tha Calmar a réir nan sonn.  
 Teichidh cunnart a chaoidh o 'lann ;  
 'S ann dhoibhs tha dàn a bli's buaidh.  
 Sibhse, shìl Eirinn na féile,  
 Fàgaibh Léna, 's fuileach fraoch, 200  
 Tionail na mhaireas ri chéile  
 Gu righ nam beum, ard-thriath nan laoch.  
 Chualas triall Lochlin fo àirm ;  
 Gabhams an còmhrag a'm' làimh ;  
 Bidh m' fhocal cho ard ri stòirm ; 205  
 Bidh am barail gur mìle th' ann.  
 Mhic Sheuma, cuir cuimhn' orm féin ;  
 Cuir cuimhn' air Calmar gun deò ;  
 'Nuair bhuadhaicheas Fionnghal sa' bheinn,  
 Cum mo chuimhne le cloich o cheò ; 210

Cluinnidh gach linn am dhéigh

Air Calmar, e féin, 's a chliù.

Bidh a mhathair an astar an fhéidh,

Fo aoibhneas a' coimhead air 'ùir."

" Mhic Mhathais," do fhreagair an triath, 215

" Cho do thréig mi thu riamh, 's cha tréig ;

Tha m' aoibhneas an cunnart nan sgiath ;

Cha deáchaidh fò ruraig 's cha teid.

A Chonaill, 's a Charuill 'araon

O 'n aimsir a dh'aom o shean,

220

Thugaibhs' ar cairde ro' 'n fhraoch,

Gaisgich Eirinn nan colg sean,

'Nuair a dh'isleas faruin a' chòmhraig,

Gheibh sibh sa' chòmhnhard gun deò,

Dà churaidh chaidh sìos air chòmhluth

225

Measg mhìlte an comhlstri nan slògh.

Mhic Fhithil nan ceum ard,

Gabh Léna gu gàir a' chuain ;

Thigeadh righ Mhòirbheinn gun tàmh,

Thigeadh an triath nall gu luath,

230

Mar a' ghrian an deireadh nan stòirm,

Le solus as-ùr dha 'n t-sluagh."

Għlas madainn air Cromla an fhraoich ;

Għluais siol nan long o thonn gu torr.

Sheas Calmar an aghaidh nan laoch ;

235

An ardan faoin bha 'anam mòr,

Bu ġħlas 'na thuar bha triath nam beum ;

Dh'aom air sleagh 'athar 's e fann,

Sleagh 'athar o Lara nan treun,

Thug e féin gu réidh nan lann,

240

'Nuair bha anam a mhàthar fo cheò,

Anam Alcletha 'na h-aonar,

- 'S i 'g aomadh fo bhròn na h-oidhche.  
 Ghlac an t-sleagh, ach thuit e thall,  
 Mar chraoibh a' striochdadh air sliabh. 245  
 Sheas Cuchullin 'na aonar sa' blàr,  
 Mar chraig an gaineamh sheas an triath,  
 Craig air an taomadh an cuan  
 Neart nan stuadh gu fuar ri taobh ;  
 Bhi cobhar bàn mu 'muineal shuas, 250  
 Na cuirn a' fuaim air cruaich an fhraoch.  
 O 'n cheathach għlas air toirm nan stuadh,  
 Chunn'cas luingeas nan seòl bàن,  
 Luingeas Fhionnghail nan sàr-thriath,  
 Ard mar choille chiar an croinn 255  
 Géilleadh ma-seach àir druim a' chuain.  
 Chunnaic Suaran o leac nan os,  
 Is thill e o ruaig na h-Eirinn.  
 Mar thaomas an cuan o thràigh  
 Mu cheud innis gàireach nan torc ; 260  
 Cho beucach, dubhlaidh, leathan, mòr  
 Għluais Lochlin fa chòir an righ.  
 Crom is deurach, brònach, mall,  
 A shleagh san fhraoch ri thaobh 's 'na dhéigh,  
 Luidh Cuchullin thall sa' choill', 265  
 Mar theine soillse roimh a bhàs.  
 Mu chairdibh bha mulad an laoich  
 An codal caoin air sliabh nam blàr,  
 B' eagal dha agħaidh an righ,  
 Chuir fàilt air o 'n strì cho tric. 270  
 " Is lionmhor mo laoich air làr,  
 Tréith Eirinn, a b' àillidh snuagh,  
 Iadsa bha sùrdail san talla,  
 'Nuair a dh'ēirich farum nan corn ;

- |  |     |
|--|-----|
| Cha 'n fhaic mi chaoidh an ceuma         | 275 |
| Am fraoch air eaduinn nan sìan :         |     |
| Cha chluinn mi an guth san t-séilg       |     |
| Aig sruth an deirg san aonach ;          |     |
| Clos, sàmhach, is iosal nan codal        |     |
| Nan luidhe gun leus tha mo chairde.      | 280 |
| A thannais fhaoin nam marbh-laoch,       |     |
| Tachraibh san fhraoch orm féin,          |     |
| 'Nuair lùbas craoibh Thùra fo ghiaoith,  |     |
| 'S fuaim bhaoth air aghaidh na beinne.   |     |
| Luidheam fada thall os iosall            | 285 |
| Gun fhios do dh'fhear-focail no dàin ;   |     |
| Cha 'n éirich dhomh clach no uaigh       |     |
| Aig iomall nan stuadbh, no 'n gleann.    |     |
| Bi brònach, 's mi measg nam marbh,       |     |
| A Bhra'-gheal a's àillidh ciabh,         | 290 |
| Bi brònach, 's mo chliu air fàlbh!"      |     |
| Mar sin a labhair an triath,             |     |
| 'Nuir chuir e an sliabh air chùl.        |     |
| An righ 'na luing bha làidir còrr,       |     |
| Shìn a mach gu mòr a shleagh :           | 295 |
| Bha chruidh mar lasair aïr scòrr ;       |     |
| Dearbh-theachdair a' bhàis sa' mhagh,    |     |
| 'Nuair luidheas air Meallmor an fhraoich |     |
| An caol-dhealan o 'n fhaoin-thaibhs',    |     |
| Am fear-siubhail fo eagal leis féin,     | 300 |
| 'S a' ghealach a' dubhadh san speur.     |     |
| "Dh'aom an còmhrag," thuirt an righ,     |     |
| "Chi 'm obair na strì san réidh,         |     |
| Fuil chraobhach mo chairde san fhrìth.   |     |
| Is bronach do fhraoch 'a Léna ;          |     |
| 'S brònach daraig air bheinn Chromla.    | 305 |

'Nan neart thuit sealg-fhir bu tréine ;  
 'S mac Sheuma nam beum air chòmhllath.  
 Fhillein 's a Roinne, mo dhà mhac,  
 Togaibhs' an stoc aig Fionnghal ;  
 Dìribh air aghaidh nan cnoc, 310  
 Is gairmibh gu loch na Iorghuil,  
 Gairmibh nàmhaid o uaigh Làmhdearg,  
 An triath a ghabh tàmh o shean.  
 Biodh bhur guth mar ghuth bhur n-athar,  
 'Nuair a dh'éireas dha gabhail o chòmhrag. 315  
 Feitheam an so an laoch treun ;  
 Feitheam mu Léna air Suaran.  
 Thigeadh an gaisgeach leis féin,  
 No maille r'a cheud fo 'n àirmibh.  
 Thigeadh na nàimhde gu léir ; 320  
 Inn'sibh gur treun 's gur garbh sinn."  
 Chaidh Roinne ruadh ga luas mar dhealan ;  
 Bha Fillean mar fhoghar fo ghruaim.  
 Chualas thar Léna nan gleannan  
 Stoc Fhionnghail le sinns're a' chuain. 325  
 Mar thràigh fhuaimear a' chuain mhòir,  
 A' tilleadh o thòrr tìr an t-sneachd,  
 Cho làidir, cho dorcha, cho còrr  
 Theiring sliochd nan long o'n lic.  
 Bha 'n righ rompa mòr is treun 330  
 Am beud àrdain sgéithe 's àirm.  
 Las fearg air dubh-aghaidh nach tioma.  
 Bha 'shùil mar theine sléibh an stòirm.  
 Chunnaic Fionn mhac Stairn' bu chòrr,  
 'S bha 'chuimhn' air òigh an t-sneachd ; 335  
 'Nuair thuit i, bha Suaran fo dheoir ;  
 Mu 'n òg-mhnaoi a b' àillidh leac.

Chaidh Ullin nam fonn dh'a chòir  
 G' a chuireadh gu cùirm air tràigh.  
 Bu taitneach do righ nam beann-mòr  
 Cuimhn' air ainnir a cheud-ghràidh.

340

Thàinig Ullin a b' aosda ceum,  
 'S labhair e féin ri mac Stairn.  
 " Thus' o thìr fada, fhir thréin,  
 'S coimeas 'na d' éideadh 's 'na 'd àirm  
 Ri craig am meadhon nan stuadh,  
 Thigsa gu cuirm nan triath,  
 Caith là na sàmhchair fo fhleagh ;  
 Am màireach bi briseadh nan sgiath,  
 'S a' chòmhrag mu 'n iadh an t-sleagh."

345

" N diugh féin," thuirt mac Stairn', " an diugh  
 féin

Briseam sa' bheinn an t-sleagh.

'Màireach bidh do righsa gun ghleus,

Agus Suaran 's a thréin aig fleagh."

355

" Am màireach biodh fleagh aig an triath,"

Thuirt righ Mhòirbheinn fo fhiamh-ghaire,

" 'N diugh cuiream an còmhrag air sliabh,

'S briseadh-mid an sgiath bu shàr.

Osein, seas suas ri mo làimh,

360

Ghaill, togsa do lann, fhir mhòir ;

Fhearghuis, tarruing taifeid nach mall ;

Tilgs' Fhillein, do chrann bu chòrr.

Togaibhs' 'ur sgiàthan gu h-ard,

Mar ghealach fo sgàil' san speur :

365

Biodh 'ur sleaghan mar theachdair a' bhàis ;

Leanuibh, leanuibh mo chliu 's mi féin ;

Bi'bh coimeas do cheud sa' bhlàr."

Mar cheud gaoth an daraig Mhòrbheinn,  
 Mar cheud sruth ò thòrr nan aonach, 370  
 Mar neoil a' curradh gu dubhlaidh,  
 Mar chuan mòr air tràigh a' taomadh,  
 Cho leathan, beucach, dorcha, borb  
 Thachair laoich fo cholg air Léna.  
 Bha gairm an t-sluaigh air cruaich nam beann, 375  
 Mar thorrunn an oidhch' nan sìan,  
 'Nuair a bhriseas nial Chona nan gleann,  
 'S mìle taibhs' a' sgreadadh gu dìan  
 Air gaoith fhaoin fhiar nan carn.

Ghluais an righ 'na 'neart gu luath, 380  
 Mar thannas Thréinmhoir, fuath gun bhàigh,  
 'Nuair thig e 'n crom-osag nan stuadh  
 Gu Mòrbheinn, tìr sinns're a ghràidh.  
 Bidh an daraig a' fuaim sa' bheinn,  
 Tuitidh carraig na sléibh fa chòir ; 385  
 Ro' 'n dealan chithear e féin ;  
 O charn gu carn bidh cheuma mòr.  
 B'fhuileach leam m' athair san fhrìth,  
 'Nuair thog e le clì a lann ;  
 Bha cuimhn' air òig' aig an righ, 390  
 'Nuair chathadh leis strì nan gleann.

Shiubhail Roinne mar theine nan speur ;  
 Bu dorcha gu léir bha Gall ;  
 Chaidh Feargus mar ghaoith sa' bheinn ;  
 Ghluais Fillean mar cheathach ri tom ; 395  
 Bha Oisian mar charragh sa' chòmhrag ;  
 Bha m' anam a' mòrchuis mu 'n righ,  
 Bu lionmhor na bàis, 's bu dubhlaidh  
 Fo dhealan mo mhòr-lainn san strì.

- Cha robh 'n sin mo chiabh cho glas ; 400  
 Cha do chrith mo làmh le aois ?  
 Bha léirsinn mo shùil gun dol as,  
 Is shiùladh mo chas dhomh a chaoidh.  
 Co dh'inn'seadh air bàs nan slògh ?  
 Co air gniomhaibh nam mòr-thriath, 105  
 Nuair lasadh gu feirg an righ còrr  
 Caitheadh Lochlin air tòrr nan sliabh ?  
 Dh'éirich toirm air thoirm o 'n t-sluagh,  
 Gu 'n thuit air an stuaidh an oidhch'.  
 Fann, a crith, gun tuar, mar fhéidh, 410  
 Thionail Lochlin air Léna 'n fhraoich.  
 Shuidh sinne mu chlàrsaichean grinn  
 Aig Lùbar nan sèimh-uisg caoin.  
 'S e 'n righ bu teinn air an tom  
 'S e clàistinn binn-sgeul nam bàrd ; 415  
 Bha sinns're nam mòr-ghniomh nan fhonn,  
 Gach gaisgeach a b' aosda dàn.  
 Air sgéith bha aomadh an righ ;  
 Bha osag na frith 'na chiabh,  
 A smaointean air làithibh na strì, 420  
 An àm bu neo-chlith ua tréith.  
 Ri thaobh 'na sheasadhbh ri crann  
 Bha Oscar nan lann bu chòrr,  
 A shùil air righ Mhòirbheinn nan gleann,  
 Is 'anam mu ghniomhaibh mòr. 425  
 " Mhic mo mhic," thuirt an righ,  
 " Oscair na strì 'na t-òige,  
 Chunnam do chlaindheamh nach mìn ;  
 Bha m' uaill mu m' shinnsear mòr.  
 Leansa cliu na dh'aom a chaoidh ; 430  
 Mar d' aithreacha biesa féin,

Mar Threunmor, ceud cheannard nan saoi,  
Mar Thràthal, sàr athair nan treun.

'Nan òige bhual iad am blàr ;  
An duana nam bard tha 'n cliu.

435

Bi-sa mar shruth ris na sàir ;  
Ri laigse nan lann cho ciuin

Ri aiteal gaoith air raon an fhéir.

Mar sin bha Treunmor nan sgiath,

Is Tràthal, ceannard nan triath ;

440

Mar sin bha mo ghnìomh san t-sliabh.

Bha 'm feumach riamh ri mo làimh,

'S dh'fhas an lag dàna fo m' chruaidh.

Na iarrsa carraid nan sgiath ;

'S na diùlt i air sliabh nan cruach.

X 445

\* \* \* \*

*Hene I should come in*

\* \* \* \* *Fairies & Cities A well known ballad which*

*is given in the English: as a loose*

*poem trans. taken &*

*is in Ælcan Macgregor's*

*manuscript in Gellie,*

*and 450 now*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

Fhillein is Oscair nan ciabh donn,  
Laoich nach trom air aghaidh frith,  
'Na m' fhianuis gabhaibhs' an tom ;  
Faicibh Lochlin nan long o'n strì.  
Cluinneams' an gluasad thall,  
Mar thoirm a thig fada o stuaidh,  
No coille nan cruach. Na bibh mall,

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

*current and in*

*The Lienre in Irish*

*it is in Miss Burke's*

- Ghluais laoich, bu dorcha tuar,  
Mar neul fuar-charbaid nan taibhs', 460  
'Nuair thig sliochd na gaoithe gu luath  
A chur gruaim air sluagh mu n' bhàs.  
'N sin dh'éirich mac Mhorni gu mall,  
Gall mar charraig thall san oidhche,  
Fhocal mar shruth mòr nan carn, 465  
A chruaidh-shleagh g'a ceann a'soilse.  
" A mhic a' chòmhraig," thuirt an triath,  
" Righ Mhòrbheinn nan sgiath 's nan corn,  
Biodh bàird a' cur fonn air sliabh,  
Air chàirdibh Eirinn nam fiar-cholg. 470  
A righ, cuir gu truaill do lann,  
Thoir dha 'n t-sluagh an còir, a thriath ;  
Tha sinne crìonadh, 's ar cliu gann ;  
'S tu féin a' briseadh gach sgéithe.  
'Nuair dh'éireas madainn air cruaich, 475  
Seall fada shuas air ar gnìomh ;  
Fairicheadh Lochlin an iomall a' chuain,  
Gu 'm bheil claidheamh san ruaig gun ghìomh.  
'N sin a labhras am bàrd orm féin.  
B' e so an cleachda bha riamh 480  
Aig sinns're nan sgiath sa' mhagh ;  
B' e so do cleachda féin, a thriath,  
An còmhstri mu 'n iadh an t-sleagh."  
" A mhic Mhorni," thuirt an righ,  
" Tha m' àrdan gu léir na 'd chliu ; 485  
Riaghail còmhrag an iomairt na strì ;  
Bidh sleagh nach 'eil mìn ri d' chùl.  
Togaibh, togaibh, a shiol nam fonn ;  
Is dùnaibh gu trom mo rosg ;  
Luidheam sìos ri fuaim nan tonn 490

Fo osaig chrom na h-oidhche nochd.  
 Ma tha thus' Aghaidh 'n t-sneachda,  
 Anns an leac am measg do shluaigh ;  
 Ma shuidheas tu, a réir mo bheachda,  
 Air gaoith mu chranna nan stuadhl. 495

Thigsa gu m' aisling, a Làmhgheal ;  
 Bi snàmh air 'm anam, 's mi m' shuain."  
 'S iomadh guth is clàrsach ghrinn,  
 Bha 'g éirigh suas air strì nam fonn,  
 Na dàin air ard-ghniòmh an righ, 500  
 'S air sinns're cheannaird nan sonn.  
 Air uair chluinnte sa' chaoin-fhuaim  
 Ainm Oisein 's a luas sa' mhagh :  
 'S tric a bhual 's a thug mi buaidh  
 An còmhrag nan ruaig le sléigh. 505  
 Gu dall, gu deurach, 's gu faoin,  
 Tha mo shiubhal le daoine gun chlì.  
 Mhòr Fhionnghail, cha 'n fhaic mi thu chaoidh,  
 Thu féin no do shuinn, a righ ;  
 Tha 'n ruadhag a' spioladh air t-uaigh, 510  
 Righ Mhòrbheinn, a 's uaine tom,  
 Biodh t-anam fo aoibhneas ri luaidh,  
 A cheannaird nam buaidh 's nan sonn  
 Aig Còna nan cruach ard.

# FIONNNGHAL.

## DUAN IV.

---

Co thigeadh le fonn do'n bheinn,  
Mar bhogha Léna nam braon mall ?  
'S i òigh a ghuth-ghràidh a th'ann,  
Nighean Thoscair a's gile làmh.

Is tric a chual' thu fonn uam séin ;

5

'S tric a thug thu deoir na h-àille.

An tig thu gu còmhrag nan treun,  
Gu gniomh Oscair a ghorm-mhàille ?

C' uin shiùbhlas an duibre o Chòna  
Nan sruth mòr a's àirde fuaim ?

10

Chaidh mo lài seachad 'sa chòmhrag ;  
Tha m' aois fo dhòruinn 's fo ghruaim.

A nighean nan làmh mar an sneachd  
Cha robh mi cho brònach 's cho dall,

Cha robh mi cho dorcha gun bheachd,

15

'Nuair thug Eimhir-àluinn a gràdh,  
Eimhir-àluinn nan ciabh donn,  
Nighean Bhrànò a bhroillich bhàin.

- 'Na 'déigh a bha mìle sonn ;  
 Do mhìle sonn dhiult is' a làmh : 20  
 Chuireadh laoich nan lann air chùl ;  
 B' àille 'na sùilse bha Oisian.
- Chaidh mise dh'iarruidh na h-òigh  
 Gu Légo mòr, a's dorcha stuadh.  
 Dà-ghaisgeach-dheug a bha 'mo chòir, 25  
 Siol Mhòirbheinn nan sruth 's nan cruach.  
 Thàinig gu Brano na dàimh,  
 Brano na màil' an robh fuaim.
- " Co as," thuirt ceannard an àigh,  
 " Na h-òig-fhir fo arm 's fo chruaidh ? 30  
 Cha 'n fhuras géill' a thoirt o òigh,  
 Dhiùlt triath Eirinn nan gorm-shùl.  
 Ceud fàilt air ceannard nan slòigh,  
 Mac Fhionnghail, a's mòr cliù.  
 Is sona 'n òigh a ghéilleas dhuit féin, 35  
 A ghaisgich thréin nan gnìomh corr ;  
 Ge bu leamsa dà-nighean-dheug,  
 Bu leatsa do rogha, a sheoid."
- Dh'fhosgail e talla na h-òigh,  
 Eimhir-àluinn nan ciabh donn. 40  
 Dh'éirich aoibhneas an anam an t-slòigh  
 Chuir fàilt air nighinn Bhrano nan long.
- Gu h-ard air fireach an fhéidh  
 Bha Cormac, e féin 's a shluagh,  
 Ochd gaisgich dha 'n triath sa' bheinn ; 45  
 Bha dearsa na gréin air an cruaidh.
- 'N sin Colla is Dura nan lot,  
 Taog agus Freasdal, bu shàr,  
 Daora nan gnìomh nach b' olc,  
 Is Daola, fear cumhainn a bhlàir, 50

Bha lann 'na theine 'na làimh féin ;  
 Bu ghlan a dhreach sa' bheinn fo chruaidh.

Bha ochdnar aig Oisian fir threun,  
 Thàinig thairis gun bheud air chuan.

Bha Ullin, mac a chòmhraig, ann, 55  
 Is Mulla nan lann 's nan gniomh ;  
 Scallag uasal, bu shuairce làmh,  
 Oglan feargach, Cairdeal gun ghiomh ;

Bha Dubh mac Roinne mala bhàis  
 'Na sheasamh san ard ri m' thaobh. 60

C'ar son air dheireadh, Ogair shàir,  
 Fhir chliùair air Ardbheinn an fhraoich ?

Thachair Ogar air garbh Dhaol',  
 Taobh ri taobh air réidh nan sonn.

Bha còmhrag nan triath mar ghaoith 65  
 Air chuan baoth a's cobharach tonn.

Chuimhnich Ogar air a lann,  
 Ball-airm bu dheise dha 'làimh ;  
 Naoi uairibh reub e nàmhaid thall.

Thionndaidh stoirm-chruadail a bhlàir. 70  
 Tri chuairt do bhris mi a sgiath ;

Tri chuairt bhris an triath a shleagh.  
 Thuit a cheann àill' air an t-sliabh ;  
 Chaidh càirdean an tréith fo ruaig.

C' air bith am fear a dh'inn'seadh, òigh, 75  
 'S mi 'n comhstri' nan slògh an soills'  
 Gu 'm bithinn dall dubhach am bròn  
 'Cur thairis an ceò na h-oidhch',  
 Bu chòir dha bhi 'm màile treun  
 Gun choimeas an beum nan lann. 80

Air fraoch Léna, 's duirche gruaim,  
 Dh'islich toirm nam sonn gu làr,

- Gaoth a' caochladh làidir shuas,  
 Duille fuaim fo ruadh chraoibh thall.  
 Bha m' bheachd air Eimhir a b' àille,                    85  
 'Nuair thàinig i an solus bu chorru,  
 A gorm-shùil fo dheoir bu tlàth.  
 Sheas i air faobhar a néoil,  
 A guth-beoil gu faoin is mall.  
 " Eirich, Oisein, éirich gu luath,                    90  
 Saor mac mo luaidh o chruaidh nan lann ;  
 Saor Oscar, òg-cheannard an t-sluaigh  
 'S e 'còmhrag ri Tuathaich 'sa ghleann  
 Air taobh Lùbar nan sruth gann.  
 Thuit i gu h-ealamh fo 'nial.                            95  
 Thog mi sgiath is màile chruaidh ;  
 Bha sleagh na m' làimh air an t-sliabh,  
 O m' luraich chiar do dh'éirich fuaim,  
 Bha fonn mo dhàin air treith a dh'fhalbh,  
 'G a mhùchadh, mar b' àbhais, na m' bheul.    100  
 Chuala Lochlin an toirm thall :  
 Theich ; is lean mo mhac bu treun.  
 Ghlaodh mi mar shruth mòthar mall,  
 " Oscair, thig a nall thar Léna ;  
 Na lean-sa ni 's fhaide 'n ruaig,                    105  
 Ge d' tha mo làmh 's mo chruaidh a' d' dhéigh."  
 Thàinig, 's bu thaitneach na m' chluais  
 Fuaim Oscair 'na chruaidh shàir.  
 C'ar son a chaisgeadh, m' athair, mo làmh  
 Gu 'n aomadh am bàs iad gu léir ?                    110  
 Dorcha, baoth, aig sruth nan carn  
 Chas iad ri m' lann 's ri Fillean ;  
 Bha m' aire air fuathas na h-oidhch'.  
 Dh'fhàg soillse cuij dhiubh san fhrìth."

Mar ghaoith oidhch' air aghaidh chuain	115
Taomadh luath air gaineamh Mhòra,	
Cho dorch' thig Suaran 's a shluagh	
Thar Léna nan cruach gun chòmhradh.	
Tha tannais fhuair a' screadail thall,	
Chunnas tein a bhàis air Lòra.	120
Duisgeam o 'chodal an treun-fhear	
Fiamh-ghàireach am beum nan toirm.	
Tha esa mar ghrian anns na speuraibh,	
Dha 'n géill mòr ghaileann nan stoirm.	
Mhosgail o aisling an triath,	125
Agus dh'aom e air sgéith Thréinmhoir,	
Sgéith mhòir leathain nan dreach ciar,	
Thog athair ann sliabh nam feadhna.	
Thàinig 'na chodal do'n ghaisgeach	
Aghaidh-'n t-sneachda 'na cruth faoin ;	130
Thàinig i o astar a chuain ;	
Bu ghlas a tuar a réir a bheachd,	
Mall a' gluasad 'na h-aonar o'n stuaidh,	
Dubh-dheoir a' ruith luath o'n lic.	
Leth-fhaict' thog i 'làmh o h-earradh,	135
O h-earradh do neoil na fàsaich ;	
Thog 'làmh thar ceannard nam feara.	
Thionndaidh i 'sealladh, s i sàmhach.	
"C' ar son fo dheoir, a nighean Stairno ?"	
Thuirt Fionnghal le spàирн a chléibh,	140
"C' ar son gu'n tuar a rùin nan garbh-threun,	
A's àille siubhal an neoil nan speur ?"	
Dh'imich i air gaoith o Léna ;	
Dh'fhàg i 'n treun an iomall oidhch' :	
Bha 'bròn mu 'sinns're an Eirinn	
Gu tuiteam sa' bheinn ri soills'.	145

- Ghrad-bhris an laoch o 'shuain ;  
 'Na bheachd bha ainnir nan cruth faoin.  
 Thàinig ceuma Oscair gu luath,  
 A sgiath chruaidh 's i liath ri thaobh. 150  
 Bha dearsa 'g éirigh o 'n ear  
 'Cur glaise air lear a chuain.  
 " Cia maiteas th' aig nàmhaid fo fhiamh ?"  
 Thuirt ceannard nan triath ag éirigh ;  
 " Na theich iad gu cuan o 'n t-sliabh,  
 No 'n d'fhan iad fo 'n sgiathaibh air Léna ?"  
 " C' uim an iarradh àn righ mu 'n t-sluagh ?  
 Cluinneam an guth air fuar-ghaoith.'  
 " Imich thar Léna gu luath,  
 Shàr Oscair, is gluais na laoich." 160  
 Aig crom-chloich Lùbair sheas an righ ;  
 Tri chuaírt thog e suas a ghuth.  
 Chlisg féidh air Chromla nam frìth,  
 Chrith carraig, is cruach, is sruth.  
 Mar thoirm ceud sruth mòr o 'n aonach 165  
 A leumas fo chobhar 's a bheucas,  
 Mar thionaileas gu stoirm 's a thaomas  
 Neoil chaochlach air ghorm nan speur,  
 Thachair gaisgich nam fàs-bheann  
 Fo ghuth is fo lann an righ. 170  
 Bu thaitneach do shluagh a thìr féin  
 Guth righ Mhòrbheinn, bu threun làmh ;  
 'S tric lean iad gu làrach nam beum,  
 'S a thill iad le faoibh o'n bhlàr.  
 " Gluaisibh gu còmhrag," thuirt an triath, 175  
 " Chlann Shelma a 's àirde fuaim ;  
 Gluaisibh gu bàs mhìlt' air sliabh ;  
 Chi mac Cumhail an strì o'n chruaich ;

- Bidh mo lann r'ar cùl 'sa bheinn  
 Ag cumail o bheud mo shluaign. 180  
 Na faiceam a chaoidh ar feum,  
 'S mac Mhorni 'na eididh cruaidh,  
 Sàr cheannard nan treun-fhear sa' bhlâr,  
 Mu 'm bi na fir-dàn a' luaidh.  
 Chaol-thannais nan triath nach beò, 185  
 Tha marcachd air ceò sa' ghaoith,  
 Glacaibh na thuiteas gun deò,  
 Is togaibh gu Cromla na laoich ;  
 Fhuar osag Léna, iomraich thall  
 Thar aigein na tréin gu 'n tìr ; 190  
 Thigeadh iad air m' aislinge mall  
 Chur aoibhniis air m' anam an sìth.  
 Phillein, is Oscair nan ciabh donn,  
 Oig Roinne, nach lom cruaidh,  
 Gluaisibh le cruaðal fo 'n t-sonn, 195  
 Mac Mhorni a's mòr san ruaig ;  
 Biodh 'ur lanna mar a lann san strì ;  
 Faicibh a ghnìomh nach clìth sa' bhlàr ;  
 O bheud cùmt' ùr càirde san fhrìth,  
 'Cur cuimhn air gach ti a dh'fhalbh. 200  
 Chithear air uair mo laoich shàr,  
 'N déigh tuiteam an Eirinn sa' chòmhrag ;  
 Chithear tannais gun tuar sa' charn  
 Air neoil agus fuar-ghaoith Chòna."  
 Mar nial ri stoirm a's duirche gruaim, 205  
 Is iomall a' lasadh le dealan,  
 Gu iar le gath maduinn fo ruaig,  
 Mar sin ghabh righ Shelta am bealach.  
 Mar fhuathas bha solus nan arm,  
 Dà shleagh ro gharbh 'na làimh. 210

Air gaoith bha sgaoileadh a chiabh glas,  
 'S a shealladh o thaobh air a chòmhrag.  
 Lean tri bàird am mòr thriath  
 Thoirt 'fhocail thar sliabh gu sluagh.  
 Air Cromla shuidh an righ gu h-ard,                    215  
 Is ghluais sinne mar ghluais a lann.

Dh'éirich aoibhneas air Oscar an àigh,  
 A ghruaidh dearg 's a shùil fo dheoir,  
 Mar ghath teine a lann 'na làimh,  
 'S labhair ri Oisian le foil.                            220

“ Cheannaird còmhraig nan cruidh-bheum,  
 Athair theoma cluinnsa mo ghuth ;  
 Gluais gu righ Mhòirbheinn an treun ;  
 Thoir dhomh féin mo chòir dheth d' chliù.  
 Ma thuiteas mi 'n so sa bhlàr,                    225  
 Cuimhnichsa uchd bàn mar shneachd,  
 Gath gréine 'na h-aonar, mo ghràdh,  
 Làmh-gheal nighean Thoscair nam feachd.

Tha 'gruaidh dhearg air carraig thall  
 Ag aomadh gu mall thar sruth,                    230  
 A ciabh bhog a taomadh m' a ceann,  
 'S i togail mu Oscar a guth.

Innis gu bheil mi sa' chruaich,  
 Mo thannas gun tuar sa' ghaoith,  
 Gu 'n tachair san nial tha luath                    235  
 Mo luaidh, nighean Thoscair nan saoi.”

“ Cuir, Oscair, cuir mise san uaigh ;  
 Cha ghéill mi an cruas do threun,  
 'S mi 'n toiseach na strì fo chruaidh ;  
 Gabh eòlas nam buadh uam fein.                    240  
 Cuimhnich, Óscair, cuir mo launn,  
 M' iubhar càm is cròc an fhéidh

Air taobh cloich ghlais a tha ri ceann  
Caol, thall, a chùirn gun leus.

Oscair, cha 'n 'eil rùn dhomh fein,  
Gu 'fàgail a mhic, fo do làimh ;  
O thuit Eimhir-àluinn nan treun,  
Nighean Bhrano nan geur lann."

Sin mar bha 'r focail san t-sliabh,  
'Nuair thog Gall nan sgiath gu h-ard  
A ghuth mòr mar ghàir a chuain  
Air gaoith nan cruach a' fàs.

Thog an triath lann 'athar gu mall,  
Is għluais sinn gu bàs nan löt,  
Mar thonn gucagach air sàil,

Bàn, atmhor, gàireach, beucach shuas,  
Mar charradh dubh is stuaidh gu 'bàrr,  
Thachair naimhde 's bhuail an sluagh.  
Bha fear air fear, is cruaidh air cruaidh,  
An sgiatha fuaim is daoin air lär.

Mar cheud ord le spàирн is luath  
Air dearg mhac teallaich 'na chaoir ard,  
Mar sin dh'éirich aim an t-sluaigh,  
'S mar sin bha fuaim nan lann.

Għluais Gall mar osaig an Ardbheinn,  
'S b' e sgriosadh nan treun a lann.

Bha Suaran mar choimeas do għarbh-thein  
Am fraoħ Ghorm-mheall 's i lasadh g' a ceann.  
C'uim an cuirinnsa sìos san dàn

Gach bàs a bha ann fo shléigh ?  
Dh'éirich mo chlaidheamh san àm  
'Na dhealan am laimh sa' mhagh.  
Oscair, b'uabhasach thu féin,  
Mo shàr mhac bu tréin 's a b'fhearr ;

245

250

255

260

265

270

- |  |     |
|--|-----|
| Bha sòlas 'nam anam sa' bheinn                   | 275 |
| Ri faicinn do bheum sa' bhlàr.                   |     |
| Air lic Léna dh'aom an sluagh ;                  |     |
| Lean sinn' an ruaig agus mharbh.                 |     |
| Mar chloich a' leum o chruaich gu cruaich,       |     |
| Mar thaigh an coille 's a fuaim ard,             | 280 |
| Mar shiùbhlas torrunn o bheinn gu beinn,         |     |
| Briste, beucach, brònach shuas,                  |     |
| Bha buill air bhuelle, 's beum air bheum         |     |
| O Oscar bu treun 'so mo chruaidh.                |     |
| Dh'iadh Suaran mu thriath nan lann,              | 285 |
| Mac Mhorni air ceann an t-sluaigh ;              |     |
| Mar mhuir Innis-thorc gu neo-ghann,              |     |
| 'N àm lionadh le neart a chuain.                 |     |
| 'Leth-éirich an righ san àird ;                  |     |
| Leth ghabh e 'na làimh an t-sleagh.              | 290 |
| " Gluais, Ullin, grad-ghluais, a bhàird ;        |     |
| Thoir m' fhocal gun tàmh thar a mhagh.           |     |
| Thoir cuimhn a còmhraig do Ghall,                |     |
| Cuimhn aithreacha chrom an ceann,                |     |
| Tog suas an chomhstri le fonn,                   | 295 |
| Le fonn a dhuisgear am blàr."                    |     |
| Ghluais Ullin mòr, a b'aosda ceum                |     |
| Is labhair ri gaisgeach gun mheang,              |     |
| " A thriath each-ruith nan ard-leum,             |     |
| A righ nan sleagh a's beumach lann,              | 300 |
| Làmh threun 's gach càs, cridh' ard, nach géill, |     |
| A thriath mhòir, a's géire cruaidh,              |     |
| Gearr sìos na dàimh, 's na fàg dhoibh féin       |     |
| Siuil bhàn a dh'éireas air cuan.                 |     |
| Mar thorrunn biodh do làmh, a laoich,            | 305 |
| Do dhearg-shùil mar chaor a' d' cheann,          |     |

- Mar charragh cruaidh do chridh a' d' thaobh,  
 Mar dhealan san oidhche do lann,  
 Tog do sgiath mar reul a bhàis,  
 A thriath each-ruith nam mòr-shrann." 310.
- Dh'éirich eridh' an laoich gu h-ard.  
 Thàinig Suaran nall le còmhrag,  
 Bhris e 'n sgiath bhallach aig Gall ;  
 Chaidh Selmà thair an tom fo 'n ruaig.  
 Ghrad-ghluais righ Mhòirbheinn fo arm ; 315  
 Thog e 'ghuth garbh tri chuairt ;  
 Fhreagair Cromla o àros nan stoirm ;  
 Sheas sinns're nam fàs-bheann shuas ;  
 Dh'aom iad gach aghaidh gu làr  
 Fo nàir' am fianuis an righ. 320
- Mar nial tigh-comhnuidh nan sìan,  
 Thig sios air là gréin o charn,  
 Raoin an dùil uisge gu dian,  
 'S an cròn-allt ag ialadh ro' ghleann,  
 Tha sàmhchair mu 'shiubhal gu h-ard 325  
 Teann air tha gàire nan stoirm.  
 Chunnaic Suaran righ Mhòirbheinn thall,  
 Is thionndaidh a làmh o 'n ruaig ;  
 Dorcha dh'aom e air a shleagh,  
 A dhearg-shùil air a mhagh a gluasad. 330  
 Sàmhach is mòr a bha 'n triath  
 Mar dharaig 's i liath air Lùbair,  
 A chaill a dlù-gheug o shean  
 Le dealan glan nan speur,  
 Tha h-aomadh thar sruth o shliabh, 335  
 A caoineach mar chiabh a' fuaim.  
 Mar sin a sheas righ nan donn-sgiath,  
 Gu 'n għluaiseadħ leis suas gu mall

- Thar Léna a b'fhuileach sliabh.  
 Thaom a mhilte mu 'n triath gun dàil,                    340  
 Thionail duirche thall san réidh.
- Bha Fionnghal mar theine nan speur  
 A' soillse measg tréin a shlòigh,  
 'Gharbh ghaisgich bu chorr 'na dhéigh.  
 Le cumhachd dh'éirich a ghuth mòr;                    345  
 " Togaibh mo bhrataiche suas ;  
 Sgaoilibh iad air cruachan Léna,  
 Mar lasair a chithear thar stuadh ;  
 Biodh am fuaim air gaoith na h-Eirinn.  
 A shinns're nan sruth beucach, mòr,                    350  
 Thaomas o mhile torr is gleann,  
 Cluinnibhse m' fhocail, Fhearaibh còrr,  
 A Ghaill, a's neartmhòr làmh is lann,  
 Oscair nan còmhrag tha tighinn,  
 A Chonaill nan gorm-bhallach sgiath,                    355  
 A shàr Dhiarmaid nan ciabh donn,  
 Oisein, righ nam fonn 's nan dàn,  
 Bi-sa, bi-sa ri làimh t-athar  
 An carraid a sgatha nan ceud."
- Thog sinn Deò-ghréine ri crann,                    360  
 A bhratach mhòr aig righ nau lann.  
 Bha sòlas an anam gach triath,  
 'Nuair thog i a sgiath ri gaoith.  
 Bha 'gorm-shlios ballach le h-òr  
 Mar shlige ghlaibh mhòdir na h-oidhch',                    365  
 'Nuair sheallas na réil o'n speur.  
 Bha bratach aig gach triath dha féin,  
 'S a ghaisgich bu treun m'a chruaidh.  
 " Faic," thuirt righ nan slige fial,  
 " Roinneadh Lochlin air sliabh Léna ;                    370

Mar neoil dhubb bhriste tha 'n triall,  
 'N déigh tuiteam dha 'n t-sìan air Eirinn :  
 'S coimeas iad ri coille liath  
 Leth-loisgte air sgiath nan carn,  
 'Nuair chithear an dealan gu 'thrian      375  
 Dol seachad air gheug gun bhàrr :  
 Gach triath do chàirde 'ur triath  
 Taghadh dheth 'n àmhaid a chòir,  
 'S na leigibh do shinns're nan sliabh,  
 Siol Innis nan ciar-thorc mòr,      380  
 Tilleadh thar chuan gu 'n tìr."

" Leamsa," thuirt Gall, " na seachd suinn,  
 Thàinig o thuinn an Loch Làin'."  
 " Thigeadh Eric mòr a chùl duinn  
 Gu Oscar mac triath nan dàn."      385  
 Thuirt Conall, " Biodh Innis nan Con  
 Dha mo làimhs', an sonn gun bhàigh."  
 " Bidh Mùdan," thuirt Diarmaid donn,  
 " No mise air lom san tràigh."  
 Thagh mise, an diugh dall is faoin,      390  
 Righ Thormainn nan còmhrag fial.  
 Gheall mi gu 'n coisnium o 'n laoch  
 A ghorm-lann is a dhonn-sgiath."  
 " Mòr-rath is buaidh air gach sonn,"  
 Thuirt Fionnghal bu chaoine beus ;      395  
 " Shuarain, righ bheucail nan tonn,  
 Is tus' mo roghadsa, fhir thréin."  
 Mar cheud gaoth o cheud aonach  
 A' garbh-thaomadh o cheud gleann,  
 Briseadh dorch' ri cruaich ag aomadh,      400  
 Ghrad-ghluais siol Shelma nam beann.  
 Bha Cromleac nam fuath a' fuaim thall.

- C' e b' urrainn aithris na bàis,  
 'Nuair a dhùin sinn air tràigh na frìth ?  
 Nighean uasal Thoscair nan lann, 405  
 B' fhuileach ar làmh anns an strì.  
 Thuit aghaidh an ànmhaid 'sa chòmhrag,  
 Mar bhruach Chòna nan sruth garbh,  
 Chaideh tréith 's an gealladh air chòmhla ;  
 Thug sinn a bhuaidh agus mharbh. 410  
 Aig sruth gàireach Bhraian nan cruach  
 'S tric a shuidh òigh nan geal-làmh,  
 Sgìth o 'n t-séilg, do bhrollach shuas  
 Ag éirigh gu luath cho làn  
 Ri slios eal' air linne snàmh, 415  
 'S i thall fo chomas na gaoith,  
 A sgiath bhàn ag éirigh gu mall  
 'S an osag ag iadhadh m'a taobh.  
 Chunnaic thu, oigh, 'sa bheinn ard  
 Ghrian ag aomadh dearg fo neoil, 420  
 Dùbhra dùnadhl dlùth mu n' charn,  
 Osna briseadh thall ro' 'n cheò ;  
 Chunnaic thu uisge tuiteam trom,  
 Torrunn o thom gu tom 'sa ghleann,  
 Fuathais air dealain o 'n tonn, 425  
 Neart a mhonaidh gu lom o charn  
 Sruth gàireach nam beann gu tràigh.  
 Mar sin bha toirm mhòr a bhlàir,  
 Chaoin ainnir nan làmh mar shneachd'.  
 C' uim thuiteadh do dheoir gu làr, 430  
 Nighean àluinn Thoscair nam feachd ?  
 Do òighe Lochlin biodh am bròn,  
 'S e 'n slòigh a ghéill 'sa thuit sa' chòmhrag.  
 B' fhuileach lainn nam faobhar gorm

- Aig siol nan triath mòr o Chòna. 435  
 Tha mise deurach dall fo bhròn,  
 Gun choimeas ni 's mo do thriath ;  
 Thoir dhomhsa, Lamhgheal, do dheòir ;  
 Thog mi 'n uaigh' gu léir san t-sliabh.  
 'San uair sin fo làimh an righ 440  
 Thuit triath san strì gu 'bhròn,  
 A chiabh għlas an carn na frith,  
 Thog e 'shùil air ceann an t-sluaigh.  
 " An tus,'" thuirt mac Cumhail, " a th' ann ?"  
 Caraid dileas òigh mar shneachd ! 445  
 Chunnaic mi do dheoir san àm  
 'Nuair thuit ainnir a b' àille leac.  
 Nàmhaid do naimhdibh mo rùin,  
 'Na thuit thu gu d' chùl fo m' lann ?  
 Tog, Ullin, tog ard a chliù, 450  
 Cuir Mathon fo 'n ùir sa' ghleann,  
 Thoir ainm an laoich aosd' dha 'n fhonn  
 A mhosgail trom mu òigh nan ard-threun ;  
 'S caoin dha m' anam ainnir nan long,  
 Ghabh còmhnuidh fo thom na h-Ardbheinn. 455  
 Chuala Cuċċullin o'n charn  
 Garbh thorrunn nan lann sa' chòmhrag,  
 'S e suidh air Còna nan còs  
 Fo bhròn o charraig gun bhuaidh.  
 Ghairm e Conall nan geur lann 460  
 Is Carull aosd' o 'n am o shean.  
 Thàinig na laoich is iad liath,  
 A togail an sgiath sa' mhagh.  
 Thàinig is chunnaic iad thall  
 Sruth còmhraig mar lìonadh a chuain, 465  
 'Nuair a mhogħas a chiar-ghaoth shuas

A' taomadh nan stuadh air tràigh  
Thar gaineamh nam fàs-ghleann.

Loisg anam Chuchullin ri 'shealladh ;  
Thionail duirch' air a mhala gu gruaim ; 470  
Bha 'làmh air claidheamh a shinn's're,  
A dhearg-shùil air làmhaid na h-Eirinn.  
Tri chuairt shìn an triath a cheum ;  
Choisg Conall a cheum tri chuairt.

" Cheann innis a' chiar-cheathaich mhaill, 475  
'S e 'n righ chuir fo lann an làmhaid ;  
Na iarrao roinn do chliù an triath,  
'S e féin air an t-sliabh mar stoirm."

" Gluais, a Charuill," thuirt an ceannard,  
" Gluais ealamh gu righ Mhòrbheinn ; 480  
Thoir fàilte do thriath nan gleanna,  
Fear gearraidh is caithidh a chòmhraig.  
'Nuair thraoghas Lochlin thall mar thuil  
'N déigh uisg', 's a dh'ìslicheas comhstri,  
Biodh do ghuthsa binn 'na chluais 485  
Le moladh 'na bhuaidh righ Shelma.  
Thoir lann Chathbaid do'n mhòr-laoch,  
Lann a choisinn na faoibh o shàir ;  
Cha chòir do Chuchullin, 's e faoin,  
Airm sinns're nach d' aom 'sa bhlàr. 490

Thannais Chromla, 's uaigneach scorr,  
Anaim mhòr nan saoi a dh'fhalbh,  
Bibhse mu mu' cheum, 's mi fo bhròn ;  
Labhraibh rium o chòs nan carn,  
Gath a shoills' 's a dh'fhalbh, mi féin. 495  
Mar cheathach air beinn mo chliù ;  
'Nuair thig osag na maidne gu treun,  
Chithear leathad an fhéidh gu chùl.

Chonail, na labhair air airm ;  
Shiubhail m' ainm o chòmhnuidh nan laoch ; 500  
Bidh m' osna air Chromla nan stoirm,  
Gu'n caillear mo lorg 's an fhraoch.  
Thusa, Bhràigh-gheal, a's àille snuagh,  
Bi brònach is truagh mu m' chliù ;  
Cha till mi dha d' ionnsuidh gun bhuaidh, 505  
A dhearsa-gréine, fhuair mo rùn."

## FIONNNGHAL.

### DUAN V.

---

AIR leac Chromla 's fuaimear taobh  
Labhair Conall ri laoch a charbaid.  
“ C' uime tha 'ghruaim, a mhic Shema,  
'S ar cairde féin a' cuir ruaig sa' bhlàr ?  
'S cliuar thusa, a thréin ghaissgich ; 5  
'S iomadh saoi a chaisg do chruaidh.  
'S tric bha Bràigh-gheal, 's guirme sùil,  
A's àille cùl, fo fhiambh gàire ;  
'S tric a bha 'n coinneamh a triath  
'S e tilleadh o 'n t-sliabh le 'thréin, 10  
'Nuair bha 'n nàmhaid sàmhach san uaigh,  
'S a bhuaidh a dealradh m'a rùn.  
Bu taitneach dha 'cluais do bhaird,  
'Nuair a shnàmhadh do ghniomh air fonn.  
Faicsa righ Mhòrbheinn 'na chruaidh 15  
Siubhal suas mar theine spéir,  
A neart mar shruth Lùbair nan sìan,  
No osna tha dìan air Cromla,

'Nuair lùbas crainn gheugach nan scorr  
Ri stoirm mhòir an àm na h-oidhch'. 20

Is sona do shluagh, a righ nan lann,  
'S i do làmh a bhual gach cath,  
'S tusa 's tréine measg na strì,  
'S tu féin, an àm sith a's glic.

Dha t-fhocal a ghéilleas nam milte ;  
Crithidh feachd nach tiom roi' d' chruaidh.  
Is sona do shluagh, a righ nan lann,  
A thig o chruaich Shelma nan gleann.

C' e tha dorcha air an t-sliabh  
Ann torunn ciar a shiubhail féin ? 30  
C' e ach mac Starno nan sgiath  
'G iarruidh righ Mhòirbheinn an treun.

Faicsa còmhrag an dà laoich,  
Tha mar ghaoir air aghaidh cuain,  
'Nuair thachras dà fhuathas sa' ghaoith 35  
An garbh-chath mu aomadh nan stuadh.

Cluinnidh sealgair fada thall  
Fuaim mhòr mhall nam fuath a' strì ;  
Chi e 'n cuan a tigh'nn a nall,  
O thîr nan Gall gu ard nam frith.' 40

B' iad sin d'fhocail, a Chonaill chaoin,  
'Nuair thachair na laoich sa' chath,  
'N sin bha torunn treun nan arm ;  
Gach buille bu gharbh agus beum ;  
Mar cheud ord ag éirigh ard, 45  
Air cruaidh theallaich 's deirge caoir.

B'uabhasach còmhrag an dà righ ;  
Bu ghruamach san strì an tuar ;  
An sgiath dhonn a sgoltadh fo bheum,  
Lanna geur a' leum o chruaidh. 50

- Thilg gach ball àirm air an réidh,  
 Ghabh na laoich sa' chéile luath.  
 Bha gach ruighe fèitheach mòr  
 'G iadhadh mu dhruim garbh nan sonn,  
 A tionndadh o thaobh gu taobh, 55  
 Am mòr chosa sgaoileadh air lom.  
 'Nuair dh'éirich ardan neart nan treun  
 Chrith an cathar féin fo 'n sàil,  
 Chriothnaich clach is cruach is carn,  
 'S coill' uaine fo spàирн nan laoch. 60  
 Ma dheireadh thuit neart nan tonn,  
 Chaidh Suaran nan long fo chìs.  
 Mar sin chunn'cas leam air Còna  
 (Ach Còna cha 'n fhaic mi chaoidh),  
 Mar sin chunn'cas leam dà mhòr-thoim 65  
 Siubhal o 'n còmhnuidh san fhraoch  
 O neart sruth baoth nan sliabh ;  
 Tionndaidh' iad o thaobh gu taobh ;  
 Bidh glacadh nan craobh sa' chéile,  
 'Nuair thuiteas sa' chladach araon, 70  
 Le daraig is fraoch o'n bheinn.  
 Tillidh sruth o' shiubhal mall,  
 'S chithear ruadh nam bruacha thall.  
 " Shìol Mhòrbheinn a's fada uainn,  
 Fo fhaire biodh righ nan stuadh ard, 75  
 'S co treun is neartmhor an sonn  
 Ri mile tonn ag iarruidh tràigh,  
 Cha làmh e tha clì sa' chòmhrag ;  
 Tha shinns're o 'n àm o shean.  
 A Ghaill, a chinn-uidhe nan treun-shonn,  
 Oisein, cheannard nam fonn caoin, 80  
 'S e caraid mo cheud rùin a th'ann,

Togaibh a cheann o bhròn.  
 Oscair, Fhillein, Roinne ruaidh,  
 Leanaibhse an ruaig thar Léna,  
 Sibhse, dh'fhàgadh gaoth le luas,  
 Leanaibh sliochd chuain an Eirinn,  
 Chumail luingeas o éirigh air tonn  
 O Innis nan long 's nan torc.

Dh'fhalbh iad mar osag ro' 'n t-sliabh ; 90  
 Ghluais Fionnghal mar nial gu mall,  
 Mar thorunn bha farum an treith,  
 'Nuair thuiteas an t-sian gu tlàth  
 Air raoин shàmhraidd dorch is ciuin ;  
 Bha 'chlaidheamh corr mar ghath na gréine, 95  
 No reul tanais an àm na h-oidhch',  
 Gu triath Lochlin ghluais a 'cheuma,  
 Is labhair ri treun nan tonn.

" C' e tha cho dorcha fo bhròn  
 Aig carraig a's beucach sruth ; 100  
 Esa nach urrainn a leum,  
 Ge àille gun bheud a chruth,  
 A sgiath bhallach sìnnête ri thaobh,  
 A shleagh mar a chraoibh sa' bheinn.  
 Og-ghaisgich a's gruamach snuagh,  
 An àmhaid le fuath thu dhomh fén ??" 105

" Thàineas o Lochlin, a thriath,  
 Is làidir mo sgiath sa' chomhstri.  
 Tha mo rùn gu deurach san t-sliabh,  
 Cha till mi gu ciabh an òr-fhuilt." 110

" An géill thu, no 'n gabhadh tu còmhrag ?"  
 Thuirt Fionnghal nam mòr-ghniomh.  
 " Cha bhuaidh do àmhaid am fhanuis ;  
 Cha 'n iosal mo chairde, a thriath.

- Leansa mi, ghaisgich nan tonn, 115  
 'S gabh sòlas air tom nam fleagh.  
 Cuir ruaig air luath-chos an aonaich ;  
 Bi d' chara nach faoin dha 'n righ."  
 " Cha bhi," 's e fhreagair an triath.  
 " Le laigse bha riamh mo làmh, 120  
 Mo chruaidh gun choimeas san t-sliabh.  
 C' uim nach géill an treun dha m' lann ?"  
 " Oig-fhir, cha do ghéill mi riamh,  
 'S cha ghéill do dhuine tha beò.  
 Taghsa dhe m' mhuintir, a thriath, 125  
 'S lionor mo shìol agus 's mòr."  
 " An diùlt an righ féin an còmhrag ?"  
 Thuirt Orla nan donn sgiath ;  
 " Tha Fionnghal 'na choimeas do 'n òig-fhear,  
 Agus esan amhàin dheth 'threith. 130  
 A righ Mhòirbheinn a's mòr cliu,  
 Ma théid mi air chùl san strì,  
 Am meadhon Léna togsa m' ùir ;  
 Biodh uaigh dhomh a's mò san fhrìth.  
 Cuir thairis air astar nan tonn 135  
 Gu innis nan long mo lann  
 Gu ainnir mo rùin tha trom  
 Fo bhròn, Làmh-gheal nàn rosg mall.  
 Feuchadh i a chruaidh dha 'mac,  
 'S deòir a' ruith le tlachd o 'gruaidh." 140  
 " A ghaisgich òig, a's brònach sgeul,  
 C' uim a thog thu dhomh féin na deòir ?  
 Tha là do laoich anns an réidh,  
 Chi an clann na h-àirm bu chorras  
 Fo mheirg agus scleò san talla. 145  
 Orla, éiridh t-uaigh gu h-ard,

Bidh bean, a's àille bràigh, fo dheoir,  
 'Nuair chithear air bhord do lann."

Chuireadh còmhrag air fraoch Léna ;  
 Bu lag 'na bheuma làmh Orla ;  
 Ghearradh le Fionnghal o chéile  
   150  
 Ceangall iall a sgéith sa' chomhstri ;  
 Thuit an sgiath bhallach air làr,  
 Mar ghealach air sàil fo ghaoith.

" A righ Mhòrbheinn, tog do làmh,  
 Cuir lann ro' m' bhràighead, a laoich,  
 Làn lot, agus fann o'n bhlàr.  
 Dh'fhàg cairde bu shàr mo thaobh.  
 Thig sgeul a's brònach gu m' ghràdh  
 Air srath Lotha nan sruth caoin,  
   160  
 'Nuair bhitheas 'na h-aonar sa' choill',  
 'S an osag mhaoth san doire fuaim."

" Cha reub," 's e thuirt an righ,  
 " Cha reub mi san strì thu, Orla ;  
 Faiceadh an ainnir, a's mìn,  
   165  
 A rùn neo-chli air uisge Lotha ;  
 Slàn o chomhstri nam mòr-laoch,  
 Faiceadh d'athair, is e liath,  
 Mur 'eil an triath le aois dall ;  
 Cluinneadh e do cheum san t-sliabh,  
   170  
 'S do ghuth treun 'na thalla thall ;  
 Biodh aoibhneas air 'anam gun dàil  
 Is fairicheadh le làimh a mhac."

" Cha 'n fhairich e mi chaoidh, a righ,"  
 Thuirt òig-fhear neo-chli o Lotha,  
   175  
 " Thuit mi aîr Léna nam frìth ;  
 Cluinnidh baird mo strì sa' chòmhrag.  
 Eo m' chrios tha garbh-lot a bhàis,

Is so e dhuit thall, a ghaoth."

Thaom e 'dhearg-fhuil trom o 'thaobl ; 180  
 Thuit e anns an fhraoch air Léna ;  
 Dh'aom an righ thar spàirn an laoich,  
 Is ghairm air na h-òig-fhir bu tréine.

" Oscair is Fhillein, mo dhà mhac,  
 Togaibh le tlachd cuimhne Orla ; 185  
 Cuiribh gaisgeach donn fo leac  
 Fada o 'mhnaoi ghasd air Lotha ;  
 Gabhadh clos ann so leis féin  
 'N tigh caol gun leus 'sam mair a ghrúaim,  
 Fada o Lotha nam beuc, 190  
 O 'thalla, o 'thrèin, o 'luaidh.  
 Gheibh laigse a bhogha san talla ;  
 Bidh daoine neo-smiorail ga iadhadh,  
 A mhìolchoin a caoineadh 'sna gleanna,  
 'S na tuirc mu 'n robh 'aire fo aoibhneas. 195  
 Thuit an làmh bu treun sa' chòmhrag ;  
 Chaidh ceann nan triath mòr air chùl.

Gluaisibh guth is fuaim nan stoc,  
 Oig-fheara gun lochd o Mhòrbheinn.  
 Tilleam gu Suaran an nochd, 200  
 Is togam le fonn a dhoruinn.  
 Oscair, Fhillein, is a Roinne,  
 Grad-shiùlaibh thar fraoch mhaigh Léna ;  
 Air naimhde tionndaibh rosg a's caoine.  
 A Roinne, c' àite bheil thu, threin-fhir ? 205  
 Cha bu chleachda dhuit bhi mall,  
 Agus righ na lann 'ga d' ghairm."

" Tha Roinne," thuirt Ùllim am bàrd,  
 " Mar ri cruthaibh ard nam buadh,  
 Mar ri Trathal, righ nan sgiath, 210

Is ri Treuinmòr nan gnìomh mòr.

Tha 'n t-òig-fhear ìosal gun tuar

'Na luidhe air a chruaich an Léna."

" Na thuit e bu luath san t-séilg ?"

Thuirt righ Mhòrbheinn b' airde cliù,

215

" Fhir chromadh an t-iuthar corr,

Cha robh t-eòlas ach gann dhomh féin ;

C' ar son a thuit Roinne sa' bhlàr ?

Caidil, a shàr ghaisgich air Léna.

Cha 'n fhada gu faiceam an seòd,

220

Cha chluinnear mo ghuth mòr à chaoidh,

'S cha bhi mo cheum air thaobh nan scorr.

Labhraidh baird mu ainm an righ,

Labhraidh clacha nam frith mu 'ainm.

Tha Roinne ro ìosal gun chlìth,

225

'S cha d'éirich a chliu gu h-ard.

Ullin, buailsa chlàrsach lom,

Togsa fonn mu 'n t-sonn a dh'fhalbh,

Slàn leat, a cheud òhir san raon,

Cha chum mi o chlaon' do ghàth,

230

Thusa b' àille measg nan laoch,

Cha 'n fhaic mi thu chaoidh—slan leat."

Bha gruaidh an righ fo thaomadh dhèur ;

B'uabhasach an còmhrag a mhac,

A mhac, a bha mar dhealan spéur

235

O Ardbheinn gu réidh san oidhch',

'Nuair thuiteas a choille roi' 'cheum,

'S fear-siubhail fo bheud gun soills' ;

Ach adhlaicidh gaoth an teine thall

Air cùl nan carn, tha 'n saoghal dorch.

240

" C' uime tha cuimhne na h-uaighse uaine ?"

Thuirt Fionnghal nan slige fial,

- |   |     |
|---|-----|
| “ Ceithir clacha fo chòinich thall          |     |
| Mu thigh caol a bhàis san t-sliabh ?        |     |
| An so gabhadh Roin' a shuain                | 245 |
| Ri taobh gaisgich bu chruaidh sa' bhlàr.    |     |
| Tha triath a's airde cliu sa' bheinn ;      |     |
| Cha bhi 'shiubhal leis féin 's na neòil.    |     |
| Ullin, togsa dàn o shean                    |     |
| Do chuimhne na tha san uaigh.               | 250 |
| Mur do theicheadh riamh san raon,           |     |
| Bidh mo mhac ri 'n taobh 'na shuain ;       |     |
| Bidh e ri 'n taobh am fraoch nan carn,      |     |
| Fada thall o aird' na Mòrbheinn             |     |
| Air Léna a's fuaimear réidh.”               | 255 |
| “ An so féin,” thuirt beul nam fonn,        |     |
| “ Chaidil tréith nan son fo 'n ùir.         |     |
| 'S àmhach tha Làmh-dhearg san uaigh,        |     |
| Is Ullin, righ nan cruidh-lann.             |     |
| C' i so tha coimhead o neòil,               | 260 |
| 'S a feuchainn fo scleò a cruth àluinn ?    |     |
| C' ar son tha 'n ainnir gun tuar ?          |     |
| 'N òigh, do'n ghéill an sluagh air Cromla ; |     |
| Na thuit thu, Làmh-gheal, fo shuain         |     |
| Mar ri naimhde fuar sa' chomhstri ?         | 265 |
| A nighean Thuathail bu ghlan snuagh,        |     |
| Bu rùn thu féin do mhile laoch ;            |     |
| Cha robh do ghaols' ach do Làmh-dhearg.     |     |
| Gu Tùra thàinig am mòr-thriath ;            |     |
| Bhuail e sgiath nan copa donn,              | 270 |
| Is labhair an sonn ris fhéin.               |     |
| ‘ C'àite 'm bheil Gealachos, mo rùn,        |     |
| An ainnir chiùin aig Tuathal treun,         |     |
| A dh'fhàg mi 'n talla nan tòr,              |     |

- 'Nuair bhual mi Ulfada nam beum ? 275  
 ' Tills' air t-ais,' 's e thuirt i rium,  
 ' A Làmh-dhearg, 's mi 'n dùbhra bròin,'  
 A broilleach bànn fo osna ciuin,  
 A gruaidhe b' ùr fo dhealta dheoir.  
 Cha 'n fhaic mi i 'n coinneamh a tréin 280  
 A thogail m' anma, o bheum còmhraig ;  
 'S ro shàmhach tha talla nan teud  
 Gun ghuth baird air beinn no còmhnhard ;  
 'S cha'Neil Bran fhéin, mur b'abbaisd,  
 Crathadh a shlabhruidh mu'n chòmhladh. 285  
 C' àite bheil Gealachos, mo rùn,  
 An ainnir chiuin aig Tuathal treun ?"  
 ' A Làmh-dhearg,' thuirt Fearghus mac Aodh-  
 ain,  
 ' Tha Gealachos mu Chromla nan sìan,  
 I féin 's gach òigh tha dheth 'roghainn ; 290  
 'N déigh chabrach tha 'siubhal gu dian.'  
 ' Fhearghuis, cha cluinnear fuaim leam féin  
 An coill', am beinn no 'm magh Léna ;  
 Cha 'n eil cabrach 'n am shealladh féin,  
 No coin ghleusd an séilg na h-Eirinn. 295  
 Cha 'n fhaicear leam Gealachos mo rùn,  
 Mar ghealach as-ùr dol sìos.  
 Gabh gu Allaid, a's léithe cùl,  
 Tha 'n cromadh a chuirn a mhiann,  
 A dh'fheuchainn an cual' t-aosda 300  
 Mu Ghealchois air thaobh nan sliabh.'  
 " Chaidh Fearghus mac Aodhain air triall,  
 Is labhair ri liath nan carn.  
 ' Chaoin Allaid, tha tunaidh air sliabh,  
 Ciad a chunnaic le d' aosd-shùil thall ?" 305

- ‘ Chunnaic,’ thuirt Allaid bha aosda,  
 ‘ Garbh Ullin a dh’aoim o Chairbre,  
 Thàinig o Chromla an fhraoich ;  
 Bha fonn ’ga mhuchadh ’na gharbh-chliabh  
 Mar osaig an coillidh luim. 310
- Thàinig e gu talla nan tùr,  
 ‘ A Làmh-dhearg, a’s fuathas do dhaoine,  
 Thoir còmhrag dh’ Ullin, no do chliù,  
 Thusa ’s làidir do ghaisgich nach faoine.’
- “ Cha ’n ’eil Làmh-dhearg,” thuirt Gealachos an  
 àigh, 315
- “ Cha ’n’eil gaisgeach a bhlàir dha féin.  
 Chosgair e Ulfad’ air tràigh,  
 ’S tha e, ’cheannaird nan sàr, sa ’bheinn.  
 Riamh cha do ghéill mo rùn do thriath ;  
 Bheir e carraig nan sgiath ’mhad Chairbre.’ 320
- “ ’S taitneach do shnuagh ’s tu féin,”  
 Thuirt Ullin, bu treun gnìomh,  
 “ Nighean àille Thuathail nam beum,  
 Bheiream thairis gu Leig nan sliabh,  
 Talla Chairbre a’s fial corn. 325
- Bidh Gealachos aig triath a’s tréine.  
 Tri là bitheam féin air Chromla,  
 A’ feitheamh ri Làmh-dhearg nam beum,  
 Gu ’faigheam o ’n treun an còmhrag ;  
 An ceathramh bidh Gealachos dhomh féin, 330
- Ma theicheas a triath o’n chomhstri.”
- ‘ Allaid,’ thuirt ceannard Chromla,  
 ‘ Sìth dha t-aisling an còs nan carn !  
 Fhearghuis, séidsa stoc a chòmhraig ;  
 Cluinneadh Ullin ’na thalla thall  
 Mar stoirm ag éirigh air gleann.’ 335

- “ Chaidh Làmh-dhearg ri beinn o Thùra ;  
 Bha fonn gun tighinn gu 'cheann  
 'Ga mhùchadh gu teann fo ùrla.  
 Sheas e gu dorch air an fhraoch                            340  
 Mar nial, a chaochlas a shnuagh,  
 Ri gaoith air cruaich nam beann.  
 Thilg e clach-shàmhla a bhlàir,  
 Chual' Ullin mac Chairbre a fuaim,  
 Bha aoibhneas air anam an t-sàir,                            345  
 Agus ghlac sleagh athar gu luath.  
 Bha fiadh gàir' air gruaidh bu donn  
 'Nuair a ghlac an sonn a lann.  
 Chualas 'fhead, 's e siubhal nan tom,  
 Lann ealamh is lom 'na làimh.                            350  
 Chunncas le Gealchos an triath,  
 'S e 'g éirigh air sliabh mar cheò ;  
 Bhuail i gu mall a h-ard chliabh,  
 Bu ghile na sneachd nan torr,  
 'S i sàmhach fo dheòir mu Làmh-dhearg.                    355
- ‘ Chairbre aosd' nan slige fial,’  
 Thuirt ainnir, bu chaoine làmh,  
 ‘ Bidh-mo bhogha air Cromla nan sliabh ;  
 Chi mi eilid, tha ciar, sa' charn.’  
 Ghrad-ghluais i 'n aghaidh na beinne,                    360  
 Cha d'thàinig i féin ach mall.  
 Bha chomhstri thairis le beud.  
 C' uim an aithris an strì an dàn  
 Do righ Shelma chunnaic na cèudan  
 Cur charraig nan treun le lann !                            365  
 Thuit Ullin, a b'fhiadhaich snuagh,  
 Thàinig Làmh-dhearg gun tuar do 'n òigh,

Nighean Tuathail, a b' iomadh buaidh,  
Mòir-cheannaird na cruaidh 's na slòigh.

‘ Tha fuil, a rùin,’ ’s i sealladh bàis, 370

‘ Tha fuil air do thaobh, mo shàr.’

‘ Fuil Ullin a th’ ann,’ thuirt an laoch,

‘ Ainnir mar shneachida nan carn.

‘ N so féin a Ghealachos mo rùin

Leig dhomhsa mo chùl air lar ; 375

Dh’fhalbh m’anam, cha do chaill mi mo chliu.’

Chaidh Làmh-dhearg nan tùr gu bàs.

‘ Na thuit thu an cadal trot,

A thriath Thùra nan tom garbh !

Tri lài shuidh i air an lom ;

380

Fhuair sealgair an ceathramh i marbh.

Thogadh an uaigh mu ’n triuir,

A righ Mhòirbheinn, san ùir so féin.

Bidh Roinne measg thriath fo chliu,

‘S a shiubhal gu ciuin sa’ bheinn !’ 385

“ An so féin bidh Roinne ’na shuain,”

Thuirt Fionnghal gu ciuin mall,

“ Thàinig guth a chliu gu m’ chluais.

Fhillein, Fhearghuis, thoir Orla nall,

An t-òig-fhear gun tuair o Lotha.

390

Gun choimeas cha luidh thu, a Roinne,

Is Orla ri d’ thaobh san uaigh.

Biodh deoir air òigh Mhòirbheinn an aonaich,

Fiamh bròin air òigh Lotha nan stuadhl.

Mar ghallan air leathad nam beann

395

Dh’fhàs laoich nach bu ghann am feum.

Thuit iad mar dharaig an gleann

‘ Nan luidhe thar sruth sa’ bheinn,

‘ S iad a’ seacadh ri gaoith nan carn.

- Oscair, a cheannaird nan òg-threun, 400  
 Chi thu féin mar thuit na daoine,  
 Bi thusa cho cliuthar sa' bhlàr,  
 'S bi 'm moladh nam bard mar Roinne,  
 B' uabhasach do chruth sa' bhiàr ;  
 Bu shàmhach thu, Roinne, san t-sìth, 405  
 Bha e mar bhogh' an drùchd tlàth,  
 Chithear fada thall san fhrìth  
 'Nuair luidheas a ghrian air Mòra,  
 Agus sàmhchair air scorr an fhéidh.—  
 Luidhsa, 's òige dheth mo mhacaibh 410  
 Luidh thusa fo lic air magh Léna.  
 Tuitidh sinne, ge mor 's ge glic :  
 Tha 'n lài do ghaisgich nam beuma."  
 Mar sin bha do bhròn, a righ nan lànn,  
 'Nuair a thaisgeadh fo charn Roinne, 415  
 Cia meud a bhròin tha air Oisian,  
 Is thusa, thriath thoisich gun deò !  
 Cha chluinn mi air Còna do ghuth,  
 Cha 'n fhaicear do chruth le sùil dhaill.  
 'S iomadh là agus oidhch' fhuar 420  
 A shuidheam aig t-uaigh fo n' charn ;  
 Dh'fhaireagham fo m' làimh i sa' chruaich,  
 'S mi 'ga d' mholadh le luaidh nam bard.  
 'Nuair shaoilinn gu 'n cluinnear do ghuth,  
 'S e th' ann osag dhubbh na h-oidhch'. 425  
 'S fhada o 'n là thuit thu 'na d' shuain,  
 A shàr-cheannaird nan cruidh-chòmhrag.  
 Shuidh Gall agus Oisian thall  
 Maille ri Suaran nan tonn  
 Air bruaich Lùbair b' uaine snuagh, 430  
 Bhuail mi a chlàrsach dha 'n righ,

- Bha 'mhala o 'n strì fo ghruaim.  
 Thiondaidh e 'dhearg-shùil air Léna ;  
 Bha 'n gaisgeach fo bhéud mu shluagh.
- 435
- Thog mi mo shealladh air Cromla,  
 Is chunnaic mi mòr-mhac Shéma ;  
 Dorcha, mall a dh'aom e 'thriall  
 O 'n t-sliabh gu còs Thùra 'na aonar.  
 Chunnaic e fo bhuaidh an triath ;  
 Bha bròn am measg 'aoibhnis san aonach. 440  
 Bha dearsa na gréin air 'airm ;  
 Shiubhail Conall gun stoirm 'na dhéigh.  
 Theiring iad cùl aonaich nan toirm,  
 Mar lasair an fhraoich sa' bheinn,  
 'Nuair shiùbhlas an fhallosg' ro' 'n oidhch' 445  
 Gun soills' ach na bheir i fhéin,  
 'S a ghaoth 'na déigh 's i 'fuaim.
- Air taobh sruth fo chobhar a' taomadh  
 Tha 'thalla 'n carraig nàn còs,  
 Is aon chraobh gu crom ag aomadh,  
 'S an iar-ghaoth béucail gu mòr 450  
 Ri aghaidh nan scorr 's nan carn.  
 An so shuidh ard cheannard na h-Eirinn,  
 Mac Shéma nan slige fial.  
 Bha 'smaointean air chòmhrag nan cleas,  
 Na feoir a' taomadh o 'ghruaidh. 455  
 Bha bròn air mu chall a mheas  
 Gaisgeach ard-mhisneach nam buadh.  
 A Bhràigh-gheal, tha thu fada thall ;  
 Cha thog thu san àm an laoch. 460  
 Faiceadh e do thlàth-chruth mall,  
 'S thig 'anam a nall le fraoch ;

Bidh 'smaointean air a chliu féin,  
'S air Deò-ghréine għluais a ràn.

Co tha tighinh le ciabh na h-aois ? 465  
Co ach gaisgeach nach faoin dàn ?  
A Charuill o 'n àm a dh'aom,  
Do ghuth cho caoīn ri clàrsair thall  
An talla Thùra nan corn fial,  
D'fhocal taitneach mar an druchd 470  
Thuiteas ciuin air raoīn nan sliabh,  
'Nuair a bhriseas a ghrian o mhùig ;  
A Charuill o 'n àm a dh'fhalbh,  
C'uim a thàinig a nall o mhac Shéma ?

" Oisein, a làmh threūn nan lann,  
Tha barrachd nan dàn dhuit féin,  
'S fhad thu fo m' eòlas nach gann,  
Ard cheannaird an comhstrij nan treun,  
'S tric a bhual a chlàrsach do 'n òigh  
Eimhir-àluinn, bu mhòr beus ; 480  
'S tric a thog, le rùn an t-slòigh,  
Do ghuth corr measg fonn nan treun,  
An talla Bhrano nan slige fial.

Là a ghabb i anns an fonn  
Bàs Chormaic an t-òg-shàr. 485  
Thog i le dòruinn an sonn,  
A dh'aom air an tom fo 'gràdh.  
Bha 'gruaidh dhearg nighte le deoir,  
'S do gruaidhs', a thriath mhòr nan triath ;  
Bha h-anam a' snàmh an ceò, 490  
Ge nach b' annsa dhi òg nan ciabh ;  
Bu ghlan am mheasg mhìlte 'n òigh,  
Nighean Bhrano nan corn fial."

“ Na labhair, a Charuill, mu Làmh-gheal ;  
 Na tog cuimhne na h-àille dhomh féin. 495  
 Tuitidh m’ anam fo bhròn mu m’ annsa.  
 Bidh mo shùile an deoir, a thréin ;  
 Tha mo rùn san ùir gu’n tuar,  
 Ainnir àille fhuair mo ghràdh.  
 Suidh thusa, bhaird, air a chruaich, 500  
 Is cluinneam r’ a luaidh do dhàn,  
 Do dhàn mar aiteal an earraich  
 Dol thairis air sealgair sa’ chruaich,  
 ’N àm dùsgadh o aisling sa’ bhealach  
 ’Nuair chluinneas e aoibhneas nam fuath, 505  
 An ceòl fuar air thaobh nam beann.

## FIONNNGHAL.

### DUAN VI.

THUIT neòil na h-oidhch' air a' chuan,  
Thionail an duirch' air cruaich Chromla ;  
Dh'éirich reulta boillsg' o thuath,  
A' dealradh air stuadh na h-Eirinn :  
Dh'fheuch iad an ciuin-theine thall  
Ro' cheò għluais mall thar na speuraibh.  
Bha gaoth a' bēucail anns a' choill,  
'S dorcha sàmhach raon a' bhàis.

Air sliabh neo-fhuaimear Léna  
Dh'éirich na mo chluais guth Charuill ;      10  
Bha 'fħonn air cairdibh ar n-òige,  
Na lәi mòr a dh'aom o shean,  
'Nuair thachair sinn air Légo nan triath,  
'S a chaidh an t-slige fhial mu 'n cuairt :  
Fhreagair Cromla fuaim nan dàn,      15  
Bha tannais na dh'fhalbh a 'snàmh air gaoith,  
Dh'aom iad le h-aoibhneas gu mall,  
Ri fonn molaidh dh'aom na laoich.

- Biodh t-anam an sòlas, a Charuill,  
Measg osna charach sa' bheinn. 20
- C' uim nach d' thigeadh tu gu 'm thalla,  
'S mi caitheadh na h-oidhche leam féin ?  
'S ceart gu 'n d' thig mo chara' dileas :  
Cluinneam a mhìn-làmh air a' chlàrsaich  
'S i sìnnte air balla na fuaim ; 25  
Bidh 'n toirm 'nam chluais gu mall.  
C' uim nach labhair rium 'nam bhròn ?  
C' uin a chi mi mo mhòr chairde ?  
Gabhaidh tu seachad san osaig,  
Tha farum nam dhosan liath ; 30  
Fhir-mholaidh nan triath, bi slàn.
- Air taobh Mhòra nan iomadh cruach  
Thachair tréith nam buadh aig fleagh,  
Mile darag a' lasadh mòr  
Is neart nan corn a' dol mu 'n cuairt. 35  
Bha aoibhneas air anam nan laoch,  
'S righ Lochlin nam faobh fo bhròn ;  
Bha 'dhearg-shùil air Léna 'n fhraoich,  
Is 'ardan nach b'fhaoin ro mhòr,  
Chuimhnich gu 'n thuit e sa' bhùtar. 40
- Bha 'n righ a'ir sgéith 'athar ag aomadh,  
A liath-chiabh air gaoith gu barr  
Fo sholus na h-oidhche a' taomadh :  
Chunnaic e Suaran fo bhròn,  
Is labhair gu fòil ri bhàird. 45
- “ Tog, Ullin, tog fonn na sìth ;  
Sioladh m' anam an strì nam blàr ;  
Traoghadh o mo chluais am fuaim,  
Trom fharum nan cruidh aig sàir ; 50  
Biodh ceud clàrsach thall san t-sliabh,

- Chur aoibhnis air triath nan tonn :  
 Cha 'n fhag e gun sòlas a' bheinn ;  
 Cha d'fhalbh duine riamh uam séin fo bhròn.  
 Shàr Oscair, tha dealan mo lainne 55  
 An aghaidh nàimhde 'n àm a' chòmhraig,  
 An sìth luidhe ri m' thaobh,  
 'Nuair ghéilleas na laoich sa' chomhstri.'
- "Bha Treunmor," thuirt beul nan dàn,  
 "Dhe 'n linn a bha ann o shean ; 60  
 Bha 'astar air cuan gu tuath,  
 'S e coimeas ri stuadh san stòirm.
- Ard charraig an tìr nan ràmh,  
 Ciar choill agus cairn a' fuaim  
 Dh'éirich o'n cheò chiar air sàil ; 65  
 Is cheangail a shiuil o 'n chuan.
- Lean Treunmor torc riabhach na beinne,  
 Bha bêucail air Gorm-mheall nan craobh ;  
 'S iomadh laoch a dh'fhag e 'na dhéigh :  
 Do shleagh Thréinmhor ghéill am faobh 70  
 'S e tionndadh an spàирn a bhàis.
- Tri gaisgich, a chunnaic an gnìomh,  
 Dh'aithris mu thriath nan dàimh,  
 Dh'aithris iad gu 'n sheas e thall  
 Mar lasair nach gann sa' bheinn, 75  
 An caoir-sholus nam mòr àrm.
- Thug righ Lochlin fleagh bu chòrr,  
 'S ghairm e gu cùirm an t-òg treun ;  
 Tri lài an Gorm-mheall nan seòd  
 Bha ri farum nan corn 's nan teud, 80  
 'S fhuair an triath a roghainn do chath.
- Cha robh laoch an Lochlin nan long  
 Nach d' thug géill do 'n t-sàr-shonn Treunmor.

Chaidh slig' an aoibhneis mu 'n cuairt ;  
 Measg faloisg' is fuaim nan dàn, 85  
 Bha moladh righ Mhòirbheinn nan stuadh,  
 A thàinig thar cuan a nall  
 Sàr cheannard nan sàr laoch.

'Nuair għlas an ceathramh madainn thall,  
 Chuir gaisgeach a ràmh san tonn ; 90  
 Bha 'cheum sàmhach air tràigh nam faoch,  
 'S e feitheamh na gaoith o thuath.  
 Chual e toirm gu fada thall  
 Am meadhon nan gleann sa' choill'.

Thàinig òig-fhear a nall o 'n chruaich, 95  
 'S e ceilte le cruaidh g' a cheann,  
 B' àill' a chiabh 's bu dearg a ghruaidh,  
 A chruth mar shneachd nam fuar-bheann.  
 Bu tlàth gorm-shùile nan rosg mall,  
 'Nuair labhair e ri righ nan lann. 100

' Fuirich, a Threinmhoir, 's na falbh,  
 A churaidh tha garbh am measg dhaoine ;  
 Cha do ghéill duit mac Lonbhail nan lann ;  
 Bhuaile a chlaidheamh na sàir 's cha 'n fhaoine,  
 Cumaidh gliocas na seoid o iuthaidh.' 105

' A mhìn-òig-fhir nan ciabh bànn,'  
 Thuirt righ nan lann, ' cha bhuaile mi  
 Mac fir, mu nach d'éirich dàn ;  
 'S lag do gheal-làmh agus truagh i :  
 Imich, a dhearsa na h-òige, 110  
 Grad-imich gu scòrr nan ruadhag.'

' Ma dh'imicheas,' thuirt an t'òg,  
 ' 'S ann le lann mhòr a th' aig Treunmor ;  
 Bidh aoibhneas air m' anam mu m' chliu ;  
 Is cois'near leam rùn nan òigh, 115

'Nuair thig iad le iadhadh an sùl  
 Mu 'n fhear, chuir air chùl an righ mòr ;  
 Bidh osna an cléibhe mu m' ghràdh,  
 'Nuair a chi iad do lann 's do shleagh.  
 Bidh mise measg mhìlte le m' agh  
 Le urram a's àird' aig fleagh.'

120

‘ Cha 'n iomraich thu chaoidh mo lann,’  
 Thuirt Treunmor, 's e lasadh 'na ghruaidh,  
 Chi do mhàthair gun tuar thu air tràigh  
 'S i faicinn gu mall thar an stuadh  
 Siuil a ghaisgich a reub a mac.’

125

‘ Cha togar leam féin an t-sleagh mhòr,’  
 Thuirt an t-òg bu chaoine snuagh,  
 ‘ Cha làidir mo làmh ; ach is còrr  
 Leumas iuthaidh o m' ordaig suas.  
 Le itich réidh o thaifeid chruaidh  
 Thuit seòd gun tuar fada thall.  
 Leig dhiot a mhàile gu luath ;  
 Cha chum thu, ach cruaidh, o bhàs.  
 Cuiream féin mo mhàile air réidh ;  
 Tarruing an teud, a righ Mhòirbheinn.’

130

Chunnaic e brollach fo ciabh.

'S i piuthàr an righ a bha ann.

Bha 'sùil san talla mu 'n triath,

Is fhuaradh leis rùn nach gann.

140

Thuit an t-sleagh o làimh an righ,

'S bha shealladh gun chli air an làr.

Bha ise mar dhearsa o'n ear,

A thachras ri fear o 'n chòs,

'Nuair dh'aomas e shealladh air lear,

145

Tha boillsgeadh le solus gu mòr.

- ‘ A righ Mhòirbheinn a’s fuaimear tom,’  
 Thuirt òigh nan làmlia geal mar shneachd,  
 ‘ Gabh mis’ an iadhadh do luing’  
 O rùin Choirle ’s fad’ o bheachd. 150  
 Tha esa mar thorrunn sa’ bhlàr :  
 Do dh’ Ineabhaca nan treun sàr  
 Tha ’rùn dhomh ’na ardan féin,  
 ’S e togail mile shleagh sa’ bhlàr.’
- ‘ Gabh sìth,’ thuirt Treunmor an triath, 155  
 ‘ Gabh sìth fo mo sgéith, a làmh-gheal ;  
 Cha teich, ’s cha do theich mi riamh,  
 Ge d’ fhaicinn air sliabh fir làidir  
 Do naimhdibh fo mhile sleagh.’
- Tri laithe dh’fhuirich an triath, 160  
 Le stoc caismeachd a b’ airde fuaim  
 A’ gairm sàr Choirle gu blàr,  
 O charraig, is chathar is chruaich.  
 Cha d’thàinig sàr Choirle gu blàr ;  
 Théiring Lochlin nan lann o ’thùr, 165  
 Thug do Threunmor òigh nan geal-làmh,  
 Sgaoil cùirm dha air tràigh as-ùr.”
- “ A righ Lochlin,” thuirt Fionnghal nam buadh,  
 Tha d’fhuil a’ ruith luath ’nam thaobh,  
 Bha ar sinns’re aig stri mu’n stuaidh, 170  
 An stri mu’m bi luaidh a chaoidh.  
 Ach ’s tric an talla nam fleagh  
 A chuir iad an corn mu ’n cuairt.  
 Tog d’ aghaidh o chomhstri nan sleagh,  
 ’S biodh aoibhneas na clàrsaich ad chluais. 175  
 Mar stoirm mhòr air aghaidh cuain  
 A thaom thu do threunadas garbh ;  
 Do ghuth mar ghuth mhilte sluaigh

- 'S e 'g éirigh air chruaich nam marbh.  
 Tog, am màireach, tog do shiuil, 180  
 Dhearbh bhràthair mo rùin a bh' ann :  
 Mar dhearsa na gréine as-ùr  
 Thig air m' anam a cliu san àm.  
 Chunnaic mi do dheoir mu'n làimh ghil,  
 'Nuair a dh'éirich air Stairne mo lann : 185  
 Chum mi gun dòruinn san àm thu  
 Is m' osna mu òigh an uchd bhàin.  
 Ma 's e do roghainn an còmhrag,  
 A chomstri thug Lochlin do Threunmor,  
 Gu 'n till thu gu d' thìr le mòrchuis, 190  
 Mar luidheas a' ghrian fo'n bheinn."  
 "A righ sinns're nam mòr bheann,"  
 Thuirt triath Lochlin a's ard fuaim,  
 "Cha d' theid Suaran an comhstri ri d' lanu,  
 A cheann mhìlte fhuair a 'bhuaidh ; 195  
 Chunn'car thu san taalamh thall ;  
 Cha bu lìonor na lài orm. féin :  
 'S e thuirt ri m' anam san àm,  
 C' uin a thogainn an lann co treun  
 Ri Fionnghal nam beum uasal ? 200  
 Chuir sinn an còmhrag, a shàir,  
 Air taobh Mheallmhoir nan carn ciar,  
 'Nuair thug an stuadh mo shleagh a nall  
 Gu talla ard nan slige fial,  
 Anns am faigheadh na treith am fleagh. 205  
 Cuireadh bàird na bhuadhaich thall  
 Gu àm a tha mall a' gluasad.  
 An comhstri Mheallmhoir nan curaiddh  
 Sàr-chliu nach robh gann a chualadh.  
 'S iomadh long o thìr nam mòr choill' 210

- A chaill an sàr òig-fhir air Léna. 210  
 Gabhs iad, a righ nam mòr bheann,  
 'S bi 'n ad chara do àmhaid Eirinn.  
 'Nuair thig gu Gorm-mheall do chlann,  
 Bidh fleagh nach gann is cùirm' nan còir,  
 'S bidh dhoibh an roghainn sa' ghleann 215  
 An comhstri nan lann ri seòid."  
 " Cha ghabhar leam," thuirt an righ,  
 " Do luingeas no tìr nan carn ;  
 Fònaidh dhomh fàsach nam frìth,  
 Le féidh, le coille, 's le glinn. 220  
 Tog-sa do shiuil thar an stuadh,  
 Char' uasail mo luaidh a bh' ann ;  
 Tog do shiuil bhàn air a' chuan,  
 'Nuair dh' éireas soills' air cruaich nam beann,  
 Air d' ais gu Gorm-mheall nam fuaim." 225  
 " Sìth do d' anam, a righ nan corn,"  
 Thuirt Suaran nan donn sgiath,  
 " An sìth 's tu aiteal an earraich,  
 An còmhrag 's tu caragh san stoirm :  
 Glacsa mo làmh ann càirdeas, 230  
 A righ nan lann o Shelma fhuair,  
 Agus thugadh do bhàird chòrr  
 Do bhròn na mairbh air a' chluain ;  
 Cuireadh Eirinn fo ùir mo shlòigh :  
 Tog clachan an cliu àir cruaich. 235  
 Chi muintir nam marbh o thuath  
 A chluain 's na chuireadh an cath.  
 Their sealgair 's e tearnadh o 'n bheinn,  
 'Nuair dh' aomas e féin air uaigh :  
 'N so Fionnghal is Suaran na tréin 240  
 Chuir còmhrag nan ceud air sluagh."

Mar so their sealgair tha faoin ;  
Ach mairidh a chaoidh ar cliu."

" An diugh féin is mò ar cliu,"

Thuirt Fionnghal, " a righ nan tonn ;

245

Théid sinne, mar aisling air chùl,

Gun luaidh oirnn air raoin nan sonn ;

Cha 'n aithnich sealgair ar 'n-uaigh,

Cha bhi ainm dhuinn am fuaim nam fonn.

Cha 'n fheum dhuinn a bhi fo luaidh,

250

Sinn gun neart gun tuar fo 'n tom.

Oisein, Charuill, Ullin chaoin,

Do'm bheil gaisgich a dh' aom 's a dh'fhalbh,

Togaibh fonn air làithibh nach b' fhaoín,

Air aimsir nan laoch tha marbh.

255

Cuiribh thairis an oidhche le fuaim,

'S thigeadh madainn gu luath le h-aoibhneas."

Thog sinn ar guth do'n dà righ,

Ceud clàrsach a strì san fhuaim.

Shoillsich aghaidh Shuarain thall,

260

Mar ghealach làn anns an speur,

'Nuaир dh'fhàgas na neoil i shuas

Sàmhach leathan am meadhon oidhch.

" Cuchullin," thuirt Carull aosda,

" Tha Cuchullin an còs Thùra,

265

Tha 'làmh-air claidheamh a neirt,

A smaointean air feachd a chaill e ;

Tha righ nan sleagh brònach sa' bheinn

Gu so bu treun e sa' chòmhrag.

Chuir e 'lann gu sìth ri d' thaobh,

270

Thusa mar aomadh nan stoirm,

A sgaoil fo ruaig a naimhde.

Gabhsa, Fhionnghail, lann an laoich ;

- Tha 'chliusa cho faoin ri ceò,  
 'Nuair théid 'na shiubhal ro' ghaoith, 275  
 'S a dh'fhàgas e 'n raon gun scleò.'"
- " Cha ghabh," 's e fhreagair an righ,  
 " Cha ghabh Fionnghal an sìth a lann,  
 Tha 'n curaidh gu neartor san strì,  
 'S tha cliu co chli r'a làmh. 280
- 'S lionor iad a ghéill an còmhrag,  
 Dha 'n d' éirich a comhstri an cliu.  
 Shuarain, a righ tìr nam mòr choill,  
 Cuir thusa do dhòruinn air chùl,  
 Tha iadsa cliùthar a ghéilleas, 285  
 Ma bhios iad treun an aghaidh lànmhaid,  
 Mar ghréin fo nial anns an speur,  
 'Nuair cheileas i féin san t-sàmhra  
 Gu sealltuinn air maol an fheir.
- Bha Grumal na thriath an Còna 290  
 Dh' iarr còmhrag air iomadh tràigh :  
 Bha aoibhneas dha 'anam san stoirm,  
 Dha 'chluais ann an toirm nan arm :  
 Thaom e 'ghaisgich air airde Chràca.  
 Bha righ Chràca o choill' r'a lann, 295  
 An crom Bhrùmo nam mòr thom,  
 Bha 'n sonn an caint ri cloich nam fuath.  
 B'uabhasach còmhrag nan laoch  
 Mn 'n òigh chaoin 's a taobh mar shneachd,  
 Chualas mu ainnir nam buadh 300  
 Le Grumal ruadh air uisge Chòna ;  
 Bhiodh aige làmh-gheal nan stuadh,  
 No e féin bhi fuar sa' chòmhrag.  
 Tri là a bha spàирн nan laoch ;  
 An ceathramh chaidh Grumal fo iall. 305

Chuir es' e gun chairde r'a thaobh  
 'N crom Bhrùmo mu 'n d' aom an sliabh.  
 Ann sin bha tannais nam marbh  
 Le 'n guthaibh garbh mu chloich nam fuath.  
 Ach shoillsich an triath 'na dhéigh,                    310  
 Mar theine nan speur as ùr ;  
 Thuit nàmhaid le 'làimh bu treun ;  
 Fhuair Grumal e féin 's a chliu.

Togaibh, a bhardaibh! o àm a dh'fhalbh,"  
 Thuirt garbh neart righ na Mòrbheinn,                    315  
 " Togaibh moladh laoch tha marbh ;  
 Cuiribh ard-Shuaran o dhòruin,"

Luidh na gaisgich anns an fhraoch,  
 Bha ghaoth chiar an ciabh nan laoch ;  
 Dh' éirich céud guth binn san raon                    320  
 Ceud clàrsach nach b'fhaoin air chòmhla ;  
 Bha 'n dàn àir an àm a dh' aom,  
 Triatha mòr nach bu bhaoth sa' chomhstri.

C' uin a chluinnear leam am bard ?  
 C'uin a bhios aoibhneas a' snàmh mu 'n cuairt ?  
 Tha clàrsach gun teud am Mòrbheinn,                    326  
 Cha 'n eil guth no ceòl an Còna ;  
 Thuit araon an triath 's am bard,  
 Cha 'n 'eil chiu san aird ni 's mò.

Chrith madainn le dearsa o 'n ear                    330  
 Air lear agus leathad Chromla.  
 Chualas stoc Shuarain air Léna  
 Tional an Eirinn a shluagh.  
 Sàmhach is brònach an sluagh,  
 'Nuair dh'éirich iad suas fo 'n siuil ;                    335  
 Bha osag gheur an déigh nan long,  
 Siuil bhàn air tonn mar cheò o Mhòrbheinn.

“ Gairm,” thuirt Fionnghal, “ gairm gu seilg  
 Coin chaol nàch maирг a chaitheadh cathar,  
 Gairmibh Bran, a’s gile cliabh,                           340  
 Gairmibh Neart, is Ciar, is Luath,  
 Fhillein, a Roinne—tha san uaigh,  
 Tha mo mhac an suain a bhàis!  
 Fhillein, Fhearghuis, séidibh stoc,  
 Eireadh aoibhneas air cnoc is carn,                           345  
 Brisgeadh fiadh air Chromla shuas,  
 ’S aig loch nan ruaghag an àros.”

Chaidh am fuaim geur ro’ choille thall ;  
 Dh’éirich buidheann mhall air Chromla.  
 Chaidh mile cù air falbh san fhraoch,                           350  
 Thuit fiadh air a thaobh ro’ gach cù.  
 Thuit a tri le Bran air aon,  
 Agus dh’ aom e ’n triuir gu Fionn  
 A thogail mhòr shòlais do ’n righ.  
 Thuit aon dhe ’n triuir aig uaigh Roinne ;                   355  
 Bha ceannard nau daoine fo cheò :  
 Chunnaic e gur sàmhach thall  
 Clach fir nach robh mall san t-séilg.  
 “ Cha ’n éirich thus a-ris, mo `mhac,  
 Aig fleagh no feachd air ciar-leac Chromla :                   360  
 ’S ealamh a théid t-uaigh o bheachd,  
 Is feur a’ seacadh mn ’n cuairt d’i.  
 Bidh sìol na Jaigse siubhal sìos  
 Cha ’n fhaic ’s cha ’n iarr iad mu d’ uaigh.

Oisein is Fhillein, mic mo neirt,                           365  
 A Ghaill nam feachd a’s guirme cruaidh,  
 Eiribh air aghaidh nan slìabh.  
 Faigheam an triath tha ’n còs Thùra,  
 Faigheam triath Eirinn nan ruaig.

- 'N e balla Thùra chi mi shuas ? 370  
 'Na aonar is liath air an t-sliabh  
 Tha triath nan slige fial fo bhròn ;  
 Tha talla nan corn gun fhuaim' :  
 Faigheam Cuchullin nam buadh,  
 Thoiream aoibhneas gu luath dha sheoid. 375  
 Fhillein, 'n e sin Cuchullin thall,  
 No 'n deatach air carn an fhraoich ?  
 Tha gaoth o Chromla am shùil,  
 'S cha 'n fhaic mi g'. a chùl an laoch.  
 " A righ," 's e fhreagair an t-òg, 380  
 " 'S e sin am fear còrr mac Shéma,  
 Tha e dorcha sàmhach fo bhròn,  
 Tha 'làmh air an lainn ag éirigh."  
 " Ceud failt air ceannard a chòmhraig,  
 Fhir bhriseadh na mòr sgéithe !" 385  
 " Ceud fàilt ort féin," thuirt an laoch,  
 " Sàr ghaisgich ri d' thaobh 's a' d' dhéigh !  
 'S taitneach leam t-fhianuis, a righ,  
 Tha mar a ghrian air frìth Chromla,  
 'Nuair bhitheas an sealgair fo bhròn, 390  
 Gus am faicear i mòr 's na neoil.  
 Do mhic mar reulta ri d' thaobh,  
 Tha siubhal an soills' mu do chliu  
 Cur gloine air mala na h-oidhch'. 395  
 Fhionnghail, cha 'n ann mar so fhéin  
 Chunna tusa mì, thréin, 'na d' thìr,  
 'Nuair a dh'fhàg tréith an domhain a' bheinn,  
 'S thàinig aobhneas air aghaidh gach frìth."  
 " 'S lìonor d'fhocail," thuirt Conan gun chliu,  
 'S lìonor do ghuth faoin, mhic Shéma ; 401  
 An comhradh cha chluinnear ach thu.

C'àite bheil do ghnìomh 's do bheuma ?

C'ar son a thàinig thar chuan,

Thoirt cobhair do ruaig le lann ?

405

Theich gu do chòs fo ghruaim,

Is dh'fhàg thu do Chonan am blàr.

Thoir dhomhsa na h-airm tha soills',

Thoir dhomhs' iad gun fhoill, a mhic Eirinn."

" Cha d' iarr gaisgeach mo lann riamh,

Ge d' iarradh, cha 'n fhaigheadh e m' àirm.

A Chonain, a 's dona fo sgiath,

Cha d'fhàg mis an sliabh, fo bhròn,

Gu'n ghéill Eirinn m'a sruth féin."

" A Chonain, a's laige làmh,"

415

Thuirt righ Mhòirbheinn, am mòr thriath,

" Na gabhsa na focail co dàn,

Gn 'm faicear na 's àirde do ghnìomh.

Tha Cuchullin fo chliu sa' bhlàr,

Uabhasach 's gach àit 'an d' théid.

420

'S tric a chual air a ghaisgeach bu shâr

Ard cheannard na Phàil an Eirinn.

Tog thus, a laoich, do shiuil bhàn

Gu Innis nan lann fo cheò.

Faic ! Brà'-gheal ag aomadh thall

425

Air iomall nan earn fo dheoir ;

Tha ghaoth a' sanas 'na trom chiabh'

'G an togail o 'mìn-uchd bànn,

'S i 'g éisdeachd toirm oidhche o 'n t-sliabh

'S fonn fial o ghaisgich nan ràmh ;

430

Tha 'barail gu'r cluinn i t-fhonn

'S do chlàrsach lom aìr aghaidh a chuain."

" 'S fhada dh' éisdeas i gun bhrigh :

Cha tilleam o 'n strì a chaoidh.

C' uim am faicinn thu, Bhrà'-gheal mhìn, 435  
 Togail trom osna mu d' shaoi ?

Chunnaic thus. a righ, mi fo bhuaidh  
 An iomadh cruadal lann is shleagh."

" Chithear a-rìs thu fo bhuaidh,"  
 Thuit Fionnghal nan slige fial ; 440

Eiridh do chliu anns an ruaig,  
 Mar dharaig air Chromla nan sliabh :  
 'S iomadh cath is còmhrag geur

Tha feitheamh riut fhéin, a laoich ; -  
 'S iomadh lot o d' làimh sa' bheinn. 445

Cuir, Oscair, na féidh air fraoch ;  
 Togaibh fleagh is slige fhial ;  
 Biodh anam an triath fo aoibhneas,  
 'S ar càirde an sòlas san raon."

Shuidh is ghabh sinn fleagh is dàn,  
 Dh' éirich anam Cuchullin gu h-hard ;  
 Thill a neart do threun nan lann,  
 Bha aoibhneas air aghaidh thall.

Thug Ullin do 'n triath am fonn ;  
 Thog Carull a ghuth air a mhagh ; 455

Chobhair mi na bàird air an tom,  
 Mu charraig nan sonn 's nan sleagh,  
 Carraig 's na tharruing mi lann—

Cha tharruing mi lann ni 's mò ;

Dh'fhalbh mo chliu air gnìomh a bh' ann. 460

Suidheamsa aig uaigh fo bhròn,  
 Uaigh nan cairde mòr nach mair.

Shiubhail an oidhch' air an fhoinn ;  
 Thàinig madainn thar tonn le sòlas.

Dh' éirich Fionnghal air an aird,  
 Agus chrath 'na làimh an t-sleagh ; 465

Shìn e cheum mòr thar magh Léna,  
Is lean sinn an treun 'n ar n-airm.

“ Sgaoil na siuil bhàin,” thuirt an righ,  
“ Gabhaibh gaoth na frìth o Léna.” 470  
Dh’éirich sinn air tuinn le fonn ;  
Bha sòlas nan sonn gu mòr  
Air cobhar bànn an domhain ghlais.

## TIGHMORA.

### DUAN I.

---

GORM thonna na h-Eirinn an soillse ;  
Ard mhonadh fo bhoillsge an là ;  
Cranna ciar-cheann ag aomadh fo ghaoith,  
Liath shrutha taomadh o chairn ;  
Dà thoman uaine fo dharaig  
Ag iadhadh 's a tarruing mu chaol-rath,  
Caoin shiubhal an uisge ro' ghleannaibh ;  
Air bruaich an uild an Cairbre féin,  
A shleagh fo chomas an tréin r'a thaobh,  
A dhearg shùil fo ghiorrag, 's e bròn.

5.

Dh' éirich Cormac an anam an righ,  
'S a lota gun chli, 'na thaobh.  
Leth fhaicte bha 'n t-òg an dùbhra,  
Fhuil chraobh-dhearg a' sruthadh o 'chliabh.

10

Thilg Cairbre a shleagh tri chuairt,  
Tri chuairt chuir e 'n fheusaig fo làimh.  
Chas e gu tric o ard cheum ;  
Chrath e ruighe nam beud gu h-ard.

15

- Mar nial am fàsach àm mòr thriath,  
Caochladh fo ghaoith nan sìan a dhealbh, 20  
Na gleanna a bròn fo 'n fhireach,  
Ma seach fo ghiorrag nam braon.
- Ghabh an righ a mhòr anam dha fém ;  
Ghlac e sleagh nan tréun 'na làimh.  
Thionndaidh 'shùil gu cùl magh Léna, 25  
Luchd coimhead nam beud o chuan gorm.  
Thàinig iad le ceumaibh fo fhiamh  
Tric a' coimhead sìos o 'n t-sàil.  
Dh' aithnich Cairhre mu chòrr righ nan gnìomh.  
Ghairm e dorcha na triath' gu 'làimh. 30  
Ghrad-thàinig ceum fuaimear nan sonn,  
An glas lanna lom anns gach làimh.  
An sin bha Mòrla 'u duibhre ciar ;  
An sin bha Dalla nan ciabh sa' ghaoith,  
Cormar ruadh ag aomadh air sleagh, 35  
A' sealladh borb o thaobh a ghruaim.  
B' alluidh do shùil chrom, a Mhalthos,  
Fo shealladh do mhòr fhabhraid.  
Sheas Foldath mar charraig an sruth  
Cleith fo chobhar a dubh chruth, 40  
A shleagh fhada mar ghiubhas nam mòr shliabh,  
A thachras ri còrr ghaoith nan speur,  
A sgiath làn do chomhara còmhraig,  
A dhearg shùil an còmhnuidh gun fhiamh.  
Iad' is triath' eile gun chunntas 45  
A' dlùth-teannadh mu righ Eirinn,  
'Nuair thàinig fear-coimhead a' chuain  
Moranail gu cruaich mhagh Lena,  
Bha 'shùile briseadh claoen o 'cheann,  
A bhile cam a' crith, 's iad liath. 50

“ An seas triatha na h-Eirinn air chùl  
 Balbh mar bhadan na ciuin oidhche,  
 Mar gharbh choille balbh fo mhùig,  
 Is Fionnghal m’ an tràigh a’ boillsge,  
 Fionnghal a’s uabhasaiche beum,                        55  
 Ard righ nan treun o shruthaibh Mhòrbheinn ?”

“ Am faca tu ’n gaisgeach nach fann,”  
 Thuirt Cairbre, o spairn a chléibh,  
 “ Am bheil a laoich lionor air tràigh ?  
 An tog e sleagh chòmhraig o dhéigh,                        60  
 No an d’thainig an treun an sith.”

“ An sìth cha d’thàinig e, righ Eirinn.  
 Chunna mi roi’ ’n treun a shleagh shuas  
 Mar mhall theine bàis ag érirgh,  
 Fuil mhiltean a’ leumnaich m’ a cruidh.                65  
 B’ es’ an ceud fhear bhual an tìr  
 Làdir fo ’leadanaibh liatha.

Làn, fèitheadh, garbh chalpan an righ,  
 ’Cheuma gluasad gun stri a’ir sliabh.  
 Air thaobh an tréin a chlaidheamh fiar,                70  
 An dara beum a caoidh nach iarr ;  
 A sgiath leathan uabhasach ’na làimh,  
 Mar chearcal fuileach ré ’s i làn,  
 Ag éirigh gu dàn ro’ stoirm.

An sin Oìsan righ caoin nam fonn,                        75  
 Mac Mhorni ’n sonn air ceann nan triath.  
 Leum Connal air a shleagh o’n tuinn ;  
 Sgaoil Diarmad a dhoinn chiabh ;  
 Lùb Fillean a bhogha le mòrchuis,  
 Sealgar òg aig mòr shruth nan sliabh.                80  
 Co e sud air ceann nan treun  
 Mar gharbh shiubhal sruth o bheinn ?

Co th' ann ach mac Oisein an triath,  
 Mar bhoillsge teine measg a chiabh,  
 Ma chùl a leadan fada 'n cuach, 85  
 'Fhabhraid dhubb leth cheilt an cruidh,  
 A lann an iall a' triall r'a thaobh,  
 A shleagh 's e siubhal a boillsgeadh baoth.  
 Theich mi o gharg shùl an t-seoid,  
 A righ Thighmòra, nam mòr chliu." 90

" Teich thusa, fhir dhona gun fheum,"  
 Thuirt Foldath an gruaim fheirg,  
 " Teich-sa gu d' liath shruthaibh féin,  
 A mhic an anma ghainne fo mheirg.  
 Nach fhacas leamsa 'n t-Oscar donn ? 95  
 Chunna mis an triath ri còmhrag.  
 An cunnart dheth na tréin tha n' sonn.  
 Togar sleagh le daoin' eil' air chòmhnard ;  
 Is iomadh mac th' aig Eirinn cho mòr.  
 A righ Thighmòra nan ard chraobh, 100  
 Leig dhomhsa tachairt ris an t-seòd,  
 Is caisgidh mi 'n sruth mòr na dheann.  
Tha mo shleagh nighte am fuli,  
Mo sgiath mar bhalla Thùra."

" An coinnich Foldath 'na aonar na dàimh ?"  
 Thuirt Malthos nam fabhrad ciar. 106  
 " Nach 'eil iad cho lìonor air tràigh  
 Ri coi'-thional garhh-shruth nan sliabh ?  
 Nach iad féin na treuna thug buaidh  
 Thar Suaran nan cruidh bheum,  
 'Nuair ghabh sliochd Eirinn an ruaig ? 110  
 'S an tachair Foldath ri'n ceud treun ?  
 A chridhe chèir an ardain féin,  
 Gabh spionnadh nan cèud dheth d' shluagh ;

Thigeadh Malthos maille ri tréin, 115

Bha mo chlaidheamh fo bhéumaibh ruadh ;

Ach co a chuala gu fiar mo ghuth ?”

“ A shliochd Eirinn a’s uaine raon,”

Thuirt triath Chlaonrath nan caoin shruth,

“ Na cluinneadh Fionnghal bhur briathra faoin ;

Na biodh sòlas air naimhdibh an diugh 121

A’ cur spionna ’nan làimh san tìr.

Is treun sibh féin, a shiol nam blàr,

Mar ghaillinn o ghàir a chuain,

Mar stoirm a thachras ri sgeir aird,

125

Bheir coille gu lèr o chruaich.

Ach gluaiseamaid ar spionnad fèin

Mall mar thrèun choi-thional nial.

Bidh giorrag air sàr mhac nam beum ;

Tuitidh ’gharbh shleagh gun fheum o ’n triath.

Chi sinn dubh-nial dorch a’ bhàis,

131

Their iads. is faileus fàs m’ an tuar,

Bròn air Fionnghal aosda na bàigh,

A chliu a’ sioladh o ’n tràigh gun bhuaidh.

Cha ’n fhaic air Mòrbheinn ceum a thriath ; 135

Bidh caoineach nam bliadhn’ an Selma.”

An sàmhchair chuala Cairbre ruadh,

Mar dhubb nial nan stuadh fo bhraon.

A sheasas dorch air Cromleac shuas,

Gus am bris an tein-athair a thaobh,

140

Lasaidh gleanna ri boillsge nan speur ;

Bidh tannais gun fheum fo shòlas.

Mar sin an sàmhchair sheas an righ ;

Ghrad-chulas le brìgh a ghuth.

“ Sgaoilear a chuirn air Moi-léna ;

145

Thigeadh mo cheud bard a nall.

Olla nan ciabh dubh-ruadh, éirich ;  
 Gabh clàrsach righ Eirinn 'na d' làimhl ;  
 Siubhail gu treun Oscar nan lann,  
 Is iarr é a nall gu fleagh. 150.

An diugh bidh cuirm is fonn sa' ghleann ;  
 Am màireach a bhrisear leinn sleagh.  
 Innis da gu 'n thog mi suas  
 Uaigh Chathuil fo luaidh nam bard ;  
 Thug mi a thruagh charaid do ghaoith. 155

Innis da gu 'n cualas m'a bhuaidh,  
 Air chliu aig sruth fuaimear Charuinn.  
 Cha 'n fhaic mi 'n so mo bhràthair treun ;  
 Cha 'n eil Cathmor nan ceud ri m' thaobh ;  
 Tha ar làmhan lag an airm. 160

'S ànmhaid Cathmor do strì nam fleagh ;  
 Is mòr anam mar dhearsa na gréine.  
 Ach brisidh Cairbre is Oscar an t-sleagh,  
 Thriatha Thighmòra, air còmhnhard Léna.  
 Bu labhar mu Chathuil a bheul ; 165

Las m' anam dhomh féin le feirg :  
 Tuitidh es' air Moi-léna fo chreuchd ;  
 Am fuil éiridh mo chliu air leirg."

Shoillsich sòlas nan treun m' an cuairt ;  
 Sgaoil iadsa mu chrnaich Mhoi-léna, 170  
 Cuirm slige ga deasachadh shuas,  
 Fonn barda nan duan ag éirigh.  
 Chuala triatha Shelma an sòlas,  
 Shaoil gur Cathmor còrr a thàinig,  
 Cathmor còrr, ceann-uidhe nan dàimh, 175  
 Bràthair Chairbre nan ruadh chiabh.  
 Cha bu choimeas anama dhoibh ;  
 Bha solus speur an uchd an triath',

- Air Atha nam bruach a thùr ard.  
 Seachd aisre gu talla nan sìan,  
 Air gach aisre sheasadh bard  
 Cuireadh coigrich gu clàr na fial ;  
 Shuidh Cathmor fo choille nan sliabh,  
 Gus nach cluinnte leis trian do 'chliu.
- Baile  
Carronance
- Thàinig Olla ruadh le dàn ;  
 Għluais Oscar gun dàil gu cuirm,      180  
 Tri cheud fo cheumaibh r'a làimh  
 Roi Léna nan làn-shruth gorm ;      o
- A liath-choin a' leum 'san fhraoch  
 'S an garbh chaoineadh a' sgaoileadh thall.      190  
 Chunnaic Fionnghal an sonn a' triall,  
 Thuit anam an triath fo bhròn
- D' eagal Chairbre nan smuainte ciar  
 Measg slige nam fial ag òl.  
 Thog mo mhac sleagh Chormaic thall.      195  
 Ceud bard a bha nall air sliabh.  
 Cheil Cairbre am bàs a bha snàmh  
 Fo dhuhra san àm 'na chliabh.  
 Fleagh sgaoilte na sligean a' fuaim,  
 Dhealraich sòlas an eudan an t-sluaigh ;      200  
 Ach sòlas mar ghrein a tha fann,  
 Claon dearsadh ro' mheadhon nan gleann,  
 Is e 'cleith a dheirg-chinn san stoirm.
- Dh' éirich Cairbre thall an airm  
 Tional dùbhra nam marbh 'na ghruaidh.  
 Chaisg clàrsaich nan ceud an toirm ;  
 Chualas screadan nan sgiath m' an cuairt.  
 Fada thall air uchd nan sliabh  
 Thog Olla nan ciabh guth bròin.

- Dh' aithnich Oscar comhara bhàis ; 210  
 Għluais is għlac gun dàil a shleagh.  
 " Oscair," thuirt an Cairbre ruādh,  
 " Tha mi faicinn sleagh buaidh na h-Eirinn,  
 Sleagh fhada Thighmòra nan stuadħ  
 Boillsgeadh ann do làimh ag éirigh. 215  
 Mhic Mhòirbheinn nan coille ciar,  
 Sleagh, deagh ardan nan ceud righ,  
 Bäs am frith do thréin o shean,  
 Géill i, mhic Oisein, gun stri,  
 Géill i do Chairbre nan carbad." 220
- " An géill mi," 's e fhreagair an treun,  
 " Na thug righ Eirinn nam beum cruaidh,  
 Na thug Cormac chiabh àillidh dhomh féin,  
 'Nuair a sgap mi fo bheum na Tuaith ?  
 Thàinig mi gu talla na feile, 225  
 'Nuair a theich iad o Fhionnghal nam buadh :  
 Dh' éirich sòlas an aghaidh na h-òige ;  
 Chuir am' làimh sleagh Thighmòra nan triath ;  
 Cha d'thug e do lag i fo dhoruinn,  
 No dh' anam fo mhòrchuis gun għniomh. 230  
 Cha stoirm dhomh féin do dhubhra donn,  
 Cha theine bàis do shùil dhomh féin ;  
 Cha 'n eagal dhomh do sgiath, no 'm fonn  
 O 'n Olla, tha lom do bheum ;  
 A Chairbre, cuir giorrag air tràill, 235  
 Tha Oscar a għnàt mar charraig."  
 " Nach géill thu fhéin an t-sleagh gun dál ?"  
 Thuirt Cairbre, is ardan ag éirigh.  
 " Bheil t'fhocala stoirmeil is ard  
 Mu Fhionnghal air tràigh na h-Eirinn,  
 Fionnghal nan leadana liath,

O choille nan sliabh, o Mhòrbheinn ?

Bha bheuma riamh ri daoine fann.

Ach thigeadh e nall gu Cairbre ;

Mar fhaileus siolaidh è sa' ghleann,

245

No ceathach tha mall san fhàsach,

Tha 'g aomadh 's a' taomadh o Atha."

" Na 'm biodh an treun thog beum air fann,

A' tarruing gu teann air Cairbre,

Bheireadh Cairbre o Atha nan gleann

250

Eirinn uaine a nall gun armaibh.

Na labhair mu na tréin, a thriath ;

Tionndaidh claidheamh non sgiath riomsa ;

Ar spionna fo choimeas gu 'n trian ;

Tha Fionnghal nan sgiath cliùtach,

255

Ard cheannard nan ard thriath."

Chunnaic an cairde maraon

Dùbhra nach robh faoin m' an gruaидh.

Chualas toirm an ceuma claoн :

Bha 'n sùile mar theine fo bhuaire,

260

Leth gach claidheamh o mhile slios.

Chaisg Olla nam fios am fonn,

Olla ruadh nam brosnacha dàna.

Chrith anam an Oscair le sòlas,

Le sòlas a b' àbhaisd do 'n triath,

265

'Nuair ghluaiseadh corn caismeachd an righ.

Dorcha, mar thonn ciar a chuain,

Seal mu 'n éirich air stuaidh gaoth,

'Nuair dh' aomas a cheann gu bruaich,

Ghrad-thàinig sluagh Chairbre r'a thaobh. \ 270

A nighean Thoscair, c' ar son do dheoir ?

Cha do thuit an triath mòr nach faoin ;

'S iomadh bàs a bha 'g iadhadh m' an tòrr,

- Mu'n d'aom am fear còrr air thaobh.  
 Faic mar thuiteas iad roimh 'n triath, 275  
 Mar choille nan sliabh san fhàsach,  
 An uair le feirg thig taibhs nan sìan  
 Fo 'n oidhche gu dian o 'n àiridh,  
 A làmh sgaoilte mu cheannaibh nan crann.  
 Thuit Mòrla, Mathronnan fo bhàs ; 280  
 Dh'aom Conachair air làr am fuil ;  
 Theich Cairbre 'o lainn a mhòr shàir  
 E siolandh 'bhàin fo dhùbhra dubh  
 Air culaobh cloiche nan cruth 's nan crom.  
 Thog e gu diomhair a shleagh ; 285  
 Bhuail esa taobh Oscair. Air sgéith  
 Thuit an gaisgeach air aghaidh sa' mhagh ;  
 Air a ghlùn bha taice do 'n triath ;  
 Bha 'shleagh fhada fhèin 'na làimh.  
 Faic Cairbre ! 's e thall fo smùir. 290  
 Għluais geura na cruidhe ro' 'cheann  
 A'sgoltadh a ruadh-chiabh air chùl :  
 Mar charraig bhriste dh' aom an sonn,  
 A thuiteas grad o shliabh nan crom,  
 'Nuair chrathas Eirinn uain i fén 295  
 O bheinn gu beinn, o mhuir gu muir.  
 Cha 'n éirich Oscar donn a chaoidh :  
 E 'g aomadh ri copan a sgéithe,  
 Bha sleagh nan ciar bhàs ann a làimh.  
 Sheas Eirinn fada thall air sliabh. 300  
 An glaodh mar onfha garbh nan sruth ;  
 Fhreagair Léna nan cruth am fuaim.  
 Chuala Fionnghal thall an toirm ;  
 Għlac e sleagh Shelma nam beum.  
 Sgaoil e chéum air uchd nan sliabh, 305

Ghrad-mhosgail o 'n triath guth bròin.

" Cluinneam ard iarguil a chòmhraig ;

Tha Oscar 'na aonar 'sa bhlàr.

Gluaiseadh siol gharbh-threun na Mòrbheinn,

Is thugadh iad còmhnadadh d'a lainn." 310

Bu ghrad mo cheuma féin air raon ;

Leum Fillean thar fraoch Mhoiléna ;

Le neart gluais Fionnghal nach faoin.

B' uabhasach an dealradh, bha 'g éirigh

O sgéith nam beum air treun ñan sluagh. 315

Chunnaic siol Eirinn fada thall

Dealradh mall o cheaùn na leirg.

Dh' aithnich iad nach d' éirich gann

Do righ nan lann a bhròn feirg.

Bha 'm bàs ag iadhadh dall mu'n smuaintibh. 320

Thàinig sinne ; bhuail sinn còmhrag ;

Chaisg triath' na h-Eirinn ar gruaim.

'Nuair thàinig an righ 'na mhòr fhuaim,

C'e an cridhe bhiodh do dàna fo chruaidh ?

Theich iadsa o chruachaibh Mhoiléna,

325

An dùbh bhàs a' beumadh 'nan ruaig.

Chunnaic sinn òg Oscar air sgéith,

'S a dhearg fhuil ag iadhadh m'a thaobh.

Bha sàmhchair mu eudan gach triath

A' tionndadh gu' chulaobh fo dheoir.

330

Bha 'n righ a cleith a dheur féin

'Sa ghaoth o' bheinn na fheusaig léith ;

Dh' aom e cheann thar an treun ;

Thuit osna measg fhocal' o 'n triath.

" Na thuit thu, Oscair shàir nan lann,

335

Am meadhon do gharbh astair féin !

Tha cridhe na h-aoise fo spairn

Faicinn chòmhrag a bhuiteadh do thréin,

Na cathan do 'm bu chòir a bhi nall,  
Chaidh 'n gearradh gu gann o chliu. 340  
C' uin a chòmhnuidh's an sòlas air Selma ?  
C' uin għluaiseas am bròn o Mhòrbheinn ?  
Thuit, o àm gu h-àm, mo chlann ;  
Tha Fionnghal an deireadh do' shiол.  
Mo chliu a' sioladh sios o luaidh, 345  
Bidh m' aois-sa fo thruaigh gun chairdibh,  
Mar nial do cheò am thalla féin.  
Cha chluinn mi tilleadh o' bheinn mhac  
Am meadhon mòrchuis is smachd airme.  
Tuiteadh deoir o ghaisgich Mhòrbheinn ; 350  
Cha 'n éirich Oscar òg a chaoīdh."

Thuit na deoir, a righ nan lann,  
Cha robh anam gu gann mu 'n triath ;  
Għluais esa gu còmhrag nan gleann ;  
Chaidh naimhde air chall roi' 'sgiatħ ; 355  
Measg an sòla is bha 'thilleadh an sìth.  
Cha robh bròn air athair m'a mhac,  
Thuit an comħistri an tlachd òige,  
Għluais iadsa gun deoir fo sgàile,  
'Nuair shinte air lär ceann an t-sluaigh. 360  
Bha Bran a' donnalaich r'a thaobh,  
Luath gruamach nan raon fo bhròn ;  
Is minic a għluais iad maraon  
Do sheilg is do ruadhaibh na fàsaich.

'Nuair a chunnaic ē 'chairde m' an cuairt, 365  
Għluais a spairn gu luath fo chliabh  
Osna nan triath arda fo h-aois,  
Caoine nan con, is am fonn  
A' briseadh trom o bheul nam bard ;  
Leagh sud m' anam féin fo bhròn, 370

M' anam nach do leaghadh riamh  
 An comhstri nan sgiath no 'n còmhrag ;  
 Bha e cos'lach ri cruaidh mo lainne.

“ Giùlain mi gu m' chruaich, a thréin,  
 Tog clacha sa' bheinn do m' chliu ;      375  
 Cuir cabar an ruaidh rium féin,  
 Lann thana nam beum ri m' thaobh.

Togaidh sruth, an cian, an ùir ;  
 Chi sealgair gu cùl a' chruaidh ;  
 ' So claidheamh gharbh Oscair fo smùir,      380  
 Ard mhòrchuis nam bliadhna chaidh uainn.”

“ Na thuit am mac a thug dhomh cliu ?  
 Nach fhaic mi thu, Oscair, a' chaoidh ?  
 'Nuair a chluinneas triatha mòr m' an cloinn,  
 Nach cluinn mi san àm ort, a thriath ?      385  
 Bidh còineach air do chlachaibh liath ;  
 Bidh gaoth measg an ciabha fo bhròn.  
 Cuirear còmhrag gun thusa air sliabh ;  
 Cha lean thu eilid chiar mu thòrr.

'Nuair a thilleas an gaisgeach o strì      390  
 'S e 'g innseadh mu thìr nan Gall,  
 Chunna' mi uaigh aig an t-sruth,  
 Bha beucadh o dhubbh nan carn,  
 Còmhnnidh gun leus do thriath ;  
 Thuit e le Oscar nan carbad,      395  
 Ceann nan garbh dha 'n dàn am bàs.  
 Theagamh gu 'n cluinneam féin a ghuth ;  
 Bidh sòlas air dubh mo chléibh.”

Thuiteadh an oidhche fo bhròn ;  
 Cha 'n éireadh le sòlas a' ghrian      400  
 An sgàile fiar na dòruinn.  
 Sheasadh na triatha mar scòrra

Air Moilén' nan tòrra fo mhùig,  
Fo fhallus fuar gun luaidh air còmhrag.

Sgaoil an righ gu caoin am bròn 405

'S e togail a mhòr ghuth.

Mhosgail na treuna 'na chòir,

Mar o aisling a' traoghadh o dhubh.

" Cia fada a thuiteas na deoir

Air Moilen' nan tòrr o Eirinn ? 410

Cha till dhuinn na treuna ni 's mò ;

Neart Oscair a chaoidh cha 'n éirich.

Tuitidh gaisgich 'nan laithibh féin ;

Cha 'n fhaicear sa' bheinn an triall.

C' àit am bheil ar n-athaire treun, 415

A shiol nam beum o 'n àm a dh' iadh ?

Thuit iad mar reulta fo thòrr,

Thog solus mòr air tìr fo mhùig.

Cha chluinn sinn ach fuaim an cliu ;

Ach bu chliùtach iadsa féin 420

Am bliadhnaibh nan treun a dh' aom.

Uabhasach is baoth na dh'fhalbh.

Mar sin a theid sinne o 'n raon

An laithibh fo chaol nam marbh.

Bitheamaid san àmsa fo chliu, 425

Is fàgmaid air chùl ar n-ainm,

Mar dhealradh na gréine gun smùir,

'Nuair a cheilear fo dhùbhra a ceann,

Fear astair fo bhròn is e triall

'G a cuimhneachadh san iar a dealradh. 430

Ullin, mo bhard féin fo h-aois,

Gabh long a tha faoin o 'n righ ;

Tog Oscar gu Selma nan raon.

Tuiteadh deoir o òighe nam frìth,

O ainnir nan làn uchd am Mòrbheinn.

435

Buailidh sinne còmhrag na h-Eirinn

Mu shiol nan treun a thuit le Cormac.

Tha lài mo bhliadhna fo smal;

Tha laigs ann mo ruighe nach gann;

Tha m' aithriche 'g aomadh o'n nial

440

Gu faoin-astar an liath-mhic.

Cha tréigear an t-àite so féin

Gun dealradh ag éirigh do 'chliu.

Bidh m' anam mar dhearg shruth nan speur

Do bhardaibh nam beul ciuin."

445

Thog Ullin seoil bhàn ri Tuath.

Bhuail gaoth air a stuaidh o dheas;

Leum loingeas gu Selma thar cuan.

Sheas mise fo ghruaim thall

Gun fhocal mall gu cluais uam féin.

450

Bha fleagh is cuirm air sliabh Mhoiléna.

Chuir tuille is ceud gun bheud fo ùir

Garbh Chairbre nan tùr ard.

Cha chualas fonn o bheul gu 'chliu;

Bha anam fo smùir 's fo fhuil.

455

Chuimhnich na bardan an righ:

C' uim a bhiodh Cairbre an strì nan dàn?

Thuit truscan ua h-oidhche m' an cuairt;

Chìte shuas o cheud craobh

Dealradh lasadh mu ghruaïdh nan nial.

460

Shuidh Fionnghal fo dharach na h-airde;

Sheas Althan nan dàn 'na chòir

Le sgeul an dubh-bhròin mu Chormac,

Althan mac Chonachair nan seòd,

Caraid ghaisgich a mhòr charbaid.

465

Bha 'thuinidh mar ri Cormac féin

An Tighmora nan treun ghaoth,  
 'Nuair a cheileadh mac Shemo fo nial,  
 Air taobh Lego nan ciar shruth.  
 Bu bhrònach sgeul o Althan liath, 470  
 A rosga cur sìos nan deur,  
 Nuair a labhair gu còrr am bard.

“Grian bhuidh a' plaosgadh mu Dhòra,  
 An liath-fheasgar a' tòiseachadh thall,  
 Chrith coille nì' an cuairt do Thighmòra 475  
 Fo ghaoith bha caochladh mu charn ;  
 Thionail niala dubh fuar san iar,  
 Is dearg reul fo 'n sgiathaibh ag éirigh :  
 Sheas mi m' aonar air aomadhlì nan sliabh  
 Faicinn tannais air ciar nan speur. 480

Bha 'cheuma mòr o chruaich gu cruaich,  
 Sgiath leathan gun tuar air a thaobh.  
 'S e bh' ann mac Sheuma nam buadh ;  
 'S math a b' aithne dhomh gruaim an laoich.  
 Shiubhail e na osaig féin ; 485  
 Bha dorcha gun leus m' an cuairt.  
 Thuit m' anam fo bhròn gun fheum :  
 Ghluais mi gu talla nan stuadh,  
 Talla slige nam fuaim fial.

Mile solus ag éirigh ard, 490  
 Làn cheud do na baird fo theud,  
 Sheas Cormac 'nam meadhon cho àillidh  
 Ri òg-renl ag eirigh san speur,  
 'Nuair sheallas i an sòlas ciuin  
 O chùl nan sliabh mùgach san ear, 495  
 A h-ùr dhealra a' glanadh o dhruchd  
 Gun smùir a' siubhal o lear ;  
 Glàaisidh a h-astar sàmhach suas

Gun nial a' cleith fo ghruaim a leòis.

Claidheamh Artho an làimh an righ,

500

Is e ga tarruing an strì òige ;

Tri chuairt a tharruing e le neart,

Tri chuairt dh'fhan fo bheart an lann.

A chiabha donn m'a ghuailibh shuas,

Las solus 'na ghruidhibh òg.

505

Bha bròn domh féin m' an dearsa ghlain,

Bha gu tuiteam fo smal cho grad."

Thuirt an t-òg le fiamh a ghàire,

" Am fac Althan am bard an treun ?

S trom claidheamh righ Eirinn bu shaire ;

510

Bha 'ruighe ro làidir gu beum.

'S truagh nach coltach mi an còmhrag

Ri m' athair còrr fo mhosgladh feirg ;

Thach'rinn's an iomairt nàn seòd

Ri namhaid mòr Chuchullin féin,

515

Ceanntàla nan garbh charbad.

Dh 'fhaoidte gu 'n druideadh bliadhna suas,

Althan nan duan, 's gu 'm bi 'n làmh so

Làidir an còmhrag nan treun.

An cual' thu mu mhac Shema an àigh,

520

Ceann-uidhe an ard Thighmòra ?

Truagh nach eil e nall le 'chliu

Is a ghealladh san àm dhomh féin.

Tha barda ga fheitheamh le fonn,

Cuirm sgaoilte an talla nan teud.'

525

Chuala mi Cormac an sàmhchair ;

Thuit deoir gu tlàth o mo ghruidh,

Is mi gan cleith le m' liath-chiabh.

Chunnaic an righ mo dhubh bhròn.

' Mhic Chonachair nan còrr dhà,

530

- Bheil mac Shemo, nan lann iosal ?  
 C' uim a bhriseas an osna gu diomhair,  
 Na deoir a' dol sìos le do ghruaidh ?  
 Bheil Torlath nan carbad aig làimh,  
 Fuaim Chairbre nan ruadh chiabhdh ?                         535  
 Thàinig iadsa, chi mi do bhròn ;  
 Triath Thùra nan tòrr fo smal.  
 Nach gluais mi do chòmhrag nan seòd ?  
 Cia mar thogas sleagh mhòr nan cath ?  
 Nam biodh mo ruighe mar Chuchullin,                         540  
 Theicheadh Cairbre o 'n tulaich fo fhiamhlì ;  
 Mhosgladh cliu mo shinns're treun,  
 Thigeadh gnìomha fo dhéigh a nall.'  
 'Ghlac esa bogha crom 'na làimh,  
 Na deoir a' snàmh m'a ghruaidh                                 545  
 O rosgaibh reachdmhor an òg thriath.  
 Bha bhròn a' dorchadh trom m' an cuairt ;  
 Bha barda nan dùan ag aomadh  
 Thar faoin thoirm an ceud clàrsach.  
 Bha mall aiteal thall air teudaibh ;                         550  
 Bha fuaim ann gun fheum, is balbh.  
 Chualas, guth bha fada uainn,  
 Mar aon fhear fo ghruaim 's fo bhròn.  
 B' e Carull o aimsir na luaidh  
 Thàinig thairis o chiar nan sliabh mòr.                     555  
 Labhair e mu bhàs Chuchullin,  
 M' a ghniomhaibh uile an cath nan seòd.  
 Labhair e mar sgaoil an sluagh  
 Ag iadhadh m'a uaigh an aird,  
 An arma air talla gun ghniomh ;                                 560  
 Cha robh comradh mu sgiath no còmhrag ;  
 Thuit esa chuir teine fo bheum.

- ‘ Co iadsa,’ thuirt Carull caoin,  
 Tha luath mar rudhaibh na’m faoin bheann ?  
 Co iadsa mar òg choill’ nan cranna                    565  
 An ùrlar nan gleanna fo bhraon ?  
 Co ach clann Usnoth nan triath  
 O Etha nan liath shruth ?  
 Mhosgail an sluagh ri ’n taobh,  
 Mar neart teine air faobhair charn,                    570  
 ’Nuair a gluaiseas gu grad a’ ghaoth  
 Air a sgiathaibh faoin o ’n fhàsach,  
 Mala chiar nan scòrr a’ boillsgeadh ;  
 Seasaidh maruich fo shoillse air cuan.  
 Chualas sgiath Chathbaid fo fhuaim.                    575  
 Chunna’ gaisgich an gruaidh Nathois  
 Neart is buaidh Chuchullin féin :  
 Mar sin a bha ’cheuma air fraoch.  
 Thà còmhrag air taobh na Légo,  
 ’S og Nathos nan lann fo bhuaidh ;                    580  
 Thig an triath gasda gu h-ealamh  
 Gu do thalla, a righ Thighmòra.’
- ‘ Faiceam gu h-ealamh an triath,’  
 Thuirt Gorm-shùil nan ciabha donn ;  
 ‘ Ach tha bròn a’ dùbhradh mo chléibh                    585  
 Mu Chuchullin nan sgiath ’s nan sonn ;  
 Is minic air Dora nan sìan  
 Għluais sinne gu séilg nan ruadh,  
 Is minic a chòmhra mu threunaibh,  
 Air gniomhaibh ’s air beumaibh mo shinns’re,            590  
 Mo shòlas a’ dealradh ’s ag éirigh.  
 Suidh-sa sìos, a Charuill féin,  
 Aig cuirm nan teud, is cluinneam dàn.  
 Is taitneach a għnà do ghuth ;

- Tog am fonn mu chliu Chuchullin, 595  
 'S mu Nathos nan cunnart o Etha.'
- Grad a mhosgail an là o stuadh  
 Le 'uile dhearsa ruadh o 'n ear.
- Thàinig Crathain gu talla nam buadh,  
 Mac Geal-làmh, a bhuaile an aois. 600
- ' Chunna' mi dubh-nial san fhàsach,  
 A righ nan sàr thriath an Eirinn :  
 Bu nial e do réir mo smuainte—  
 Ach sluagh so tha dùnadhl mu lear.  
 'S fear mòr, is a cheuma fo neart, 605  
 A ruadh chiabh ma seach anns a ghaoith,  
 Sgiath a' boillsgeadh ri soillse o 'n ear,  
 Sleagh fhada a' casadh 'na làimh.'
- ' Gairm e gu cuirm Thighmòra,'  
 Thuirt òg righ a' sioladh gu soillse ; 610  
 ' Gairm e gu talla nam mòr thriath,  
 Mhic Geal-làmh nan gnìomh 's nan dàn.  
 'S e 'n gaisgeach o Etha a th' ann,  
 E tighinn a nall fo chliu.  
 Ceud fàilte air coigreach nan treun, 615  
 An caraid thu féin do Chormac ?  
 Charuill, 's gruamach e 's cha chiuin ;  
 Tha e tarruing o 'chùl an lann.  
 An e so màc Usnoth fo chliu,  
 A bhaird a chuir as ùr na bh'ann ?' 620
- ' Cha 'n e mac Usnoth a th' ann,  
 Ach Cairbre, do namhaid fo cholg,  
 C' uim a thàinig thu fo lainn,  
 A thriath dhubbh-ruaidh nam mala borb ?  
 Na tog do chruaidh a thréin air righ. 625  
 C' uim a għluaiseas gun stri do luaths ?'

- Ghluais es' ann a dhùbhra ciar ;  
 Ghlac e làmh an righ 'na làimh.  
 Chunnaic Cormae féin am bàs,  
 Lasair feirg a' snàmh m' a shùilean. 630  
 ' Tréig so, a thriath Atha nam beud ;  
 Thig Nathos an treun le còmhrag.'  
 ' Tha thu dàna am meadhon mo thalla,  
 'S mo ruighe neo-neartor fo lainn.'  
 Ghluais an claidheamh suas ro' 'chliabh ; 635  
 Thuit an talla a shinns're an triath,  
 A chiabha àluinn sgaoilt' air thalamh,  
 Is deathach na fala m' an cuairt.  
 ' Na thuit anns an talla,' thuirt Carull,  
 ' Mac Artho bu taithrise fial, 640  
 Gun sgiath Chuchullin bhi mar ris,  
 No sleagh athar, am mòr thriath ?  
 Is brònach sibhs, a chruacha Eirinn,  
 Is e gun éirigh measg a shluaign.  
 Sìth le t-anam féin, a Chormaic, 645  
 Chaidh thusa fo dhorcha an òige.'  
 Ràinig focala Charuill suas  
 Gu cluais Chairbre nan ruadh chiabh.  
 Dhuin e na barda fo dhùbhra ;  
 Bha eagal air m'a lann a shìneadh 650  
 Gu bard, ge dorcha cli a chliabh.  
 Fada bha sinne fo bhròn.  
 Thàinig Cathmor còrr, an triath ;  
 Chual e ar guthan o 'n chòs :  
 Thionndaidh e 'shealladh gu fiar 655  
 Air Cairbre nan ciar smuainte.  
 ' A bhràthair Chathmoir,' thuirt an seòd,  
 ' Cia fada bhios bròn air m' inntinn,

- Do chridhe gun chaomh mar charraig,  
 Do smuainte làn fala, is dorcha ? 66 )
- Ach 's bràthair thu do Chathmor féin,  
 Bidh Cathmor le feum an còmhrag.  
 Cha choltach ar n-anama, a thréin,  
 Thusa, 's laige làmh an còmhstri.
- Tha solus mo chleibhsa fo smal 665  
 Le gniomhaibh cas mo bhràthar.  
 Cha chuir barda fonn air mo chliu ;  
 Their iadsa, ' Bha Cathmor treun,  
 Ach bha 'bheuma air taobh Chairbre.'  
 Theid iadsa thar m' uaigh gun leus ; 670  
 Cha chluinnear mo chliu a chaoideh.  
 A Chairbre, tuasgail-sa na baird ;  
 Is iadsa clann an àm chaidh sìos ;  
 Cluinnear an gutha air ard,  
 'Nuair dh'aomas gu lär ar siol, 675  
 Siol righre Thigmòra nan crann.'
- Thàinig sinne mach mar thuirt,  
 Chunna' sinn an curaidh 'na neart ;  
 Bu choltach e, a righ, ri d' òige,  
 'Nuair thog thu an toiseach a mhòr sgiath. 680  
 Bha eadan mar thuar na soillse,  
 Grian a' boillsgeadh gun nial air speur.  
 Cha robh dorcha air astar a ghruidhe.  
 Thàinig e le milte do shluagh  
 Gu cobhair Chairbre nan ruadh chiabh. 685  
 A nois a dhioghailt a bhàis,  
 A righ Mhòirbheinn nan ard chraobh."
- " Thigeadh Cathmor," a fhreagair an righ ;  
 Tha mo làmhsa an strì nan treun ;  
 Tha 'anam am mòrchuis a' boillsgeadh ; 690

- Tha 'ruighe an soillse a neirt,  
 A chòmhraga 'g iadhadh mu chliu.  
 An t-anam beag mar chearb do cheò,  
 Tha còmhnuidh mu loch gun ghaoith. 695  
 Cha għluais e mu na cruachaibh mòr,  
 Eagal gu 'n tig 'na chòir 's e faoin,  
 Osag fhiar o fhaobhar nam beann ;  
 Tha 'chòmhnuidh am meadhon nan carraig  
 A' gluasad gath tannais a' bhàis.  
 Tha ar n-oig're, a ghaisgeàcha treun, 700  
 Mar an sinns're fèin fo chliu  
 'N an òige measg chomhstri nam beum.  
 Thuit iadsa le beus san ùir.  
 Tha Fionnghal féin an dùbhra mall  
 Nam bliadhna thall. Na tuiteam féin, 705  
 Mar dharaig thar sruth a tha gann ;  
 'Na għaire tha ceuma an t-sealgair,  
 'S i sinn te seargta fo għarbh-ghaoith ;  
 Cia mar thuit an crann so féin !  
 'S e feadaireachd 's a leum air falbh. 710  
 Togar suas am fonn, an aird,  
 Fonn sòlais a bharda Mhòirbheinn.  
 Cuirear dìchuimhn air àm a dh'fhalbh ;  
 Biodh gach anam mu għarbh chòmhrag.  
 Tha reulta a sealuin o nial, 715  
 An sàmhchair dol sìos gu tuinn.  
 Grad thig an dearsa gu h-iar  
 A' feuchainn gu 'n trian naimhde Chormaic.  
 Phillein, a mhic, gabh mo shleagh,  
 Gluais gu Mòra nam mala ciar ; 720  
 Biodh do shealladh aig astar nan sliabh ;  
 Coimhid gu 'n trian ar naimhde ;

- Coimhid astar Chathmoir na fial.  
 Cluinneam fuaim tha fada thall,  
 Mar charraig nan carn tha tuiteam sìos                    725  
 An gleannaibh fiar nan ciar fhàsach.  
 Buail-sa an sgiath air an àm,  
 Mu 'n tig iad a nall ro' 'n oidhche,  
 Eagal tuiteam do chliu na Mòrbheinn.  
 Tha mis am aonar an so, a thriath ;                    730  
 Na tuiteadh mo chliu an ciar na h-aoise.”
- Chualas ard guth caoin nam bard ;  
 Tha aomadh an righ air sgéith Thréinmhoir ;  
 Thuit cadal mu shùilean an tréin,  
 Sàmhla còmhraig ag éirigh 'na inntinn.                    735  
 Tha 'n sluagh fo chadal balbh m' an cuairt.  
 Tha Fillean dubh-ruadh ri naimhdibh ;  
 Tha 'cheuma air cruachaibh nan stuadh ;  
 Chuala sinne air uair a sgiath.

# TIGHMORA.

## DUAN II.



A THAIR nan triath garbh, a Thréinmhoir,  
Ard-chòmhnuidh leat an fhior-ghaoth,  
'Measg thorunn dubh-ruadh nan speur !  
Tein-athair a' beumadh nan nial.

Fosgail talla ciar nan stoirm,  
Thigeadh barda le toirm nan dàn ;  
Thigeadh iad o 'n àm a dh'aom,  
Le clàrsaichibh faoin a nall.

Cha lag a thuineas an ceò mall ;  
Cha shealgair sruth gann an còmhniard,  
'S e Oscar nan carbad a th' ann  
O leirg nan cath garbh 's nan còmhrag.

Is grad do chaochla-sa, mo mhac,  
O do dhreach air chiar Mhoiléna ;  
Tha 'n osag ga d' thilleadh fo smachd,  
'Nuair is fuaimear a neart air speuraibh.  
Án seall thu mu 'n athair, tha faoin  
Ri taobh shruth gáireach na h-oidhche ?

5

10

15

- Tha triatha Mhòrbheinn fo chadal air raon ;  
 Cha do chaill iadsa mac o shoillse. 20  
 Chaill sibh gaisgeach treun an còmhrag,  
 A thriatha Mhòrbheinn nam fuaim ard.  
 Co 'n gaisgeach bu choimeas do 'n òg threun,  
 Ri taobh garbh chomhstri nam blàr,  
 Mar dhùbhra trom nan uisge dòmhail ? 25  
 C' uim tha m' anam féin fo mhulad ?  
 Bu chòir da bhi lasadh an cunnart,  
 Eirinn ri mo làimh le neart,  
 Righ Shelma 'na aonar le feart.  
 'Na aonar cha bhi m' athair treun, 30  
 'Nuair a dh'éireas sleagh fhada dhomh fhéin.  
 Ghluais mi am armaibh gu grad,  
 Mo chluas ri guth lag na h-oidhche.  
 Cha chualas sgiath Fhillein nam buadh ;  
 Chrith m' anam mu luath mhac an righ. 35  
 C' uim thuiteadh treun nan ciabha donn ?  
 C' uim thigeadh naimhde nall ro' 'n oidhche ?  
 Fada thall bu bhalbh am fuaim,  
 Mar onfhadh truagh o Loch na Léige,  
 'Nuair thraighas uisg' o thaobh gu taobh, 40  
 An là tha caoin is reotha mall,  
 An eigh uile briseadh 's a' beucadh,  
 Siol Làra coimhead crom nan speura  
 A' gabhail dhoibh féin an stoirm.  
 Chunnas Fillean dorcha balbh, 45  
 Ag aomadh thall o charraig Mhòra.  
 Chual e glaodh nan naimhde mall,  
 Ghluais giorrag air 'anam le sòlas.  
 Bhual farum mo cheum a chluas ;  
 Ghrad chas e le fuaim a shleagh. 50

“ An d’ thàinig mac oidhche an sìth ?  
 No ’n tachair thu le strì ri gruaim ?  
 Is naimhde an so, naimhde an righ ;  
 Labhair mìn, neo fairich cruidh,  
 Cha sheasar an so le fear faoin,  
 Tha mar sgéith do thriath Mhòrbheinn.”

“ Na seasadh gun fheum no gu faoin  
 Siol Chlatho nan caoin rosg mall.  
 Tha Fionnghal ’na aonar an aois,  
 Dùbhra dùnadh m’ a laithibh tha falbh.  
 Tha dà mhac aig righ nan triath,  
 Dha ’m bu chòir dealradh measg cath ;  
 Dha ’m bu chòir bhi mar theine nan sliabh  
 D’a cheum ’s e dol sìos mar ghath.”

“ Mhic Fhionnghail,” ghrad fhreagair an t-òg,  
 “ Cha ’n fhada sleagh mhòr ann mo làimh ;  
 Cha lionor comharra mo lainne.

Teine nach gann m’ anam féin,  
 Triatha Bholga dlùthadh m’ an cuairt,  
 Sgiath Chathmhoir nan cuacha fìal  
 An garbh thional thall air an t-sliabh.  
 An sìn mi sìos mo cheum ’nan còir ?  
 Do ’n Oscar ghéill a mhàin mo luaths  
 An comhstri mu chruachan Chòna.”

“ Fhillein, na gluais-sa ’nan còir ;  
 Na tuiteadh am fear òg gun chliu :  
 Chualas air m’ ainmisa am fonn,  
 Theid mise null ’nuair is eiginn.  
 O thruscan ciar na h-oidhche ciuin  
 Chi mise gu ’n cùl an sluagh.  
 C’ uim a bha d’ aithris mu ’n Oscar ?  
 C’ uim a mhosgladh leat osunn mo chléibh

- Cuirear air chùl am mòr thriath,  
 Gus an sioladh na siana o 'r taobh.  
 Na seasadh mulad measg a' chunnairt,      85  
 No deoir thuirse an sùil nan sonn.  
 Dhi-chui'nich athaire an sàr chlanna  
 Gu deireadh lanna blàir is airm.  
 Thionndaidh 'n sin am bròn as ùr,  
 Fonna glan o thuirse nam bard.      90
- Conar, brathair còrr do Thrathal,  
 Ceann nam fear dha 'n dàn am bàs.  
 Fuil a naimhde mu mhile sruth,  
 Le 'chliu lionadh gleanna Eirinn  
 Mar aiteal beusach gaoith' 's i fann.      95  
 Chruinnich cinneacha mòr Ullin ;  
 Chuir iad cuireadh gu righ nan lann,  
 Gu righ o shinns're mòr a' mhonaidh,  
 Siol Shelma nan curaidh nach fann.
- Triatha Eirinn o dheas ag éirigh      100  
 An dùblra dùinte 'n ardain thréin ;  
 An dubh chòs Mhuma dlùtha ri cheile,  
 An sanas mhùig am focala féin.  
 'Is minic,' thuirt iadsa, 'mu 'n tom  
 Chìte tannais lom nam fear,      105  
 Feuchainn an crutha dubh-dhearg crom  
 O charradh bhriste lom na lear,  
 Cur cuimhne mu chliu nam Bolg.  
 C'uime,' thuirt iad, 'bhiodh Conar 'na righ,  
 Siol coigrich na strì o Mhòrbheinn ?'      110  
 Thàinig iad mar shruthaibh o shliabh  
 Measg farum an ceud chlann.  
 Bha Conar mar charraig an triath ;  
 Briseadh, thlaom iad sìos o 'lainn.

- Ach thill iadsa minic is tric ; 115  
 Thuit, a Shelma, do shliochd am blàr ;  
 Sheas an righ measg uaighibh nan treùn,  
 Is eudan fo bheud ri làr :  
 Thrus 'anam é féin fo smachd ;  
 Chuir e comhara 's clach air sliabh, 120  
 Anns an tuiteadh an triath le cliu,  
 'Nuair a thàinig 'na neart fo sgéith  
 Mòr Thrathal o neulaibh Mhòrbheinn,  
 Bràthair Chonair am mòr thréùn.  
 Cha d'thàinig an gaisgeach leis féin ; 125  
 Bha Colgar gun bheud r'a thaobh,  
 Colgar mac do righ nan lann  
 Is ainnir nam mall rosga gorma.  
 Mar Threunmor an truscan do dhealan  
 A' tearnadadh o thalla nan sian, 130  
 Measg torrunn cur dòruinn o thalamh  
 Air dubh-dhruim na màra fo nial,  
 Mar sin a bha Colgar an cath  
 'S e caitheadh 's cur as an raoin.  
 Mòr sòlas athar féin mu 'n triath. 135  
 Thàinig iuthaidh gu diòmhair air treum :  
 Dh'éirich clach dha gun deur air sliabh :  
 Dìolaidh 'n righ a gharbh mhaç fhéin.  
 Bhoillsg Treunmor an còmhrag mar dhealan ;  
 Threig Bolgai an talamh fo bheud. 140  
 'Nuair thill sìth do raon a' bhàis,  
 'Nuair għluais gorm-thoñn an treùn do Mhòrbheinn,  
 'N sin chuimhnich an righ a mhac fèin ;  
 Thuit sàmhach o' cheud na deòir.  
 Ghairm barda nam fonn trí chúairt 145

Aig còsaibh nam fuar-thonn dòmhail  
 Anam Cholgair, triath gharbh nam buadh  
 G' a chruachaibh o thalamh a' chòmhraig.  
 Chual e iadsan 'na cheò mall,  
 Chuir Trathal a lann an còs,  
 Ball sòlais do 'mzac am bàs." 150

"A Cholgair, mhic Trathail," thuirt Fillean,  
 "Bha cliu dhuit measg dhaoine, 's tu òg :  
 Cha do sheall an righ air mo lainn-sa,  
 A bha dealradh san àm air chòmhlnard, 155  
 Tha mise dol maille rí sluagh  
 'S a' tilleadh le buaidh gun chliu.  
 Tha naimhde druideadh oirnn, a thriath,  
 Tha farum air sliabh fo mhùig,  
 Tha farum an casa mar thorrunn 160  
 'S e gluasad fo thalamh gu baoth,  
 'Nuair a chrathas na beannta an cranna,  
 'S nach éirich mall anail o ghaoith  
 Air mala ghruamaich fhuair nan speur."

Thionndaidh Oisian grad air a shleagh. 165  
 Thog mi lasair air magh o gharbh chraoibh.  
 Sgaoil mi air a' ghaoith am fuaim.  
 Sheas Cathmor nam buadh o 'cheum ;  
 Sheas e mar charraig a' boillsgeadh  
 Measg seacharan na h-oidhche ghaothair,' 170  
 'Nuair ghlacas an osag an sruth  
 'Ga dhlùthachadh tiugh fo eigh.  
 Mar sin a sheas cara' nan dàimh ;  
 Thog osna nan carn a chiabh ;  
 Treun a's mò 'shiol Eirinn a th'ann,  
 Righ Atha nan garbh shruth ciar. 175

“ A cheann nam bard,” thuirt Cathmor féin,  
 “ Fhonnar, gairm triath” na h-Eirinn ;  
 Gairm Cormar is dearg-ruadh ciabh,  
 Gairm Malthos a’s fiadhaiche fàbhrad ;      180  
 Thigeadh gruaim Mharonnain a nall,  
 Is Foldath an ardaidh fhiar ;  
 Faiceam dearg-shùil Thurloich nan lann ;  
 Na dìchuimhn’ Hidala, an triath ;  
 Is caoin a ghuth an cunnart baoth,  
 Mar fharum a’ bhraoin a thuiteas mall      185  
 Mu ’n fheasgar air seacadh nan raon  
 Aig Atha nan sruth traoghta gann ;  
 Is ciuin am fuaim air cluain an fheoir,  
 Torrunn briste nan speur a falbh.”      190

Thàinig iad ’nan armaibh grad  
 Dh’aoim gun stad gach ceann r’ a’ ghuth,  
 Mar gu ’n labhradh tannas o nial  
 O ’n sinns’re ’s iad triall na h-oidhche.  
 Uas’ach an dealra dubh-ruadh      195  
 Mar eas Bhrùmo tuiteam an toirm  
 ’Nuair a ghluaiseas tein-athair ro’ ’n dùbhra  
 Mu shùilean fir astair an stoirm.  
 Critheas e truagh measg a thriall’,  
 ’S e feitheamh ri gréin o ’n ear.      200

“ An sòlas do Fholdath,” thuirt an righ,  
 “ Dortadh fola an strì na h-oidhche ?  
 An gann a bheuma measg bruailleín na frith,  
 ’Nuair a lasas gath laithe an soillse ?  
 Cha lionor ar naimhde m’ an chuan ;      205  
 C’ uim bhiodh truscan na gruaim oirnn fèin ?  
 Is àillidh solus do na tréin,

- A tha bualadh bheud o'n tìr.  
 Faoin do chomhairl-sa; thriath Mhòma ;  
 Cha 'n'eil sùile Mhòrbheinn fo ròsg. 210  
 Mar iolaire faire nan còrr thriath  
 Air còineach na scòrr-bheinn ard.  
 Biodh gach triath fo nial le shluagh,  
 Neart dòmhail nam fuaim ard :  
 Mu 'n ear an solus gluaiseam féin 215  
 A thachairt nan ceud mu Bholga.  
 B' fhuasach, ge h-iosal an treun  
 Mac Dubh-shùil nam beud Borbail.”
- “ Cha 'n ann gun chomhara,” thuirt Foldath,  
 “ Għluais mo cheuma fa chòir nan triath : 220  
 An soillse bhuaileadh leam an còmhrag  
 Le Cairbre an comhstri nan sliabh.  
 Ach dh'éirich a chlachsa gun deoir ;  
 Cha robh bard do righ Eirinn air uaigh.  
 'M bi sòlas aig naimhdibh 'n fhir mhòir 225  
 Air còineach is scòrrbheinn nan cruach ?  
 B' e mo charaid féin a bh' ann ;  
 'S iomadh focal, air àm bha diomhair,  
 A lùb sinn mu shàmhchair nan gleann  
 An còs Mhòma nan ard thriath, 230  
 'Nuair bha thusa do bhalachan faoin  
 A' leantuinn air raon nan cluaran.  
 Le gaisgeachaibh Mhòma ri m' làimh  
 Bheir mi mach fo lainn na naimhde,  
 O dhùbhra dùint' an cruachan féin. 235  
 Tuitidh Fionnghal gun fhonn air sliabh,  
 Righ nan leadana liath o Shelta.”
- “ Am barail leat, fhir a's laige làmh,”  
 Thuirt Cathmor fo sgàth feirge ;

“ Am barail leat gu ’n tuit an sonn  
 Gun iomradh ño fonn an Eirinn ?  
 Nam biodh na barda féin an sàmhchair  
 Mu chloich air tràigh do righ Shelma,  
 Bhriseadh fo ’n anail an rùn,

240

’S bhiodh anam fo chliu do ’n righ.  
 ’S ann ’nuair thuiteas tusa sa’ bhlàr,  
 A dhì-chuimhneas barda am fonn.  
 Dorcha gruamach thusa féin,

245

Ge d’ tha ruighe nam beum an còmhrag,  
 Mar mhòr thíonal dòruinn nan speur.

250

An dì-chuimhn do Chathmor righ Eirinn  
 An tuineas caol gun leus an uaigh ?  
 An dì-chuimhn domhsa féin an Cairbre,  
 Mo bhràthair garg nach tréig mo luaidh ?  
 Chomharaich mi dealra an t-sòlais  
 Bha siubhal le mòrchuis nan gnìomh  
 Air ’inntinn sìos fo niala dubh,  
 ’Nuir a thill mi le cliu o shliabh  
 Gu Atha nan sìan is nan sruth.”

255

Mòr, fo fhocal ard an righ,  
 Gu fhine féin a għluais gach treun ;  
 Iad ag aomadh mu chrualaich na frìth,  
 Dealradh faileis an strì nan reulta,  
 Mar thonna an cala nan scorr bheinn  
 Fo ghaoith an comhstri na h-oidhche.

260

Ri daraig shìn an righ e féin,  
 Sgiath bhallach nam beum an gruaim  
 Ri carraig air làimh do ’n ard-threun.  
 Sheas coigreach nam beus o chuan,  
 Gath soluis a rùin fo chiabh,  
 O Lumon nam slàbh ’s nan ruadh.

265

270

- Is fada thall a chualas guth  
 O Fhonnar nan cruth 's nam fonn,  
 Le gnìomhaibh trom an àm o shean.  
 Chailleas air uairibh na dàin      275  
 An toirm Lùbhair nach gann fuaim.  
 " Thuinidh Crothar," thuirt a'm bard,  
 " An Atha nan alda gorma.  
 Le mìle craobh o shlios nan carn  
 Dh'éirich talla nan ard chuirn,      280  
 An sin bha tional baoth an t-sluaigh  
 M' an cuairt fleagh righ a's guirme sùil.  
 Co esa measg triath nam buadh  
 Bu choltach ri Crothar fo chliu ?  
 Las gaisgich am fianuis an triath ;      285  
 Bhris osna gu diomhair o òigh  
 Laoch clìuthar Alnecma nan sliabh,  
 Ceann fineacha ciar nam Bolg.  
 Bhuail e sealg an Ullin chaoimh  
 Air faobhar còinich nan Druim-ard.      290  
 O choille sheall ainnir nan laoch,  
 Nighean Chathmhìn, m' an luaidh na baird,  
 Gormshùil ghlan bu chaoine làmh.  
 Bhris a h-osna gu diomhair mu 'n t-sonn.  
 Bha aomadh gruaidh ainnir nan triath      295  
 Measg seachran a ciabha donn.  
 Choimhid ré ro' oidhche, 's i làn,  
 Air ruighe bànn a' gluasad thall.  
 Bha 'smuainte mu Chrothar nan dàn,  
 An ciar aimsir nan aisling mall.      300  
 Tri lài sgaoil Cathmin an cuirm ;  
 Air a' cheathramh thog toirm na ruaidh.  
 Għluais Caomh-làmh gu seilg nan tom,

- |  |     |
|--|-----|
| Mar shiubhal nam fonn a ceum.                |     |
| Thachair i ri Crothar an triath              | 305 |
| An ais're chumhainn nan sliabh faoin.        |     |
| Thuit bogha is iuthaidh o 'làimh ;           |     |
| Thionndaidh i gu mall a gruaidh              |     |
| Leth cheilte fo tlàth chiabhaibh.            |     |
| Mhosgail rùn an tréin gu luath ;             | 310 |
| Thug e ainnir nam buadh gu Atha ;            |     |
| Thog barda am fonn 'na còir.                 |     |
| Thuinidh sòlas mu chòir nighinn Chathmhìn.   |     |
| Mhosgail ardan o Thurloch nam beum,          |     |
| Og threun a thug rùn agus annsa              | 315 |
| Do gheal-làmh nan rosga caoin.               |     |
| Thàinig e le còmhrag gu Atha,                |     |
| Gu Alnecma nan eilide ruadh.                 |     |
| Ghluais Cormul amach gu strì,                |     |
| Bràthair do righ nan carbad ;                | 320 |
| Ghluais a mach ; ach thuit an triath ;       |     |
| Bhris osna air sliabh o 'shluagh.            |     |
| Sàmhach is mòr thar na sruthaibh             |     |
| Thàinig dubh-ghruaim neart an righ :         |     |
| Thaom e an nàmhaid o 'n tìr,                 | 325 |
| O Alnecma nam frith, is thill e              |     |
| Measg sòlais Chonlàmha nan teud.             |     |
| Bhuail cath air cath ; thaom fuil air fuil ; |     |
| 'N àm oidhche chìte mìle cruth               |     |
| Air iomall ard niala na h-Eirinn.            | 330 |
| Thionail o dheas gach ard-thriath            |     |
| Mu sgéith Chrothair is ard fuajm.            |     |
| Thàinig e le bàs a nall,                     |     |
| Gu aisre gann a naimhde féin.                |     |
| Thuit deura o òighe na h-Ullin,              | 335 |

- 'S iad a' coimhead ri mullach nan sìan :  
 Cha tearnadh òg shealgair o mhonadh ;  
 Tha sàmhchair a' dubhadh san tìr :  
 • Mall is truagh an osag thall  
 Am feur a tha gann air uaigh. 340
- Tearnadh mar iolair nan speur  
 Le' uile sgéith fhuaimear r'a thaobh,  
 'Nuair a thréigeas e ghaoth le sòlas,  
 Thàinig mac Thréinmhoir nam beum,  
 Conar treun, garbh làmh nan creuchd,  
 O Mhòrbheinn nan treun 's na n craobh. 345
- Thaom e 'neart air Eirinn ghuirm,  
 Am bâs dubh borb air chùl a lainne,  
 Leth-fhaicte le 'cheumaibh mòra.  
 Theich siol Bholg o thriath nan lann,  
 Mar fhear astair o shruth nach gann,  
 A bhriseas o fhàsach nan sian,  
 'S a bhuaineas an talamh o 'n t-sliabh  
 Le crannaibh fuaimear garbh.  
 Għluais Crothar an còmhrag, an treun ; 355
- Theich Ainecma fo bheud o leirg ;  
 Shiubhail an righ, ach mall a cheum ;  
 Anam mùchtà fo bhròn feirg'.  
 Dhealradh leis mu dheas 'na dhéigh,  
 Mar ghréin foghair nach 'eil treun,  
 'Nuair a thig i an truscan nan nial,  
 Gu Lara nan sruth 's nan sian :  
 Bidh dealta air seacadh nan raon ;  
 Tha 'n dealra gu faoin fo bhròn.''
- “ C'uim a mhosgladh am bard dhomh féin,”  
 Thuirt Cathmor an treun, “ na seoid 360  
 A thréig an leirg, ge mòr an cliu ?

- 'N d'aom tannas do chluas o nial  
 Gu Cathmor chur sios o 'n raon  
 Le sgeulaibh faoin an àm o shean ? 370  
 Sibhs a chòmhnuidh's an cirb nan nial,  
 Mar osaig shian bhur guth dhomh féin,  
 A ghlacas ceann nan cluaran dubh,  
 A' sgaoileadh leth 'fheusaig air sruth,  
 Tha guth iosal am meadhou mo chléibhe, 375  
 Nach buail cluas eile le fuaim.  
 Dha 'anam tha smachd air righ Eirinn,  
 'S cha 'n fhàg e 'na dhéigh an còmhrag."  
 'Shìolaidh sìos am bard an oidhche  
 'S e 'g aomadh gun soillse thar sruth, 380  
 A smuainte air laithibh an Atha,  
 'Nuair a chualas le sàr a ghuth ;  
 Bha deoir a' tuiteam sìos le 'ghruaidh,  
 Gaoth fhuar is i fuaim 'na fheusaig.  
 Thuit cadal mu ghorm shùilean Eirinn. 385  
 Cha robh cadal do threun m'a shùilibh.  
 Dorcha 'na anam ag éirigh  
 Garbh Chairbre nam beud fo smùire  
 Chunnaic e gun phonn no dàn  
 Air osaig a' snàmh na h-oidhche. 390  
 Mhosgail is ghluais e cheuma  
 Air iomall nan ceud gu 'n cùl,  
 'S bhuaile sgiath chopach nam beum.  
 Thàinig fuaim air mo chluais sa' mhùig  
 Air mala ghruamaich chòinich Mhòra. 395  
 " Og Fhillein, tha 'n nàmhaid a' triall ;  
 Ceart chluinneamsa sgiath nam blàr.  
 Seas, a ghaisgich, an cuaiich nan sliabh ;  
 Chi mise gu 'n trian na sàir.

- Ma shaltraicheas sluagh thar mo bhàs                    400  
 O chop a tog ard am fuaim ;  
 Dùisg Fionnghal air faire nan carn  
 Seal mun siubhail a chliu 's a bhuaidh.  
 Mi gluasad an torrunn nan arm,  
 Mo gharbh cheum thar sruthaibh a' leum,            405  
 Bha 'g iadhadh tre 'n dùbhra ro' shàr,  
 Righ Atha nám blàr 's nam beum,  
 Ghrad-thàinig righ Atha fo shleagh  
 Air mo shiubhal ro' mhagh am mùig.  
 An sin a bhiodh an còmhrag garbh                    510  
 Mar thanais nam marbh a' spairn,  
 A' cromadh o nialaibh, tha falbh,  
 Taomadh gaoith air faobhar nan carn ;  
 Mar fhaiceadh Oisian arda shuas  
 Cruaidh cheanna-bheart righre na h-Eirinn,            415  
 Sgiath iolair a' sgaoile m' an cuairt,  
 Measg iomairt nam fuar ghaoth :  
 Measg 'ite bha reul a' boillsgeadh.  
 Chaisg mi san oidhche mo shleagh.
- “ Tha ceanna-bheart nan righre a'm chòir !            420  
 Co thusa, mhic dubhadh nan speur ?  
 Am bi cliu do shleagh Oisein, fhir mhòir,  
 'Nuair a thuiteas an còmhrag an treun ? ”  
 Ghrad-aom e a shleagh o cheann,  
 Mo choinneamh a' fàs an cruth mòr.                    425  
 Shìn e anns an oidhch' a làmh  
 'S e labhairt focail chòrr nan righ.
- “ A chara' taibhse faoin nan sonn,  
 'Na thachair an dùbhra sinn-féin ?  
 C'uim nach fhacas do cheum, a sheoid,                    430  
 An laithidh sòlais Atha nan teud ?

- C'uim a thogar orts a sleagh ?  
 Chi grian sinn air magh an còmhrag,  
 'Nuair a thionndaidh's gu beud an dà righ  
 A' dealradh an strì na mòr-chuis. 435
- Chi gaisgich 'n ar déigh am ball  
 Am mòr eagal m' an àm o shean ;  
 Chi iad e mar àite fuaith  
 Cur sòlais is gruaim mu 'n inntinn."
- " An dì-chuimhn iad," fhreagair mi féin, 440  
 " Aite coinneimh dò thréin an sìth ?  
 Bheil cuimhn' a' chòmhraig an còmhnuidh  
 Cho taitneach do mhòr-chuis nan triath ?  
 Nach fhaic sinn le sòlas na raoin,  
 'S na sgaoil sinns're nach b'fhaoin am fleagh ? 445  
 Ach lònár ar sùile le deoir  
 Air an leirg dha 'n robh còmhrag nan treun.  
 Eiridh chlachsa féin air aird,  
 Measg còinich nan carn ciar  
 Le focail do bhliadhnaibh nach d'fhalbh. 450  
 'Nuair chaillear thusa, chlach nan saoi ;  
 'Nuair a thraoghas sruth Lùbair o lear,  
 Aomaidh fear astair a thriall,  
 An cadal air sliabh nam fear :  
 Gluaisidh ré mar chearcal dubh 455  
 Thar a cheann an aisling nan cruth ;  
 Thig sinne suas 'na shealladh faoin,  
 A' cur a chuimhne air an raon.  
 C'uim a thionndaidh's tu cho dorch,  
 Mhic Borbair nan colg fiar ?" 460
- " An dì-chuimhn, mhic Fhionnghail nan lann,  
 Cha bhi sinne a' snàmh nan gaoth,  
 Ar gnìomha an dealra nach gann

- Roimh shùilibh nam bard a chaoideh.  
 Tha dùbhra dubh mu Atha féin ; 465  
 'Tha righ bu treun gun dàn, gun fhonn.  
 Bha dealra glan a' briseadh riagh  
 Do Chathmor o 'chiar inntinn,  
 Mar ré is i coimhead o nial  
 Measg torrunn dubh-ruadh na h-oidhche." 470
- " Mhic Eirinn," fhreagair mi féin,  
 " Cha 'n'eil m' fhearg dol 'na dhéigh gu h-ùir ;  
 Għluais mo għamħlas\* mar iolair nan speur  
 O naimhdibl fo bheud is smùir ;  
 Cluinnear leis na baird le fonn ; 475  
 Bidh sòlas air sonn sa' ghaoith."
- Dh'éisrich anam an righ air aird,  
 Tharruing e a lann o thaobh ;  
 Chuir e 'dealra glan a'm' làimh ;  
 Le osna an sàmhchair uam féin 480  
 Għluais Cathmor nam buadh trenn.  
 Lean mo shùil an laoch 's e falbh  
 Mar għarbh-chruth tanais a' boillsgeadh,  
 'Nuair a thachras baoth shamħla nam marbh  
 Air fear astair am balbh na h-oidhche, 485  
 An truscan ciar nan sliabh fo ghaoith ;  
 Bidh 'fħocala mar fhonn o sheaq,  
 Le madainn olear a' sileadh  
 An cruth leth dheanta do mhùig.
- Co e sud o Lubar thall 490  
 O thruscan nan gleann do cheò ?  
 Tha drùchd nan speur m'a cheann ;  
 Tha 'cheuma gu mall fo bhròn.  
 Co ach Carull o 'n àm a dh'fhalbh

\* ghallt'nas.

O chòs Thùra nan garbh sheòd.  
 Chi mi 'n còs dorcha an carraig  
 Ro' cheò a tha tarruing do 'n aonach.  
 Theagamh gu 'm bheil an t-ard thriath  
 Cuchullin air sgiathaibh na gaoithe,  
 Tha lùbadh nan craobh r'a thaobh.  
 Is taitneach fonn am madainn chiuin,  
 O bhارد Eirinn nam mòr chliu.

495

Tha tonna a' briseadh 's a' falbh  
 Gu dòmhail fo 'n garbh eagal féin,  
 Iad a' cluinntinn thu 'g éirigh le fuaim  
 O thalla nan stuadh, a ghrian.  
 Fuasach thu 'na d' uile thréin',  
 A mhic nan speur, 'nuair għluaiseas bàs  
 Le leadan làn a's gloine sgèimh,  
 'Nuair chuireas tu do niala còrr  
 Air seacadh nam mòr shluagh.

505

Ach 's taitneach do dhearrsa do shealgair  
 'Se suidhe fo għarbh fhuaim nan stoirm,  
 'Nuair sheallas tu o bħriseadh nan nial  
 A' boillsgeadh a chiabh fo bliraon,  
 Esa coimhead sìos air gleann,  
 Air sruthaibh nan àld gun għruaim,  
 'Nuair a thearnas na ruaidh o charn.  
 Cia fada dh'ēireas tu air còmhrag,  
 Mar mhòir sgéith, làn fala nan speur ?  
 Chi mi bàs ealamh nan triath  
 Mar dhùbbra ag iadhadh mu d' għnūis.

510

C'uim a tha iadhadh focail Charuill ?  
 Bheil bròn air mala gun bheud ?  
 Cha 'n'eil gruaim air a shiubhal a' tarruing,  
 Tha sòlas 'na theine treun

515

520

525

Am boillsgeadh a sholuis gun mhùig.  
 Théid thusa air chùl do là féin ;  
 Thig ortsa àm riabhach na smùir,  
 'S tu dlùthadh 's a' crith ro' do speur.

530

“ Taitneach dhòmhσa guth a' bhaird ;  
 Taitneach do m' anam am fonn,  
 Mar fhras chiuin na maidne thall  
 Gluasad ro' ghleann le caoin fhuaim,  
 'Nuair sheallas grian o cheò nan carn

535

'S e 'g éirigh gu mall o chruaich.

Cha 'n àm so, a bhaird, do dhàن,  
 No gu suidhe a bhàn le fonn.

Tha Fionnghal fo armaibh sa' ghleann.

Faic dealra o sgéith nam buadh.

540

Tha ghnùis a' dorchadh measg a chiabh,  
 Siol Eirinn air sliabh cho dòmhail.

Nach fhaic thus, a Charuill, an uaigh  
 Air bruaich nan sruth fhuaimear o charn,  
 Tri chlacha le 'n liath-cheannaibh shuas  
 Fo dharaig tha cromadh o 'n aird ?

545

Tha righ' gun leus an sin fo smùir.

Thoir 'anam as-ùr do ghaoith..

Bràthair e do Chathmor féin ;

Fosgail talla nan speur do 'n t-sàr ;

550

Fuadaich-sa le fonn a ghruaim

O thanas dubh-ruadh Chairbre.

## T I G H M O R A.

### DUAN III.

---

Co esa mu ghorm shiubhal Lubhair ?  
Co fo lùbadh crom-charn nan ruadh,  
Ard ag aomadh ri craoibh o chùlaobh,  
Reub osag an dùbhra nan cruach ?

Co th' ann ach Mac Chumhail an treun,  
Tha lasadh measg deireadh nam blàr ?  
Tha 'liath chiabh air osaig o bheinn,  
E tarruing garbh Luno nan lann.

Tha 'shùile garg air leirg Mhoiléna,  
Air naimhdibh treun tha gluasad ciar.  
An cluinn thu guth an righ ag éirigh,  
Mar bhriseadh treun nan sruth o shliabh,  
'Nuair a thig iad o fhuaim nan cnoc  
Air raon tha fo sheacadh na gréine ?

Gàrbh clearbach a thearnas an àmhaíd,  
Shil Shelma nan cranìn, bi suas ;  
Bithibhse mar scòrr ar talmhuinn  
An ciar shlios fo charradh nan àld.

5

10

10

15

- Gath sòlais air m' anamsa féin  
Mi faicinn nan treun am chòir ; 20  
An uair is lag an nàmhaid thall  
Cluinnear osna o spairn mo chléibh :  
Tha m' eagal mù ghluasad a' bhàis -  
Air a' chliu so tha snàmh a'm' dheigh.  
Co thairneas gu còmhrag an lear, 25  
Gu Alnecma nam fear treun ?  
'S e m' àmsa féin garbh àm a' chunnairt ;  
An sin a dhealras guineach mo lann :  
Mar sin a rinn iad féin o shean  
O Threunmor, fear riaghlaidh nan gaoth ; 30  
Mar sin a thearnadh sìos gu lear  
Mòr Thràthal fo ghormadh nan sgiath.  
Grad aomadh nan triath gus an righ,  
Gach ciar dhiubh a' strì mu 'n bhlàr  
Le iomradh nan gniomh an robh brìgh, 35  
Gach sùil ag iadhadh mu Eirinn gu mall.  
Ach fada roimh na seòda treun  
Sheas mac Mhorni nam beum cruidh ;  
An sàmhchair sheas an gaisgeach féin.  
Co nach euala mu fheum o Ghall ? 40  
Anam mòr fo dhealradh nan gniomh,  
A gharbh làmh gu diomhair ma lainn,  
An lann a thug e o Shrumon suas,  
'Nuair a cheileadh o chruadal Morni.  
Sheas Fillean o Shelma thall 45  
Air sleagh am measg falbhan a chiabh.  
Tri chuairt thog e shùile mall  
Air Fionnghal an spairn o chliabh.  
Shìolaidh sìos gun bhrìgh a ghuth,  
Cha robh Fillean fo dhubbhadh nam blàr. 50

- Ghrad-shìn e thall a cheum,  
Is sheas e fo bhèud thar sruth,  
A dheoir a' dlùtha gu tiugh m'a ghruaidh.  
O àm gu àm a bhual fo 'shleagh  
Liath chluaran nam magh le 'chrann. 55  
Cha robh e gun fhaicinn do 'n righ,  
'S e sealltuinn o thaobh a shùla.  
Chunnaic a mhac féin fo strì  
Na sòlais bha dìreadh 'na urla.  
Thionndaidh e measg anam mhòir 60  
An sàmhchair gu Mòra nan ùr-choill' ;  
Cheil e a dheoir fo 'chiabh.  
An sin chualas o thriath an guth.  
 “ A cheud mhic Mhorni nan cruaidh lann,  
A charradh nan carn fo stoirm, 65  
Tarruig mo chòmhrag gu blàr  
Mu mhuintir nan sàr 's mu Chormac.  
Cha mhaide balachain do shleagh,  
Cha dhearssa gun seagh do chruaidh.  
Mhic Mhorni nan garbh each sa' mhagh, 70  
Faic do naimhde ; air t'aghairt, is buail.  
Fhillein, seallsa air an triath,  
Nach robh riamh an còmhrag mall ;  
Ach cha las a mhòr anam gu thrian  
An ard charraig nan sgiath garbh : 75  
Fhillein, seallsa air an triath,  
Tha cho làidir ri Lubar o shliabh  
Gun chobhar, gun trian gàire.  
Air Mòra nan nial air faire  
Chi Fionnghal o 'n aird an strì. 80  
Bi-sa, Oisein, ri làimh t'athar  
Air sruth tha 'g a chaitheadh o bheinn.

- Fàgaibh's a bharda, am fonn ;  
 Gluaiseadh Selma gu lom a chòmhnaird ;  
 'Se mo raon deiridh a th'ann ;  
 Cuiribh dearrsa nach gann sa' chòmlraig." 85
- Mar mhosglas suas gu grad a' ghaoth  
 'Na garbh aomadh air faobhar a' chuain,  
 'Nuair a thogas an dorchadas baoth  
 Faoin thanas air taomadh nan stuadh 90
- Thar Innis nan cruaidh leàc,  
 Innis dubh-chòmhnuidh do cheò  
 'S an doimhne mhòir an ciar nam bliadhna ;  
 Cho uabhasach ri sin am fuaim  
 Bha 'g éirigh o shluagh air an raon. 95
- Bha Gall le 'cheumaibh ard air ceann,  
 Liath dhearrsa nan àld fo 'leumadh ;  
 Thog na barda fonn r'a thaobh ;  
 Bhuail e o àm gu àm an sgiath.  
 An truscan na h-osaig o shliabh 100
- Chluinnte gu 'thrian am fonn.
- " Air Cròna," so mar thuirt na baird,  
 " Brisidh sruth o ard na h-oidhche  
 Atadh an iadhadh nan àld  
 Gu dearrsa na madainn is soillse ; 105  
 'N sin thig e gu h-ìosal o charn  
 Le cragaibh nan ceud crann a' boillsgeadh,  
 Biodh mo cheuma fada o Chròna ;  
 Tha 'm bàs a chòmhnuidh uime féin.  
 Bithibhse mar shruthaibh o Mhòra, 110  
 Shìol Mhòrbheinn is dorcha nial.
- Co tha 'g éirigh o charbad Chlùtha ?  
 Tha 'm monadh a' dùbhradh roimh 'n righ,  
 A chiar choill' a' freagradh ri fuaim,

Rì dealan a chruaidh' a' boillsgeadh. 115  
 Faic e measg a naimhde treun,  
 Mar thanas nan leum colgach,  
 A sgapas na niala o bheinn ;  
 Is e marcachd air steud na fiar ghaoith ?  
 Co ach Morni nan each srannach ? 120  
 Bi-sa mar t'athair, a Ghail.

“ Tha Selma fosgait fàda thall,  
 Làmha baird a' crith mu chlàrsaich,  
 Deich gaisgich le daraig o 'n aird  
 Talla farsaing bu shàr fleagh. 125  
 Tha dearrsa gréine air an t-sliabh  
 Stuadh osaig gu ciar air an fheur.  
 C'uim tha thus' a Shelma, cho sàmhach ?  
 Tha 'n righ a' tighinn a nall le 'chliu.  
 Nach uabhasach garbh fhuaim na strì ? 130  
 Tha gloine na sìth m'a' ghruaidh.  
 B' uabhasach garbh fhuaim na strì,  
 Ach thilleadh an righ le buaidh.  
 Bi-sa mar d'athair, Fhillein.”

Għluais iad fo chaoin f'onn nam bard ; 135  
 Bha 'n arma air ard a' gluasad  
 Mar luachair nan raon san fhoghar,  
 A ghéilleas fo aghaidh nan gaoth.  
 Air Mòra sheas an righ fo chruaidh ;  
 Bha 'n ceò a' cur suas m'a sgéith, 140  
 'S i ceangailt ri géig nan cruach  
 Air cragan dubh-ruadh Chormuil.  
 An sàmhchair sheas mi féin r'a thaobl  
 Mo shùile clapon ri coille Chromla  
 Air eagal gu 'm faicinn air raon 145  
 Sluagh an comhstri nach faoin còmhrag,

- Bhiodh m'anam a' leum sa' chath,  
 Mo leth-cheum romham air an t-sliabh.  
 Blà dearrsa m' an cuairt o mo chruidh ;  
 Bu choltach mi ri sruth o Thromo, 150  
 A chuireas gaoth lom fo 'eigh  
 An truscan ciar na h-oidhche.  
 Chi balachan sud air an àird  
 Glan fo dhearrsa tlàth o 'n ear ;  
 Tionndaidh e chluasa 'na cheann 155  
 Gun iongantas gann m' an t-sàmhchair,  
 Cha 'n ann ag aomadh thair an alltan  
 Bha Cathmor mar ard òigfhear,  
 'Nuair chlosas caoin shìth an raon.  
 Għluais esan an còmhrag a nall, 160  
 Mar stuadh ciar ard o mhòr chuan.  
 'Nuair chunnaic e an righ air Mòra,  
 Mhosgail anam na mòrchuis gu h-ard.  
 " Am buail righ Atha féin am beum,  
 Gun ard righ nan treun san raon ? 165  
 Fholdaith, gluais mo chairde gu feum ;  
 'S gath teine thu féin nach 'eil baoth."  
 Ghluais a mach Foldath o Mhòma  
 Mar neul, truscan còmhnuidh nan taibhs.  
 Tharruing e mar theine fo bhuaireadh 170  
 Lann chruidh o chruchann a thaoibh,  
 Is dh'iarr e gu còmhrag gluasad  
 H-uile cinneadh gu luath san fhraoch ;  
 Mar stuaidh dhruimionn ghlas dol suas,  
 Thaom ard neart nan sluagh air an raon. 175  
 Bu mhòrchuisseach garbh a cheum féin,  
 A dhearg shùil fo fheirg 's i claoen.

Ghairm e triath Chormuil o 'n Dùn  
Ratho nan tùr ; is chual e.

“ A Chormuil, tha 'n t-aisre fo d' shùil ;      180  
Sud uain' i air chùl an nàmhaid ;  
Cuir do ghaisgeacha treun a null,  
Eagal Shelma fo smùir ar fàgail  
'S gun caisgte mo lann o chliù.

A bhaird Eirinn a's uaine snuagh,      185  
Na éireadh guth ri cluais le dàn,  
Siol Mhòrbheinn a' tuiteam mu 'n stuadh  
Gun fhilidh, gun luaidh, fo lainn,  
Droch naimhde thréin Chairbre o thuath.  
Tachraidh air fear astair, fo chiar,      190  
Dubh cheathach nan sliabh air Léna,  
Mu 'n taibhse fo ghiùlan a' triall,  
Mu lochan nan liath-chuile ag éirigh.  
Gu siorruidh cha tréig iad an talamh,  
Gun fhonn, gu talla nan gaoth.      195

Cormul a' dorchadh is e siubhal ;  
A chinneadh a' dubhadh air a chùl :  
Thuit iad sìos fo chraig a' bhruthaich.  
Thuirt Gall ri Fillean òg o Shelma,  
A shealladh falbh gu mall an déigh      200  
An dubh-shùilich thalmhaidh o Ratho ;  
“ Am faic thu ceuma Chormuil thall ?  
Biodh do ruighe-sa garbh is làidir ;  
'Nuair a chuireas tu 'n triath sin air chùl,  
Thig air t'ais as-ùr do Ghall,      205  
An so tuiteam sìos sa' chòmhrag  
Measg choi'-thionail mhòir nan sgiath.”  
· Għluais comħara truagh a' bliàis,

- |  |     |
|--|-----|
| Fuaim fhuasach fhàs sgéith Mhorni.       |     |
| Thaom a ghuth o Ghall. Air ard           | 210 |
| Dh' eirich Fionnghal an carn Mhora.      |     |
| Chunnaic e iad o thaobh gu taobh         |     |
| Ag aomadh mar aon an còmhrag.            |     |
| Dearsadh air a dhubbh charn féin         |     |
| Sheas Cathmor o cheud sruth Atha ;       | 215 |
| An dà righ mar thanasaibh speur          |     |
| A' seasadh leo féin air dà nial,         |     |
| 'Nuair thaomas iad a mach a' ghaoth      |     |
| Togail stuadh baóth a' mhòr chuain,      |     |
| Na gorm thonna 'g aomadh 'nan còir       | 220 |
| Le comhara lorg nan torc,                |     |
| Iadsa sàmhach a' dearrsadhbh thall       |     |
| Gaoth togail gu mall an ceò-chiabh.      |     |
| Gath dealain an airde nan speur !        |     |
| Co e féin ach treun lann Mhorni ?        | 225 |
| Tha 'm bàs air ciar astar do dhéigh,     |     |
| A ghaisgich nan geur bheum an còmhrag,   |     |
| Thu trusadh nam fear an cearb d'fheirge. |     |
| Mar òg chrann a bhuaineadh o bheinn      |     |
| Le h-uile gheug féin r'a thaobh,         | 230 |
| Thuit Turlath, uchd arda nam buadh,      |     |
| A bhean ghasda, an aislinge faoin,       |     |
| A' sgaoilleadh aig baile a làmha,        |     |
| A ruighe bàn do thilleadh an triatha,    |     |
| 'S i fo chadal an ionnal nam mòr shruth  | 235 |
| Measg falbhan a troma chiabh.            |     |
| 'S e 'thanas a th'ann, Oighchaomha ;     |     |
| Ghabh do ghaisgeachsa còmhnuidh air làr. |     |
| Na éisd-sa ri gaothaibh nan stuadh ;     |     |
| Na gabh iad mar fluaim o 'sgéith,        | 240 |

Aig a shruthaibh chaidh briseadh fo aim ;  
Għluais thairis a toirm a chaoidh.

An sith cha robh Foldath 's a làmh' ;  
Bha e 'g iadhadh 's a' snàmh am fuil.

Thachair Conall ris anns a' bhlàr 245

Cura ma seach cruaidh lanna is fuaim.

C'uim a chitheadh mo shùile na triatha ?

Tha thu, Chonnaill, fo liath nan ciabh.

Caraid nañ coigreach a bh' ann,

'N Dunlòra nan carn còinich, 250

'Nuair a thrusadh na speura sa' ghleánn,

Bhiodh fleaghí gun bhi gann sgaoilte ;

Chluinneadh siol coigrich a' ghaoth,

An sòlas nach faoin m' an bhord.

Mhic Charthuinn nam buaidh lann, 255

C'uim a shìn thu féin thall am fuil ?

Tha aomadh craoibh sheacai mu d' cheann ;

Tha teann ort sgiath nach 'eil slàn ;

Tha do dhearg-fhuil air uisce nan sliabh,

Fhir bħriseadh nan sgiath àillidh. 260

Thog Oisian a shleagh am feirg ;

Għluais Gall thar an leirg gu Foldath ;

Chaidh lagħaich ma seach o thaobh ;

Bha 'shealladh nach faoin air Mòma.

Thog na triatha sleagħa riabhach a' bhàis 265

Gun fhaicinn gun dàil thàinig iuthaidh ;

Għrad ġħluais i do Ghall ro' a làimh ;

Air talamh thuit a lann le fuaim.

Og Fillean fo għarbh sgéith Chormuil

'Ga sgaoileadh mòr fa chòir an triath'. 270

Chuir Foldath suas a sgairteachd għeurb

A mhosgladh gu feum an raon,

Mar osaig o fhaobhar nam beann,  
 A thogas na lasaire mall  
 Mu Lumon nan crann fuaimear.

275

“ Mhic Chlatho nan gorm shùl mall,  
 Og Fhillein,” thuirt Gall, “ thu fléin  
 Gath teine nan speur ard,  
 A thuiteas air ciar chuan nam beuc  
 ’S a cheanglas suas sgiatha nan stoirm ;  
 Thuit Cormul fo d’ lainn gu ’chùl.  
 Is òg tha thu ’n cljù do shinns’re.  
 Na gluais-sa cho grad, a thriath,  
 Gun chobhair qm’ sgéith nom’ shleagh.  
 Tha mise mar dhaoi air an t-sliabh ;  
 Ach éiridh air àird mo ghuth ;  
 Cluinnidh siol Shelma an fhuaim,  
 Bìdh ’n cuimhne air buaidhe dh’aoim.”

285

Ghluais a ghuth air gaoith nan carn ;  
 Bhuail a shluagh gun dàil an cath ;  
 Is minic a chual iad e féin  
 An Sruthmon nan treun san t-seilg,  
 ’Nuaire a ghairm e gu dearg is ruadh.  
 Sheas e ard am measg a’ bhlàir,  
 Mar dharaig an sgaile nan stoirm  
 O àm gu àm an truscan ciar ;  
 Air uairibh feuchainn a liath chinn :  
 Tionndaidh an sealgair a shùil gu h-ard  
 O chaolrath nan àld is na luachair.

290

295

Tha m’ anam a’ d’ dhéigh-sa, Fhillein,  
 Troimh astar glan caol do chliu ;  
 Tha thu ’g ioman nan naimhde do chòir ;  
 Tréigidh Foldath, ge mòr e, an learg.  
 Ach thuit an dubh oidhche fo nial ;

300

- Chualas stoc Chathmhòir fo fhuaim ; 305  
 Chuala Selma guth o 'n righ  
 O Mhòra nam frith fo cheò.  
 Thaom na baird am fonna féin  
 Mar dhealta air tréigeadh a' bhlàir.
- Co thigeas o Shruthmon nan àld 310  
 Am measg falbhan nan àill' chiabh,  
 'S i brònach le ceumaibh mall  
 A gorm-shùil a nall gu h-Eirinn ?  
 C'uim tha Emhir chaoin fo bhròn ?  
 Co tha coltach ri mòr nan cliu ? 315  
 Theiring e sìos anns a' chòmhrag ;  
 Thill mar chòrr theine nial ;  
 Thog e 'lann dhubb-ghorm am feirg ;  
 Shiòlaidh iadsa fo mheirg o Ghall.
- Tha sòlas, mar aiteal o ghleann, 320  
 A' tigh'nn a nall mu ghruaidh an righ ;  
 Tha chuimbne mu chomhrag o shean,  
 Mu laithibh beuma treun a shinns're,  
 'S e faicinn a mhic fo chliu.
- Mar shòlas o ghréin gun nial, 325  
 'S i coimhead sìos air craoibh a ghluais  
 Fo dearrsa suas air gruaidh nan sliabh,  
 'S i crathadh 'na h-aonar a cinn  
 O thaobh nan gleann ; mar sin bha 'n righ  
 Fo shòlas mu Fhillean a mhac. 330
- “ Mar shiubhal an torruinn air sliabh,  
 Raon Làra fo chiar is sàmhach,  
 Mar sin a bha ceuma Shelta  
 Taitneach is garbh do mo chluais.  
 Bha farum mòr thilleadh nan triath 335  
 Mar iolair gu ciar nan carn

'N déigh reubadh na faoibh air sliabh,  
 Donn shiòla nam fiadh san aird.  
 Tha sòlas bhur sinns're san nial,  
 A chlann nan sruth liath o Shelma.''

340

B'e so guth oidhche nan caoin bhard  
 Air Mòra cruachan ard nan ruadh.  
 Għluais boillsge o cheudaibh daraig,  
 A bhris 's a tharruing gaoth o Chormul.  
 Bha cuirm is fleagh sgaoilte air thalamh ;  
 Shuidh gaisgich fo fhaileus an arm.  
 Bha Fionnghal an sin fo a neart,  
 Sgiath fireoin m'a bheart a' fuaim  
 Caoin osag a' bualadh o 'n iar,  
 A' siubhal gu 'n trian ro' 'n oidhche.  
 Is fhada sheall an righ m' an cuairt ;  
 'N sin thogadh leis suas a ghuth.

350

" Tha m' anam fo chall do shòlas,  
 Mi faicinn briseadh mòr mo chairde.  
 Tha aomadh craobh bu mhòr, gu làr,  
 Is thaom a' ghaoth gharbh mu Shelma.  
 C'àite bheil Triath Lòra nan dùn ?  
 C'uim bhiodh Connal air chùl aig fleagh ?  
 C'uin a dhì-chuimhn esa dàimh  
 Measg farum a shàir thalla ?

360

C'uim tha sibh sàmhach am fhiannuis ?  
 Cha tuit thu, Chonaill, sìos ni 's mó !  
 Tachradh sòlas ri t'anam, a thriath,  
 Mar dhearrsa o ghréin a' soillseadh.  
 Gu ma luath do thriall gu d' shinns're  
 Measg torrunn gun isleadh na gaoith.  
 Tha d' anam, Oisein, mar ghath dealain ;  
 Soillsich suas cuimhne an righ.

365

Mosgail a chòmhraga an gleannaibh,  
 'Nuair a għluais e 'n toiseach gu stri.  
 A Chonaill, bu liath do chiabha féin ;  
 Bha t'òige, a thréin, measg m' òige :  
 An aon là chuir Carthonn gu beiñn  
 Ar bogha gu leum nan ruadh  
 Gu Dunlòra nam baoth stuadh." 370

" Is iomadh," thuirt mi fhéin, " an dàu,  
 Ar n-astara nall gu Eirinn,  
 Innis àill' nan ceud gleann uaine.  
 Is tric a thog sinn suas na seoil

Air stuaidh nam mòr shiubhal gorm, 380  
 'Nuair thàinig sinn an laithibh a dh'fhalbh,  
 Le cobhair gu garbh shliochd Chonair.  
 Mhosgail strìtha ard nam fuaim  
 Air Alnecma nan cruacha deas,  
 Aig siubhal Duthùla nan stuadh,  
 Faoin chobhar a gluasad fo eas.  
 Le Cormac theiring sìos gu blàr  
 Dubh-carthonn, an sàr o Shelma.

Cha 'n ann leis féin a theiring an triath ;  
 Bha Connal an ciabh òige  
 A' togail f'a chòir a shleagha.  
 Fo d' fhocal-sa għluais iad gu stri  
 Le cobhair gu righ na h-Eirinn.

Mar għarbh neart briseadh o mhòr chuan  
 Thionail Bolga gu cruaidh chòmhrag,  
 Colc-ulħamh ard cheannard nan sluagh,  
 Triath Atha nan stuadh gorma.  
 Thaom iad cath sa' chéile air raon ;  
 Las Cormac an taobh na stri  
 Glan mar chruthaibh a shinns're féin. 400

- Ach fad'as fear cobhrach an righ  
 Ghearr Carthonn nam frith na naimhde.  
 Cha do chaidill làmh Chonaill ri taobh  
 A mhòr athar air aomadh nan liabhs.  
 Ach choisinn Colc-ullamh an raon. 405  
 Mar cheò a tha taomadh 's a' triall,  
 Theich a ghaisgich o'n triath Cormac.  
 Las claidheamh Dubh-charthuinn fo bhuaidh ;  
 Las Conall fo chruaidh is sgéith mhòir,  
 Chuireadh fasgath air cairdibh fo 'n ruaig, 410  
 Mar charraig air chruaich nan scòrr,  
 'S an ceanna fo ghiuthas a' fuaim.  
 Thuit oidhche air Duthùla nan sìan ;  
 Ghluais sàmhach na tréith air an raon,  
 Garbh shruth o na cruachaibh dol sìos ; 415  
 Cha robh Carthonn gu 'thrian ri leum.  
 'C'uim a sheas thu, m'athair féin ?  
 Tha mi cluinntinn nan treun air chùl.'  
 'Teich, a Chonaill, teich o'n raon ;  
 Tha mo neartsa gu faoin is fann ; 420  
 Fo lota thréig mi am blàr ;  
 Leig sìth-thàimh do shàr an oidhche.'  
 'Cha bhi thu a'd' aonar,' thuirt Conall,  
 Measg dòruinn is dorrain a chléibh ;  
 'Mar sgéith na h-iolair tha mo sgiath 425  
 Eadar cunnart an tréith 's a naimhde.'  
 Chrom e thar athair an dùbhra,  
 Dubh-carthonn nan cliu fo shuain.  
 Mhosgail là, is thuit an' oidhch' ;  
 Cha robh bard ann an soillse air liabhs, 430  
 A cheuma fo iadhadh a smuainté.  
 Cia mar thréigeadh Conall an uaigh,

Gun a chliu bhi fo luaidh nam bard ?  
 Chrom e 'm bógha air àros nan ruadh,  
 Fleagh dhiomhair mu chruachaibh nan carn. 435  
 Seachd oidhche leig e cheann air uaigh ;  
 'Na aisling fhuar bha athair treun  
 An cearb nan dubh osag gun tuar,  
 Mar cheò a' dol suas o Légo.  
 Ghluais ceuma Cholgair a null, 440  
 Bard Thighmòra nan ard fhuaim.  
 Fhuair Dubh-carthonn nan lann à chliu  
 'S e dealradh air gaoith a thuar."

" Is taitneach," thuirt an righ, " dhomh féin  
 Ard chliu nan treun air cheann nan triath, 445  
 Dha 'm bi bogha gu làidir am feum,  
 'Nuair a thaisicheas bròn iad gun fhìamh.  
 Mar so féin biodh m' ainm fo chliu.  
 'N àm gluasad o thùr nam bard  
 Dealradh glan air m' anam 's e 'g éirigh. 450  
 A Charuill, chinn-fheadhna nan lann,  
 Gabhsa bard, is tog an uaigh.  
 An nochd biodh Conall fo phràmh  
 'N a thigh caol gun leus an suain :  
 Na biodh anam a ghairbh thréith 455  
 Air seacharan an ciar nan gaoth.  
 A' priobadh gu gann air Moiléna  
 Chithear solus o'n ré am measg chraobh',  
 Tha 'g aomadh o thaobh nan gleann ;  
 Tog clachan fo bhoillsge tha fann, 460  
 Dhoibhs' uile thuit thall sa' blhlàr.  
 Cha bu thréith iad féin ; ach bha 'n làmh  
 Co làidir ri tréin anns a' chath.  
 B' e mo neart iad an cunnart nan lann ;

- Mo charraig an àm nan gath, 465  
 Am monadh air an d' éirich suas  
 Sgiath fhuaimear iolair mo chliu.  
 'S iadsa thog dealradh do bhuaidh ;  
 Na di-chuimhnich, a Charuill, an ùir."
- Labhar o làn cheud do bhardaibh 470  
 Dh' éirich ard marbh fhonn na h-uaighe.  
 Ghluais Carull rompa air a' charn ;  
 Mar thoirm o shruth aonaich tha 'm fuaim  
 A' taomadh m'a cheum 's e triall.
- Bha sàmhchair an gleannaibh Mhoiléna, 475  
 Gach aon dhiubh fo iadhadh nan àld  
 Siubhal eadar na h-arda ciara.  
 Bha m' aòmadh-sa thall thar mo sgéith,  
 Gutha tairis o thriall nam bard ;  
 Fonn a' sioladh o'n ceumaibh gu thrian. 480  
 Bha m' anam a' lasadh gu h-ard,  
 Leth-dheanta na focala trom  
 A' briseadh nam fonn air a' ghaoith.  
 Mar sin fhéin a chluinneas a' chraobh  
 An gleannan cumhann nam faoin bheann 485  
 Guth an èrraich ag iadhadh m' a taobh,  
 A duille a' taomadh m' a ceann,  
 'S a' fosgladh fo ghathaibh na gréine  
 Crathaidh a geuga 's i na h-aonar,  
 Toirm seillein an aonaich m' an cuairt : 490  
 Chi sealgair le sòlas a h-aomadh  
 O sheargadh 's o mhaoile nan cruach.  
 Sheas Fillean òg 's e fada thall,  
 A cheann-bheart air làr a' boillsgeadh,  
 A dhubb chiabh gun trusadh m' a cheann, 495  
 Gath soluis, mac Chlatho, a' soillseadh.

Chual e guth an righ le sòlas ;  
 Bha aomadh a chòrr thréin air sleagh.

“ A shàir mhic,” thuirt Fionnghal nan carbad,  
 “ Chunna’ mi do gharbh ghnìomh an còmhrag ;  
 Bha sòlas air m’anam gun mhùig. 501

Tha cliu ar sinns’re, thuirt mi fhéin,  
 A’ briseadh o speuraibh nan nial.

A mhic Chlatho, tha thusa treun,  
 Ach ro theinndi an strì nan sliabh. 505

Biodh do ghaisgich air do chùlaobh ;  
 ’S iad do neart air urlar nan gleann.

Mar sin cha d’imich mise riamh,  
 Ged nach robh mi fo fhìamh naimhde :

Bi’dh tusa fada fo do chliu, 510  
 Is chi thu ùir is uaigh nan sean.

Tha cuimhne na thuit a’ tigh’nn suas,  
 Gníomh bliadhna nam buadh a bh’ann,  
 ’Nuair theiring mi an tùs o chuan

Air innis a’s uaine gleann. 515

Bha éisdeachd gach cluais ri a ghuth ;  
 Sheall an ré o dhubh nan nial ;

Bha liath cheò ag éirigh o shruth,  
 Glas chòmhnuidh nan cruth a bha triall.”

## TIGH MORA.

### DUAN IV.

---

“ Fo dharaig,” so labhair an righ,  
“ Shuidh mi sìos ri carraig nan sruth,  
’Nuair dh’eirich Conall thall o chuan  
Le sleagh Charthuinn nan ciabha dubh.  
Fada uainn sheas an triath                               5  
A’ tionndadh air sliabh a shùilean.  
Bha chuimhn’ air athair is a thriall  
Air monadh fo chiar is uaine.  
Dhorchaich mi san àite féin,  
Mo smuainte fo smùir a’ dol suas                           10  
Air m’ anam mar cheò air beinn.  
Ghluais romham righre Eirinn thall ;  
Is tharruing mi mo lann gu leth,  
’Nuair thàinig na gaisgich a nall  
Togail sùile gu sàmhach ma seach.                           15  
Mar nialaibh dubh speura iad féin  
Feitheamh ri beumaibh beoil o ghuth,

Mo ghuth mar ghaoith tha tlàth is treun,  
Chuireas o speur gach ceò is dubh.

- Sgaoil siuil gheal fo fhocal suas 20  
 Ri gaoith a bha fuaim o Chòna ;  
 Bha tri cheud òig-fhear a' chuain  
 A' coimhead cruaidh chopan a' chòmhraig :  
 Air a' chrann an airde bha 'n sgiath  
 Dealradh sios air doimhne nam beuc. . . . . 25  
 'Nuair thuit an oidhche gu dubh o liath,  
 Bhuail mi cop caismeachd nam beum ;  
 Bhuail mi is choimhid mi suas  
 Mu ruadh-chiabh is teine Iùl-Eirinn.  
 Cha b'fhada uainn reul ùr nan stuadh, 30  
 A dearg shiubhal gluasad measg nial.  
 Lean mi Iùl thaitneach a' chuain  
 Fo bhoillsgibh fann fuar, is i triall.  
 Le madainn dhruid Eirinn an ceò ;  
 Bhuail sinn caladh mòr Mhoiléna, 35  
 Gorm shiubhal nan uisge fo thòrr,  
 Am meadhon fuaim coille ag éirigh.  
 Cormac 'na thalla dhìomhair féin  
 O neart Cholc-ullaimh, triath nam faobh.  
 Cha 'n es' a mhàin a theich o'n treun ; 40  
 Bha Roscranna nam beus ri thaobh ;  
 Roscranna nan gorm-shùl gun bheud,  
 Nighean gheal-làmhach àillidh an righ.  
 Glas, liath is air crann bha gun chruaidh  
 Ghluais suas gu m' cheumaibh Cormac ; 45  
 Fiamh gàire air gaisgeach nam buadh,  
 Bha dorran air anam is dòruinn.  
 " Chi mi aimh ghaileach Thréinmhòir ;  
 An so féin tha ceuma an righ ;

- |  |    |
|--|----|
| Tha Fionnghal mar dhearrsa ag éirigh           | 50 |
| Air anam bha ciaradh fo strì.                  |    |
| Is luath thu féin fo chliu, a thriath ;        |    |
| Ach 's làidir treun tha naimhde Eirinn,        |    |
| Mar fharum nam mòr shruth o shliabh,           |    |
| Mhic Chumhail nan srian 's nan carbad.”        | 55 |
| “ Ge mòr iad, theid an taomadh sìos            |    |
| O m' anam, is e 'g éirigh suas ;               |    |
| Cha siol nan lag ar triathan,                  |    |
| A righ do 'm bu ghorm sgiathach sluaigh.       |    |
| C'uim a bhiodh an t-eagal mall                 | 60 |
| Ag iadhadh dall mar thaibhs fo chiar ?         |    |
| Fàsaidh anam nan treun air àm                  |    |
| A chinneas naimhde nach gann air sliabh.       |    |
| Na taomsa gruaim, a righ Eirinn,               |    |
| Air òg a tha 'g éirigh gu còmhrag.”            | 65 |
| Thuit deoir an righ gu lär ;                   |    |
| Ghlac e làmh an t-sàir an sàmhchair.           |    |
| “ Shìl Thréinmhoir nan garbh ghnìomh fo lainn, |    |
| Cha téid nial uam air dealra do chléibh,       |    |
| Tha lasadh an teine do shinns're ;             | 70 |
| Chi mi, a righ, do mhòr chliu ;                |    |
| Tha comhara do thriall gu còmhrag              |    |
| Mar ghath soluis air ciaradh speur.            |    |
| Ach feith-sa ri Cairbre, a thréin,             |    |
| Mo mhac féin le beum nan lann ;                | 75 |
| Tha e gluasad shìl Eirinn gu feum              |    |
| O shruth nan gleann tha fada thall.”           |    |
| “ Thàinig sinn gu talla an righ,               |    |
| Bha 'g éirigh an sìth nan carn ;               |    |
| Air an taobh bha ciar shruth nam frìth,        |    |
| Sean chomhara siubhail nan àld,                | 80 |

Daraga leathan fo chòinich m' an cuairt  
 Is na bethe a' gluasad fo ghaoith.  
 Leth cheilte an coille nán cruach  
 Roscranna thog luaidh nan laoch. 85  
 Bha 'geal-làmh air clàrsaich thall ;  
 Chunnaic mi a gorm-shùil mhall  
 Mar ghlan thaibhs an iomart a' triall  
 Leth-cheilte an cirb nan dubh nial.

Tri lài bha fleagh air Moiléna ; 90  
 Bha ainnir nam beus orm a' snàmh.  
 Chunnaic Cormac mi dorchadh an Eirinn ;  
 Thug e brollach gun bheud do mo làimh.  
 Thàinig i le 'sùilibh caoin  
 Measg chiabh a bha taomadh trom. 95

Thàinig i—ghrad-ghluais san raon  
 Colcullamh nach faoin. Thog mi sleagh.  
 Bha dealra mo lainne measg mo shluaign.  
 Theich Alnecma ; thuit nàmhaid gun bhuaidh :  
 Thill Fionnghal fo luaidh nam bard. 100

Is cliùthar, Fhillein, esa féin,  
 A bhuaileas beum an neart a shluaign ;  
 Tha na barda le dàn 'na dhéigh  
 An tìr fhada nan treun naimhde.

Ach es' a bhuaileas cath 'na aonar 105  
 'S gann do 'n àm tha aomadh a ghnìomh :  
 Tha e dealradh an diugh mar sholus,  
 Am màireach am brollach a' bhàis :  
 Tha 'chliu án aon fhonn gu baoth.  
 Tha ainm an aon raon, gun chuimhne  
 Ach sgaoileadh aon uaighe fo fheur." 110

Mar sin bha focail ard an righ  
 Air Mòra nam frith 's nan ruadh.

- Tri barda o Chormul an sìth  
 Gu taitneach cur sios an luaidh. 115
- Thuit cadal caoin is faoin fo 'n fhuaim,  
 Air garbh chirb nan sluagh fo oidhche.  
**Thill Carull le 'bhardaibh féin**  
**O uaigh an ard thréin o Dhun Lòra.**
- Cha ruig sanas na maidne an treun 120  
 Air leabaidh gun leus a' mhòir fhir :  
 Mhic Charthuinn nan ciabha ciar,  
 Cha chluinn thusa saltairt nan ruadh  
 Ri caol thalla uaigh air chòmharnard.
- Mar thaomas garbh bhruaillean nan nial 125  
 Mu sholus roimh chiaradh na h-oidhche,  
 'Nuair a shoillsicheas iadsa gu'n trian  
 Air fairge nan sìan a' boillsgeadh ;  
 Mar sin a bha coi'thional Eirin  
 Mu Chathmor ag éirigh an soillse. 130
- Esa 's aird' am measg nan triath  
 A' togail gun chial a shleagha,  
 Mar tha éirigh no tuiteam nam fonn  
 O Fhonnar, do nach lom clàrsach.  
 Teann air, ag aomadh air carraig 135  
 'Tha Sùilmhall bhanail nan gorm-shùl,  
 Nighean Chonmhoir an ùrla 's gloine,  
 Nighean righ Innis uaine nan tùr.  
 Gu 'chobhair thàinig fo ghorm-sgiath  
 Mòr Chathmor nan triath, a chaisgeadh naimhde.  
 Chunna' Sùilmhall a thriall . 141  
 An talla farsuing nam fial chlàra,  
 Cha 'n ann gun fhios a dh' iadh a shùile  
 Air ainnir nan ùr chiabh àillidh.

- An treas là a bhriseadh o chuan, 145  
 Thàinig Fili nan luaidh le dàn  
 O shruthaibh is chruachaibh Eirinn.  
 Labhair e air thogail na sgéithe  
 An Selma nan triath ; labhair e  
 Mu chunnart Chairbre, cinn nam Bolg. 150  
 Thog Cathmor a shiuil an Clùba ;  
 Bha na gaotha an cùl nan tìr thall.  
 Tri lài bha 'chòmhnuidh air tràigh,  
 A shùile 'g iadhadh mu ard thalla Chonmhoir ;  
 Nighean coigrich 'na chuimhne a ghnàth, 155  
 Bha 'osna ard an còmhnuidh.  
 Fo ùrachadh gaoith air a' chuan  
 An armaibh o chruaich thàinig òg  
 Thogail lainn fo Chathmor nan sluagh  
 Air raonaibh fo fhuaim a' chòmhraig, 160  
 Sùilmhalla nan ruighe geal-làmh  
 'S i diomhair fo cheann-bheart do chruaidh,  
 A ceuma an aisre an t-sàir ;  
 A gorm-shùil ag iadhadh le sòlas  
 Mù mhòr thriath, 's a chòmhnuidh m'a shruth.  
 Bu bharail le Cathmor an treun 166  
 Gu'n robh ceuma nam beus air Lumon,  
 'S i dlùthadh àir àros nan ruadh ;  
 Bu bharail gu'n robh làmh-gheal thall  
 A' togail mall a ruighe do ghaoith 170  
 A' taomadh caoin o Eirinn aird,  
 Talamh uain a h-annsa féin.  
 Gheall e gu 'n tilleadh e le ràimh,  
 Le siuil bhàn gu 'ghràdh fo ghruaim.  
 Tha 'n òigh gu teann ort fhéin, a Chathmhoir,  
 Aig carraig nan clach, 's i fo chruaidh. 176

- Sheas airde nan triath m' an cuairt,  
 Ach Foldath bu dubh-ruadh fabhraid.  
 Es' ag aomadh air craoibh fada thall  
 Filleadh 'anama san àm am mòrchuis,      180  
 A chiabh 'na gagan an aisre na gaoith',  
 Fonn òrain 'ga mhùchadh 'na bheul,  
 Bhuail e chraobh an sin le feirg,  
 Grad għluais e fo mheirg gus an righ.  
 Sàmhach is mòr aig an ord      185  
 Sheas Hidala, an t-òg thriath ;  
 Bha chiabha a' sgaoileadh m'a ghruaidh  
 An imeachd nan dual fo dhearrsa.  
 Bu chaoin a ghuth an Claonrath féin,  
 Gleannan còmhnuidh a threun shinns're.      190  
 Bu chaoin a ghuth 'nuair bhual e clàrsach  
 An talla ard a's gàirich' sruth.  
 "A righ Eirinn," thuirt treun le séimh,  
 "So ùine chur nam fleagh m'an cuairt ;  
 Tog gutha nam barda air magh,      195  
 Chur siubhal na h-oidhche so nainn ;  
 Tillidh anam ni 's géire o 'n dàn  
 Gu comhstri nam blàra tuathal.  
 Shuidhich dùbhra o cùl mu Eirinn ;  
 O bheinn gu beinn tha aomadh nial      200  
 Le clearbaibh ciara ag éirigh.  
 Fada thall air thaobh nan sliabh  
 Garbh cheuma nan liath thaibhse,  
 Taibhse na thuit anns a' bhlàr  
 Ag aomadh gu dàn o 'n sianaibh.  
 Eireadh o Chathmor na clàrsaich      205  
 Chuireas dearrsa air sàir sa' għaqith."

- “ Fo dhì-chuimhn gach duine tha marbh,”  
 Thuirt Foldath an garbh fheirg,  
 “ Nach do ghéill mi gu h-ìosal sa’ bhlàr ?      210  
 C’uim an cluinneadh leam dàn air an leirg ?  
 Cha robh mo shiubhal faoin san strì ;  
 Bha lagaich gun bhrìgh ri mo chùlaobh ;  
 Theich naimhde o mo lainn an sìth.  
 An Claonrath nam frìth fo Dhùbhra      215  
 Togadh Hidala guth clàrsaich,  
 Oigh banail o choill’ an tòrr  
 A’ coimhead air òr do chiabha.  
 Fàg Lubar a’s fuaimire ràoin ;  
 So tuineas nan daoine fo chliu.”      220
- “ Righ Eirinn,” thuirt Malthos an triath,  
 “ Leatsa féin tha riaghladh nam blàr ;  
 ’S tu tein’ ar sùl air sliabh,  
 Air monadh tha ciar gu h-ard.  
 Mar osaig do shiubhal thar sluagh ;      225  
 Chuir thu mìlte fo thruaigh am fuli :  
 Ach ’na d’tilleadh, a thréin, le buaidh,  
 Co chuala fo luaidh do ghuth ?  
 Tha sòlas nam feargach am bàs ;  
 Tha ’n cuimhne a’ tàmh air gach beum,      230  
 Bhuail an lann gu feum an cath ;  
 Tha strì ’g a filleadh féin ’nan cliabh  
 Is cluinnear an cian am mòrchuis.  
 Thriath Mhoma, bha do shiubhal féin  
 Mar chiar shruth a’ leum o ghleann ;      235  
 Bha ’m bàs ag aomadh suas mu d’ cheum.  
 Thog sinn uile gu beud ar lainn ;  
 Cha robh sinne gu lag air do chùlaobh ;  
 Bha na naimhde dlùtha is làidir.”

- Chunnaic Cathmor am fearg ag éirigh, 240  
 Is aomadh nan treun r'a thaobh,  
 Leth tharruingt' an lanna gu beumadh,  
 Sùilean sàmhach a' teumadh fo phlaosg.  
 A nis a bhitheadh còmhrag garbh,  
 Mar lasadh dubh-fhearg an righ. 245  
 Rùisg e lann mar dhealan oidhche  
 Ri solus is soillse nan crann.  
 "A chlann na mòrchuis," thuirt an treun,  
 Cuiribh anam fo bheus is smachd ;  
 Fo dhorchadh na h-oidhche leibh féin. 250  
 C'uim a ghluaiseadh gu beudaibh m' fhearg ?  
 Am bi comhstri mo làimh' ruibh maraon ?  
 Cha 'n àm so, a dhaoine, gu stri.  
 O 'n chuirm sibh mar nialaibh om' thaobh ;  
 Na mosglaibhse anam an righ." 255
- Thuit iad sìos o thaobh an tréin  
 Mar dhà mheall dubh do cheò san iar,  
 An uair tha madainn chiuin sa' bheinn ;  
 'S a sheallas eatorra féin a' ghrian  
 Glan bhoillisgeadh air chraig nan carn. 260  
 Dorcha tha 'n aomadh dubhadh thall  
 Gu lòn nan cuilc mall fo 'n tòrr.
- Shuidh triatha an sàmhchair ri cuirm ;  
 Bha 'n sealladh air uairibh mu 'n righ,  
 Gharbh cheuma air eudan a' chuirn 265  
 Measg sìtheachadh 'anama o stri.  
 Shìn an sluagh mu thaobh an raoin ;  
 Thuit cadal claon air faoin Mhoiléna ;  
 Għluais għuθ o Fhonnar caoin araon  
 O chħaoibh, bha fada thall ag éirigh. 270  
 Għluais a ghuth mu mholadh an righ,

Ard shìol Larthoinn o fhrìth Lumoin.  
 Cha chualas le Cathmor a luaidh,  
 'S e sìnte fo fhuaim gharbh shruth :  
 Bha farum na h-oidhche 'na chluais,      275  
 Is caol-fheada nan dual chiabha.

Thàinig gu 'aisling a bhràthair  
 Leth-fhaicte troimh fhàs thaoibh a nial.  
 Bha sòlas measg dorchadh a ghàire ;  
 O Charull għluais dàna gu triath ;      280  
 Bha gaoth fo nial bu duirche cearb,  
 Għlac esa o għarbh uchd oidhche  
 'S e 'g ēirigh o mholadh nan carbad  
 Gu talla nam marbh an soillse.  
 Gu leth am measg alda nám fuaim,      285  
 Thaom esa gu fuar is fann.

" Tachradh sòlas do t'anam féin ;  
 Chualas caismeachd o threun air magh ;  
 Thug am bard án dàn le feum.  
 Tha astar mo cheuma sa' ghaoith ;      290  
 Tha mo chruth an talla ciar  
 Mar dhealan nan sìan fo fhuath,  
 'Nuair a bhriseas e claon air sliabh,  
 Stoirm oidhche a' triall o Thuath.  
 Cha bhi am bard air chall o t'uaigh,      295  
 'Nuair a thaisgear thu suas san ùir.  
 Tha sìol nan dàn mu thréin a' luaidh ;  
 Tha t'ainni mar fhuaim o ghaoith tha ciuin.  
 Tha toirme trom a' bhròin sa' ghleann ;  
 Tha guth fada thall air Lubar.      300  
 Ni 's labhra, fhaoin thaibhse nan carn,  
 Bha 'm marbh, nach robh fann, cliùthar.  
 Dh'at am farum fada mall ;

- Cluinnear osag nan crann araon.  
 Is luath a thuislich thu faoin, a Chathmhoir!" 305  
 Fillte suas 'na bhaoth chruth féin  
 Air garbh uchd nan speur fo ghaoithi,  
 Chrith an darag fo għluasad sa' bheinn,  
 Fead ag iadhadh gun leus m'a ceann.  
 Chlisg Cathmor o aisling nan ciar ; 310  
 Għlac e bäs-shleagh nan triath 'na làimh ;  
 Phlaoisg a shùil air faoin shlios nan sliabh ;  
 Cha 'n fhac ach dubh-chearb na sian oidhche.  
 " 'S e guth mo bħrathar féin a bh' ann ;  
 A nis cha 'n fhaicear gann a chruth : 315  
 Gun lorg tha 'ur n-astar sa' ghleann,  
 Shiol imeachd na h-oidhche fo dhubh.  
 Is minic, imar shoillse ghath speur,  
 Chithear leum air beinn a tha fàs,  
 Sibħse teicheadħ air osaig leibh fhéin 320  
 Roimh għluasad ar ceumana mall.  
 Gluaisibh, a lagaich, o thréin ;  
 Cha 'n'eil gliocas no feum n'ur dàil,  
 Bhur sòlas cho dona ribh fhéin,  
 Mar aisling gun leus am pràmh, 325  
 No smuainte fo sgiathaibh tha.lom,  
 Ag aiseag a null thar a' chliabh.  
 An tuislich Cathmor féin gu luath  
 Dubh-thaisgte gun tuar an tigh caol,  
 Anns nach éirich a' mhada inn o stuaidh, 330  
 A sùilean leth-fhoscailt 's i baoth ?  
 As m'fħianuis, a thanais gun bħrigh,  
 Bunidh còmhrag nan righ dhomh féin :  
 As m'fħianuis gach smaoin ach stri.  
 Mar iolair na frithe o bheinn 335

Siùbhlaṁs' a mach air an raon  
 Ghlacadh dealra nach faoin do chliu.  
 An gleannan dìomhair nan sruth mall  
 Fanaidh anam nach sàr fo mhùig ;  
 Thig bliadhna is aimsire nall ; 340  
 Bithidh esan a ghnàth fo smùir ;  
 An osaig fo nialaibh thig bàs  
 Cuiridh liath-cheann air làr gun chliu :  
 Tha thanas an dùbhra nan carn  
 Ag iadhadh 's a' snàmh mu 'n lòn ; 345  
 Cha bhi astar air monadh nan speur,  
 No 'n gleannaibh san treun a' ghaoth.  
 Mar sin cha téid thu, Chathmhoir, sìos ;  
 Cha bhalachan\* gun fhiach thu air raon,  
 Tha comhrachadh leabaidh nan ruadh 350  
 Air cruachaibh fuara nam fuaim ard.  
 Bhuail mi mach am measg nan righ,  
 Mo shòlas am frìth nam fuath,  
 Anns am brisear an sluagh le strì  
 Mar ghaoith a tha dìreadh a' chuain." 355

So thuirt Alnecma an treun,  
 Anam dealradh gu beud do 'n triath.  
 Bha treunas mar theine fo leus  
 A' glanadh gu feum 'na chliabh.  
 Aillidh is ard a cheum air an raon, 360  
 Gath soluis na maidne o'n ear,  
 Liath choi'-thional fhear air an leirg  
 Ag aomadh 's a' taomadh an soillse.  
 Bha 'shòlas mar thanas nan speur,  
 'Nuair a shìneas e cheuma air cuan 365  
 Is e faicinn nan tonna fo bheus,

\* ba-laochan.

- Gun a ghaoth a bhi treun o thuath.  
 Ach togaidh e na stuaidh gun dàil  
 'G an iomain gu tràigh na fuaimé.  
 Air bruachan nan luachar thar àld                   370  
 Chaidil nighean an t-sàir o Lumon ;  
 Thuit a ceann-bheart o ceann air làr ;  
 Bha h-aisling thall 'na tir féin.  
 An sin a bha madainn air raon ;  
 An liath-shruth a' taomadh o chruaich,           375  
 Na h-osaga ciara is faoin  
 Dubh-aomadh air faobhar nan stuadh.  
 An sin a bha farum gu seilg,  
 'N sin gluasad nan triath o 'n talla,  
 Na b' airde na càch air an leirg                   380  
 Treun Atha nan alda cama ;  
 Bha shùil ag aomadh air a luaidh,  
 Sùilmhalla nan cuacha glana ;  
 O 'cheumaibh, is e mòr air sliabh,  
 Le mòrchuis thionndaidh is' a gruaidh           385  
 A' cur a bogha fo thaifeid theann.  
 Mar sin bha aisling fhaoin na h-òigh,  
 'Nuair a thàinig r'a còir Atha :  
 Chunnaic e gruaidh a b' àillidh snuagh,  
 Measg siubhal a cuach-chiabha.                   390  
 Dh'aithnich e òigh o Lumon thall.  
 Ciod tha 'n comas do shàr a dheanamh ;  
 Dh'éirich osna ; thuit na deoir,  
 Ghrad thionndaidh e mòr a cheuma.  
 Cha 'n àm so dhuitsa féin, a righ,               395  
 D'anam mhosgladh fo strì dhiomhair ;  
 Tha còmhrag a' taomadh o 'n fhrith  
 Mar shruthaibh ciara o mhonadh sianai.

- Bhuail e copan caismeachd a sgéithe,  
Aite còmhnuidh guth ciar nam blàr. 400
- Ghluais Eirinn m'an cuairt do 'n ard thriath  
Fuaim sgéith' iolair riabhaich nan carn.  
Chlisg òigh o 'caoin chadal san uair,  
Ciabh àillidh m'a gruaidh a' dol mall ;  
Thog i ceann-bheart o eudan na cruaich. 405  
Chrith ise fo thruaigh anns a' bhall.  
C'uim bliodh fios 'doibh an Eirinn m'an òigh,  
Nighinn Innis nan còrr gheug uaine ?  
Bha 'cuimhne mu shinns're nan righ,  
'S bha h-anam a' strì fo mhòrchuis. 410  
Bha 'ceuma glan air chùl nan carn  
Aig gorm shruthan nam blàr air chòmhnnard ;  
Aite faicinn nan ruadh sa' ghleann,  
Seal m'an d'thàinig a nall. an còmhrag.  
An sin air uairibh għluaiseas suas 415  
Guth Chathmhoir gu cluais Shulmhalla ;  
Bha h-anam fo chiaradh gun tuar ;  
Thaom i focala fuar air gaoith.
- “ Ghluais aislinge caoine uam féin ;  
Thréig iad m' anam fo bheud is dòruinn : 420  
Cha chluinn mí guth seilg anns a' bheinn ;  
Tha mi ceilte an clearb a' chòmhraig.  
Tha mi sealltuinn sìos o mo nial ;  
Cha 'n'eil dearrsa gu thrian air mo cheumaibh.  
Tha mi faicinn a' ghaisgich dol sìos ; 425  
Tha righ na mòr sgéithe ag éirigh ;  
Es' a choisneas buaidh an cunnart,  
Triath Shelma nan sleagha 's nam beuma.  
Thaibhs Chonmhoir, a thréig sinn fo nial,  
Bheil do cheuma triall na gaoithe ? 430

An tig thu air uairibh oirnn sìos  
 Gu talamh nan sìan a tha baoth,  
 Athar neartoir Shùlmhalla fo bhròn ;  
 Is ceart gu 'n tig thu fhéin, a thriath' ;  
 Chualam t'fhocal fo shìan na h-oidhche      435  
 'N àm m' éirigh gu Eirinn nan sgiath,  
 Innis àillidh nan ceud shruth a' boillsgeadh.  
 Thig taibhse ar sinns're an guth  
 Gu anam tha dubhadh fo bhròn,  
 'Nuair a chi iad 'nan aonar fo dhubbh      440  
 Siol teaghlaich m' an dùnadhan ceò.  
 Gairm mi, athair thréin, dhuit féin,  
 'Nuair bhios Cathmor fo bheud air làr.  
 An sin bithidh Suilmhalla gun fheum  
 Measg dòruin leatha féin m' a sàr.'"      445

## TIGHMORA.

DUAN V.

---

Thus', tha chòmhnuidh am measg nan sgiath,  
Tha cho arda sa' chiar thalla,  
A chlarsach, o t'aite thig a nìos,  
Is cluinneam gu mìn do ghuth.  
Mhic Alpinn, buail-sa an teud ;      5  
Mosgail anam do 'n treùn bhard :  
Gluais tòrman shruth Lora uam fèin  
Coi'-thional nan sgeul a bha am.  
Mi seasadh an neulaibh nam bliadhna,  
'S gann am fosgladh 's is ciar na dh'fhalbh ;      10  
'Nuair a thig dhomh an sealladh gun deanamh,  
Tha e doilleir ag iadhadh m'an àm.  
Cluinneam thus', a chlarsach o Shelma ;  
Tilidh m'anam gu dàna dhomh fèin,  
Mar aiteal na gaoithe tha mall,      15  
Thogas grian o shàmhchair nan gleann,  
Aite còmhnuidh do'n dall cheò.

Tha Lubar a' dealradh am fhianuis  
 Is i taomadh gu fiar ro' ghleann ;  
 Air gach taobh air cruachaibh nach iosal      20  
 Ard choslas nan righre gu h-ard ;  
 An sluagh a' taomadh dlùth m'an cuairt,  
 Ag aomadh suas gu guth nan triath,  
 Mar gu'n labhradh an sinns're o stuaidh  
 A' tearnadh o fhuar ghaoith nan sliabh.      25  
 Iadsa mar charraigibh shuas,  
 An ciar cheann fo bhuaireadh nan craobh,  
 An stoirm is ceò a' snàmh m' an cuairt :  
 Ard air an aomadh tha sruth  
 A' taomadh a chobhair air gaoith.      30  
 Fo fhocalaibh arda righ Atha  
 Thaom Eirinn gun tàmh air an raon  
 Mar fhuaim, nach 'eil faoin, o dhealan ;  
 Garbh chearbach an tearnadh gu Lubar,  
 Rompa Foldath as-ùr le 'cheumaibh.      35  
 Thriall an righ a raon gu beinn ;  
 Shuidh e sìos fo gheugaibh daraich :  
 Tha siubhal nan sruthan ris féin ;  
 Thog e dealradh nam beuda thairis,  
 Sleagh alluidh nan righ bha 'na làimh ;      40  
 Bu dhealradh ise féin do shluagh  
 An garbh mheadhon a' chruaidh chòmhraig.  
 Teann air sheas ainnir nan triath,  
 Nighean Chonmhoir nan sgiath gorma,  
 Glan aomadh ri carraig 's i fann :      45  
 Cha bu shòlas dhise an stri ;  
 Cha robh anam na mine mu fhuil.  
 Tha gleannan uaine sgaoilte thall  
 Aig iomall mill o'n gloine sruth ;

- An sàmhchair tha ghrian air an àld, 50  
 'S a' tearnadh o'n ard na rùaidh :  
 Orrasa bha sùile nam beus  
 Measg smuainte bha 'g éirigh 'na cliabh.  
 Chunnaic Fionnghal air an ard  
 Treun mhac Bhorbair, an t-sàir Dhubhail : 55  
 Chunnaic Eirinn 'teachd dòmhail a nall  
 Fo sgiathaibh nan carn an dùbhra.  
 Bhuail e copan, comhara chòmhraig,  
 Caismeachd do mhòr shluagh gu géilleadh,  
 'Nuair chuireadh e romp' a sheòda 60  
 Gu leirg ò'm bi mòrchuis ag éirigh.  
 'S lìonar għluais na sleagna fo għréin,  
 Fuaim nan sgiath a' freagradh m' an cuairt,  
 Cha robh eagal ag iadhadh mar nial  
 Measg coi'-thional gailbheach nan sluagh ; 65  
 Bha esa féin an righ ri 'n taobh,  
 A neart nach faoin o Shelma thall.  
 Bha sòlas a' dealradh m' an laoch ;  
 Chualas gu caoin a ghuth mall.  
 " Mar imeachd na gaoith' air an stuaidh 70  
 Siol Shelma nañ fuaim a' dol sìos ;  
 Tha iadsa mar uisge o chruaich,  
 Nach caisgear am buaireadh a strì.  
 A so féin a għluaiseas mo chliu  
 Chuir ainm dhomh as-ùr o'n tir ; 75  
 Cha robh mi na m'dhearrsa air chùl,  
 Bhur ceumanse dlùthadh am dhéigh.  
 Cha robh mi féin mar chruth bha faoin,  
 A' dubhadh baoth 'n ur fianuis thall.  
 Cha bu thorrunn mo ghuth do laoich ; 80  
 O mo shùilibh cha taomadh am bàs.

- 'Nuair a thigeadh sliochd mòrchuis gun fheum,  
 Cha tuiteadh iad féin fo mo rosg  
 Fo dhì-chuimhn an talla nan teud,  
 Mar dhubh-cheò o bheinn a' sioladh. 85  
 Tha dealan ùr dol suas g'ur còir :  
 Cha lionor an còmhrag a cheuma ;  
 Cha lionor ; ach tha e gu còrr.  
 Cumaibh an dubh-chiabh òg o éiginn ;  
 Thugaibh air ais Fillean le sòlas. 90  
 'Na dhéigh so bi'dh 'chòmhrag 'na aonar.  
 Tha dhealbhsa mar shinns're nan còrr ghnìomh ;  
 Tha 'anam mar dhealan an cliu.  
 Mhòir mhic Mhorni a' mhòir charbaid,  
 Biodh do cheuma a' falbh m'an òg ; 95  
 Biodh do ghlaodh 'na chluais le garbh ghuth  
 O chirb is o fhalbhan a' chòmhraig.  
 Cha 'n ann gun fhios tha feum do thriath  
 Ard bhriseadh nan sgiath an comhstùri.''  
 Shìn an righ a cheum gun dàil 100  
 Gu ard charraig chathair Chormuil ;  
 O àm gu àm bhuaił dearrsa thall  
 A ghorm-sgiath nam ball 's na mòrchuis,  
 'Nuair ghluaiseas mall ard righ nan triath,  
 Tha 'shùil a' sealltuinn borb o thaobh 105  
 Mu shiubhal nan daoin' a' dùnadh.  
 Leth liath a bha chiabha sa' ghaoith  
 M' a ghnùis nach robh faoin fo dhùbhra,  
 A thuar a' lasadh le sòlas fiar,  
 Mise dorchadh 's a' triall 'na dhéigh. 110  
 A nis a thàinig Gall an triath,  
 A sgiath bhallach air iall ri laoch ;  
 Labhair e, 's e grad a' dol sìos ;

“ Mhic Fionnghail, tog sgiath ri m’ thaobh,  
Tog ard ri mo thaobh i, thréin ;”

115

Saoilidh naimhde gu ’r feum mo shleagh,  
’S iad ’g a faicinn a’ soills’ ann mo làimh.

Ma thuiteas mi, thréin, air chruaich,

Ceil, Oisein, an uaigh air an raon,

Cha ’n imrich an làmh so a’ chruidh.”

120

Na cluinnear orm luaidh tha faoin ;

Na cluinneadh ainnir chaomh mi féin,

’S i deargadh fo bheus a ciabha.

Fhillein, fo shùilean an righ

Na dichuimhn dhuinn strì nam beum ;”

125

C’ uim a thigeadh na gaisgich o ’n fhrith  
Thoirt cobhair do raon a thà ’m feum.”

Leum an sonn an trom an t-sluaigh,

Sgiath bhallach a’ fuaim ri thaobh.

Lean mo ghuth treun garbh-ghniomh nam buadh

Roi’ astar gu bualadh nan laoch.”

131

“ C’ uim a thuiteadh mac Mhòrni san ùir

Gun aithris a chliu an Eirinn ?

Tha gnìomha nan gaisgeach air chùl,

Gun chuimhne, gun diù ri éirigh ;”

135

Tha ’n astar gun stoirm air an raon ;

Cha cluinnear gu faoin an guth,”

Mo shòlas mu cheumaibh an triath,

Mo thriall gu carraig an righ,

E suidhe an seachran a chiabha

140

Measg gaoith nan carn liath ’s nam frith.

Mar bhruachaibh dubh an sluagh ag aomadh

Gu chéile aig taomadh na Lubair,

So Foldath mar chaol nial air beinn,

Og Fillean a’ dealradh o dhùbhra :

145

Gach aon fhear le 'shleagh annis an t-sruth  
 A' taomadh a ghith fo gharbh chòmhrag.  
 Bhail Gall copan Shelma nam fuaim ;  
 Thuit an sluagh an cruadal a' bhlàir.

Mar a thaomas dà àld o chruaich, 150  
 Bha cruaidh air chruaidh a' dealradh thall,  
 Dà àld thig o 'n aonach le fuaim  
 O dhà charraig ghrùnamach nan carn  
 'S iad a' measgadh an geal chobhair shìos.  
 Faicsa mac a' chliu air sliabh 155  
 E gearradh sìos ard neart an t-sluaigh !  
 Tha 'm bàs air an osaig m'an triath,  
 Na gaisgich gu 'n trian gun bhuaidh  
 Mu astar Fhillein an cruas blàir.

Rothmar, sgiath chopach a shluagh, 160  
 Aig dà charraig shuas fo bheumáibh ;  
 Dà dharaig fo ghaoith o stuaidh  
 An geuga m'a chruaidh a' leumadh.  
 Phlaoisg e 'shùile dorcha thall  
 Ag iadhadh mall m'a chairde féin,  
 'S e feitheamh an sàmhchair ri Fillean.  
 Chunnaic an righ an còmhrag treun ;  
 Bha 'anam ag éirigh gun fhìamh.  
 Mar thuiteas clach Lòda le fuaim  
 O iomall cruaiche nan druim ard,  
 'Nuair thogas taibhs an talamh shuas,  
 Thuit Rothmar nan cruaidh sgiath air làr.

Teann air bha do cheuma, Chùilmhìn ;  
 Thàinig òg nan ciabh ùr fo dheoir ;  
 Ghearr e 'n osag le beumaibh o chùlaobh, 175  
 Roimh mheasgadh an dealradh nan lann  
 Ri Fillean do nach gann a' bhuaidh.

Chuir e bogha fo thaifeid réidh,  
 Le Rothmar nan ceud sruth shuas ;  
 Bha 'n comhara mu ruaidh sa' bheinn,      180  
 'S gath gréin' a' leum thar chruaich.  
 C'uim, a mhic Chùl-àluinn nam beus,  
 C'uim, a Chùilmhìn gu treun dhearrsa ?  
 Gath tein e tha losgadh m' an cuairt ;  
 Teich gu luath, a mhic Chùl-aluinn ;      185  
 Cha bu choimeas bhur n-aithriche féin  
 Ann an comhstri nam beum air raon.

Tha màthair Chùilmhìn anns an talla,  
 A sùil air gorm chlàra nan sruth ;  
 Tha fiar ghaoth ag éirigh o fhaighe      190  
 Ag iadhadh 's a' tarruing gu dubh  
 Mu chruith is mu thaibhs a mic ;  
 Tha donnal chon 'nan àite féin,  
 A sgiath gun fheum san talla 'm fuil.  
 " Na thuit thu, a mhòir thi' bha treun      195  
 An còmhrag nam beud an Eirinn!"

Mar ruadhaig fo fhiui gu dìomhair  
 Sinte sìos m' a sruthanaibh féin ;  
 Chi sealgair an luighean gun fheum  
 Bidh cuimhne a ceum 'na chliabh :      200  
 Mar sin a shìnear mac Chùil-àluinn  
 Fo shùile an t-sàir air sliabh,  
 Barr a chiabh' an sruthan caol,  
 Fuil a' briseadh air aomadh a sgéithe.  
 Bha làmh san àm air lainn gun bheud,      205  
 A chruaidh a thréig an treun an cunnart.  
 " Thuit thu," thuirt Fillean, 's e brònach,  
 " Mu 'n cualas air chòir do chliu.  
 Chuir t'athair air feachd thu le còmhrag ;

- |   |     |
|---|-----|
| Tha 'bharail gu 'n cluinn e as ùr<br>Do gniomha a' dlùthadh m'a chluais.  | 210 |
| Tha e liath aig a shruthaibh féin ;<br>Tha 'shùil air Moiléna nan sìan ;<br>Ach cha till thu gu sìorruidh, a thréin,<br>Le faoibh o do cheud naimhdibh."  | 215 |
| Thaom Fillean an ruaig thar Eirinn,<br>Es' a' leantuinn ro' threun fhuaim an raoin.<br>Ach triath air thriath thuit Mòrbheinn sìos<br>Fo dhubh fheirg gun chéill' Fholdaith.  |     |
| Fada thall air slios nan sliabh<br>Le tuille 's trian do chòmhrag.<br>Sheas Dearmud an àigh fo ghruaim,<br>Sìol Shelma m' an cuairt a' taomadh.   | 220 |
| Bhris Foldath a sgiath fo 'lainn ;<br>Theich a shluagh gu mall air sliabh.  | 225 |
| An sin thuirt an nàmhaid le mòrchuis,<br>" Theich iadsa, is thòisich mo chliu.<br>A Mhalthos, gu Cathmor nam mòr ghnìomh,<br>Cuireadh faire air mòr thuinn a' chuain ;<br>Air talamh tuitidh nàmhaid treun ;                                      | 230 |
| Mu lochan fo bheinn bidh 'uaigh ;<br>Cha 'n éirich fonn mharbh-rann da féin ;<br>Bithidh thanas gun fheum fo ghruaim<br>An ceò mu lòn cuilceach a' chàthair."   |     |
| Chuala Malthos an smuainte ciar<br>A dhearg shùil cur sìos is sàmhach ;<br>Maith 'aithne air mòrchuis an triath' :<br>Chuir e shealladh mu 'n righ air ard bheinn ;<br>Thionndaidh e an dorcadh a chléibh<br>Is bhual an treun a lann an còmhrag. | 235 |
|   | 240 |

An caol ghleannan Chlòna fo dhubh  
 Tha aomadh dà chraoibhe thair an t-sruth ;  
 An sin sheas sàmhach am bròn  
 Siol Dhuthno nan còmhrag còrr ;  
 Fuil a' taomadh 's ag iadhadh m'a thaobh, 245  
 A sgiath sgoillt' 's briste air raon.  
 Ri carraig sheas a shleagh mhòr.  
 C'uim, a Dhearmuid, cho dubhach do bhròn ?  
 " Tha mi cluinntinn garbh fhuaim a' chòmhraig  
 Mo chairde air chòmhnnard leò féin, 250  
 Mo cheuma gu mall, air a' mhòr mhagh ;  
 Sgiath bhriste an comhstri gun fheum.  
 Am bi esan a ghnàth fo bhuaidh ?  
 Bithidh Dearmud san uaigh le cliu,  
 Seal mu 'n éirich an dùbhra suas. 255  
 Gairmidh mi thusa gu còmhrag,  
 Is tachram ri mòrchuis Fholdaith."

Ghlac e shleagh le sòlas ciar,  
 Mac Mhorni an triath g'a thaobh.  
 " Mhic Dhuthno, caisg-sa do luaths ; 260  
 Tha do cheuma gun tuar fo fhuil ;  
 Cha leatsa garbh chopan do sgéith ;  
 C'uim a thuiteadh an triath gun airm ?"  
 " Shil Morni, dhomhsa do sgiath ;  
 Is tric a dh'aom i sìos an còmhrag : 265  
 Caisgidh mi shiubhal air sliabh.  
 Shìl Morni, faic clach air chòmhnnard ;  
 Clach a thog a liath cheann suas  
 Roi' 'n fheur a tha fuaim an gaoith :  
 Tha treun do mo chinneadh san uaigh ; 270  
 Táisg an sin mi suas san oidhche."

- Ghluais e gu mall air a' chruaich ;  
 Chunnaic e fo bhuaireadh an raon,  
 Garbh dhearrsa a' chòmhraig dol suas  
 Briseadh mu 'n cuairt da gu clao. 275
- Mar lasair an oidhche sa' ghleann  
 Ag éirigh fada thall san fhraoch,  
 Anis a' mùchadh fo mhùig a cinn,  
 Anis a' togail a dearg shruth baoth  
 An àm éirigh is aomadh nan gaoth : 280
- Mar sin féin a thachair còmhrag  
 Sùile Dhearmuid na mòr sgéith.  
 Roimh shluagh bha ceuma mòr an Fholdaith  
 Mar chiar luing air faobhar nan stuadh,  
 'Nuair a għluaiseas i mach o dhà Innis 285  
 Dol air h-agħairt 's a' tilleadħ air chuan  
 Measg bhuairidh an fhuair ghairbh ré.
- Chunnaic Dearmud le feirg a thríall ;  
 Chuir e suas gu 'thrian a neart ;  
 Ach thréig e cheumaibh air sliabh ; 290
- Thuit deura o threun nam feart.  
 Chuir e stoc athar fo fhuaim ;  
 Bhuaile tri chuairt a mhòr sgiath ;  
 Tri chuairt ghairm e ceann an t-sluaigh :  
 Chuala Foldath e shuas, an triath, 295
- Measg gàire is fuaim a' chòmhraig.  
 Chunnaic Foldath le sòlas an treun ;  
 Thog e suas gu feum a shleagh,  
 Is i nighte gu leth am fuli.  
 Mar charraig a's ruadh shrutha clao. 300
- A' taomadh dearg le 'tacbh an stoirm ;  
 Mar sin fo sheachran fala 'n laoch,  
 Ciar cheannard nan daoine fo aim.

Air gach taobh a dh'aom an sluagh  
 O chomhbstri gu buaidh an dà righ.  
 Thog mar aon am faobhair suas—  
 Ghrad thàinig an cruaidh na Selma  
 Fillean o iomall an t-sluaigh.

Tri ceuman air ais dh'aom Foldath  
 O 'n dearrsa bhual claon a shùilean,  
 A thàinig mar dhealan o nial,  
 Chur dòn air triath bha fo leòn.  
 Sheas e 's e fàs suas am mòrchuis  
 Gairm uile gu còmhrag a chruaidhe.

Mar thachras air sgiathaibh leathan treun 315  
 Dà iolair air éiginn an gaoith'

A' strì air an itibh gu léir,  
 Għluais grad gu beud an dà shaoi.  
 Ma seach tha ceuma nan righ

Air aghairt gu strì o 'n dà chruaich ;

Bha 'n còmhrag a' ciaradh dol sìos

Air an lannaibh fo chli nam buadh.

Bha sòlas nan treun ann do chliabh,

A Chathmhoir air faobhar nan sliabh,

An sòlas tha dìomhair a għnàth

'N àm éirigh cunnart nan sàr.

Cha do lùb a shùile mu shliabh ;

Bha shealladh ag iadhadh gu h-ard

Mu righ Shelma a b' àiliosaich tuar.

Chunnaic e a ġħluasad air Mòra

Am mòrchuis a chòrr arma.

Thuit Foldath gu mall air a sgéith,

Shleagh Flillein ro' thriath gu làr :

Cha do choimhid an t-òig-fhear gu 'thrian

Cur roimhe nan ceuda sa' blħàr.

305

310

320

325

330

335

Ghluais suas da ceud guth a' bhàis—  
 “ Mhic Fhionnghail bi mall an triall.  
 Nach fhaic thu cruth àillidh tha thall,  
 Dubh chomhara mharbh air sliabh ?  
 Na dùisg-sa righ Eirinn as-ùr,  
 Mhic Chlatho nan sùile gorma.”

340

Chunnaic Malthòs am Foldath air làr  
 Is dhorchaich an sàr mu 'n triath ;  
 Ghluais gàmhlas o 'anam gu bàrr,  
 Mar charraig am fàsach nan sliabh,  
 Air an iadhadh gu dubh sruth nan sìan,  
 'Nuair a dh'imicheas sìos ceò mall,  
 Na cranna a seacadh gu 'n trian,  
 Fo osagaibh ciar-dhubh nan carn.

345

Labhair e ri triath fo bhàs,  
 A' foineachadh o shàr m'a uaigh ;  
 “ An éirich do liath chlach an Ullin,  
 No air Mòma nàn iomadh coill',  
 Ann an coimhead an solus gu diòmhair  
 Air gorm-shruth Dhalriabhaich nan carn ?  
 An sin tha ceuma mall na h-òigh',  
 Do nighean chòrr nan gorm shùil, Léna.”

355

“ An cuimhne dhuit is', a thriath,  
 Gu'n mhac dhomh ag iadhadh a'm' dhéigh  
 Gun òg dhomh gu còmhrag air sliabh,  
 Gu mise a dhìoladh, a thréin ?  
 A Mhalthos, chaidh mo dhìoladh féin ;  
 Cha robh mise, a thréin, an sìth ;  
 Tog uaigh do na mharbh mi sa' bheinn  
 M'an cuairt do thigh caol gun bhrìgh.  
 Is tric a thig mi sìos gu luath  
 O osaig gu h-uaighibh mo naimhde,

360

365

'Nuair chi mi iad a' sgaoileadh shuas  
Feur fada fo għluasad nan gaoth.'

Għreas 'anam a null le fuaim 370

Gu caol ghleann fo chruachaibh Mhòma ;

Thàinig e an aisling gun tuar

Gu dearrsa Léna a' stuaim chòmhraids'

'S i cadal mu shruth an Dalruaidh

Air tilleadħ o ruaig nam fiadh. 375

Bha bogħa caoin ri taobh na h-ðiġi

Gun taifeid, na h-osaga tlàth a' snàmh

Mu h-uchd bàn le 'ciabhaibh :

Fo éididh na h-àille an òige

Shìn air talamh òigh chòrr nan triath. 380

Dubh-aomadh o clearbaibh nan cruach

Thàinig Foldath gun tuar am fuli;

Chunnaic is' e air uairibh o stuaidh,

E 'g a chleith air uairibh an ceò.

A' briseadh fo rachd na deoir

Bha 'fios mu thriath mòr air lär,

Dh'ise bha 'n dearrsa bu chòrr

O 'anam anuair bu mhòr stoirm.

Bha thusa ma dħeireadħ air chūl,

A Dhearrsa-Léna nan sùil gorm. 390

Garbh clearbach o fhuaim shruthan Lubair

Theich Bolga gu cùlaobh nan sliabh ;

Bha Fillean m' an ceumaibh a' dlùthiad ;

Air an fhraoch chuir e dùbhra bàis.

Bha sòlas ard Fhionnghail m'a mhac.

Għluais Cathmør fo thlachd nan gorm sgiath. 395

Tréig, a Chlatho nan gorm shùl,

Tréig-sa talla' nan ùr theud ;

Faic dearrsa tha dealradh gu' chūl ;

Tha seacadh nan sluagh m'a cheum. 400  
 Na coimhid ni 's fhaide 's e dorch' ;  
 Gu h-eutrom o chaol-mheadhon clàrsaich  
 Buaileadh òighe nan sàr am fuaim ;  
 Cha shealgair tha tearnadh o'n fhàsach,  
 O dhealta air carnaibh nan ruadh ; 405  
 Cha chrom e am bogha air gaoith ;  
 Cha chaill e 'liath fhiui air magh.

Fada shìos an dearg a' chòmhraig,  
 Faic comhstri gu dòmhail r'a thaobh  
 Ag imeachd an iadhadh an strì, 410  
 Bàs mhilte a' direadh m'a lainn.  
 Tha Fillean mar thanas nan speur,  
 A thearnas treun o chirb nan sìan ;  
 Tha 'n fhairge am bruaillein fo 'cheum  
 Is e 'leum' o thuinn gu tuinn ; 415  
 Tha 'astar a' lasadh 'na dhéigh ;  
 Crathaidh innise an ceud cheann  
 Air cuan ag éirigh gun bheus thall.  
 Tréig a Chlatho nan gorm shùil,  
 Tréig-sa talla nan ùr theud. 420

# TIGHMORA.

## DUAN VI.

---

“ THA Cathmor ag éirigh sa’ charn ;  
’N glac Fionnghal an lann o Luno ?  
Ciod a thigeadh rid’ chliu-sa san àm,  
Mhic Chlatho ’n uchd bhàin ’s nan sùl gorm ? .  
Na tionndaidh do rosgan uam féin, 5  
A nighean nan treun Innisthorc :  
Cha chaisg mi do dhearrsa, dheò-gréine,  
Tha dealradh air m’anam an nochd.  
Eireadh coille clearbach o Mhòra,  
Eireadh eadar còmhrag ’s mi féin. 10  
C’uim a chitheam an strì so air chòmhlnard,  
Eagal tuiteam do ’n dubh-chiabhach threun.  
Am measg nam fonn, a Charuill, taom  
Ard fhuaim nach ’eil faoin o chlàrsaich.  
An so tha guth carraig tha caoin, 15  
Liath shiubhal shruth baoth o fhàsach.  
Athair Oscair, tog-sa do shleagh ;  
Dion air magh glan òg nan arma :

Ceil do cheuman o Fillean san uair,  
Mu 'n eòl da mi·earbsa m'a chruaidh. 20  
Cha 'n éirich nial uam féin, mo mhac ;  
Cha bhi do theine fo smachd, a thréin."

Fo charraig cheileadh an sonn  
Am fuaim nam fonn o Charull thall ;  
Mi dealradh an sòlas nach gann, 25  
Sleagh Thighmòra am làimh 's mi triall.  
Chunna' mi air chòmhnhard Mhoiléna  
Baoth bhruaillean a' chòmhraig ag éirigh ;  
Strì a' bhàis ag iadhadh gu mall ;  
Sluagh a' briseadh fo dhealradh nan lann. 30  
Bha Fillean mar lasair o speur ;  
O sgéith gu sgéith garbh cheum an tréin ;  
Leagh còmhrag o fhianuis an laoich  
Is e filleadh an raoin fo mhùig.

A nise sios tha triall gu strì 35  
Mòr Chathmor an righ 'na armaibh ;  
Sgiath iolair dubh aomadh m'an cuairt  
Thar teine a chruaidh cheann-bheirt.  
Gùn chùram għluais e ard cheuma  
Mar gu'm biodh sealg Eirinn air làimh. 40  
Thog e suas air uairibh a ghuth ;  
Thionail Eirinn fo dhubbh m'an cuairt ;  
Thionndaidh 'n anama sìos mar shruth  
Le iongantas mu 'n ceumaibh 's an tuar ;  
Mar dhearrsa maidne an treun 45  
Ag éirigh air beinn bha fo fħuaith,  
Fear siubhail air astar leis féin  
Sealltuinn sios o thaobh a ghruaidh  
Air leirg qan cruth fuar fo dhubbh.  
Grad o charraig għlais Mhoilèna 50

- Sùilmalla nan ceuman àillidh :  
 Ghlac darach a sleagh o 'geal làimh.  
 Leth-aomta chaochail i chruaidh ;  
 Bha sùile sìos air righ na h-Eirinn  
 O fhalbhan is éirigh a ciabh' : 55
- Cha strì so measg chairdean air raon ;  
 Cha chuspaire faoin th' air an réidh,  
 Mar gu 'm biodh òg Iaoich o Lumon  
 A' dlùthadh fo shùilibh Chonmhoir.
- Mar charraig Runo dùbhradh shuas, 60  
 A' glacadh 'nan ruaig nan niala,  
 'S i fàs am measg dubhadh a gruaidh  
 Thar sliabh nan glas chruach 's nan liath shruth,  
 Mar sin bu mhò Cathmor Atha  
 'N àm tional nan sàr m' an cuairt. 65
- Mar osagaibh siubhal a' chuain,  
 Gach aon dhiubh is stuadh f'a còir,  
 Mar sin a bha 'fhocuill do 'shluagh  
 Cur a ghaisgich m' an cuairt do 'n tàrr.  
 An sàmhchair cha robh Fillean shuas ; 70
- Bha 'fhocuill measg fuaim a sgéith :  
 Mar iolair an treun air a' chruaich,  
 Gach ite fo ghruaim m'a chliabh,  
 E gairm nan gaoth gu charraig féin,  
 'Nuair a-chi e fo cheum na ruaidh 75
- Air Luthar a's dubh-luachrach raon.
- Thàom iad sa' chéile sa' bhlàr,  
 Ard righre nan sàr o thaobh gu taobh  
 A' losgadh teine mu anam an sluaigh.  
 Leum Oisian air sleagh is e triall,  
 Craobh is carraig dol suas gun dàil 80
- Eadar am blàr is e féin.

Ach chuala mi chruaidh nach robh mall  
Measg farum mo mhàile sa' bheinn.

'N àm éirigh an soillse o chruaich      85  
Chunna mi an sluagh a' géilleadh,  
An ceuman air ais anns anuair,  
Sùile corrach gu 'n gruaidh' ag éirigh ;  
Thachair tréin am buaireadh a' chath',  
Dà rìgh flatha nan gorm sgiath ;      90  
Mòr is dorch am meadhon nan gath  
Measg soillse bha garbh strì nan triatl,  
Bhuail suas mu Fillean baoth,  
Bròn a' lasadh 's a' taomadh ro'm' chliabh.

Thàinig mi ; cha do theich an righ ;      95  
Cha d' thàinig e le strì am choir.  
Mar charraig do eithe anns an fhrìth,  
Fuar is garbh a bha brìgh an t-seoid.  
An sàmhchair bha ar ceuma suas  
Air dà thaobh buaireadh an t-sruth'.      100  
Thionndaidh sinn mar aon fo ghruaim,  
Is thog sinn ruinne cruaidh nan sleagh.  
Thog sinn sleigh ; ach thuit an ciar ;  
Bha sàmhchair air sliabh fo dhorchà,  
Ach gu 'n cluinntear ceuma nan triath      105  
A' fuaim air an leirg a' falbh.

Thàinig mi gus an àit' a bha faoin,  
Anns na chuireadh le Fillean cath :  
Cha robh focall no fuaim air an raon,  
Sgiath bhriste is ceann-bheart nam flath      110  
Air talamh is gath gun fheum.  
C' àite bheil Fillean nan sgiath ?  
C' àit' an t-òg thriath o Mhòirbheinn ?  
Chual e 's e ri carraig nan sliabh,

Bha 'g aomadh gu 'trian air mòr-shruth : 115

Chual e, 's e dorcha is fann :

An sin chunnaic mi thall an laoch.

C'uim a' sheasas an truscan do dhùbhra

Mac Shelma m' an dlùthadh a' choill' ?

An dealradh tha t'astar, mo bhràthair, 120

An liath raon nan sàr a bha treun.

Is fhada bha do strì, a thriath ;

Stoc Fhionnghail 'ga d' iarruidh sa' chruaich,

Gluais gu neulaibh t'athar féin,

Gu 'chuirm air eudan nan sliabh. 125

An ceò an fleasgair suidhidh 'n righ

'S e cluinntinn guth cli na clàrsach

O chaoin Charull a's fuaim'oire fonn :

Thoir sòlas do 'n aois, a chòrr thriath,

Fhir-bhriseadh nán sgiath, bi falbh. 130

" 'N dthig sòlas mu lagaich, a thriath?

Cha 'n'eil, Oisein, mo sgiath leam féin ;

Tha i briste is sgaoilt air an t-sliabh ;

Bhriseadh ite eoin riabhaich nan speur

Air mo cheànn-bheirt fo bheum a' chòmhraig.

'Nuair a theicheas an ànmhaid gu dian, 136

Bi'dh aithriché thriath fo shòlas ;

Ach éirigh an osna gu 'trian,

'Nuair théid gaisgich gu dìth air chòmhnard.

Cha 'n fhaicear le Fillean an righ ; 140

C'uim a bhiodh e fo strì a' bhròin ?"

Mhic Chlathò a's guirme sùil,

Og Flillein, na dùisg mo chliabh.

Nach robh thu 'na d' theine gun mhùig,

'S nach bi sòlas as-ùr air thriath ? 145

Cha 'n'eil lìonadh do chliu dhomh fhéin ;

Mar ghréin tha'n treun do mo thriall :  
 Tha e coimhead mo cheuma le sòlas,  
 Gun fhaileas a' còmhnuidh m'a ghuìis.  
 Suas, Fhillein, gu Mòra nan tòrr ;      150  
 Tha cuirm anns a' cheò sgaoilte.

" Oisein, thoir dhomh féin mo sgiath,  
 Na h-ite tha ciar fo ghaoith :  
 Cuir iadsa mar ri Fillean, a thriath,  
 Gus nach caill e ach trian d'a chliu.      155  
 Thréin Oisein, tha laigs' orm fhéin ;  
 Cuir mise fo bheud sa' chòs.  
 Na tog orm clach anns a' bheinn  
 Eagal foineachd mu Fillean ni 's mò.

Thuit mise ann mo cheud chath      160  
 Gun chliu is gun rath air mo lainn.  
 Biodh do ghuthsa a mhàin, a thriath,  
 'Na shòlas dom' anam 's e triall.  
 C'uim a bhiodh bard a' còmhradh  
 M' an dearrsa òg o chaoin Chlatho ?"      165

Bheil t'anam air fiaradh nan gaoth,  
 Oig Fhillein, a bhriseadh na sgiatha ?  
 Biodh sòlas a' leantuinn an laoich  
 Ro' fhilleadh gharbh nan ciar nial.  
 Tha samhla do mhòr shinns're, Fhillein,      170  
 An cruthan ag aomadh m' an siol ;  
 Tha mi faicinn an tein air an aonach,  
 Gorm sgaoile an ceò fo shian  
 Mu Mhòra measg fiaradh na gaoith'.  
 Tachradh sòlas ri mo bhràthair.      175  
 Thréig thusa na sàir 's iad fo bhròn.  
 Mu thimchioll na h-aoise tha 'n ànmhaid,  
 Cliu a' sioladh o airidh 's e 'n ceò :

- Tha thusa d'aonar air an t-sliabh,  
A righ nan liath chiabh o Shelta. 180
- Chuir mi e an carraig nan còs  
Aig fuaim nan sruth mòr san oidhche ;  
Bha dearg reul a' sealltuinn o'n tòrr,  
Nach do chuir am fear òg an soillse :  
Thog na gaotha mall a chiabh. 185
- Bha mi 'g éisdeachd—cha chualas fuaim :  
Bha 'n gaisgeach gun tuar am pràmh.  
Mar dhealan air neul dubh-dhonn  
Ghluais smuainte gu trom mo chliabh ;  
Mo shùile mar thein ann mo cheann, 190
- Mo cheuma nach mall air sliabh  
Measg farum mo chruaidh mhàile.  
Tachraídh mise is righ Eirinn :  
Measg co'-thional cheud tachraídh sinn.
- C'uim a theicheadh an neul so féin, 195  
A chuir dearrsa nan spéur air chùl ?  
Lasaibh tein-athair nan cruach,  
Lasaibh suas, mo shinns're féin ;  
Is cuiribhse mo cheum fo shoillse—
- Caithidh mis' an nàmhaid am feirg. 200
- Ach mur tilleadh mise féin,  
Tha 'n righ fo bheud is e gun mhac ;  
Tha liath chiabh measg naimhdean an tréin  
A làmh an robh feum fo smachd ;  
A chliu a' sioladh sìos an Eirinn. 205
- Na faiceam gu sìorruidh an sàr  
An deireadh nam blàr fo smal.  
Ach cia mar thilleam féin do 'n righ ?  
Nach fiosraich e le brìgh m'a mhac ?  
C'uim nach d'thug thu Fillean o'n strì ? 210

- Tachraighean Oisian shìos r'a lànmhaid ;  
 O shùilibh a chairdean tha thriall.  
 Ard Eirinn a's uaine gleann,  
 Is taitneach do mo chluasaibh t'fhuaim.  
 Tha mi grad air do shluagh fo lainn, 215  
 A sheachnadh sùilean an righ fo ghruaim.  
 Ach cluinneamsa gu h-ard an righ  
 Air Mòra nam frith an ceò :  
 Tha e gairm a dhà mhic o'n strì ;  
 Tha mi tighinn 's mi sìos fo bhròn : 220  
 Tha mi tighinn mar iolair o chruaich,  
 Thachair teine nan stuadh an oidhche,  
 E 'g iteach o'n fhàsach so shuas  
 Le 'sgiathaibh dubh-loisgte an soilse.  
 Fada thall m' an righ air Mora 225  
 Thaom Mòrbheinn o bhriseadh an raoin.  
 Thionndaidh an sùilean o'n mhòr thriath ;  
 Gach aon diubh ag aomadh g' a thaobh  
 'S a shealladh gu baoth o shleagh.  
 'Nam meadhon sheas sàmhach an righ, 230  
 A smuainte strì dol suas m'a chliabh,  
 Mar thonnaibh air lochan nam frith,  
 Gach aon diubh fo chobhar 's e liath.  
 Sheall e sìos ; cha 'n fhac e mac  
 Le sleagh ghlan fo smachd 's e triall. 235  
 Għluais 'osna suas gun dàil  
 A cheil e fo shàmhchair a' bhròin.  
 An sin sheas mis' fo dharaig thall ;  
 Cha d'éirich guth mall uam féin.  
 Ciòd a b' urrainn mi labhairt san àm, 240  
 Ri Fionnghal measg bròin án tréin ?  
 A nise ġħluais am focal suas ;  
 Dh'aom an sluagh air ais o 'ghuth.

“ C’ àit’ am bheil mac Shelma, an triath,  
 Am fear a dh’ imich an sgéith còmhraig ?      245  
 Cha ’n fhaic mi cheum air an t-sliabh  
 ’S e tilleadh o thriall na mòirchuis  
 Measg co'-thional còrr mo shluagh.  
 Na thuit an ruadh òg air a bheinn,  
 Es’ bu mhòrchuisich ceum air cruaich ?      250  
 Thuit e, sibh sàmhach ’na dhéigh,  
 Sgaoilte sgiath chomhstri gu luath.  
 Cuiribh mo mhàile chruaidh rium féin ;  
 Mac an Luinn a bha ciar donn.  
 Tha mi mosgladh air ard na beinne ;      255  
 Bi-m am màireach an còmhrag nan sonn.”

Arda air Cormull bha craobh  
 A’ lasadh fo ghaoith is i fuaim ;  
 Bha liath chearb do cheò air a taobh  
 A’ sgaoileadh gu caoin m’ an cuàirt.      260  
 An sin bha ceuman an righ am feirg  
 Fada thall o’chirb an t-sluagh.  
 Bha ’chòmhnuidhsa riamh air an leirg,  
 ’Nuair lasadh còmhrag garbh m’ a chliabh.  
 Air dà shleagh shuas a mhòr sgiath,      265  
 Truagh chomhara ciar a’ bhàis,  
 An sgiath sin fo bhualadh an righ  
 An oidhche roimh strì nam blàr.  
 An sin féin a dh’ aithnich na laoich  
 Am a għluasaid gu baoth-chòmhrag :      270  
 Cha do thog e a sgiath gu faoin,  
 Gus an éireadh r’ a thaobh an còmhstri.  
 Bha ’cheuman a’ beumadh gu h-ard  
 Is dealradh fo shàr ghath chraoibh.  
 Cho fuathasach ri cruth nam fuath      275

- Fo neulaibh dubh fuar na h-oidhche,  
 'Nuair a chuireas e fo thruscan gruaime  
 A dhìlùth chleasa truagh an leth shoillse,  
 'S e gabhail do charbad nan gaoth  
 Air bruaillean baoth an fhaoin chuain mhòir. 280  
 Gun sioladh o stoirm a' ghairbh chòmhraig  
 Bha Eirinn nam mòr thíriath thall ;  
 Bha 'm faileas fo ré air a' chòmhnhard,  
 Mall thoirm an déigh comhstri a' bhlàir.  
 'Na aonar bha ceuma Chathmhoir                            285  
 Air adhart 's air ais air an t-sliabh,  
 E ag aomadh fo 'armaibh gu léir  
 Air Mòirbheinn nan treun fo ruaig.  
 Nise thàinig e gus a' chòs  
 San robh còmhnuidh òig Fhillein san oidhche; 290  
 Bha aona chraobh air taobh an t-sruth' mhòir,  
 Bha tuiteam o 'n tòrr 's a' boillsgeadh.  
 An sin fo ré ri faicinn shìos  
 Sgiath bhriste aig triath mac Chlatho,  
 Is teann air 'na shìneadh air feur                            295  
 Cas mholach an treun chu, Bran.  
 Cha 'n fhac es' an triath air Mòra ;  
 Għluais e 'na chòdhail air gaoith :  
 Shaoil leis gu 'n do dhùnadhbh do shealgair  
 A ghorm shùil an cearbaibh a phràimh.                    300  
 Cha għluaiseadh osag air an t-sliabh  
 Gun fhios do leum riabhach nan ruadh.  
 Chunnaic esa cù an uchd bhàin ;  
 Chunnaic e an sgiath bhriste thall ;  
 Thill dùbhra air ais air a chliabh ;                            305  
 Bha smuainte dubhach ag éirigh ciar  
 Mu thuiteam nan triath air an raon.

“ Thig sluagh mar shruth tha taomadh sìos ;  
 Thig cinne nach fhiach ’nan déigh ;  
 Ach comhraichidh trian diubh àn sliabh      310  
 Dol thairis le ’n gnìomhaibh treun ;  
 Freagraidh na cruachan an iarruidh  
 Ro’ shiubhal nam bliadhna dhubbh-chiar ;  
 Bi’dh gorm shruth ag iadhadh m’ an cliu.  
 Dhuibhse féin biodh treun o Atha,      315  
 ’Nuair a chuirear air lär a cheann.  
 Tachradh guth nan àm tha thall,  
 Ri Cathmor ann am mall ghaoith,  
 ’Nuair a leumas e osaga ciar  
 Air iomall dubh-riabhach nan stoirm.”      320

Thionail Eirinn m’ an cuairt do ’n righ  
 A chluinntinn guth a’ chumhachd thréin,  
 Gach eudan ag aomadh le sòlas,  
 An solus nam mòr chraobh.  
 Thréig na bha uabhasach a’ chruach ;      325  
 Bha Lubar ag iadhadh ro’ n t-sluagh.  
 B’ e Cathmor an teine o speur,  
 Bha dealradh a chairde gu léir ;  
 ’Nam meadhon bha urram do ’n righ,  
 An anama ri sòlas a’ strì.      330  
 Cha robh sòlas air ’anam no fiambh ;  
 Cha bu choigreach an triath dō chòmhrag.

“ C’ uime tha ’n righ fo bhròn ? ”  
 Thuirt Malthos a b’ fhiadhaiche sùil :  
 “ Bheil làmhaid aig Lùbar nan tòrr ?      335  
 Bheil acasa na thogas o ’chùl  
 Sleagh fhada is ùr gu bàs ?  
 Cha’n ann cho mìn ri so, a thriathli,  
 Bha Borbair na féile, t’athair féin,

- An righ a thogadh gu feum sleagh. 340  
 Bha fhearg mar theine losgadh riabh ;  
 Bha shòlas an cian mu naimhdibh,  
 A thuiteadh marbh fo spairn nan sgiath.  
 Tri lài bha cuirme do thriathaibh  
 O laoch nan liath chiabh àillidh, 345  
 'Nuair shìn Calmar a bhàs air sliabh,  
 Thug cobhair do Ullin' o Lâra,  
 Caoin thalamh nan sàr 's nan sruth.  
 'S tric a dh' fhairich e le 'làimh  
 Roinn na cruaidh a bhual an lot, 350  
 Chuir nàmhaid am blàr air chùl ;  
 'S tric a dh' fhairich e le' làimh ;  
 Bha sùile an t-sàir fo leus.  
 Bha 'n righ mar ghréin do 'chairdibh féin ;  
 Na aiteal treun do 'n geugaibh uaine ; 355  
 Bha sòlas an talla nan teud ;  
 Bha 'aínsa mu threunaibh Bholga.  
 Tha 'ainm a' tuinidh 'n diugh an Atha,  
 Mar chuimhne dubhach air fàs fhuathaibh,  
 'Nuair a thàinig is b' fhuathail an tàmh : 360  
 Ach shéid iad na garbh shianta uainn.  
 Eireadh gutha caoin na h-Eirinn  
 A thogail o bheud anam' an righ,  
 Esa mar dhealra nan speur,  
 A' boillsgeadh an ciaradh na strì, 365  
 'Nuair a chuir e gu sìth na tréin.  
 Fhonnair o na liath charnaibh shuas  
 Taom tuire is luaidh nan àm ;  
 Taom iad air Eirinn nam buadh,  
 Gus an siolaidh a' chruaidh fo dhàn," 370

“ Dhomhsa,” thuirt Cathmor an treum,

“ Cha ’n éirich fonn nan teud no dàn

O Fhonnar aig Lùbar nan leum :

Bha iad neartor tha sìnnite thall ;

Na fuadaichsa mall thriall nam fuath.

375

Fada, Mhalthos, fada uam,

Biodh Eirinn le luaidh is le fonn ;

Cha ’n’eil sòlas mu nàmhaid tha fuar,

’S nach éireadh sleagh suas le sonn.

Le maduinn a thaomas ar neart ;

380

Tha Fionnghal fo bheart air a’ chruaich.”

Mar thonnaibh dol air an ais fo ghaoith,

Thaom Eirinn o thaobh an righ :

Dubh dòmhail an raonaibh na h-oidhche

Sgaoil crònan gun soillse o shluagh.

385

Fo chraoibh o bheinn gach bard air àm

Na shuidhe thall fo ’chlàrsaich féin ;

Thog iad am fonn nach robh gann,

Is bhual iad ceòl caol mall o theud,

Gach aon diubh do thriath do ’n robh luaidh.

Ri losgadh an daraich bha thall,

Bhuail Sùilmhalla mall an teud ;

Bhuail i clàrsach o àm gu àm,

Gaoth ag iadhadh mu chiabha nam beus.

An dùblhra dubh bha Cathmor féin,

395

Fo chraoibh a bha aosda a cheann.

Bha lasadh an daraich o’n treun ;

Chunnaic e i ; cha ’n fhac i e thall ;

Bha ’anam a’ taomadh gu diomhair,

’Nuair a chunnaic e shios a sùil mhall ;

400

Ach tha cruadal nam blàr ’nad chòir.

Mhic Borbair nam mòr thriath.

- Am measg nan teud o àm gu àm  
 A dh'éisid i thall mu triath 's mu shuain :  
 Bha h-anamsa suas gun dàil ; 405  
 B' e 'toilsa san tràth fo ghruaim,  
 A chur suas a fonn brònach féin.  
 Sàmhach an raon ; air thaobh an sgiath  
 Theich osaig is sian na h-oidhche.  
 Ghéill na barda ; roi' a' chiar 410  
 Tha comhara' liath dhearg a' soillseadh  
 Fo bhoillsge glas nam faoin fhuath:  
 Dhorch' an speur, cruth faoin nam marbh  
 Measg tional nam balbh nial.  
 Gun smaointe bha aon nighean Chonmhoir 415  
 Mu lasadh bha falbh an cnàmh.  
 Bha thusa 'na t'aonar 'na miann,  
 A thriath Atha nach faoin carbad.  
 Thog ise gu caoin am fonn,  
 Is bhual i a lom chlàrsach. 420
- Thàinig Clungheal ; cha d' fhuair òigh.  
 "C' àite bheil a chòrr shoillse ?  
 Shealgaire o chòinich nan còs,  
 Am fac sibh gorm-shùil nan seòd' boillsgeadh ?  
 Bheil a ceuma mu Lumon an fhéir 425  
 Mu leabaidh o'n leum na ruaidh ?  
 Mise truagh ! tha 'boghasa thall  
 An talla do 'n gnàth na cuirm.  
 C' àite bheil gath soillse mo chléibh ?"
- "Tréig mi, luaidh Chonmhoir nan treun ; 430  
 Cha chluinn mi thu féin air sliabh ;  
 Tha mo shùile air ard righ nam beum ;  
 Tha 'astar fo bheudaibh nan gniomh !  
 'Esa dha 'm bheil m' anam gu léir

An ciar aimsir mo cheud aisling. . . . . 435  
 Domhain dorcha shìos an còmhrag  
 Cha 'n fhaic gaisgeach, tha mòr, mo nial.  
 C'uim, a ghrian Shùlmhalla nan còrr thriath,  
 Nach coimhead thu dòchas dhomh sìos ?  
 Tha mo chòmhnuidh féin an duibhre, . . . . . 440  
 O mo chùlaobh snàmh tharam ceò ;  
 Fo dhealta mo chiabha a' lùbadh :  
 Seall ormsa o d' nial, a sheoid,  
 A ghrian Shùlmhalla nam mòr thriath. \* \* \*

Red Ink. Condemned by MacLean  
as bad Gaelic.

See Edition of 1763 in which  
the Gaelic of this work was published.  
The spelling has been altered and as  
as I think the meaning has been  
changed,  
in several  
cases: but

## TIGHMORA.

### DUAN VII.

a misinterpretation of MacPherson's  
writing nearly. See West Highland Tales  
vol IV. 248

## O LINNE doir-choille na Légo

Air uair eiridh ceò taobh-ghorm nan tonn,

'Nuair a dhùineas dorsa na h-oidhche

Air iolair-shùil gréine nan speur.

Dòmhail mu Lara nan sruth

5

Thaomas dubh-nial a's duirche gruaim :

Mar ghlais-sgéith ro' thaomadh nan nial

Snàmh seachad tha gealach na h-oidhche.

Le so éididh taibhsean o shean

An dlùth-ghleus am measg na gaoithe,

10

'S iad a' leum o osna gu osna

Air dubh-aghaidh oidhche nan sìan.

An taobh oiteig gu pàilliun nan seòd

Taomas iad ceathach nan speur,

Gorm-thalla do thanais nach beò

15

Gu àm eirigh fonn mharbh-rann nan teud.

Tha torman am machair nan crann !

'S e Conar, righ Eirinn, a t'ann,

A' taomadh ceò tanais gu dlùth  
 Air Faolan aig Lubar nan sruth. 20  
 Muladach suidhe fo bhròn  
 Dh'aom an taibhs an ceathach an lòin :  
 Thaom an osag esan ann féin ;  
 Ach phill an cruth àluinn gu dian :  
 Phill e le 'chrom shealladh mall,  
 Le 'cheò-leadan mar shiubhal nan sìan.  
 X Is doilleir so !

A ta na slòigh 'nan suain san àm  
 An truscan ciar na h-oidhche.  
 Dh'ilsich tein' an righ gu h-ard,  
 Dh'aom e 'na aonar air sgéith : 30  
 Thuit codal mu shùilibh a' ghaisgich ;  
 Thàinig guth Fhaolain 'na chluais.  
 " An codal so do 'n fhear-phòsda aig Clatho ?  
 'M bheil còmhnuidh do m' athair an suain ? 35  
 'M bheil cuimhne 's mi 'n truscan nan nial,  
 'S mi m' aonar an àm na h-oidhche ?"

" C' ar son tha thu a'm' aisling féin ?"  
 Thuirt Fionnghal 's e 'g éirigh grad.  
 " An dì-chuimhn dhomhsa mo mhac 40  
 No 'shiubhal teine air réidhlean nan laoch ?  
 Ni mar sin air anam an righ  
 Thig gnìomh sheòd àluinn nan cruidh bheum.  
 Ni 'n dealan iad a theichead an dùbhra  
 Na h-oidhche 's nach fàg a lorg. 45  
 'S cuimhne leam Faolan 'na shuain :  
 Tha m' anam ag éirigh borb."

Għluais an righ le 'shleagh gu grad,  
 Bhuaile e 'n sgiath is fuaimnich cop ;  
 An sgiath a dh'aom san oidhche ard, 50

Ball mosglaidh do chath nan lot.  
 Air aomadh dubh nan sliabh,  
 Air ghaoith theich treud nan taibhse ;  
 O ghleannan ciar nan iomadh lùb  
 Mhosgail guth a' bhàis. 55

Bhuail e 'n-sgiath an dara cuairt ;  
 Ghluaís cogadh an aisling an t-sluaigh.  
 Bha comhstri nan lann glas  
 A' dealradh air anam nan seòd,  
 Cinn-fheadhna a' druideadh gu cath ; 60  
 Sluagh a' teicheadh—gniomh bu chruaidh  
 Leth-dhoilleir an dealan na stàilinn.

'Nuair dh'éirich an treas fuaim,  
 Leum féidh o chòs nan carn ;  
 Chluinnte screadan eun san fhàsach, } 65  
 'S gach aon diubh air osna féin. }  
 'Leth-éirich siol Albainn nam buadh ;  
 Thog iad suas gach sleagh bu għlas ;  
 Ach phill sàmhchair air an t-sluagh ;  
 'S e bh'ann sgiath Mhòrbheinn nam fras. 70  
 Phill codal air sùilibh nam fear.  
 Bu dorcha trom an gleann.

Ni 'm bu chodal duitsa san uair,  
 A nighean shùil-ghorm Chonmhoir nam buadh.  
 Chuala Suil-mhalla an fhuaim : 75  
 Dh'éirich i sàn oidhche le gruaim ;  
 Tha 'ceum gu righ Atha nan colg ;  
 Ni 'm mosgail cunnart 'anam borb.  
 Trom a sheas i, 'suilean sìos.  
 Tha 'n speur an losgadh nan reul. 80  
 Chualas leatha sgiath nan cop.  
 Ghluaís—ghrad sheas an òigh.

- Dh' éirich a guth—ach dh'aom e sìos.  
 Chunnaic i e 'na stàilinn chruaidh  
 A' dealradh ri losgadh nan reul : 85  
 Chunnaic i e 'na leadan trom  
 Ag éirigh ri osna nan speur.  
 Thionndaidh i 'ceumna lé fiadh.  
 " C'ar son a dhùisgeams righ Eirinn nam Bolg ?  
 Ni 'n aisling do 'chodal thu féin, 90  
 A nighean Innis uaine nan colg."  
 Gu targ a mhosgail an torman :  
 O'n òigh thuit a ceann-bheart sìos ;  
 Tha 'm farum air carraig nan sruth.  
Plaosgadh o aisling na h-oidhche 95  
 Ghluais Cathmor fo a chrann féin :  
 Chunnaic e an òigh bu tlàth,  
 Air carraig Lubair nan liabh ;  
 Dearg reul a' sealladh sìos  
 Measg siubhail a trom chiabh. 100  
 " Cò tha ro' oidhche gu Cathmor  
 An ciar aimsir 'aisling féin ?  
 Bheil fios dhuit air strì nan cruaidh bheum ?  
 Cò thusa, mhic duibhre nan speur ?  
 An seas thu am fianuis an righ 105  
 Do chaol-thanas o'n àm o shean ?  
 No 'n guth thu o neul nam fras  
 Le cunnart Eirinn nan colg sean ?"  
 " Ni 'm fear siubhail duibhre mi féin,  
 Ni 'n guth mi o neul nan gruaim : 110  
 Ach tha m'fhocal le cunnart na h-Eirinn ;  
 An cualas leat copan nam fuaim ?  
 Ni 'n taibhs' e, righ Atha nan sruth,  
A thaomas an fhuaim air oidhche."

- “ Taomadh an seòd a ghuth féin, 115  
 ’S fonn clàrsaich do Chathmor an fhuaim :  
 Tha aiteas, mhic duibhre nan speur,  
 A’ losgadh air m’ anam gun ghruaim.  
 So ceòl chinn-fheadhna nan cruaidh bheum  
 ’N àm oidhche air aisridh nan sìan, 120  
 ’Nuair a lasas anam nan sonn,  
 A’ chlann an cruadal d’ am miann.  
 Tha siol meata an còmhnuidh ’nam fiamh  
 An gleannan nan osna tlàth,  
 Far an aom ceò maidne ri sliabh 125  
 O ghorm-shiubhal sruthain nam blàr.”  
 “ Ni ’m meat’ a chinn-uidhe nan sonn,  
 Na sinns’re o’n thuit mi féin :  
 Bu chòmhnuidh dhoibh dùbhra nan tonn  
 An tìr im’chéin sìl cholgaich nam beum. 130  
 Ach ni ’n sòlas do m’ anam tlàth  
 Fuaim mhall a’ bhàis o’n raon.  
 Thig esan nach géill gu bràth :  
 Mosgail bard focail is caoin.”  
 Mar charraig is sruthan r’ a taobh, 135  
 Am fàsach nam faoin bheann  
 Sheas Cathmor, ceann-feadhna nach maoin,  
 An deoir—  
 Mar oiteig air ’anam le bròn  
 Thàinig guth caoin na h-òigh 140  
 A’ mosgladh cuimhne talmhuinn nam beann,  
 A caomh chòmhnuidh aig sruthain nan gleann,  
 Roimh an àm an d’thàinig e gu borb  
 Gu cobhair Chonmhoir nan colg fiar.  
 “ A nighean coigrich nan lann,” 145  
 (Thionndaidh i a ceann o’n t-sonn)

“ ’S fhada fóm’ shùil an cruidh  
 Crann flathail Innis uaine nan tonn.  
 Tha m’ anam, do thubhairt mi fhéin,  
 An truscan nan sìan ciar.                          150

C’ ar son a lasadh an dealra so féin,  
 Gus am pill mi an sìth o’n t-sliabh ?  
 ’N do ghlas m’ aghaidh na t’fhanuis, a làmh-gheal,  
 ’S tu togail dom’ eagal an righ ?  
 ’S àm cunnairt, ainnir nan trom chiabh,                  155  
 Am dom’ anam, mòr thalla na strì.  
 Atas e dòmhail mar shruth  
 A’ taomadh air Gaill nan cruidh bheum.

An taobh carraig chòsach air Lona,  
 Mu chaochan nan sruthan crom                          160  
 Glas an ciabh na h-aoise  
 Tha Claonmhàl’, righ clàrsach nam fonn ;  
 Os a chionn tha crann daraich nam fuaim,  
 Agus siubhal nan ruadh-bhoc sliom.  
 Tha farum na strì ’na chluáis                          165  
 ’S e ’g aomadh an smaointibh nach tiom :  
 An sin biodh do thalla, Shùilmalla,  
 Gus an ilsich farum nam beum,  
 Gus am pill mi an lasadh na cruidhe  
 O thruscan duibhre na beinne,                          170  
 O’n cheathach a thrusas o Lòna  
 Mu chòmhnuidh mo rùin féin.”

Thuit gath soluis air anam na h-òighe ;  
 Las i suas fa chòir an righ :  
 Thionndaidh i a h-aghaidh ri Cathmor,                  175  
A ciabh bhog anns na h-osna a’ strì.

Reubar iolair nan speur ard  
 O mhòr shruth gaoithe nan gleann,

- 'Nuair a chi e na ruadh bhuic f'a chòir  
 Clann eilid nam faòin bheann, 180  
 Mun tionndaidh Cathmor nan cruaidh bheum  
 O'n strì mu 'n éirich dàn.  
 Faiceams thu, ghaisgich nan geur lann,  
 O thruscan an duibhre dhuibh,  
 'Nuair thogas ceò mu m' chòmhnuidh féin, 185  
 Air Lòna nan iomadh sruth.  
 'Nuair is fhada o m' shùil thu, a sheoid,  
 Buail copan nam fuaim ard ;  
 Pilleadh sòlas do m' anam, 's e 'n ceò,  
 'S mi ag aomadh air carraig leam féin. 190  
 Ach ma thuit thu, mar-ri coigrich a ta mi !  
 Thigeadh do ghuth o neul  
 Gu òigh innis uaine, 's i fann.  
 " Og-gheug Lumoin an fheoir,  
 C'uim a dh'aomadh tu 'n strachdadhl nan sìan ?  
 'S tric a thionndaidh Cathmor o'n bhlàr 196  
 Dubh-thaomadh air aghaidh nan sliabh ;  
 Mar mheallain domh féin tha sleatha nan lot  
 'S iad a' bruanadh air còs nan sgiath.  
 Dh'éiream, mo sholus, o'n strì, 200  
 Mar thein' oidhche o thaomadh nan nial.  
 Na pill, a dheò-ghréine, o'n ghleann,  
 'Nuair a dhlùthaireas farum nan colg,  
 Eagal teicheadh do 'n àmhaid o m' làimh,  
 Mar a theich iad o sheannsra nam Bolg." 205  
Chualas le Sonnimor air Cluanfhear,  
 A thuit fo Chormac nan geur lann.  
Tri lài dhorchaich an righ  
 Mu 'n fhear a dh'aom an strì nan gleann.  
 Chunnaic mìn-bhean an sonn an ceò ; 210

Bhrosnuich sud di siubhal gu sliabh :  
 Thog i bogha fo 's iosal  
 Gu dol mar-ri laoch nan sgiath :  
 Do 'n ainnir luidh dùbhra air Atha,  
 'Nuair a shiubhladh an gaisgeach gu gniomh. 215  
 O cheud sruthan aonaich na h-oidhche  
 Thaom siol Alnecma sìos.

Chualas sgiath chaismeachd an righ ;  
 Mhosgail an anam gu strì ;  
 Bha 'n siubhal am farum nan lann 220  
 Gu Ullin, talamh nan crann.  
 Bhuaill Sonnmor air uairibh an sgiath,  
 Ceann-feadhna nam borb thriath.

'Nan déigh lean Sùil-àluinn  
 Air aomadh nam fras ; 225  
 Bu sholus is' air aonach,  
 'Nuair thaom iad air gleanntaibh glas ;  
 Tha 'ceuman flathail air lom,  
 'Nuair thog iad ri aghaidh nan tom ;  
 B'eagal di sealladh an righ 230  
 A dh'fhàg i 'n Atha nam frith.  
 'Nuair dh'éirich farum nam beum  
 Agus thaom iad sa' chéile sa' chath,  
 Loisg Sonnmor mar theine nan speur ;  
 Thàinig Sùil-àluinn nam flath, 235

~~X~~ A folt sgaoilte san osna,  
 A h-anam ag ospairn m' an righ.  
 Dh'aom e 'n strì mu rùn nan laoch :  
 Theich nàmhaid fo dhùbhra nan speur ;  
 Luidh Cluanfhear gun fhuil, 240  
 Gun fhuil air tigh caol gun leus.

- Ni 'n d'éirich fearg Shonnmhoir nan lann ;  
 Bha là gu dorcha 's gu mall.  
 Ghluais Sùil-àluinn mu 'gorm shruth féin,  
 A sùil an reachdaibh nan deur : 245  
 Bu liomhor a sealladh gu caoin  
 Air gaisgeach sàmhach nach faoin :  
 Ach thionndaidh i a sùilean tlàth  
 O shealladh an laoich thuathail.  
 Mhosgail blàir mar fharum' nan nial ; 250  
 Ghluais dorran o 'anam mòr ;  
 Chunnas a ceuma le aiteas  
 'S a làmh gheal air clàrsaich nam fonn.  
 'Na chruaidh a ghluais an righ gun dàil ;  
 Bhuail e 'n sgiath chòsach ard,  
 Gu h-ard air darach nan sìan,  
 Aig Lubar nan iomadh sruth. 255  
 Seachd copana bh'air an sgéith,  
 Seachd focail an righ d'a shluagh,  
 A thaomadh air osnaibh nan speur,  
 Air fineachaibh mòr nam Bolg. 260  
 Air gach copan tha reul do'n oidhche,  
 Ceann-mathann nan ros gun scleò,  
 Caol-dearrsa o neul ag éirigh,  
 Iùl-oidhche an truscan do cheò. 265  
 Tha Caoin-chathlinn air carraig a' dealradh,  
 Reul-dùbkra air gorm-thonn o'n iar  
 Leth chleith a sholus an uisge.  
 Tha Beur-theine, las-shuil nan sliabh  
 Sealladh sìos o choille san aonach 270  
 Air mall shiubhal sealgair 's e triall  
 Roimh ghleannan an dùbhra bhraonaich  
 Le faoibh ruadh-bhuic nan leum ard.

- Dòmhail am meadhon na sgéithe  
 Tha lasadh Tuinn-theine gun neul, 275  
 An rionnag, a sheall ro' n oidhche  
 Air Lear-thonn a' chuain mhòir ;  
 Lear-thonn, ceann-feadhna nam Bolg,  
 An ceud fhear a shiubhail air gaoith.  
 Leathan sgaoil siuil bhàn an righ 280  
 Gu Innis-fàil nan iomadh sruth.  
 Thaom oidhche air aghaidh a' chuain,  
 Agus ceathach nan truscan dubh ;  
 Bha gaoth a' caochladh dlùth san speur ;  
 Leum luingeas o thuinn gu tuinn ; 285  
 'Nuair dh'éirich Tonn-theine nan stuadh,  
 Caoin shealladh o bhriseadh nan nial.  
 B' aiteas do Lear-thonn tein iuil' nam buadh,  
 A' dealradh air doimhne nan sìan.
- Fo shleagh Chathmoir nan colg sean, 290  
 Dhùisg an guth a dhùisgeadh baird :  
 Thaom iad dubh o thaobh nan sliabh  
 Le clàrsaich ghrinn 's gach làimh.  
 Le aiteas mòr sheas romp' an righ,  
 Mar fhear-siubhail ri teas là 'n gleann, 295  
 'Nuair chluinneas e fada san réidh  
 Caoin thorman sruthain nam beann,  
 Sruthain a bhriseas san fhàsach  
 O charraig thaobh-ghlas nan ruadh-bhoc.
- "C' arson a chluinneam guth ard an righ 300  
 'N àm codail an oidhche nam fras ?  
 Am facas tanas nach beò  
 Measg t'aisling ag aomadh glas ?  
 Air neul am bheil an àiteach fuar  
 A' feitheamh fonn Fhonnair nam fleagh ? 305

Is lìonmhor an siubhal air réidh,  
 Far an tog an siol an t-sleagh ?  
 No 'n éirich ar crònán air thùs  
 Mu 'n fhear nach tog an t-sleagh gu bràth,  
 Fear chosgairt air gleann nan slògh                    310  
 O Mhòma nan iomadh bad ?

Ni 'n dì-chuimhn dhomh dorchadh nam blàr,  
 Chinn-fheadhna nam bard o thùs,  
 Togar cloch dha aig Lubar nan carn,  
 Aite-còmhnuidh do Fholdath 's d'a chliu :        315  
 Ach taom m' anam air àm nan laoch,  
 Air na bliadhnaibh san d'éirich iad suas  
 Air tonn Innis-uaine nan colg.  
 Ni 'n aiteas do Chathmor a mhàin  
 Cuimhne Lumoin, innis uaine nan slògh ;        320  
 Lumon, talañh nan sruth,  
 Caoin-chòmhnuidh nam bànn-bhroilleach òigh.

Lumon nan sruth,  
 Tha thu dealradh air m' anam féin ;  
 Tha do ghrian air do thaobh                            325  
 Air carraig nan crann bu trom.  
 Tha t'eilid chiar,  
 Do dhearg bàr mhòr am measg nam bad  
 A' faicinn air liabh  
 An colg-chù a' siubhal grad.                            330  
 Mall air an réidh  
 Tha ceumna nan òigh,  
 Oigh làmh-gheal nan teud  
 'S nam bogha crom sa' mhagh,  
 Togail an gorm shùl tlàth                            335  
 O'n leadan bàrr-bhuidh air liabh nam flath.  
 Ni bheil ceumna Lear-thonn sa' bheinn,

Ceann Innis nan geug uaine.

Tha e tògail dubh dharaich air tonn

An camas Chluba nan iomadh stuadh, 340

'N dubh-dharach a bhuan e o Lumon

Gu siubhal air aghaidh a' chuain.

Thionndaidh òighe 'n sùilean tlàth

O'n righ mun tuiteadh e sìos :

Ni 'm facas leo riámh an long

345

Ciar mharcach a chuain mhòir.

Ghlaodh a nis an righ a' ghaoth

Measg ceò na mara glais.

Dh'éirich Innis-fàil gu gorm.

Thuit gu dian oidhche nam fras.

350

Bhuail eagal clann Bholga gu luath

Ghlan neoil o Thonn-theine nan stuadh.

An camas Chùlbeinn' dh'aitich an long,

Far am freagradh a' choille do thonn :

Bu chopach an sin an sruth,

355

O charraig Dubh-uamha nan còs,

San dealra tanais nach beò

Le 'n cruthaibh caochlach féin.

Thàinig aisling gu Lear-thonn nan long,

Seachd sàmhla do na linne nach beò ;

360

Chualas an guth briste trom.

Chunnas an siol an ceò,

Chunnas siol Atha nan colg,

'S an clann, cinn-uídhe nam Bolg :

Thaom iad am feachda féin,

365

Mar cheathach a' tearnadh o'n bheinn,

'Nuair a shiùbhlas e glas fo'n osna

Air Atha nan iomadh dos.

- Thog Lear-thonn talla Shàmhla  
 Ri caoin fhonn clàrsaich nan tèud. 370  
 Dh'aom eilid Eirinn o 'cheumnaibh  
 Aig aisridh għlas nan sruth.  
 Ni 'n dì-chuimhn da Lumon uaine,  
 No Flathal gheal-làmhach nam buadh  
 'S i coimhead air marcach nan tonn 375  
 O thulaich nan eilid ruadh.  
 Lumon nan sruth ;  
 Tha thu dealradh air m' anam féin."
- Mhosgail gath soluis o'n ear ;  
 Dh'éirich ard chinn cheathach nam beannan ; 380  
 Chunnas air cladach nan gleannan  
 An crom chaochain għlas-shruthach féin.  
 Chualas sgiath Chathmhoir nan colg ;  
 Mhosgail sìol Eirinn nam Bolg  
 Mar mhuiр dhòmhail 'nuair għluaiseas gu geur 385  
 Fuaim éiti air aghaidh nan speur  
 Taomadh thonn o thaobh gu taobh  
 Ag aomadh an glas cheanna baoth  
 Gun eòlas air siubhal a' chuain.
- Trom is mall gu Lòn nan sruth 390  
 Għluais Sùil-malla nan rosg tlàth :  
 Għluais is thionndaidh 'n òigh le bròn  
 A gorm shùil fo shileadh blàth.  
 'Nuair thàinig i gu carraig chruaidh  
 Dubh chromadh air gleannan a Loin, 395  
 Sheall i o bħriseadħ a céille  
 Air righ Atha—dh'aom i sìos.  
 Buail teud, a mhic Alpuin nam fonu.  
 Bheil sòlas an clàrsaich nan nial ?  
 Taom air Oisean, a 's osan gu trom, 400

Tha 'anam a' snàmh an ceò.  
 Chualas thu, bhaird, a'm' oidhche :  
 Ach siùbhladh fonn eutrom uam féin.  
 'S aiteas caoin thuireadh do Oisean  
 Am bliadhnaibh chiar na h-aoisé.

405

A dhroighion uaine thulaich nan taibhs,  
 A thaomas do cheann air gaoith oidhche,  
 Ni bheil t'fharum na mo chluais féin,  
 No faiteal tanais na d' ghéig ghlais.  
 Ach 's liomhlor ceum nam marbh bu treun, 410  
 Air osna dubh-aisridh na beinn',  
 'Nuair għluaiseas a' ghealach on ear,  
 Mar għlas-sgħeith dubh shiubhal nan speur.

Úllin, a Charuill, a Raoinne,  
 Guthan aimsir a dh'aom o shean, 415  
 Cluinneam sibh an dorchadas Shelma,  
 Agus mosgħaibhse anam nan dàn.  
 Ni 'n cluinneam sibh, shiòl nam fonn :  
 Cia an talla do neoil bheil ur suain ?  
 Na thribhuail sibh clàrsach nach trom 420  
 An truscan ceò maidne is gruaim,  
 Far an éirich gu fuaimear a' ghrian  
 O stuaidh nan ceann glas.

# TIGHMORA.

## DUAN VIII.

---

Mar ghlacas gaoth gharbh reoidh fo ghruaim  
Ciar lochan càthair nan ruadh bheann ;  
Mar ghlacas san oidhche na fuaim,  
Caol ruinne nam fuar thonna thall  
Sgaoileadh trusgan do eith mu'n cuairt,        5  
Geal fo shùil maidne an t-sealgair  
Tha uisge nan garbh charn a' gluasad,  
Réir barail na tonna a' falbhan.  
Faoin fharum tha marbh m'a chluasaibh,  
Gach tonn dhiubh a' dealradh an sàmhchair    10  
Fo gheugaibh is bhàrr ruadh an fheoir,  
Tha critheadh 's a feadadh fo ghaoith  
Air an àiteachaibh baoth fo reòdh :  
Cho sàmhach 's cho glas a bha 'n sluagh  
Ri madainn dol suas o'n ear,        15  
Gach gaisgeach o 'cheann-bheart do chruaidh  
A' sealntuinn air cruaich an righ,  
Cruaich Fhionnghail thall fo nial,

- A gharbh cheum a' dol sìos an ceò.  
 Air àm a chìte an t-ard threun 20  
 Leth fhaicte an leus a mhòr-arm ;  
 O smuainte gu smuainte għluais còmhrag  
 Ag iadhadh gu dòmhail m'a chliabh.  
 Mar so għluais a mach an triath ;  
 Lann Luinne nam beum a' soillseadh ; 25  
 Sleagh fhada a' druideadh o nial,  
 Leth fhaicte a sgiath 's i boillsgeadh.  
 'Nuair a thàinig e uile fo cheum  
 Le 'liath chiabh ag éirigh ri gaoith  
 Fo dhealt a' taomadh m' an cuairt, 30  
 Għluais a suas garbh fhuaim nan sluagh  
 Thar an cinneachaibh buaireadh gu stri,  
 Iad a' sgaoileadh an dealra m'an cuairt  
 Le 'n uile sgiath' fuaimear m'an righ.  
 Mar so tha gluasad glas a' chuain 35  
 M'an cuairt do fhuath o chruaich nam beann,  
 'Nuair a thearnas e 'n gaoith air na stuaidh,  
 Fear astair fo ghruaim fada thall  
 A' togail a chinn thar a' bhruaich  
 'S e coimhead air bruailleinn a' chaoil, 40  
 E saoilsinn gu 'm faicear an cruth  
 Leth dhubb am measg comhstri nam beuc,  
 Garbh thonna fo àilghios m' an cuairt,  
 Gach baoth dhíruim a' buaireadh fo chop.  
 Fada thall mac Mhorni nam beum, 45  
 Mac Dhuthno thréin is bard caoin Chòna.  
 Sheas iadsa, gach fear dhiubh gun flēum  
 Fo għarbh-chrann féin gun chuimhn air còmhrag.  
 Chum sinne o shùilibh an righ ;  
 Cha do bħuadhaich linn stri nan raon. 50

Bha sruthan beag a' taomadh sìos,  
 Mi 'ga bhualadh gu thrian le sleagh,  
 Gun m' anam ag iadhadh r'a thaobh,  
 Ag éirigh baoth o smaoin gu smaoin  
 Mall osna o ùrlar mo chléibh.

55

"Shil Mhorni," thuirt righ nan sluagh ;  
 "A Dhearmuid, shealgair nan ruadh ciar,  
 C'uim a tha sibh cho dorcha san uair,  
 Mar charraige air chruachaibh nan sliabh  
 Sileadh dubh uisge air an'taobh ?

60

Cha 'n'eil fearg air m'anam gun fheum  
 Ri gaisgeachaibh treun nan sluagh,  
 Mo neart ann an còmhrag nam beum,  
 Mo shòlas an sìth an déigh buaidh.

Mo ghuth mar aiteal a' dol suas                         65  
 Air maduinn 's na ruaidh fo shéilg,  
 Og Fillean cur a bhogh' air sheòl.  
 Cha 'n'eil an sealgair sin sa' bheinn,  
 'S e druideadh air leum nan ruadh.

C'uim tha siol bhriseadh nan sgiath                     70  
 Cho fada so shìos fo dhùbhra ?"

'Nuair dhìrich ar ceum gus an triath,  
 A shùilean a' tionndadh ri sliabh Mhòra,  
 Bha 'dheòir gu dlù a' dol sìos  
 Mu ghorm-shùileach òg nam fial chòmhradh.      75  
 Ghlan dealradh a mhùig-sa gu trian  
 Am fianuis sgiathan leathan a' chòmhraig.

"Feuch Cromall nan carraige fo chrann,  
 Cathair na gaoithe, 's an ceann fo cheò ;  
 Air an cùlaobh ag iadhadh sa' ghleann                 80  
 Tha Labha nan glan shruth, 's nam fiadh.  
 Tha còs an eudann dhonn na carraige,

Air an àird sgiath iolaire tréine.

Tha dorch roimhe sgaoileadh nan darag,  
Tha fuaim ri gaoith Chlunai sa' bheinn:

85

An sin tha òg nan ciabh donn,

Mac Chairbre nan rosg gorm,

Ard righ nan sgiath leathan 's nan sonn

O Ullinn nan ruadh 's nam mòr thìr.

Tha 'chluas ri guth Chondain tha liath;

90

Ag aomadh sìos an solus tha fann;

Tha 'chluas ris; tha naimhdean an triath

An Tighmòra nam fuaim nach gann.

Thig esa mach o àm gu àm

An cearb nan ceòtha gus na ruaidh.

95

'Nuair a sheallas a' ghrian air a' ghleann,

Cha 'n fhaicear e thall air a' chruaich

Aig carraig no ri fuaim nan sruth,

E g'a chleith o Bholga nan triath,

Tha chòmhnuidh an ceud thalla shinns're:

100

Innis da gu'n togas an t-sleagh,

Is theagamh gu'n leagh a naimhde."

" Shìol Mhorni, tog-sa suas an sgiath,

A Dhearmuid, tog ciar shleagh Thighmòra;

Biodh do ghuth-sa, Charuill, tha liath,

105

Le 'n gnìomhaibh gu siol nam mòr thriath;

Thoir a rìs e gu taobh Mhoiléna,

Raon ciar nam beum 's nan taibhse;

An so buaileamsa còmhrag leam féin,

An gleann cumhann nan ceud garbh ghnìomh.

Mun teiring sìos an oidhche dhonn.

110

Thig-sa gu lom Dhun-mòra.

Coimhead o chiaradh nan tom,

O'n cheò is e trom is dòmhail

Mu Léna nam mòr shruthan mall ; 115

Ma chithear mo bhrataiche caola

Air Lubar nan glas lùbadh caoin,

Cha do ghiéill an comhstri nan laoch

An raon deireadh a' bhaoith chòmhraig."

Mar sin a chualas focuil an triaith : 120

Cha do fhreagair o'n triall na treuna

Iad a' sìneadh an ceuma balbh

A' sealltuinn 's a' falbh, o'n gruaidh

Air sluaigh, is gruaim, is fuaim na h-Eirinn,

Iad a' dorchadh air astar nan sliabh. 125

Cha do thréig iad an righ roimhe riamh

Ann am meadhon nan sgiatha stoirmeil.

An déigh nan triath le chlàrsaich mall

Għluais Carull fo cheann a bha liath ;

Chunnaic e bàs sluaigh anns a' ghleann, 130

'S bu bhrònach is fann am fonn,

Mar aiteal caoin gaoith bha 'm fuaim,

Ma seach thig fo għruaim air Légo

Mu lochan nan cuilc a tha ruadh,

'Nuair a thearnas air gruaidh sealgair 135

Caoin chadal air còinich nan còs.

" C'uim a tha aomadh a' bhaird o Chona,"

Thuirt am mòr righ, " thar sruthan diomhair ?

An àm so do bhròn is do dhòruinn,

Athair Oscair, nach còmhnuidh an siothaimh ? 140

Biodh cuimhne air gaisgich an sìth,

'Nuair nach cluinnear air strì na gruaim

Mu sgéith bhallaich an cruadal nam blàr.

Aoms' an sin am bròn thar sruth,

Air am buaileadh gaoth fhuar nan cruach ; 145

Biodh san àm sin t'anam fo dhubb  
 Mu na gorm-shùilich sìnte an uaigh.  
 Tha Eirinn ag iadhadh mu'n chòmhrag  
 Gu leathan, gu mòr, gu dorcha.  
 Tog, Oisein, do sgiathsa air chòmhla ;      150  
 Tha mi m' aonar sa' chomhstri, a thréin."

Mar thig guth uabhasach o ghaoith  
 Air long an caol-ghlas Innis uaine  
 'G a bualadh ro' 'n doimhne tha faoin,  
 Ciar mharcach nam baoth thonna mòra ;      155  
 Mar sin chuir guth uaibhreach an righ  
 Mòr Oisian gu stri nan sleagh.  
 Thog e suas a' chruaidh an soillse,  
 An cirb dhuibh gun bhoillsge a' chòmhraig,  
 Mar eudan ré leathan gun tuar,      160  
 An iomall ciar nam fuar nial,  
 Seal mun éirich an stoirm air chuan.

Ard-fhuaimneach o' chòinich Mhòra,  
 Thaom gu dòmhail còmhrag sgiathach.  
 Treun Fhionnghal a' gluasad a' mhòir shluagh,  
 Righ Mhòirbheinn nan scorr-shrutha ciara.      166  
 Sgiath iolair a' sgaoileadh san àrd,  
 A liath-fhalt a' taomadh m' a ghuaille,  
 Gharbh cheuma mar thorrunn nan carn.  
 'S tric a sheas e, 's a shealladh m' an cuairt,      170  
 Teine losgadh o bhuaireadh nan arm.  
 Bu choslach e ri carraig chruaidh,  
 Fo liath eith am bruachaibh nan àld,  
 A' choille fo ghaoith, is i fuaim ;  
 Srutha dealradh m'a gruaidh 's m'a ceann,      175  
 Sgaoileadh àrd an cobhar air osaig.

- A nise bhual e còs craig Lubair,  
Is Fillean air chùlaobh an suain.  
Bha Bran 'na shìneadh air a sgéith,  
It' fhìreoin chòrr a' strì sa' ghaoith :                   180  
Glan o fhraoch chìte thall  
Ceànn cruaidh sleagh fhada an laoich.  
Thog an dòruinn do anam an triath,  
Mar dhubb ghaoith tha fiaradh air loch.  
Thionndaidh e 'cheuma air an t-sliabh,  
'Se 'g aomadh o 'sgéith air a shleagh.                   185
- Leum Bran an uchd bhàin gu luath,  
Gu astar righ nan sluagh le sòlas :  
Thàinig e 's a shealladh air uaigh  
Anns 'na shìneadh 'na shuain an sealgair.           190  
Moch 'sa mhaduinn b' annsa do threun  
Fuaim faoghaid mu bheinn nan ruadh.  
An sin bha sileadh sìos do dheoir,  
O anam mòr an righ fo ghruaim.  
Mar thaomas an àrdaibh nan gaoth,  
Stoirm uisge o fhaobhar nan cruach,                   195  
A' fàgail shruth glan san fhraoch ;  
Grian a' dearrsa air aonach nan stuadh ;  
Ceanna uaine nan tom fo fheur :  
Mar sin a għluais an dealra baoth                   200  
O chòmhrag air laoch nan triath.  
Leum e air a shleagh thar Lubar,  
Is bhual gu cùl a mhòr sgiath.  
Bha aomadh is taomadh an t-sluaigh,  
Le 'n uile ruinn chruaidh gu blàr.                   205
- Chual Eirinn gun eagal am fuaim ;  
Leathan għluais i a sluagh gu réidh.

Bha Malthos ciar an sgiath an raoin,  
 Le sealladh nach faoin fo dhubh fhabhraid ;  
 Is teann air bha dealradh sa' gheleann,      210  
 Gath soluis nam bard 's nan triath,  
 Hidalla, bha riamh cho ciuin.  
 Bha gruaim Mhathronnain sa' chruaich,  
 Rosga sealladh o ghruaidh air nàmhaid.  
 Air sleagh bha Clonar nam gorm sgiath,      215  
 Cormar ciar nan ciabha mòra  
 Gu dòmhail fo chomas na gaoithe.  
 Mall, o chùl tòrr àrd nan còs  
 Ghluais gu mòr cruth còrr righ Atha ;  
 An dà shleagh a' dealradh 'na làimh,      220  
 Is leth a ghlais sgéith thall ag éirigh,  
 Mar ghath teine an oidhche dol suas  
 Air beanntaibh ruadh nam fuar thaiblise.  
 'Nuair a dhealradh leis uile am fàire,  
 Thaom an sluagh am buaireadh strì      225  
 Bha sradadh dearg dealain na stàillinn  
 A beumadh 's a' snàmh o dhà thaobh.  
 Mar thachras am bruailleinn dà chuan  
 Le 'n uile stuaidh, fo fhuaradh shian  
 An àm dhoibh faireachadh fo ghruaim      230  
 Ard chomhstri cruaidh nan gaoth 's nan nial  
 An caol għlas Lumoin nan crag fiar ;  
 Air faobhar chruachan àrd nam fuaim  
 Faoin astar nam fuath gun leus ;  
 O'n osaig tha thuiteam air cuàn      235  
 Ard choille o chruaich gach beinne,  
 Measg cobhar is iadhadh nan torc :  
 Mar sin a thaom sa' chéile an sluagh ;

Nis Fionnghal nam buadh, nis Cathmor  
 Ag àrd-leum a mach air a' chruaich,                    240  
 Dubh aomadh a' bhàis air dà thaobh,  
 Liath dhealradh o chomhstri na cruidhe,  
 A' leantuinn suas garbh astair nan triath,  
 'S iad a' sìneadh an ceuma fo fhuaim,  
 Gearradh sìos garbh-fhaobhair nan sgiath.            245

Thuit Mathronnan fo làimh an righ,  
 Sinte sìos thar strì nan sruth ;  
 R'a thaobh thionail uisge na frith  
 A' liath leum thar aomadh a sgéithe.  
 Bhuail Cathmor an Clonar a chruaidh ;            250  
 Cha do thuit e gun tuar air lär ;  
 Ghabh darag a' chiabh bha m'a ghruaidh,  
 A gharbh cheann-bheart a' gluasad mall ;  
 Tuitidh deoir o Thlàthmhìn san talla  
 Fo éirigh uchd banail na fial.                        255

Cha do dhì-chuimhn mise féin  
 Sleagh fhada nan treun an còmhrag.  
 Bha aomadh nam marbh fo mo bheum,,  
 Og Hidala gun fheum sa' chomhstri.  
 A chaoin ghuth Chlonrath nan sruth ciar,            260  
 C'uim a thogas air triath a' chruaidh ?  
 Truagh ! nach tachradh an talla fial,  
 An strì mu 'n iadhadh na luaidh ?  
 Chunnaic Malthos iosal an triath ;  
 Ghlac dubhar a thriall 's e gun chlì :            265  
 Air dà thaobh liath àldain nan sliabh  
 Chrom sinn an ciaradh na strì.  
 Theiring sìos an speur air a' chuan ;  
 Bhris gutha m'an cuairt o fhiar ghaoith,

- An truscanaihb teine gach cruaich, 270  
 Garbh thorrunn a' fuaim o cheò baoth.  
 An dùbhra shìolaidh sìos an ànmhaid ;  
 Sheas Mòrbheinn gun chàil is gun tuar ;  
 Bha m' aomadh thar sruthan a' chathair  
 Measg farum nach gann mu mo chluais. 275
- 'N sin chualas guth uabh'sach an righ,  
 Is toirm shìl Bholga o stri.  
 Chìt' an treun o àm gu àm  
 An dealan a cheum, nach robh mall.  
 Bhuaile mi sgiath chaismeachd nam fuaim, 280  
 Mi sìneadh Alnecma nan sluagh ;  
 Iad ag iadhadh an ciaradh nan gleann  
 Fo cho-thional mùig, nach 'eil gann.
- Sheall a' ghrian gu 'trian a nial ;  
 Ceud sruthan dol sìos an soillse. 285  
 Bu mhall an ceò air thaobh nan sliabh,  
 Air eudan nan liath-charn a' boillsgeadh.  
 C' àit' am bheil na gaisgich treun ?  
 Mu shruth, mu bheinn, mu chraoibh o àrd ?  
 Mi cluinntinn fuaim arma nam beum : 290  
 Tha 'n stri-se mu iadhadh nan carn,  
 An achlais dhuibh mhaill a' cheò.  
 Mar sin tha stri nam fuath thaibhs féin  
 An oidhche dhuibh, air beinn nan nial,  
 Iad a' comhstri mu sgiathaibh garbh treun 295  
 Gaoith gheamhraidh, tha beumadh nan sian,  
 Thar taomadh is aomadh nan tonn.
- Ghluais mi thall ; theich liath cheò mall ;  
 A' dealradh fann sheas iads' aig Lubar,  
 Treun Chatlmhor ri carraig nan àld 300

Leth aomta air sgéith, 's e fo dhùbhra,  
 A ghabh gu cùl sruth ùr nan carn,  
 Bha leum o charraig nan dos liath.  
 Bha ceuma garbh an righ gu triall ;  
 Ach chúnnaic e am fial fo fhuil ;  
 Thuit glas lann Luinne r'a thaobh ;  
 Labhair e 's a shòlas a' dorchadh. 305

“ An géill mac Bhorbair nan corn fial,  
 No 'n togar leis sgiath is sleagh ?  
 Cha 'n'eil t'ainmsa fo shanas, a thriath,  
 An àrd-Atha nan ciar-mhagh,  
 Talla mòr nam fleagh 's nan sàr ;  
 Thàinig e mar aiteal thar stuaidh  
 Gu mo chluais an tìr nam beann.

Thig-sa gu mo chuirmibh, a thréin ;  
 Bithidh gaisgich fo bheud air àm.  
 Cha teine do naimhdibh mi féin ;  
 Cha shòlas do threun mu mharbh  
 No calmai garbh air làr an còmhrag.

Is eòlas dùnadhl lot dhomh féin 320  
 Gach dìthean tha 'm frìth no 'n gleann ;  
 Ghlac mi 'n caoin cheanna sa' bheinn,  
 'S iad ag aomadh mu shruthaibh thall  
 Fo charnaibh, bu diomhaire gaoth.  
 Is dorcha sàmbach am mòr thriath,  
 Righ Atha nan ciar shruth 's nan dàimh.” 325

“ Aig Atha, 's ciara sruth,  
 Tha éirigh dubh-charraige fo chòinich ;  
 Air a ceann tha seachran nan geug  
 Fo bhaoth astar nan treun ghaoth ;  
 Dorcha fo h-eudan tha còs 330

Ri glan shruthan is mòr fuaim :

Anns an àite sin féin, a thréin,

Chuala mi ceuma nan dàimh,

'Nuair a ghluais iad gu talla nan teud

335

Is nan slige gun bheud fo dhàn ;

Las sòlas mar theine dhomh féin

Air m' anam mu charraig nan crann.

Biodh, an dorcha, an so mo chòmhnuidh

An gleannan còmhnuard m' eòlais féin.

340

O so bi'dh mo dhìreadh gu luath

'Air aiteal tha ruagadh nan cluaran,

Is coimhdidh mi sìos gun ghruaim

Air Atha nan cruach is nan sruth."

" C'uim a labhras an righ m'an uaigh ?

345

Oisein, thréig a thuar an laoch !

Biodh sòlas mu anamsa shuas

Mar shruth a tha fuaim gu baoth,

Ard Chàthmor, ceann faoilidh nan dàimh.

A mhic, tha mo bhliadhna m'an cuairt,

350

Iad a' sanas an cluasaibh an righ,

Iad a' glacadh mo shleaghasa uam,

Dol thairis gun luaidh mu strì.

" C'uim nach siolaidh," their iadsa féin,

" Liath Fhionnghal o fheum ann a thùr ?

355

Bheil do shòlas an lotaibh nam beum ?

An deuraibh nan treun fo mhùig ?

A liath bhliadhna, siolaidh mi féin ;

Cha 'n'eil sòlas no feum am ful.

Tha deura mar gharbh ré nan speur

360

Cur anam fo bheud 's fo dhubh.

'Nuair a shìneas mo shlios sìos an sìth,

- Guth garbh nam baothì strì am chluais  
 'Ga mo mhosgladh an talla nan righ  
 'S a' tarruing gun chlì mo chruaidhe.— 365  
 Cha tarruing sin mo chruaidh ni 's mò :  
 Glacsa sleagh t'athar, a thréin fhir ;  
 Tog suas i an còmhragaibh còrr,  
 'Nuair a ghluaiseas a' mhòrchuis gu beuma.  
 " Tha mo shinns're air mo thriall, 370  
 Mo ghniomha do thriathaibh fo 'n sùilibh.  
 'Nuair ghluaiseas mi a mach air sliabh,  
 Air mo raonsa tha liath an dùbhra.  
 Chum mo làmh na lagaich o bheud,  
 'S leagh mòrchuis gun fheum fo m'fheirg, 375  
 Gun sòlas mu thuitem nan treun  
 Mo shùile ag iadhadh mu leirg.  
 Tachraig mo shinns're 's mise thall  
 Aig talla nan garbh ghaoth fiar  
 An truscaibaibh soluis neo-ghann, 380  
 Sùile lasadh gu mall do thriaith.  
 Do dhonaibh an armaibh gun fheum  
 Mar ré iad an dùbhra nan speur,  
 Tha trussadh tein-oidhche m'a gruaidh  
 Dearg sheachran air eudan gun tuar. 385  
 " Athair nan triath ard, O Thréinnmhoir,  
 Thus' tha chòmhnuidh leat féin am fiar ghaoith,  
 Mo shleaghsha do Oisian nam beuma ;  
 Biodh do shùile fo shòlas, a laoich,  
 Chunna mise féin thu air àm 390  
 An dealra neo-fhann an neulaibh.  
 Mar sin biodh do shealladh neo-ghann  
 Mu mo mhacsa, 's e togail na sgéithe ;  
 Mar sin bi'dh cuimhne air àrd threun,

Air do mhòr ghnìomh, a thriath nan garbh bheum.  
Cha 'n'eil annad féin ach gaoth." 396

Shìn e 'n t-sleagh mhòr do mo làimhsa,  
Is thog e air àrd clacha ciar  
Gu labhairt mu iadhadh àm-sa,  
'S an liath cheann an còineach nan sliabh. 400  
Fo chloich dh'adhlaic triath a lann  
'S glan chopan o shlios a sgéithe ;  
E dorchadh fo smuaintibh neo-ghann ;  
Bhris focail gu mall o 'chliabh.

" 'Nuair thuiteas tusa, chlach, fo smùir, 405  
'S tù air chall am measg còinich nam bliadhna,  
An sin thig fear siubhail o chùl  
E feadaireachd air t'ùir, 's e triall.  
Cha 'n aithne dhuits, a laig gun fheum,  
So monadh Mhoiléna fo chliù, 410  
Anns 'na ghéill an righ a shleagh fhéin  
An deireadh a bheum' air an raon.  
Grad o fhianuis, a thrian do thuar,  
An deireadh nam beum gu'n cùl.

Cha 'n'eil cliu no luaidh ann do ghuth ; 415  
Do chòmhnuidh mu chaochan chruach,  
Tha do bhliadhna gu luath fo dhubb ;  
Cha bhi cuimhne no luaidh ort fhéin,  
Fhir a's dona sa' bheinn fo cheò.  
Tha mo chliùs' an truscan nan treun, 420  
Gath soluis do 'n àm nach 'eil beò :  
Shiubhail mise a mach an cruaidh  
Shaoradh laigse gun bhuaidh an armaibh."

E lasadh suas 'na chliù mòr féin  
Ghrad sgaoil an treun a cheuma còrr 425  
Fo fhuaim daraig Lubair sa' bheinn,

- Thar taomadh is beucadh sruith mòir  
 Ag iadhadh sìos o thòrr an soillsé.
- Gorm raona caol fo aomadh cruaich  
 Caoin thoirm nam fuaran shuas o charn, 430  
 Bha sgaoile brataich mhòir nan sluagh  
 A' taomadh air fuar ghaoith nam beann.
- So comhara iùil an òig righ  
 O fhaoin nam frith an diòmhair glinn.
- Glan bhriseadh an athair o iar, 435  
 Sheall grian a' dol sìos o speuraibh :  
 Chunnaic an treun na sluaigh air sliabh ;  
 Chual e guth an t-sòlais m'a cheumaibh  
 Briseadh 's a' sgaoileadh m'an cuairt,  
 Glan dearrsa dol suas o chruaidh. 440
- Ghlac aiteas còrr cridh' mòr an righ,  
 Mar shealgair 'na ghleann uaine féin  
 'N déigh frása tha sioladh am frith.  
 Carraig għlas tħa boihsgeadh air beinn,  
 An droighionn gorm air sgoirm nan carn 445  
 'S e crathadh a chinn air gaoith mhall,  
 Na ruadha coimhead o'n àiridh.
- Liath thall aig còinich chaoin nan còs  
 Chrom Claonmhal' a cheann 's e fo aois,  
 Gun lēirsinn 'na shùilibh fo cheò. 450  
 Air maide bard còr is e caoineadh.  
 Glan làimh ris an siubhal a ciabh  
 Sùilmhalla nan triath, is i fann  
 Ri dànaibh thriath' Atha nan sgiath  
 Ann an laithibh na h-aois a bha thall. 455  
 Għluais farum a' chòmhraig o'chluais ;  
 Ċaisg focuil fo bhuaireadh a chléibh,

- Mall osna gu diòmhair dol suas.  
 Bha tanas' nam fuath, their iad féin,  
 Tric mar dhéalan a' beumadh a smuainte :  
 Chunnaic e righ Atha an treun                          460  
 Fo chrom chrann ná beinn' air chùlaobh.
- “ C'uim a thàinig an dorch ? ” thuirt an òigh ;  
 “ Shiubhail farum a' chòmhraig uainn :  
 Ann a dheireadh thig an righ còrr  
 Thar còmhnard gu 'shruthanan ruadh.                  465
- Tha grian a' sealltuinn sìos o iar,  
 An dubh cheò a' fiaradh o'n lòn  
 E sgaoileadh gu tiugh air na sliabhaibh  
 Mu luachair fo iadhadh nan tòrr.  
 O cheò tha do thearnadh, a righ !                          470  
 Faic a cheuma cur sìos fo chruaidh.  
 Thig do chòs Chlaoinmhail o strì,  
 Shàir ghaisgich, do 'm bi mo luaidh.”
- ‘ S e tanas righ Atha a th' ann,  
 A gharbh cheuma mall, a chruth fo leus.                  475  
 Thuit esan an gearradh nan àld  
 Ag iadhadh o charnaibh le beuc.
- ‘ ‘ S e 'n sealgair a th'ann,’ ” thuirt an òigh,  
 Fear faoghaid nan tòrr mu na ruaidh :  
 Cha 'n'eil ceum da gu còmhrag nan seòd :                  480  
 Bhean ghasta 's i òg, a luaidh  
 'S i feitheamh fo ghruaim na h-oidhche.  
 Tilleas esan o thaobh nan sliabh  
 Le faobhaibh nam fiadh eilid dhonn.”
- Sùil àillidh na h-òigh' mu na chruaich,                  485  
 Garbh thanas gun tuar a 'dol sìos,  
 An sòlas a mhosgail i suas.

Thuit esa fo ghruaim 's e gu 'thrian :  
 Shiolaith an cruth gu mùgach thall  
 Measg gaoith nan carn mall a' triall. 490  
 Bha h-aithne mu thuitem an triath' ;  
 " Tha righ Eirinn nan sgiath air làr !"'  
 Na biodh cuimhn air a bròn gu thrian,  
 Chaitheas anam na h-aoise gu bàrr.

Thuit dùbhra dubh air taobh Mhoiléna, 495  
 Liath iadhadh nam fiar shruth an gleann :  
 Chualas guth Fhionnghail ag éirigh  
 Is lasair o chiar chraobh nam beann.  
 Thionail thall na sluaigh fo shòlas,  
 Le sòlas leth dorcha fo ghruaim, 500  
 A' coimhead fo 'n gruaidhibh air mòr thriath  
 Gun anam am mòrchuis san àm.  
 Is caoin o fhàsach nam faoin bheann  
 Għluais guth mall nan teud gu cluais,  
 Mar thoirm nan sruth o shlios charn,  
 Iad fada thall an gleann nan cruach 505  
 Neo-throm air aomadh donn nan sliabh,  
 Mar osag chiar air sgéith nan stuadh,  
 'Nuair a għlacas i fear nan dos liath  
 Am fieradh na h-oidhche fo ghruaim.  
 'S e focal chaoin Chondain a th' ann,  
 Is Carull le clàrsaichibh theud.  
 Thàinig an gorm-shùileach a nall  
 Gu Mòra nam mall shruth fo bheuc.

Għrad bhris na fonna o bhaird 515  
 Air Léna nan carn 's nan àrd thòrr ;  
 A bhual na slòigh uile an sgiath'  
 Measg tionndadh is fieradh nam fonn.

Għlan sòlas an eudan an righ,  
 Mar dhearrsa dol sios o nial, 520  
 Air aomadh uaine nam mòr fhrith,  
 Seal mun éirich an fhiar lom għaoth.  
 Bhuail e copan caismeachd a sgéith ;  
 Għrad chaisg e na sléibh m' an cuairt :  
 Bha aomadh nan sluagh ris an treun, 525  
 Ri għuθ an tħid fín thar na stuaidh.

“ Shiol Mhòirbheinn, sgaoilear an so fleagh ;  
 Cuirear thairis an oidhche am fonn ;  
 Tha 'n dearrsa m'an cuairt air magħ ;  
 Shiubħail dùbhra nan torrunn a null. 530  
 Mo shluagh so mo charraige treun  
 O 'n sgaoilear sgiath iolair gu cùl,  
 'Nuair a shiùbħlas mi mach gu beum,  
 Is mi glacadħi dhomh fén mo chliu.  
 Tha, Oisein, mo shleagħsa a' d' làimħ ; 535  
 Cha bhioran fann balaoich a crann,  
 A chuireas an cluaran air chall,  
 Air raon, is e mall 'na thriall.  
 'So sleagh nan garbh threuna an àm  
 Chur sìneadħi nan làmh gu bàs. 540  
 Coimhid-sa ri sinns'ribħ nan treun,  
 Tha mar dhearrsa nam fuath o speur.  
 'Nuair a għlasas caoin sholus air chuan,  
 Gabh Arħo nan sluagh ri d' thaobħ.  
 Gu Tighmora, a's fuāmeara stuadh ; 545  
 Cuir-sa righre ghorm Eirinn fo 'shuìl,  
 Crutha àillidh thog cliu o shean  
 Gun dì-chuimħn na thuit anns a' bħlär.  
 Mosgħaj fonn do na sàir air an raon :

- Cuireadh Carull gu luaidh an dàn ; 550  
Biodh sòlas mu ghluasad nan laoch  
An ceò maidne mu iadhadh nan carn.  
Eiridh am màireach mo shiuil bhàin  
Gu Selma nan crann 's nan tùr  
Garbh shrutha tha fiaradh o ghleann 555  
Measg tuinidh nan ruadh fo mhùig.

## CONLAOCH IS CUTHONNA.

---

AN cuala Oisian guth neo-fhaoin ?  
No 'n gairm lài fo aomadh th' ann ?  
Tric mo smaoin air aimsir nan raon,  
Mar ghréin fheasgair, tha claon an gleann.  
Nuadhaichead mòr thorman na seilg, 5  
Sleagh fhada nam marbh a'm' làimh.  
Is ceart a chual' Oisian an guth.  
Co thusa, shiòl dùbhra na h-oidhche ?  
Tha clann gun ghnìomh an suain fo dhubh,  
Gaoth am meadhon an tallai gun soillse. 10  
Tha sgiath an righ a' fuaim air àm  
Ri osaig cairn, a's àirde gruaim,  
Sgiath chapanach balladh mo thallai,  
Air an cuir mi car tamuill mo làmh.  
'S ceart gu 'n cluinn mi mo chara' fén ; 15  
Is fada guth an tréin o 'luaidh !  
C'uim astař air dubh-nial gun fheum,  
A shiòl Mhorni nam beuma cruaidh ?  
An gar dhuit cairde an triath fo aois,  
Sàr Oscar neo-bhaoth air cùl sgéith' ? 20

Is tric a bha 'n gaisgeach ri d' thaobh,  
A Chonlaoich, an àm aomadh nan sleagh.

## TAIBHS CHONLAOICH.

Bheil cadal air mìn-ghuth Chòna  
Am meadhon tallai fo mhòr-ghaoith toirm ?  
An cadal do Oisian nan còrr ghnìomh, 25  
'S an ro-chuan m'a chòmhnuidh fo stoirm ?  
Cha'n'eil uaigh tha fo léirsinn an Innis.  
Co fada bhios sinne gun chliu,  
A righ Shelma a's fuaimear gleann ?

## OISIAN.

'S truagh Oisian do nach léir thu féin, 30  
Is tu suidhe gun fheum air do neul.  
An ceò thu bhàrr Lano, à thréin,  
No tein-athair gun bheum air sliabh ?  
Co dheth tha cearb do thruscain bhaoith ?  
Co dheth do bhogha faoin nan speur ? 35  
Shiubhail e air osaig do ghaoith,  
Mar fhaileus fo aomadh nan nial.  
Thigsa o do bhalla féin,  
A chlàrsach nan treun le fuaim ;  
Biodh solus na cuimhne air beinn 40  
I-thonn mu 'n éirich an cuan.  
Faiceamsa mo chairde an gnìomh.  
Chi Oisian gu 'n trian na tréin,  
Air Innis tha dubh-ghorm fo nial ;  
Tha còs Thonn nan sìan ag éirigh 45  
Air carraig chòinich nan crom chrann :  
Tha sruth a' torman aig a bheul ;  
Tha Toscar a' cromadh thar 'fhuaim ;

Tha Ferguth fo mhulad r'a thaobh,  
Cuthonn a' caoidh fada shuas.  
Am bheil gaoth air aomadh nan tonn ?  
No 'n cluinn mi air chrom an guth ?

50

## TOSCAR..

Tha 'n oidhche fo ghaillinn nan sìan ;  
Thuit coille gu 'n trian o chruaich ;  
Tha dubh-shiubhal mara fo nial,  
Tha beucail nam fiar-thonn m'an cuairt.  
Thàinig tein-athair le beum,  
'S le sealladh na fearnai do threun,  
Chunnaic mi, Fherguith gun bheud,  
An taibhs' dona bha treun o'n oidhche ;  
Gun fhocal sheas e air bruaich,  
A thruscan a' cur fuajm air gaoith.  
Chunnaic mi dheura le truaigh,  
Sean duine gun tuar, is e baoth,  
'S trom smaointe a' taoma mu chliabh.

55

60

65

## FERGUTH.

'Se d' athair, a Thoscair, a bh' ann ;  
Tha e faicinn a' bhàis m' a shìol :  
Mar sin a bha choltas san àm  
'S an thuit mòr Ronnan fo nial.  
O Eirinn ! nan cnoc a's uaine feur,  
Cia annsa leam féin do ghlinn !  
Tha sàmhchair mu ghorm-shruth do shléibh,  
Tha grian air do raoin gun bhi mall.  
Is sèimh fonn do chlàrsaich an Selma,  
Glan guth o do shealgair an Cromla.  
Tha sinne 'n Ithonn nan garbh thoirm,

70

75

Trom is duilich fo mhara-bheuc thonn,  
 Na tonna le geal cheanna baoth,  
 Leum thairis air aomadh na tràgha ;  
 Mise crithe ann am meadhon na h-oidhche.      80

## TOSCAR.

C'ait' 'na shiubhail anam a' bhlàir,  
 Dheagh Fherguith nan leadan liath ?  
 Chunna' mis' thu gun eagal o bhàs,  
 'S do shùilean dealrach an sòlas nan sgiath.  
 C'ait' 'na shiubhail anam a' bhlàir ?      85  
 Cha robh eagal air sàra riamh.  
 Gluais, coimhid air glas lom na sàil :  
 Thuit a' ghaoth le sàrachadh shiàn ;  
 Tha crith air na tonna fo fhiamh  
 Gu 'n caidil a' ghrian an ciabh nan stoirm.      90  
 Gluais, coimhid am mòr chuan, gu 'thrian  
 Tha maduinn gu iar, is i liath.  
 Seallaidh solus nan speura o'n ear,  
 Le mòr-chuis, mar fhear, m'a shoillse.  
 Sgaoil mise mo shiuil le sòlas      95  
 Fo thalla ard Chonlaoich nan triath ;  
 Mo thurus gu Innis gun chala.  
 Glan Chuthonn' air tòir nan agh ciar  
 Chunnaic mi, mar dhearrsa na soillse,  
 Teachd 'na bhoisge o na nialaibh ;      100  
 A leadan mar dhubb-chùl na h-oidhche,  
 Air geal urla ag éirigh gu dian.  
 I 'g aomadh, a' tarruing an teud,  
 A ruighe glan air a déigh a' dol sìos,  
 Mar shneachda air Cromla gun bheud.      105  
 Thigsa gu m' anam, a làmh-gheal,

Bhan-sealgair na sàr innis faoin.  
 Tha h-uaire fo dheuraibh gun àireamh ;  
 Tha i smuaine air Conlaoch neo-bhaoth.  
 C'àite 'm bheil do shìth-sa, òigh,  
 Chuthonn na mòr throma chiabh ?

110

## CUTHONNA.

Craig chorrach tha 'g aomadh air sàil,  
 Liath chranna fo aois le còinich ;  
 Na tonna a' gluasad mu thràigh ;  
 Air a thaobh Innis bhlàth nan ruadh :  
 An sin tha 'g éiridh tùir mo rùin.  
 Oighean na seilge thill o 'n bheinn :  
 Chunnaic e 'n sealladh air chùl.  
 C'àite bheil nighean Rumair nam beum ?  
 Cha do fhreagair na h-òighean fo ghruaim. 120  
 Tha mo shìth-sa air cruachan Mhòrai,  
 Shìol innis na tìr fada shuas,

115

120

## TOSCAR.

Tilleadh an òigh gu 'sìth féin,  
 Gu talla nan teud aig Conlaoch :  
 Is caraid do Thoscar an treun ;  
 Bha fleagh do mo réir 'na mhòr thìr.  
 O Eirinn éireadh osag thlàth  
 Cur seòla gu tràigh na Mòrai,  
 Air Mòra, tha sàmhchair do 'n òigh ghloin.  
 Lài Thoscair tha snàmh gu dhòruinn. 130  
 Suidhidh mise an còs fo dhian  
 'S mi sealladh air grian an raoin ;  
 Tha aiteal sna crannaibh o nial  
 'S gu ciuin tha glan ainnir neo-fhaoin,

125

130

Cuthonn nan aoidh le 'guth bròin.

135

Ach is fada o mo chluais an òigh

An talla Chonlaoich nan corn fial.

## CUTHONNA.

Co an nial tha tuiteam orm féin,

Tha 'g iomrachadh mo threuna shuas?

Tha mi faicinn an truseain gun fheum,

140

Mar liath cheò air astar mo chruaich.

C'uin a thuiteas mi, Rumair thréin?

Tha mulad mo chléibh gu mo bhàs.

Nach fhaicinnsa Conlaoch nam beum,

Mus tuit mi an tigh caol gun chàil?

145

## OISIAN.

Chi thus, a ghlan òigh, do rùn féin;

Tha astar an tréin air a' chaoi,

Bàs Thoscair a' dorchadh m'a shleagh.

Tha lot, is e dubh, ann a thaobh,

Gun tuar e aig tonna nan uamh,

150

Is e feuchainn a chruth is e baoth.

C'ait' am bheil thu féin le d' dheoir,

'S àrd thriath na Mòrai gu bàs?

Thrèig an aisling ghlas mo chliabh;

Cha 'n fhaic mi na triatha ni 's mó.

155

A bharda nan àm a tha gun triall,

Cuiribh cuimhn' air Conlaoch le deoir,

Thuit an gaisgeach roimh iomall a lài;

Lòn dorcha a thalla le bròn.

Sheall a mhàthair air a sgiath air balla;

160

Is blà snàmh na fala 'ga còir.

B' aithne dh'ise gu 'n thuít thu, a thréin;

Chualas a guth fo bheud am Mòra.

Am bheil thu, òigh, gun tuar gun fheum  
Air taobh gaisgich nam beum, Chuthonn ? 165

Tha oidhche tighinn ; tillidh ghrian  
Gun duine gu 'n toirt sìos gu 'n uaigh ;  
Tha thusa cur eunlaith fo fhiamh ;  
Tha do dhéura mar shian mu do ghruaidh ;  
Tha thu féin mar nial a's e glas, 170  
Tha 'g éirigh gu fras o lòn.

Thàinig siol Shelma o'n ear,  
Is fhuair iad Cuthonn gun tuar ;  
Thog iad an uaighean gu léir ;  
'S bha fois d'i ri Conlaoch nam buadh. 175  
Na gluais-sa gu m' aisling, a thréin ;  
Fhuair Conlaoch nam beum a chliù ;  
Cum fada do ghuth o mo thalla ;  
Tuiteadh cadal fo fhaileus na h-oidhche.  
Truagh ! nach dìchuimhnichinn mo chairde 180  
Gus nach fhaicear air àrd mo cheum  
Gus an tighinn le sòlas na 'n gara,  
An déighs mo chairis gun fheum  
Le beud na h-aois chur sa' chaol-tigh fhuar.

## CRIODH.

red  
line  
vers.

Imitation and close translation of  
a Gaelic passage collected by Mac Donald  
of Staffa.

Oscar quell the strong armed  
Give aid to the weak handed needful  
Be as spring tide winter flood stream  
To combat the foes of the feinne  
But as summer still mild weak wind  
Be to those that seek thine aid thy

Such like was Fionn mac y Victory.  
Such Truth of route was after him  
and Fionn was a friend to the weak  
To shield him from Tyrants power  
For his honour stretched my hand  
With welcome I'd go to meet him  
And he'd get shelter and friendship  
under shade of the gleam of my blade

The nature from which these  
ideas were taken, the wild  
rushing winters' spring-tide  
flood making round the  
headlands, and the quiet  
hill breeze creeping over a  
Highland loch, was not  
understood by Mac Pherson the  
Badenoch School master.

His English is poor and tame  
Beside the Gaelic got by Staffa

See page 148. of this Vol. and report  
of the Highland Society 247



Condemned by MacLean as bad  
Gaelic. See his paper Vol IV. West Highland  
tales.

Cath. Lodusium	1	,
— .. —	2	11
— .. —	3	18
2 Caomh Mhalach		25
3 Carrig Hurac		35
4 Corthorn		55
5 Oigh nam Monadhil	1	66
6 Gaol nam deacan	2	72
7 Cromac		77
8 Calthorn is Caednhal		85
9 Piomaghail	1	96
— .. —	2	118
— .. —	3	135
— .. —	4	152
— .. —	5	169
— .. —	6	186
10 Pighmore	1	202
— .. —	2	226
— .. —	3	244
— .. —	4	261
— .. —	5	276
— .. —	6	290
— .. —	7	305
— .. —	8	319
11 Conlauch is Cuthmha		338

I do not quite agree with all  
MacLean's criticisms. See  
my own paper. Vol. IV. West Highland  
tales. The more I look at this &  
study it the more convinced  
I am that the man who  
wrote the English did not  
write the Gaelic, and <sup>that</sup>  
<sup>slightly and tattered & joined bits</sup>  
re-translated. The Gaelic  
was more ideas, the  
English more words.

A great deal of the Gaelic seems  
to me very good, and  
the worst passages are  
generally those which join  
the separate bits.

I am firmly convinced that  
MacPherson had Gaelic for  
a great part of Fingal  
before he published his  
English. Where he got it, and  
where it has gone I cannot guess.  
a cousin who was an Irish schoolmaster is  
mentioned somewhere.

Sir,

Allow me to return you my  
best thanks for your handsome  
present of the Poet Laureate's  
"In Memoriam." The choice  
delights me exceedingly; but  
this, as a souvenir of yourself,  
I shall fondly cherish it to  
the day of my death.

With devoted attachment  
I have the honour to remain

Sir

Your most obedient  
humble servant  
Gib. Mardongall

Mr. & Mrs. Gardsen present

F. Campbell Esq. 8 Octr. 1861.  
for Mr. & Mrs.

















